925*a

SAILM DHAIBHIDH.

MAILLE RI

LAOIDHEAN

O'N

SCRIOPTUR NAOMHA;

Chum bhi air an-seinn ann an aora' Dhia.

Air an leasachadh, agus air an cur amach do reir seolaidh, iartais, agus ughdarais Seanaidh Earra-ghaeil.

Le I. Smith, D. D.

DUN-EIDEANN:
Air son C. Elliot Leabhar-reiceadair.
M,DCC,LXXXVII.

B0

Entered in Stationers Hall.

MVSEVM
BRITAN
NICVM

At INVERARY the eighth day of Auguſt one thouſand ſeven hundred and eighty-three years, Seſſio 5ta, hora 8va, ante meridiem.

After prayer, Roll called, and marked,

THE Synod of Argyle having met, and duly conſtituted; and having reſumed the conſideration of the Pſalmody approved by the General Aſſembly 1781; and tranſlated into Gaelic, at the deſire of the Synod, by Mr John Smith, one of their number, they agreed that the ſame ſhould be now reviſed and examined in a committee of the whole Synod; which being done, the Synod unanimouſly declared themſelves well ſatisfied with the tranſlation, and appointed the Moderator, in their name, to thank Mr Smith for the great pains he has taken in executing it in ſo faithful and beautiful a manner: and being convinced that the publication thereof will be of general uſe throughout the Highlands of Scotland, they recommended to the tranſlator to prepare a copy for the preſs: And being further ſenſible that the editions of the Gaelic verſion of the Pſalms of David now uſed, ſtand in need of ſome corrections, they further recommended to Mr Smith to take the charge of publiſhing a new edition of the ſame, with the emendations which he ſubmitted to the conſideration of the Synod, and which they approved, in order that the ſame may be offered to the Public; together with the tranſlation of the new Pſalmody. And the Synod being deſirous that this edition

edition ſo corrected, as well as the verſion of the Paraphraſes, may meet with the approbation of their brethren within the bounds of other Synods in the Highlands, they recommended to circulate, without loſs of time, a few copies among them for their inſpection and remarks. And as the Synod hopes that what they have thus, upon mature deliberation, approved, will give general ſatisfaction, and be of common utility, they did, and do hereby earneſtly recommend the ſame to the countenance and encouragement of the ſeveral Synods within whoſe bounds the Gaelic language is ſpoken; and alſo to the countenance and encouragement of the Honourable the Society in Scotland for Propagating Chriſtian Knowledge.

Extracted by DUNCAN CAMPBELL, *Synod Clerk.*

SALM DHAIBHIDH.

SALM I.

S Beannuicht an duine ſin nach gluais
an comhairle nan daoi,
An ſlighe fhiar nam peacach baoth
'na ſheaſamh fòs nach bi;
An cathair fanoid luchd an ſpòrs
nach togair ſuidh' gu bràth:
2 Ach gam bheil toil do naomh-reachd Dhe,
ga ſmaointeach' oidhch' is la.
3 Mair ùr-chrann uaine bithidh e,
aig uiſge ſeimh a' fàs,
A bheir 'na aimſir toradh trom,
gun duille chall no blàth.
Soirbhichidh leis gach ni d'an dean:
4 Ni hamhluidh ſin a bhios
Na daoine peacach, ach mar mholl
air fhuadachadh le gaoith.
5 Fan aobhar ſin cha ſeas aſuas
na haingidh anns a'bhreith,
No peacaich ann an comunn naomh
nam fireanach air leth.
6 Oir 's fiofrach Dia air ſlighe ghloin
nam fireanach air fad:
Ach ſlighe fhiar nam peacach baoth,
di-mhilltear i gu grad.

C' Arson a ghabh na Cinnich boil',
's na ſloigh le cheile cruinn,
A' ſmuainteachadh beairt dhiomainich,
nach feudar chur an ſuim?

2 Righrean na talmhainn dh'eirich ſuas,
's na h uachdarain gu leir;
'N aghaidh Iehobhah chruinnich iad;
'n aghaidh aon ungta Dhe.

3 Nis briſteamaid an cuibhreach dhinn,
(thubhairt iad ſud air fad,)
Na boinn a b'aill leo iadhadh oirn,
dhinn tilgeamaid gu grad.

4 An Ti air neamh 'na ſhuidhe ta,
ni eſan gàire riu;
Is mar chuis mhagaidh bithidh iad
do Thighearn' ard nan dùl.

5 'N ſin labhraidh e am briathraibh borb
'na chorruich riu gu garg,
Is cuiridh e gu cabhaig iad,
le laſan is le feirg.

6 Gidheadh do ungadh leam mo Righ
gu fior air Sion caomh;
Is chuir mi e 'na uachdaran
ſuas air mo thulaich naoimh.

7 Cuiream an ceill an t ordugh ud;
(thubhairt Iehobhah rium,)
Is tu mo mhacſa; 's ann an diugh
a ghineadh thuſa leam.

8 Iarr orm, 's mar oighreachd bheiream dhuit
na fineacha gu leir;

'S mar ſheilbh ro-dhileas bheiream dhuit,
fad iomall crich' gach tir.
9 Nithear le ſlait do'n iarunn chruaidh
gu luath am briſteadh leat;
Nam blòidibh beaga pronnar iad,
mar phota crè le d'neart.
10 O Righrean, uime ſin anis
gabhuibhſe ciall gu leir:
A Bhreitheamhna na talmhainn fòs
grad-fhoghlumaibh deagh-bheus.
11 Do'n Tighearna Iehobhah mòr
aoruibhſe ſios gu ceart,
Le heagal deanaibh ſeirbhis mhaith
do Thighearna nam feart.
'S le ball-chrith deanaibh gàirdeachas:
12 Do'n mhac is thugaibh pòg,
Air eagal gu las fhearg-ſan ruibh,
d'ur milleadh anns an ròd.
An uair a bhitheas corruich air
ag laſadh ach gu beag,
Is beannuight iad, gach uile neach,
an dòchas air do leag.

SALM III.

NAch lion-mhor iad mo naimhd', a Dhia,
ſior-dhol am meud gach la?
Is luchd mo thriobloid iomad iad,
ag eirigh rium do ghnà.
2 Ri m'anam iomad their nach bheil
aon fhurtachd aig an Dia;

3 Ach 's tu fear-togalach mo chinn,
mo ghlòir, is tù mo ſgia.
4 Air Dia do ghairm mi fein le m'ghuth,
dh' eiſd as a thulaich naoimh:
5 Luidh, chaidil, agus mhoſgail mi,
chum Dia mi ſuas gu caomh.
6 Ni h eagal leam deich mile ſluaigh,
ge d' chuartaicheadh iad mi.
7 Mo Thighearn' eirich ſuas gu luath,
is cuidich leam, a Dhe:
Mo naimhde bhuail thu air an gial:
bhriſt fiacla fòs nan daoi.
8 'S le Dia an fhurtachd: air do ſhluagh
do bheannachd tha gun di.

SALM IV.

O THUSA Dhia ud m'ionracais,
eiſd riùm tra eigheam riut;
'S tu dh'fhuaſgail orm 's mi ann an teinn,
fòir orm, is eiſd mo ſcread.
2 Mo ghlòir cia fhad, a chlann nan daoin',
gu nàire chaochluigh's fibh?
Ag tabhairt gràidh do dhiomhanas,
is leanas breugan ruibh;
3 Biodh agaibh fios gud' roghnuich Dia
dha fein an duine naomh:
Tra eigheam ris, bheir e gu beachd
gu grad fanear mo ghlaodh.
4 Biodh eagal oirbh 's na deanaibh lochd:
labhraibh ri'r cridhe fein

Gu h uaigneach air ur leapuichibh,
bibh toſdach mar an ceudn'.

5 Deagh iobairt thaitneach thugaibh uaibh
do'n ionracas do ghnà;
'S ur dòchas cuiribh ann an Dia,
ag earbſa ris gach la.

6 Ni maith co nochdas duinn a nis?
(tha mòran ac' ag ràdh:)
Ach dealradh glan do ghnùis, a Dhe,
tog oirne ſuas do ghnà.

7 'S mò chuir tu dh'aoibhneas ann am chridh,
na'n uair is lion-mhoir' coirc',
No, aca sud, is ſaibhre fion
a' cinneachduin gun airc.

8 An ſioth-ſhaimh luidhidh mi faraon,
is caidlidh mi le ſuain:
O's tus' amhàin bheir dhomh, a Dhe,
fo dhidein, comhnuidh bhuan.

SALM V.

DO m' bhriathraibh tabhair aire, Dhe,
is beachduich air mo ſmuain.

2 Eifd guth mo ghlaoidh, mo Righ 's mo Dhia,
oir guidheam ort gu dian.

3 Mo ghuth do chluinnear leat, a Dhe,
air madain gach aon la:
Gu moch do dheanam ùrnaigh riut
is dearcam ort do ghnà.

4 Cha tus' an Dia le'm miann an t olc,
is lochd ni n' caidir thu:

5 Cha ſeas an t amadan ad làth'r:
'S fuath leat luchd-uilc nach fuil.
6 Do ſgrioſar leat luchd-labhairt bhreug:
Is gràin le Dia faraon
An duine fuileachdach, 's an ti
chum cealgoireachd a chlaon.
7 Ach miſe, thig mi chum do theach,
thaoibh meud do ghràſa caomh:
Is ann a t eagal aoram dhuit,
m' aghaidh ri d'theampull naomh.
8 Fa chùis mo naimhde, treòrnich mi,
ad chearta naomh, a Dhe,
Is deanſa romham, air gach ball,
do ſhlighe direach reidh.
9 Oir cha 'n 'eil cinnt no ceart 'nam beul,
fior-aingeachd annta ta:
An ſgornan ſoſgailte mar uaigh,
le miodal teanga tlà.
10 Le'n comhairlibh leig tuiteam dhoibh,
ſgrios iad, a Dhe, 'nan lochd:
'Nam peacaibh lion mhor fuaduich iad:
oir rinn iad ceannairc ort.
11 Ach aoibhneas air gach neach gu robh,
ni barant' dhiot 'nan airc:
Is deanadh iad buan-ghàirdeachas,
o rinn thu dhoibh cul-taic:
Biodh annad-ait, na ghràidhaich t ainm,
12 Oir beannuichidh tu, Dhe,
Am firean: ni thu le do ghràs
a chuartach', mar le ſge'.

A Thighearn', ann ad chorruich mhòir
na cronuich mi gu garg;
Na dèan mo ſmachdachadh gu geur,
an uair a laſas t fhearg.

2 Dean tròcair orm, a Dhia nan gràs,
oir lag ataim gun cheiſt:
Dhia, ſlànuich mi anis am fheum,
oir tha mo chnàmhan briſt'.

3 Tha m'anam air a chràdh gu geur:
ach thus', a Dhe, cia fhad?

4 Pill, fuaſgail m'anam; agus ſoir
le tròcair orm gu grad.

5 Oir orts', a Thighearna, ſa bhàs,
cha chuimhnichear gun cheiſt:
Co bheir dhuit buidheachas ſan uaigh,
no bheir ort luadh am feaſd?

6 Taim ſgith le m'oſnaigh, feadh na h oidhch'
a' cur mo leab' air fnàmh:
Le deuraibh m'uiriogh uiſgichim
ſan am bu chòir dhomh tàmh.

7 Mo ſhùil ata air fàilneachadh
ſa chùis mo bhròin gach trà;
Is ta ag dol gu h aois, ar ſon
m' uil' eaſcairde do ghnà.

8 A luchd na h aingidheachd gu leir,
imichibh uam am fad:
Oir chuala Dia gu tròcaireach
ard-ghuth mo chaoi gun ſtad.

9 An achuinge do chuir mi ſuas,
chuala Iehobhah i;

Is gabhaidh e gu toileach uam
an urnaigh a ni mi.
10 Air m' eaſ-cairdibh gu robh air ſad
nair' agus cùradh geur:
Is pilleadh iad air'n ais gu luath
le maſladh mòr gu leir.

SALM VII.

O Dhia mo Thighearn', earbam riut:
orm furtaich agus fòir,
Is ſaor mi fòs o ſharuchadh
mo nàmh tha orm an tòir.
2 Air eagal, mar ni leòmhan treun,
gu reubar m' anam leis:
A' deanamh liodairt air gu mion,
gun neach do m' fhuaſgladh as.
3 Iehobhah Dhe, ma rinn mi ſo;
ma ta lochd air mo laimh:
4 Ma dh' ioc mi olc do'n fhear a bha
an fiochaint dhomh, 's an daimh;
(Ni h amhluidh fin, ach rinn mi 'n ti
a theaſairgin gu blà
A bha gun aobhar is gun chùis
'n a nàmhaid dhomh gach la,)
5 Leanadh an nàmhaid m'anam fein,
glacadh fe e, 's gu làr
Saltradh mo bheatha, leagadh fòs
m' onoir ſan dus le tàir.
6 Eirich, a t fheirg, tog ſuas thu fein,
fa chorruich m' eaſ-cair threin:

Is chum na breith a dh'orduich thu
moſgail ſa m'chùis a Dhe.

7 Mar ſin ni co-thional an t ſluaigh
do chuartachadh gun tàmh
Is uime ſin fa'n cùis, a Dhe,
pill fein air ionad àrd.

8 Breith air a phobull bheir thu, Dhia;
reir m'ionracais dean breith,
Do reir mo neo-chionnt' fein, a Dhe,
gu teann ciuir as mo leth.

9 Gu tigeadh crioch air olc nan daoi,
ach daighnich daoine còir:
'S fear-ſgrùdaidh cridh', is rannſaich àirn,'
Dia cothromach na gloir.

10 'S e Dia mo ſgia, s' e dh'ſhurtaicheas
air luchd a' chridhe chearr,

11 Breitheamh luchd-còrach Dia, gach la
am feirg ri luchd droch bheart'.

12 Ma 's e nach pill an daoi air ais,
a chlaidhe liomhaidh Dia:
Air lagh a bhogha chuir gu teann,
gu caitheamh ullamh dian.

13 Fior-acfuinn agus inneal mairbh
ſin dheaſaich e dha fein:
Is leig e ſhaighde corranach
an aghaidh luchd dhroch-bheus.

14 Feuch, ghabh e olc mar thorraicheas,
do'n aimhleas tha e lan;
A chealg a ghineadh, rugadh leis,
gun aobhar, gun chionſa.

Is 15 Chla-

15 Chladhaich e flochd, is threachail e,
is thuit fan dìg a rinn.
16 Thig aimhleas air a chlaigeann fein,
is fhòirneart air a cheann.
17 Do reir a cheartais molaidh mi
an Tighearn, air gach am:
Do ainm Iehobhah feinnidh mi,
o fe is airde t'ann.

SALM VIII.

IEHOBHAH Dhia, cia mòrdha t ainm
air feadh gach uile thir!
Do ghlòir do fhocraich thu os cionn
nam flaitheas is nan fpeur.
2 A beul nan ciochran òga maoth
bhrigh t eaf-cair dh'orduich neart,
An nàmhaid chum gu caifgeadh tu,
's an dioghaltach mi-cheart.
3 Do fpeuran tra thug mi fainear,
obair do mheura fein,
A' ghealach is na reulta glan,
a dh'orduich thu le cheil':
4 Duine ciod e, gu cuimhnichte?
no mhac gu fiofraicht leat?
5 Do'n inbhe, 's beag a chum thu uaith,
air 'n d'fhuair na h aingil ceart;
Oir chuir thu coron àluinn air,
le mais is glòir thar chàch.
6 Air oibribh fos do làmh air fad,
thug uachdranachd gu bràth:

Gach

Gach dùil e chuir fa chaſaibh dha,
a chruthaich thuſa riamh:
7 Caoirich, is buar, 's gach ainmhidh fòs
tha 'g imeachd air an t ſliabh.
8 An eunlaith tha ſan adhar ſhuas,
an tiaſg ata ſa chuan,
'S na ſhiubhlas air ſligh' tuinne fòs,
ſin thug thu dha gu buan.
9 A Dhia, ar Tighearn' is ar Dia'nn,
tainmſa cia huaſal e?
Air feadh gach talaimh is gach tir
is mòrdha ſud a Dhe,

SALM IX.

LE m' uile chridhe bheiream dhuit,
ard-mholadh binn, a Dhe;
Is toibre miorbhuileach air fad
ſior-chuiridh mi an ceill.
2 Fòs ni mi annad aoibhneas ait,
is gàirdeachas gu mòr:
Do t ainmſa ſeinneam mola' binn,
O Righ a's airde glòir.
3 A rìs tra phillear air an ais,
mo naimhde, theid gu làr;
Oir tuitidh iad is theid dhoibh as,
a't fhianais fein gun dàil.
4 Mo chòir rinn thuſa ſheaſamh dhomh
gu daingean is gu treun:
Ad chathair chothroim ſhuidh thu ſuas,
mar bhreitheamh ceart am binn'.

5 Is

5 Is thug thu air na cinnich ſmachd,
ſgrios thu na daoine daoi:
An ainm do chuir thu as gu glan,
o linn gu linn a choidhch'.

6 (O nàmh, chaidh crioch air ſgrios am feaſd:
leag thuſa bailte treun;
An iomradh-ſan 's an cuimhne fòs
do theirig ſin leo fein.

7 Ach mairidh Dia gu bunaiteach:
chuir cathair ſuas chum breith.

8 Bheir air an domhan cothrom ceart,
le còir do'n t ſluagh fa leith.

9 Mar dhaighneach bithidh Dia nam feart
do'n ti a ta fo leon:
An triobloid tearmunn dileas e,
ri faicinn neach fo bhròn.

10 Gach neach 'gam bheil air tainmſa fios
ni dòchas diot, is bun:
Oir meud 's ata ga d'iarraidh, Dhe,
cha treig thu iad gu tur.

11 Do'n Triath d'an comhnuidh Sion naomh,
ſeinnibhſe cliu gu binn:
Aithriſibh fòs am meaſg an t ſluaigh
na gniomharan a rinn.

12 Tra ni e rannſachadh air fuil,
'n ſin cuimhneach orra ta;
Cha leig air dearmad glaodh nam bochd,
a ghairmeas air do ghnà.

13 Foir orm, a Dhe, is amhairc air
mo thriobloid o luchd m'fhuath,

A Dhe, a ta gam' thogail ſuas
o dhorſaibh bàis gu luath.

4 An dorſaibh Nighein Shioin chaoimh
gu ſgaoilinn tuile chliu:
Is ni mi gàirdeachas air ſgà
na ſlàint a dheònuich thu.

5 Thuit ſios na cinnich anns an dìg
a chladhaich iad do chàch:
Is anns an lion a dh'fholuich iad,
tha 'n coſa ſein an sàs

6 Aithnichear Dia ſa bhreith a ni,
tra thuiteas daoi san drip;
Is ann an gniomh a laimhe fein
teann-ghlacar e san rib.

7 Pillear luchd-uilc is aingidheachd
gu hifrinn ſios gu leir;
'S na fineachan nach cuimhnich Dia,
pillear iad ſios le cheil'.

8 An t ainnis truagh cha teid am feaſd,
air dearmad no air di:
Air dòchas fòs an duine bhochd
gu bràth cha'n fhaicear claoidh.

9 A Thighearn' eirich, 's na leig buaidh
le neach d'an dual am bàs;
Breith thugar air na cinneachaibh
a' t fhianais anns gach càs.

10 Cuir eagal orraſan gu mòr,
Iehobhah Dhia nam feart;
Gu'n aithnicheadh na ſloigh gu leir
iad fein nan daoine meat'.

CIOD uime 'n ſeas thu fad o laimh
Iehobhah laidir threin?
'S an aimſir teinn is triobloid mhòir
an dean thu t fholach fein?

2 Tha 'n droch dhuine 'na ardan borb
gu dian air tòir nam bochd;
Ach glacar iad ſna h innleachaibh
a dhealbh iad fein chum lochd

3 Oir ni an droch-dhuin' raiteachas
a miann a chridhe fein,
'S na daoine ſanntach molaidh e,
ge beag air Dia am mein.

4 An droch-dhuin' ag fior-àrdan gruaidh
cha ghoir e air an Triath:
'Na chridhe cha 'n 'eil uair air bith
gnè ſmaointeachaidh air Dia.

5 Tha nile ſhlighe doilghioſach,
o ſhuilibh 's ard do bhreith:
Ag ſeideadh pluic gu fanoideach,
m'a eaſ-cairdibh gach leth.

6 'Na chridhe fein do labhair e,
Am feaſd cha ghluaiſear mi:
Oir cha tig amhghar orm gu bràth,
no triobloid fòs do m' chaoidh.

7 Do'n iogan, mhallachadh, 's do ghò,
a bheul-ſan ata làn:
Tha donas mor is diomhanas
fo theangaidh-ſan do ghnà:

8 An diomhaireachd nam bailte beag'
ghnà-ſhuidhidh e gun fhios:

Tha ſhuil air bochd 's air neo-chiontach,
d'am mort an uaignidheas.

Ta ſhuile nimhneach mar an ceudn',
ro-ghuineach geur gu lochd,
Ag dearcadh ann an diomhaireachd
a ſgrios an ſhirein bhochd.

9 Mar leomhan luidh' am foill ata,
'na thàmh an garadh dion,
Ghabhail nam bochd: is ghlac e iad,
'g an tarruing ann a lion.

10 Crùbaidh, is cromaidh e gu lar,
chum dha nach mothaich neach:
Le laochraibh chum gu leagadh e
am bochd a' gabhail feuch.

11 A dubhairt e 'n a chridhe fein,
dhi-chuimhnich Dia gun cheiſt:
Seadh dh' fholuich e a ghnùis an ceìn,
cha leir dha ſud am feaſd.

12 Iehobhah, eirich ſuas an aird,
a Dhia ta neart-mhor treun,
Tog ſuas do làmh: 's na dearmaid choidhch'
na deòraidh bhochd nam feum.

13 Na daoine dona com' an dean
iad tailceas ort, a Dhe?
An neach ud thuirt 'na chridhe fein,
cha 'n fhiosruichear leat e.

14 Chunnaic thu ſin, oir dhuit is leir
gach dochair is gach ſpid,
A chum le d'laimh gu toir thu dhoibh
comain an uile a ni:

'S ann ortsa dh' fhag an duine bochd
e fein d'a chur fo dhion,
O's tu fear-cuidich agus neart
nan dilleachdan gun mhaoin.
15 Gairdean an droch-dhuin' is an daoi
leòn thus', is briſt a Dhe:
Is rannſuich uile lochd gu geur,
gu ruig nach faighear e.
16 Gu ſuthain is gu ſiorruidh fòs,
Iehobhah ta 'na Righ:
Sgrioſadh na cinnich as gu tur,
is ghlanadh as a thir.
17 Miann nan daoin' ùmhal chual' thu, Dhe;
an cridhe ni thu gleuſt',
Is bheir thu air do chluais gu beachd
an gearan-ſan gu'n eiſd:
18 A chumail ceairt ri dilleachdain,
's ri daoinibh brùite truagh,
A chum nach d'thugadh duin' o'n ùir
ni 's mò air fòirneart luadh.

SALM XI.

MO dhòchas chuir mi ann an Dia:
ciod uime 'n abradh ſibh
Ri m'anam, chum mo chur air gheilt,
Teich as mar eun gu d' ſhliabh?
2 Feuch chuir na h-aingidh bogh' air lagh,
air ſreing an ſaighde ghleus:
Thilgin ſan dorch' an ti ta ceart
'na chridh' agus 'na bheus.

3 Ma

3 Ma theid na bunaitc air dhi,
ciod ni an duine còir?
4 Tha Dia 'n a theampul naomh', air Neamh
tha chathair làn go ghlòir!
Is leir d'a shùilibh-san gach dùil,
san domhan mhòr ata;
Le roſgaibh clann nan daoin' air fad
rannſaichidh e do ghnà.
5 Rannſaichidh Dia na fireanaich;
ach luchd na h-aingidheachd
Is fuath le anam, is gach neach
thug ſpeis do ragaireachd.
6 Air daoinibh droch-mhuint' doirtidh Dia
nuas ribeachan gun di:
Is teine, pronnaſg, 's doinionn ghàrbh,
cuibhrionn sup' dhoibh do ni.
7 Oir Dia ta còthromach is ceart,
is ionmhuin leis a' chòir:
Ag amharc air na fireanaibh
le deagh-ghnùis làn do ghlòir.

SALM XII.

O Fòir, is cuidich leinn, a Dhe,
's gun deagh-dhuin' idir ann,
Nà treibh-dhirich meaſg clainn nan daoin'
ri 'm faghail tha ro-ghann.
2 Labhruidh gach neach r'a choimhearſnach
a' bhreug le miodal beil;
Le cridhe dùbailt' làn do cheilg
ſior-labhruidh iad le cheil'.

3 Gach beul tha làn do ghabhann tlà
d'an gnà bhi leam is leat,
An teanga bhruidhneach àrdanach
ſgathar le Dia nam feart.

4 A thubhairt, Orra bheir ſinn buaidh
le'r teangaidh fein amach;
'S leinn fein ar beil: co e an Triath
a chuireas ſinn fa ſmachd?

5 Ri ſàruchadh non deòradh truagh,
ri oſnaich dhaoine bochd,
Nis eir'gheam (arſa Dia,) d'an dion,
o'n dream ta bagradh lochd.

6 Is ſior-ghlan focal Dhe gu dearbh:
amhluidh mar airgiod e,
A leaghadh is a ghlanadh fos,
ſeachd uaire 'n ſuacan crè.

7 Coimhididh thus' iad uile, Dhe,
dionaidh tu iad do ghnà
O'n ghinealachs' anis a t'ann,
's o ſin amach gu bràth.

8 Gluaiſidh gach aon taobh luchd an uile,
is togaidh iad an ceann;
An t am an cuirear ſuas gu hàrd
na daoin' a's ſuaraich t'ann.

SALM XIII.

CIA fhada dhearmadar mi leat,
a Dhia, an ann gu bràth?
Cia fhada cheileas tu do ghnùis
gu coimheach uam gach trà?

2 Cia

2 Cia fhad' bhios imcheiſt ann am chom,
le cridhe trom gach la?
Cia fhada chuireàr tharum ſuas
an ti bha dhomh 'na nàmh?

3 Thabhair fanear, is freagair mi,
a Thighearna mo Dhia;
Soillſich mo ſhuile, cadal trom
chum bàis nach caidleadh mi.

4 Eagal gu'n abradh rium mo nàmh,
chaidh agam air a nis:
'S gu deanadh m'eaſ-car gàirdeachas,
ſan uair an aomar mis',

5 Ach dh'earb mi as do ghràs, isbidh
mo ſpiorad ait ad ſhlàint':

6 Is ſeinnidh mi gu binn do Dhia,
ar ſon a phailteis ghnàighd'.

SALM XIV.

NA chridhe deir an t amadan,
Cha'n 'eil ann Dia air bith:
Ta'd truaillidh, 's oillteil fos an gniomh,
cha'n 'eil ann neach ni maith.

2 An Tighearn' dh'amhairc e o neamh,
air chloinn nan daoine nuas;
A dh' fheuchainn an robh tuigs' aig neach
no dh'iarradh Dia nan gràs.

3 Ach chlaon an t iomlan diubh a thaoibh
ro-ſhalach iad gu leir:
Cha'n eil aon neach a' deanamh maith,
cha'n 'eil fiu aon fo ſpeur.

4 'M bheil tuigs' air bith aig droch-dhaoine,
ta 'g itheadh ſuas gu dian
Mo phobuil-ſa, mar aran blaſd',
's nach 'eil a' gairm air Dia.

5 An ſin do ghabh iad eagal mòr,
ar ſon gu bheil gu fior
Dìa ann an ginealach is linn,
nam fireanach do ſhior.

6 Comhairl' an truaghain nàraich ſibh,
chionn Dia 'n a thearmunn da:

7 A' Sion O gu d'thigeadh 'mach
ſlàint' Iſraeil gach la!

An tra bheir Dia air ais o bhruid
a phobull fein le cheil',
Air Iacob bithidh aoibhneas mòr,
's aiteas air Iſrael.

SALM XV.

CO dh'fhanas ann ad phàillion ſhuas?
a Thighearna, co e?
Co 'n ti ſin leat air do chnoc naomh?
a chomhnuicheas gach re?

2 An ti do ghluais gu treibh-dhireach,
is ionracas a chleachd,
Labhras an fhirinn ſin amach
ata 'na chridhe ſteach.

3 An ti nach dean air neach air bith,
cul-chàine' 'm feaſd le bheul,
Nach dean aon lochd d'a choimhearſnach,
's nach tog air fòs droch ſgeul.

4 A ni trom-thailceas air an daoi:
ach onoir dhòibh a bheir
D'an eagal Dia: 's nach caochail mionn'
ge d'thigeadh calldach air.

5 Airgiod air ocar nach do chuir:
an aghaidh fòs nan saoi
Brìb nach do ghabh: cha gluaisear e
gu bràth mar sin a ni.

SALM XVI.

DHIA, coimhid mi, o's annad fein
ata mo dhòigh gu fior;
2 O m'anam, thubhairt thu ri Dia,
Is tu mo Thriath gu fior.
Mo mhaitheas ort gu dearbh cha ruig;
3 ach air na naoimh a ta
Air thalamh, 's air na flaithibh fior,
'g am bheil mo ghean 's mo ghradh.
4 Mor-mheudaichear an doilghios doibh
a dheifricheas gu luath
Air lorg dé eile choimhich bhreig'
a' cur ri crabhadh truagh:
An iobairt-dhibhe ta do fhuil
cha 'n ofrail mi gun cheist,
Is air an ainmibh ann am bheul
cha toir mi luadh am feasd.
5 Cuibhrionn mo chup' is m'oighreachd Dia:
's tu sheasas dhomh mo chrann.
6 An àitibh aoibhneach thuit mo lion:
's leam oighreachd bhreagh nach gann.

7 Do

7 Do bheiream buidheachas do Dhia,
thug comhairl' orm am fheum:
Tha m'àirne fòs an am na hoidhch'
gam' theagasg mar an ceudn'.

8 Do chuir mi romham, anns gach cùis,
an Tighearn' mòr do ghnà;
O's air mo dheas-laimh gu bheil e,
cha ghluaisear mi gu bràth.

9 Mo chridh' ni aoibhneas uime sin,
ni gàirdeachas mo ghlòir:
Ni m'fheoil fòs comhnuidh fhoistineach
le dìon an dòchas mòr.

10 Oir anns an uaigh cha'n fhàgar leat
shios m'anam, air aon achd;
'S cha leig thu fòs do d'fheircinn naomh
truailleachd am feasd' gu faic.

11 Dhomh sligh' na beatha feuchaidh tu;
ad làth'r làn-aoibhneas tà,
Is aig do dheas-laimh fein, a Dhe,
mòr-shubhachas gu bràth.

SALM XVII.

E Isd thus' a Thighearn' ris a' chòir,
mo ghlaodh thoir aire dha,
Is cluinn an ùrnaigh thig amach
o m' bheul gun bhreug, gun ghò.

2 Mo bhreith o t fhianais thigeadh i:
le d' shùilibh leirsinneach,
Feuch air na nithibh sin, a Dhe,
tà ceart is cothromach.

6 Dhear

3 Dhearbh thu mo chridh', is dh'fhiosraich thu
san oidhche, d'fhionn gu geur;
Cha d'fhuair thu maoin: oir b'e mo rùn
nach peacaichinn le m' bheul.
4 Fa thimchioll oibre dhaoine fòs,
ghleidh mi mi fein gu beachd,
Le guth do bheil, o cheumanaibh
luchd-braid is ragaireachd.
5 Cùm m'imeachd suas, a Dhia nam feart,
ad shligibh ceart gu treun;
Ad ròidibh direach cum mi suas,
nach sleamhnuich uam mo cheum.
6 Do ghoir mi ort, a Dhe, a chionn
gun eisdear leatsa rium;
Do chluas do m'ionnsuidh crom anuas,
is fòs mo ghearan cluinn.
7 Taisbein do chaoimhneas iongantach
ta gradhach làn do chliu,
Do shaor thu le do dheas laimh fein,
an dream d'an dòchas thu,
Uatha nan aghaidh thogas ceann.
8 O coimhid mi gu treun
Mar chloich do shùl: dean folach orm
fo sgàil do sgiatha fein.
9 O'n droch-dhuin' tha ri fòirneart orm,
o naimhdibh sgriosach treun,
A ta ga m' chuartachadh gach taobh,
mo choimhead uatha dean.
10 'Nan saill ata iad druidte suas,
cainnt uaibhreach tha 'nam beul.

11 Chrom

11 Chrom iad gu làr, is dhearc le'n ſùil;
is chuartaich iad ar ceum:
12 Mar leòmhan gìonach togarach
chum cobhartaich do ghnà,
Mar leòmhan òg an diomhaireachd
ri foill-ſholach ata.
Eirich, a Dhe, is caiſg mo nàmh,
leag ſios gu talamh e:
O'n droch-dhuin' tha'na chlaidhe dhuit,
ſaor m'anam bochd, a Dhe.
14 O'n dream tha dhuits', a Dhe, mar laimh,
o dhaoinibh ſaoghalt dàn,
'G am bheil an cuibhrionn is an cuid
ſa bheatha ſo amhàin.
D'am bheil thu tabhairt làin am bronn
as tulaidh dhiomhair fòs:
Tha'n gineil lionmhor, is am maoin
fàgaidh d'an lèanbaibh òg.
15 Ach air mo ſhon-ſa, dearcam air
do ghnùis am fireantachd;
Air moſgladh dhomh, làn-diolar mi,
A Dhe, le d'choſalachd.

SALM XVIII.

MO chion ort fein, a Dhia, mo threis,
2 Mo charraig Dia gu ceart,
Mo dhaighneach, is mo ſhlanuighear:
mo Thighearn', is mo neart:
An ti an cuiream dòchas fòs,
mo thargaid is mo ſgia,

Adhare

Adharc mo shlànuigh' e gu beachd,
mo bhaideal àrd 's e Dia.

3 Nis gairéam air an Tighearna,
d'an dlighear moladh fior;
Mar sin o m'eas-cairdibh gu leir
coimhidear mi gu fior.

4 Chuir tuilteach dhroch-dhaoin' eagal orm,
chaidh umam guin an eig.

5 Pian' ifrinn agus cangach bais,
romham 's gach àite feuch,

6 Am eigin ghair mi air mo Thriath,
dh' eigh mi gu hard le m' ghlaodh;
Is as a theampull naomha fein
dh'eisd e mo ghuth gu caomh.
'Na fhianais is 'na eisdeachd fein
mo-ghlaodh do raing fuas;

7 An talamh air gach ceum an sin
do chriothnaich, chrathadh, ghluais:

Iochdar nan cnoc agus nam beann,
do ghluaiseadh sin gu garg,
Do chriothnaicheadh is chrathadh iad,
a chionn gu robh air fearg.

8 Chaidh deatach as a shròin amach:
is teine loisgeach mòr
Chaidh as a bheul, is lasadh leis
do eibhlibh ni bu leòr.

9 Do lùb e fòs na neamha suidh',
's anuas do thùirling e:
Fior-dhorchadas is dùbh-aigein
bha fin fo chosaibh Dhe.

10 Air Cheruib mharcuich e gu hard,
air iteig fòs do chaidh:
Is bha e luath ag itealaich,
air bharraibh sgiath na gaoith.

11 Dùbh-dhorchadas mar dhiomhaireachd
do chuir e uime fein:
Bu phubull d'a na h uisgidh dorch',
is neulta tiugh' nan speur.

12 Do chaidh a neulta tiugh' le cheil,'
is clacha meallain fòs,
Is dealanach, air thoiseach air,
o'n dealradh bha 'n a ghnùis.

13 Rinn Dia sna speuraibh tairneanach,
do leig an Ti a's aird'
A ghuth amach, le cloich-shneachd chruaidh
is dealanaich 's gach àit.

14 A shaighde leig e chuc' amach,
is sgaoil se iad air fad,
Tein-adhair orra thilg gu mòr,
is chlaoidheadh iad gu grad.

15 Aigein an uisge chunnas ris,
bha grunnd an domhain nocht';
Le t anail as do shròin, a Dhe,
le d' achasan is smachd.

16 As ionad ard do chuir e 'nuas,
is bhuin e mis' amach,
Is rinn mo tharruing mar an ceudn'
a h uisgibh iomarcach.

17 O n'eas-car thul-chuiseach is threun
thug e dhomh fuasgladh caomh,

'S o luchd mo mhi-ruin agus m'fhuath,
tha laidir air gach taobh.
18 An la mo thriobloid is mo theinn
thug ionnſuidh orm gun fhios:
Ach tha mo Dhia na thaice dhomh,
cha ſleamhnuich uam mo chos.
19 Gu h ionad fairſing agus reidh
amach thug eſan mi:
Mo theaſairgin do rinneadh leis,
oir ciatach bha e dhiom.
20 Reir m'ionracais, is gloine làmh,
do chùitich Dia maith rium:
21 Air ſeachran uaith cha deachaidh mi:
choimhdeadh a ſhlighe leam.
22 Oir uile bhreith tha ann am lath'r:
a ſtatuin uam nior chuir.
23 Bu treibh-dhireach 'na fhianuis mi:
o m' aingeachd fein do ſguir.
24 Reir m'ionracais is gloine làmh,
an ſealladh beachd a ſhùl,
Do rinneadh miſe chùiteachadh
gu caomh le Dia nan dùl.
25 Do'n duine ghràſail, gràſ-mhor thu,
direach do'n treibh-dhireach.
26 Glan thu do'n duine ghlan, is fiat'
o'n duine fhiat' fa ſeach.
27 Na daoine ta fo thriobloid mhòir
làn-ſhaoruidh tu ſgach àit:
Ach bheir thu nuas a' mhuintir ſin
'g am bheil an ſealladh àrd.

28 Oir lasaidh tu mo choinneal domh,
is ni mo Dhia 's mo Ri'
Mo dhorchadas a shoillseachadh,
chum soilleir glan gu 'm bi.

29 Mòr-mhal-shluagh, le do threis' a Dhe,
do bhristeadh leam air fad:
Le neart mo Dhia thar balla leum,
is chaidh mi fein gun stad.

30 Ach Dia, ata a shlighe ceart,
do dhearbhadh focal De:
Do'n dream gu h uile dh'earbas as,
d'an dion is targaid e.

31 Oir cia 's Dia, ach Iehobhah ann?
cia 's carraig ach ar Triath?

32 An neach a ni mo shlighe ceart,
s a bheir dhomh neart, 's e Dia.

33 Mar chasaibh feidh ta luath chum ruidh
mo chasa do rinn e.
Air m'aitibh ard' ga m' shocrachadh,
a chum nach gluaisteadh mi.

34 Gu comhrag theagaisg e mo lamh:
ionus gu d'thug mi buaidh
'S gu d' bhrist mi fos le m' ghairdeimbh
bogha do'n stailinn chruaidh.

35 Thug thusa sgia do shlainte dhomh,
do dheas-lamh chum mi suas;
Thug orm do chaoimhneas is do ghradh
gu h inbhe mhòir gu d'fhas.

36 Mo cheuma rinn thu fairsing fùm,
sin domh mar fhuaradh thus',

Ionus

Ionus gur ſocrach ſheaſas mi,
cha ſleamhnuich uam mo chos.

37 Lean mi mo naimhde, 's anns an ruaig
orra do rug gu cas:
Is gus 'n do chlaoidheadh iad gu leir
nior phill mi fein air m'ais.

38 Gun chomas eiridh lot mi iad,
is thuit iad ſios fo m' chois.

39 Le neart chum cath' 's tu chriosluich mi:
na dh'eirich rium leag thus'.

40 Air mhuineal thug tu dhomh mo nàmh:
luchd m'fhuath gu'n claoidh gu leir.

41 Ghlaodh iad, 's d'am furtachd cha robh neach:
ri Dia, 's cha 'd fhreagair e.

42 Amhluidh mar dhus a' dol le gaoith,
gu mion do phronn mi iad:
Is thilg mi iad amach a ris
mar chlàbar air an t ſràid.

43 O ſtrì nan daoine ſhaor thu mi,
rinn ceann nam fineach dhiom:
Na daoine riamh nach b'aithne dhomh
ri ſeirbhis dhomh do chi'm.

44 Air cluinntin dhoibh-ſan iomraidh orm,
geillidh iad dhomh gun ſtad;
Do ni dhomh coigrich mar an ceudn'
an ifleach' fein air fad.

45 Làn-ſeargaidh is dubh-chrionaidh as,
iarmad nan allmharach;
Ag teachd le h eagal 's ùamhunn mhòr
o'n garaidh fein amach.

46 Dia beo ata, beannuicht' gu robh
mo charraig fein gu brath:
Is Dia mo ſhlàinte bitheadh e
air ardachadh do ghnà.

47 Mo dhioghaltas, 's mo leaſachadh
's e Dia a bheir amach;
'S e fòs a chuireas dhomh fo ſmachd
na ſlòigh gu h-iomadach.

48 'S e dh'fhuaſglas mi o m'eaſcairdibh,
's tu thog mi thar gach neach
A dh'eirich rium; is thug mi ſaor
o fhear na h-ea-corach.

49 Am meaſg nan Cinneach uime ſin
do bheiream dhuit', a Dhe,
Mòr-bhuidheachas; do t ainmſa fòs
àrd-mholadh ſeinnidh mi.

50 Do bheir e fuaſgladh mòr d'a righ:
le pailteas ni e gràs,
Air Daibhidh, neach do ungadh leis,
is air a ſhliochd gu bràth.

SALM XIX.

GLÒIR Dhe ſan-fhoillſichidh na neamh':
's na ſpeura gniomh a làmh.

2 Tha la ag deanamh ſgeil do la,
is oidhche dh'oidheh' gun tàmh
Ag teagaſg eòlais, anns gach àit.

3 Oir cha'n 'eil ionad ann,
No cainnt, no uirigill air bith,
nach cual an guth gach am.

4 Chaidh

Chaidh 'm fuaim air feadh gach tir' amach
am focal chaidh an cein
Gu crich na cruinne, chuir e annt'
buan-phàilliun àrd do'n ghrein:
5 Neach tha mar nuadh fhear-pòsta teachd
o fheòmra fein amach,
Ta ait, mar ghaisgeach treun ag ruidh
a réis' gu togarach.
6 Ag dol amach o chrich nan speur,
m'an cuairt g'an crich do ghnà:
'S ni 'm foluichear o theas na grein',
aon ni sa chruinne ta.
7 Is iomlan lagh Iehobhah mhoir;
an t anam iompoidh e:
Teisteas an Tighearna ta dearbh;
an simplidh, glic se ni.
8 Tha statuin fòs an Tighearn' ceart,
'g cur aoibhneis anns a' chridh,
Glan-aitheanta De ag soillseachadh,
nan sùl nach maith a chi.
9 Eagal an Tighearn' fior-ghlan e,
buan-mhaireachduin do ghnà:
Fior agus cothromach air fad,
a bhreitheanais ata.
10 Is fearr ri 'n iarraidh iad na'n t òr,
an t òr a's fearr air bith:
Ni 's millse na a' mhil ata'd,
no cìr mheala r'a h ith.
11 Ag faghail rabhaidh fòs, ata
t oglach-sa uath' do ghnà,

'S

'S nan coimhead cùramach gu dearbh
mòr-thuaraſdal ata.

12 Co thuigeas uile ſheachrain fein!
glan o lochd diomhair mi.

13 O pheacaibh dànadais air ais
cum tòglach fein, a Dhe;
Na bitheadh ac' àrd-cheannas orm:
an ſin biom treibh-dhireach,
Is fòs o'n pheacadh mhòr bidh mi,
fior-iontaic neo-chiontach.

14 O Dhia, mo neart, 's mo ſhlànuighear,
an deagh-thoil gabh uam fein,
Na ſmaointe ta am chridh' a ſtigh,
is briathra glan mo bheil.

SALM XX.

GU freagradh Dia thu ann an la
do thriobloid, is do phein!
Gu deanadh ainm Dhe Iacob fòs
fior-choimhead ort ad fheum!

2 Gu cuireadh chugad comaradh
tràth, as a theampull naomh:
Is deanadh e do neartachadh
a Sion fein gu caomh!

3 Cuimhnicheadh e gu gràſ-mhor dhuit
t uil' ofrala gu grad,
Is gabhadh e gu taitneach uait
tiobarta loiſgt' air fad.

4 Do reir deagh-rùin do chridhe fein
tiùbhradh e dhuit gu maith;

Co

Coilionadh e gach comhairle
ta ann ad chridh' a ſtigh.
5 Ni ſinne aoibhneas ann ad ſhlàint',
is ann an ainm air Dia,
Suas togaidh ſinn ar brataichean:
Dia dheònach' tuile mhiann!
6 'Nis 's fioſrach mi gu teaſairg e
an ti do ungadh leis:
Is le neart-ſaoruidh deaſ-laimh De,
o neamh g'un eiſdear ris.
7 Tha cùid ag earbs' a carbadaibh,
is cuid a heachaibh àrd:
Ach ainm an Tighearna ar Dia
cuimhnichidh ſinn 'sgach àit.
8 Dh' iſlicheadh iadſan, 's thuit iad fios:
ach dh' eirich ſinne 's ſheas.
9 Dhia, fòir; is eiſdeadh ruinn an Righ,
trà ni ſinn gearan ris.

SALM XXI.

AM meud do neartſa, Dhe nan dùl,
bidh aoibhneas air an Righ:
Is ann ad ſhlàinte thròcairich
sòlas cia mor do ni?
2 Làn-mhiann is rùn a chridhe fein.
do bhuilich thuſa air:
Aon achuinge do iarr a bheul,
cha d' rinn thu air a cleth.
3 Oir beannuchadh a' mhaitheis mhòir
ſin thug thu dha gu moch:

Is

Is chuir thu coron àrd m'a cheann,
do'n òr a's deirge dreach.
4 Do iarr e ortsa beatha bhuan,
sin thug thu dha gu sior:
Is thug thu sìneadh saoghail dha,
a chum bhi beo gu sior.
5 Do thaobh na slàinte thug thu dha,
is mòr a ghlòir gach am:
Ard-onoir agus mòralachd
chuir thusa air a cheann.
6 Oir rinneadh leat ro-bheannuicht e
air feadh gach re gu beachd:
Is rinn thu e làn-aoibhneach fòs
le d' ghnùis an tròcaireachd.
7 Oir ann an Dia Iehobhah mòr
earbaidh an Righ do ghnà:
Trid tròcair fòs an Ti a's aird',
cha ghluaisear e gu bràth.
8 Aimsidh do ghlac air tuile nàmh:
air teascar do làmh dheas.
9 Mar àmhuinn theinteich ni thu iad,
an aimsir t'fheirg' d'an sgrios':
'Na chorruich mhòir ni Dia gu sior,
an slugadh sios air fad,
Is nithear orra milleadh fòs
le teine mòr gu grad.
10 An toradh sgriosuidh tu o'n tir,
's an siol o dhaoinibh as.
11 Oir chum iad chugad feall; is dhealbh
dò-bhearit nach d'fheud' cur leis:

12 Is uime ſin le d' ſhaighdibh gleuſt'
air freing ri 'n aghaidh ſùd,
Bheir orra pilleadh air an aiſ,
's gu rachadh iad air cùl.
13 Arduich thu fein, ad chumhachdaibh,
a Thighearna nam feart:
Mar ſin ſior-chanaidh ſinn do chliu,
is molaidh ſinn do neart.

SALM XXII.

MO Dia, mo Dhia, com' threig thu mi?
le tfhurtachd uam an cein;
O bhriathraibh goirt mo bhùiridh àird,
gun fhuaſgladh orm am fheum?
2 Mo Dhia, cha d' thug thu freagradh dhomh,
ſan là'n do ghair mi ort;
An uair bu chòir dhomh tàmh ſan oidhch',
cha'n 'eil mi fein am thoſd.
3 Gidheadh tha thuſa fior-ghlan naomh,
a Dhe, oſcionn gach ſgeil,
Ad chomhnuidh anns an àros fin,
am bheil cliu Iſraeil.
4 Aſadſa rinn ar ſinnſir bun;
is ſhaor thu iad mar dh'earb.
5 Do ghlaodh iad riut, is ſhaoradh iad;
dh'earb riut, gun aghaidh dhearg.
6 Ach miſe fòs cha duin', ach cnuimh:
gràin daoin', is tàir nan ſlògh.
7 Cùis crathaidh cinn, is caſaidh beil,
ſpòrs' do na chi mo dhòigh.

8 Ag

8 Ag ràdh, Do rinn e bun a Dhà,
chum fuasgladh air 'na fheum;
Nis deanadh e a theasairgin,
o thug e dha làn-spéis.

9 Ach 's tus' an ti do bhuin amach
a broinn mo mhàthar mi;
Is tu bu bharant' dòchais domh,
'n tra bha mi air a' chich.

10 O'n bhroinn do thilgeadh ortsa mi,
air bhith dhomh òg is maoth;
O thainig mi o'n bhroinn amach
is tu mo Dhia ro-chaomh.

11 A Dhe na biosa fada uam,
oir 's dlù dhomh triobloid theann;
'S gun agam neach do m' chuideachadh,
no urra chuireas leam.

12 Do chuartaich umam mòran tharbh,
mu m' thimchioll air gach laimh:
Dh'iadh umam tairbh ro-laidir bhorb
am Bàsan bha nan tàmh.

13 Gu fairsing dh'fhosgail iad am beul,
mar leòmhan àllta garg;
A' tabhairt fithidh reubaidh orm,
le bùireadh fiadhaich borb.

14 Mar uisge dhoirteadh mis' amach,
mo chnàmhan sgàint' o cheil:
Mo chridh' am chom an taobh a stigh,
air leaghadh ta mar cheir.

15 Air tiormachadh mar phota crè
ata mo neart, a Dhe;

Mo theang' air leantuin dlù ri m' ghial,
gu hùir bhàis thug thu mi.
16 Oir dh'iadh iad umam madraidh gharg,
bhuail umam thall 's a bhos
Mòr-bhuidheann luchd na h aingidheachd;
lot iad mo làmh 's mo chos.
17 Mo chnàmhan uile feudaidh mi
an àireamh aon feach aon:
Gu geur ata'd ag amharc orm,
ag dearcadh orm gach taobh.
18 Mo thruſcan eatorra do roinn,
croinn chuir iad air mo bhrot.
19 Ach fad om' chobhair, Dhia mo neart,
na fan, ach deifrich ort.
20 Do m'anam tabhair fuaſgladh deas
o'n chlaidhe ſgaiteach gheur:
Is m'aon-ghradh caomh gu ſaorar leat,
o neart nam madradh treun.
21 O bheul nan leòmhan laidir borb,
Dhe, fuaſgail orm gun ſtad:
O adharcaibh nam buabhull treun;
oir chual thu mi gu grad.
22 Do m'bhràthraibh cuiream tainms' an ceill:
ſan eireachd molam thu.
23 Shiol Iacoib, 's a luchd eagail De,
glòir thugaibh dha is clìu:
Oirbhs', Iarmad Iſraeil air fad,
biodh eagalſan gu mòr.
24 Oir tarcuis riamh cha d'rinn air bochd,
's nior ghabh e gràin d'a leon;

Cha d'fholuich, 's cha do cheil a ghnuis
d'a threigsin ann a theinn;
Trà rinn e glaodh is gearan ris,
thug eisdeachd dha gu binn.
25 'S ann ortsa bhios mo mholadh ard
sa cho-thional, a Dhe:
Mo mhòideau iocam sòs ann làth't,
na dream d'an eagal e.
26 Na daoine sin tha macanta
ithidh, is gheibh an sàth:
Na dh'iarras Dia ard-mholaidh e;
bhur cridh' bidh beo gu bràth.
27 Pillidh ri Dia gach iomall tir',
is cuimhnichidh iad air:
Seadh sluagh nam fineacha gu leir
dhuit geill is urram bheir.
28 Arson gur le Iehobhah mòr
an rioghachd le còir cheairt:
'Sam measg nam fineachan air sad
's leis uachdranachd is neart.
29 Na daoine reamhar anns gach tir,
ithidh, is geillidh dha:
Dha cromaidh sios na theid san uaigh,
cha chum neach anam beo.
30 Thig sliochd is seirbhis ni do Dhia,
dha measar iad mar linn.
31 Innsidh a cheart do'n àl ri teachd,
gu b'esan sud a rinn.

1 IS e Dia fein a's buachaill dhomh;
cha bhi mi ann an di.
2 Bheir e fainear gu luidhinn fios
air cluainibh glas le sìth:
Is fòs ri taobh nan aibhnichean
theid seachad fios gu mall,
Tha e gach uair gam' threorachadh,
gu mìn reidh anns gach ball.
3 Tha 'g aiseag m'anma dhomh air ais:
's a' treòrachadh mo cheum
Air slighibh glan na fireantachd,
air sgà dheagh-ainme fein.
4 Seadh fòs d'an gluaisinn eadhon trid
ghlinn dorcha sgàil' a' bhàis,
Aon olc no urchaid a theachd orm
ni h eagal leam 's ni 'n càs:
Arson gu bheil thu leam do ghnà,
do lorg, 's do bhata treun,
Ata'd a' tabhairt co-fhurtachd
is fuasglaidh dhomh am sheum.
5 Dhomh dheasuigh's bòrd air beul mo nàmh
le hola dh'ung mo cheann,
Cur thairis tha mo chopan fòs
ag meud an làin a t'ann.
6 Ach leanaidh maith is tròcair rium
an cian a bhios mi beo:
Is comhnuigheam an àros De,
ri fad mo re 's mo lò.

A reir do thròcairchuimhnich orm,
air ſgà do ghràis, a Dhe.
8 Is maith 's is direach Dia nan dùl:
is air an aobhar ùd
Do nithear leis na peacaich thruagh
a theagaſg anns an ròd.
9 Treòruichidh e na daoine ciuin
am breitheanas gu ceart:
'S na daoine mine teagaiſgidh
'na ſhlighe Dia nam feart.
10 An tròcair is an fhirinn reidh
ſud ſligh' ar Dia ſgach ball;
Dhoibhſan a chumas gealladh ris,
's nach leig a theiſt air chall.
11 Sgà taimſa, lagh mo chionta fòs,
oir tha ſud mòr, a Dhe.
12 Co 'm fear d'an eagal Dia? San ròd
's ion-roghnuidh ſeòluidh e.
13 An ſeaſgaireachd ni anam tàmh,
's le ſhliochd le ceart an tìr.
14 Tha rùn an Tighearn' ag an dream
d'an eagal e gu fìor:
Is nithear leis a chùmhnant fòs
ſhoillſeachadh dhoibh gu ceart.
15 Ata mo ſhùile feìn do ghnà
ri Tighearna nam feart:
Arſon gu ſpionar leis mo chas
gu h-aith-ghearr às an rìb.
16 Pill chugam, is dean tròcair orm;
am aonar taim, 's fo dhrìp.

17 Th

17 Tha teinn mo chridh' ag dol am meud;
saor mi o m'amhghar geur.
18 Feuch air mo phein, is m'an-shocair,
's mo pheacaidh lagh gu leir.
19 Mo naimhde guineach thoir fainear:
oir tha iad lion-mhor ann,
Fuath nimhneach agus mi-runach
tha aca dhomh gach am.
20 Dhia, coimhid m'anam, 's furtaich orm;
na leig fo nàire mi,
Mo dhòchas uile leag mi ort,
arson gur tu mo Righ.
21 Nis deanadh ionracas is còir
mo dhion: 's mi feitheamh ort.
22 Dhia, fuasgail air cloinn Israeil,
o'n uile amhghar goirt.

SALM XXVI.

THOIR ormsa breith, a Dhia nan dùl,
am neo-chion ghluais mi fein:
O rinn mi dòchas maith a Dia,
cha sleamhnuich uam mo cheum.
2 Dhia, fonn mo chridh', is m'àirne fòs,
fidir is ceasnuich mi.
3 Oir dearcam air do chaoimhneas gràidh:
a tfhirinn ghluais mi, Dhe.
4 Le cuideachd dhiomhain riamh nior shuidh,
cha siubhlam le luchd-saoibh.
5 Is beag orm co-thional an uilc:
's cha suidh mi fios le baoibh.

6 An neo-chiont' glanaidh mi mo làmh:
is cuartuigh'm taltair, Dhe:
7 Gu foillſichinn le moladh ard,
do mhiorbhuile gu leir.

8 Comhnuidh do theachs' is ionmhuin leam,
a Thighearn' is a Dhe,
Gnà-àite bunaidh tonorach
is leam ro-ionmhuin e.
9 Le peacachaibh, luchd-deanaimh uilc,
na cruinnich m'anam bochd,
Na cuir mo bheath' nan cuideachd ſud
tha fuileachdach gu lochd.

10 'G am bheil an donas mòr nan glaic:
duais-bhratha nan laimh dheis.
11 Ach gluaiſeams' ann am neo-chiont fein,
ad thròcair ſaorſa mis.
12 'Na ſeaſamh ta mo chos gu beachd
air ionad comhnard reidh:
Is ann an co-thional nan naomh,
beannuicheam thuſa, Dhe.

SALM XXVII.

'SE Dia mo ſholus, is mo ſhlàint',
co chuireas eagal orm?
'S e neart mo bheatha Dia nan dùl,
co chuireas fàit'gheas ſùm?
2 Mo naimhde, m'eaſ-cairde, luchd-uilc,
tra thainig orm gu bras,
Gu gionach dh'itheadh m'fheola ſuas;
fhuair tuiſleadh, thuit gu cas.

3 Sluagh nàmhaid ge do theifdeadh mi,
ni h eagal le mo chridh':
D'an eireadh cogadh m' aghaidh fòs,
as fo mo bhun do ni.
4 Aon ni do mhiannuich mi o Dhia,
gu minic iarram e:
A bhith am chomhnuidh feadh mo la
an tigh 's an àros De;
A chum gu faicinn fein gu glan
maife Iehobhah mhòir,
Gu fiofruichinn 's gu faighinn fgeul,
'n a theampull mar is còir.
5 Oir ni e m' fholach 'n am na h airc
'na phubull: dion do ni
An diomhaireachd a phàilliuin dhomh,
air carraig cuiridh mi.
6 Ofcionn mo naimhde ta fa m'chuairt,
nis togar fuas mo cheann:
Glan-iobairt aoibhneis uime fin
g'a phubull bheirear leam:
Is feinnidh mi gu togarach,
feadh, canam fòs gu binn
Ceol agus moladh ard do Dhia,
air feadh mo ré 's mo linn.
7 Le guth mo bheil trà eigheam riut,
thoir eifdeachd dhomh, a Dhe:
Le iochd dean tròcair orm is fòir,
gu gràf-mhor freagair mi.
8 Iarr m' aghaidh, 'n uair a thuirt thu rium',
an fin thuirt manam leat,

T aghaidh, 's do ghnùis, a Dhia nan gras;
sin iarram fein gu bhait.

9 Na folaich uam do ghnùis, am feirg
na dibir tòglach fein:
'S tu chuidich leam: à Dhe mo shlaint',
na fàgsa mi 's na treig.

10 Trà threigeas m'athair mi gu tur,
's mo mhàthair fòs faraon,
Do ni an Tighearna an sin
mo thogail suas gu caoin.

11 Dhia, teagaisg dhomh do shlighe fein:
is treòruich mise, Dhe,
Fa chùis mo naimhde mi-runach,
air ceumaibh direach reidh.

12 Do mhi-run m'eas-cairde ro-gheur
na tabhair thairis dhomh:
Oir dh'eirich rium luchd-sianais bhreig
is dream a bhrùchdas nimh.

13 Rachadh mo mhisneach uil' air cùl,
mur creidinn maitheas De,
Gu faicinn sin an tir nam beo,
do m' fhuasgladh ann am fheum.

14 Fuirich gu faighidneach ri Dia,
glac chugad misneach mhòr,
Is bheir e spionnadh cridhe dhuit:
fuirich ri Dia na glòir.

SALM XXVIII.

A Dhia, mo charraig, eigheam riut,
ad thosd na biosa uam:

Eag

Eagal le d' thoſd, gur coſmhuil mi
riuſan theid ſios do'n uaigh.
2 Guth m' achuinge, trà eigheam riut,
eiſd thus' an ſin, a Dhe:
Trà thogas mi mo lamhan ſuas
gu d' theampul naomha fein.
3 Le luchd an uilc 's na h-ea-corach,
na tarruing mi gu bràth:
Ri'n coimhearſnaich a labhras sìth,
ach olc nan cridhe ta.
4 A reir an oibre, thabhair dhoibh,
do reir an rùin chum lochd:
Is diol-ſa riu droch ghniomh an làmh,
amhluidh mar thoill iad ort.
5 Do bhrì nach tuig iad oibre Dhe,
no gniomh a laimhe fòs,
Do ni e milleadh orr' is claoidh',
's cha dean an togail ſuas.
6 Ar ſon guth m' achuinge gu d'eiſd,
mòr-bheannuicht gu robh Dia.
7 Do chuir mo chridh' a dhòchas ann,
's e Dia mo neart 's mo ſgia.
Ataim ag faghail cuideach' uaidh':
mar ſin le dochas ait
Mo chridh' tha làn; 's le m'oran binn
ſior-mholam e gu pailt.
8 Se Dia is neart, 's is treiſe dhoibh,
oir tha e fein gu deas
Na neart, 's 'n a ſpionnadh ſlainte dhà
do'n ti do ungadh leis.

9 Dhia

9 Dhia fuirtaich air do phobull caomh,
is beannuich t oighreachd fein,
Dhoibh thabhair beath', is teachdantir,
tog iad am feaſd, a Dhe.

SALM XXIX.

THugaibh a laochraidh laidir threun,
do Thighearna nam feart,
Thugaibh do'n Thighearn' ud faraon
glòir, urram, agus neart.

2 A' ghlòir a's cubhaidh fòs d'a ainm,
thugaibh do'n Dia ro-threun:
Sleuchdaibh do'n Tighearna faraon
am mais' a naomhachd fein.

3 Tha guth Dhe air na h uiſgeachaibh:
is fòs ni Dia na glòir
Ard-thairneanach, is ſuidhidh e
air uiſgibh laidir mòr.

4 Tha guth an Tighearna gu beachd
mòr-chumhachdach is treun:
Tha guth an Tighearna faraon
làn mòralachd ann fein.

5 Briſtidh an Tighearna le ghuth
na Seudair a ta fàs:
Is briſtear Seudair Lebanoin
le ghuth-ſan aig a chruas.

6 Do bheir e orra leum gu cliſt'
amhluidh mar ghamhuin bò:
Sliabh Shirion is Lebanoin
mar bhuabhull meargant'òg.

7 Sgaoilid

7 Sgaoilidh guth Dhe an dealanach ;
8 am fàsach crathaidh e :
Seadh fasach Chadeis mar an ceudn'
's e Dia a chrathas e.
9 Bheir guth Dhe fòs air aighibh àlit'
grad-sgarachdain r'an laoigh ;
Is lomaidh sud na coillte dlù,
ag rùsgadh bharr nan craobh :
Is ann a theampull naomha-san,
cuiridh gach neach an ceill
Glòir agus onoir mhòr ar Dia ;
'g a mholadh-san d'a reir.
10 Tha Dia 'n a chomhnuidh air an tuil :
's 'na shuidh' am feasd 'na Righ.
11 Bheir Dia da phobull neart : is bheir
dhoibh beannachadh le sìth.

SALM xxx.

1 DHia, molam thu, oir thog thu mi,
gair' m'eas-cair cha d'rinn diom.
2 A Dhia mo Thighearn', ghlaodh mi riut,
is shlanuich thusa mi.
3 Do thogadh m'anam leatsa, Dhe,
glan as an uaigh anios :
Is ghleidh thu mi gu sàbhailt' beo,
do'n t slochd nach rachuinn sios.
4 Do'n Tighearn' àrd gu ceòl-mhor binn
seinnibh, a naomh-shluagh fein,
Ri cuimhneach' air a naomhachd-san
sgaoilibh a chliu an cein.

5 Oir fhearg cha mhair ach mionaid bheag
'na dheagh-ghean beatha ta:
Trà feafgair ge do robh ann bròn,
thig aoibhneas leis an là.

6 Am fhocair thubhairt mi mar fo,
Cha ghluaifear mis' am feafd:

7 Le d' thròcair thug thu air mo chnoc
gu daingean fuas gud' fheas:
A Dhe, do cheil thu orm do ghnùis,
chuir fin gu trioblaid mi.

8 Dhia, riut do ghlaodh: is rinn ri Dìa
mo ghearan is mo chaoi.

9 Ciod i an tairbh' am fhuilfa ta,
taireis mo chur fan uaigh?
Am molar thufa leis an ùir?
an toir air t fhirinn luadh?

10 Eifd rium anis, a Dhia nan dùl,
dean tròcair orm is gràs:
Is biofa Dhe t fhear-cuid'idh leam
trà tharlas dhomh bhi 'n sàs.

11 Mo bhròn gu damhfa chaochail thu,
is m'eudach faic faraon
Do fgaoil thu dhiom, is chriofluich mi
le h aoibhneas air gach taobh.

12 Mo ghlòir gu feinneadh dhuitfa cliu,
gun idir bhi 'na tofd:
A Dhia mo Thighearn' bheiream dhuit
mòr-bhuidheachas am feafd.

SAL

A Sadsa, Dhe, ni mise bun;
năir' orm na leig am feasd:
Dean fuasgladh dhomh a' tionnacas
o chrioblaid is o cheist.

2 Do chluas do m'ionnsuidh crom anuas,
is furtaich orm gu dian:
Ad charraig tuinnidh' biosa dhomh,
tigh-tearmuinn chum mo dhion.

3 O's tu a's carraig dhileas dhomh,
's mo dhaighneach laidir treun,
Is uime sin sgà t ainme, Dhe,
treòruich, is stiur mo cheum.

4 Saor as an rib a dh'fholuich iad
buin mis' amach, a Dhe:
Arson gur tus' an ti amhàin
a's neart 's a's treòir dhomh fein.

5 Ad laimhs' amhàin, a Dhia nan dùl,
mo spiorad tiomnam suas:
A Dhia na firinn is mo Thriath,
's tu dh'fhuasgail air mo chruas.

6 Is suath leam iad a bheir sanear
na breuga diomhanach:
Ach dòchas ann an Dia nan gràs
chuir mi gu muinghineach.

7 Ad thròcair biom gu h aoibhneach ait:
oir thug thu, Dhe, fainear
Mo thrioblaid; 's m'anam ann an teinn
bha thusa fiosrach air.

8 Cha d' rinneadh leat mo dhruideadh sunds
an laimh an nàmhaid threin:

An àite fairsing shocruich thu
mo chasan is mo cheum.

9 O ta mi, Dhe, an trioblaid mhoir,
dean tròcair orm gu cas:
Mo shùile, m'anam, is mo bholg
le bròn air seargadh as.

10 Oir chaoidheadh m'anam as le bròn,
's mo bhliadhnai' fòs le caoidh:
Do bhrì mo lochd chaidh as do m' neart,
mo chnàmhan air an claoidh.

11 Mar aobhar fanoid tha mi fòs
do m' eas-cairdibh gu leir,
Gu sonraichte do m' choimhearsnaibh
mar mhasladh tha mi fein.
Is do luchd m'eòlais fòs ataim
am aobhar geilt is fuath:
Gach neach a chi mi air an t'sràid,
a' teicheadh uam gu luath.

12 Mar dhuine marbh air dol a cuimhn';
mar shoitheach briste mi.

13 Oir chualas toibheim mòrain dhaoin';
eagal gach taobh do bhi:
Am aghaidh 'n uair a chruinnich iad
dhealbh iad mo bheatha sgrios.

14 Ach dhiotsa, Dhe, do rinn mi bun;
is tu mo Dhia, deir mis'.

15 Tha m'aimsirean ad laimhsa, Dhe,
orm furtaich agus fòir
O laimh mo naimhdean, is o'n dream
ta leanmhuin orm an tòir.

16 Do ghnûis is t aghaidh dealraicheadh
air t òglach dileas fein :
Air ſgà do ghràſa carthannach,
mo ſhaoradh dean gu treun.

17 Na leig fo nàire mhaſlaidh mi,
a Dhia, oir ghairm mi ort :
Ach nàire biodh air luchd an uilc ;
biodh iad ſan uaigh 'nan toſd.

18 Cuir beil nam breug, a Dhe, 'nan tàmh ;
labhras gu h àrdanach,
'N aghaidh nam firean ſpreigeadh cruaidh,
gu ſpìdeil tailceaſach.

19 Cia meud do mhaith a thaiſg thu dhoibh,
d'an eagal thu faraon ;
'S a rinn thu do na dh'earbas riut,
am fianais chloinn nan daoin' !

20 O àilghios dhaoine ni thu 'n dion,
fo dhiomhaireachd do ghnùis ;
'S am pàilliun fòs o ſtrì nan teang',
ni didein dhoibh 'nan cùis.

21 Dia gu ma beannuichte gu bràth ;
oir dh'fhoillſich e dhomh fein
A chaoimhneas càirdeil iongantach,
an cathair laidir threin.

22 Thubhairt mi 'm dheifir, Scaitht' ataim
o bheachd do ſhùl amach :
Ach chual thu 'n uair a ghlaodh mi riut,
guth m'aſluigh ghearanaich.

23 Gràdhuichibh Dia, O naoimh, air fad :
oir Dia do'n treibh-dhireach

Do ni ſàr-dhion, is diol gu pailt
do'n uaibhreach àilghioſach.
24 Sibhſe a chuir an Dia nan gràs
ur dòchas mar is còir,
Bibh miſneachail, is cuiridh e
neart ann ur cridh' is treòir.

SALM XXXII.

'S Beannuicht an duine ſin a fhuair
'na pheaca maitheanas,
A fhuair le tròcair ſolach air
a chiont' is eaſ-aontas.
2 'S beannuicht an ti nach agair Dia
'na fheachranaibh ni 's mò,
Is ann a ſpiorad fòs nach bheil
claon-chealgaireachd no gò.
3 Ag fantain dhomh gu fad am thàmh,
luidh air mo chnàmhaibh aois
Is b'amhluidh ſin gach là mo chor,
le dol do m'bhùireadh ſuas.
4 Oir ormſa bha do làmh gu trom,
air feadh gach oidhch' is la:
Mo bhrì gu tart an t ſamhrai' theith
air atharracha' ta.
5 Làn-fhoillſich mi mo pheaca dhuit,
nior cheil mi m'aingidheachd:
Nim' aideachadh (thuirt mi) do Dhia,
is mhaith thu cron mo lochd.
6 So fà mu'n guidh riut gach aon naomh,
ſan am am faighear thu:

Gu dearbh an tuil nan uiſgeach mòr,
cha ruig ad air gu dlù.
7 Tha thuſa tionad foluich dhomh,
ni coimhead orm o theinn:
Is nithear leat mo chuartuchadh
le h oran ſaorſa binn.
8 Fior-theagaiſgeam is ſeolam dhuit
am bealach is an t iùl,
San d'thigeadh dhuitſa triall gu ceart:
fin ſeolam dhuit le m' ſhùil.
9 Na bibh mar mhuilidh, no mar each,
na hainmhidhean gun chiall:
Ri 'n cuirear, chum nach d' thig iad ort,
teann-ſparrag ſrein 'nan gial.
10 Is lion-mhor bròn aig luchd an uilc:
ach neach d'am barant' Dia,
Ta thròcair dol m'a thimchioll-ſan
d'a dhidein mar ni ſgia.
11 A dhaoine treibh-dhireach, an Dia
bibh aoibhneach agus ait:
Is deanaibh gairdeachas, gach neach
'g am bheil an cridhe ceart.

SALM XXXIII.

1 Sibhſe ta 'nur fireanaibh
biodh aiteas oirbh an Dia:
Oir 's cubhaidh do na daoine còir
bhi tabhairt cliu do'n Triath.
2 Air clàirſich thugaibh moladh dha:
is air an t ſaltair ghrinn,

Air inneal ciuil nan teuda deich
seinnibh do Dhia gu binn.

3 Is canaibh dha-san oran nuadh:
àrd-seinnibh fonn gun stad.

4 Oir 's ceart a reachd; am firinn fòs
ta oibre deant' air fad:

5 Is ionmhuin leasan còir is ceart:
lion maitheas De gach tir.

6 Rinn focal De na neamh', 's an sluagh
rinn guth a bheil gu leir.

7 Mar thorr ata e carnadh suas,
uisge na fairge mòir:
A' coimhead fòs na doimhne suas,
gu dileas an tigh-stòir.

8 Nis roimh an Tighearna gu mòr
biodh eagal air gach tir;
Is air na dh'aiticheas an saogh'l
biodh ogluidheachd gu leir.

9 Oir labhair Dia, is rinneadh e:
dh'orduich, is chuir air chois.

10 Chuir comhairle nan sluagh air cùl;
is innleachd dhaoin' air ais.

11 Tha comhairle Iehobhah mhòir
gu seasach buan am seasd;
Smuaintean a chridhe mar an ceudn'
o linn gu linn gun cheist.

12 'S beannuicht am fine fin 'g am bheil,
mar Dhia Iehobhah treun;
'S am pobull fòs do roghnuich e
mar oighreachd bhuan dha fein.

13 A

3 Air chloinn nan daoine ſeallaidh Dia,
o neamh nan ſpeur anuas.
4 'S leir dh'a gach neach ſa chruinne-che
o ionad comhnuidh ſhuas.
5 An cridh' air aon-dòigh chumadh leis:
thug e fanear an gniomh.
6 Cha tearuinn Righ le meud a ſhluaigh;
do'n laoch neart mòr cha dion.
7 An t each an comhrag diomhain e,
a dheanamh furtachd leis;
No dheanamh fuaſglaidh ri am feim,
ge mòr a lùgh 'sa threis'.
8 Feuch ſùilean De gu furachair
air a luchd eagail fein.
Is air an droing ſin as a ghràs
ni muinighin gu treun:
9 An anam chum a dhion o'n bhàs,
's o'n ghort an cumail beo.
10 Ar n anam feithidh e air Dia;
ar neart, 's ar ſgia gach lò.
11 Oir ann-ſan ni ar cridh' a ſtigh
ùr-ghàirdeachas gun di:
Is cuiridh ſinn na ainm ro-naomh
ar munighin gu fior.
12 Do thròcair gu robh oirn' gu caomh,
a Thighearna, gach la,
Do reir mar chuir ſinn annad fein
ar dòchas treun do ghnà.

SALM

IEhobhah beannuicheam gu h àrd
gach aimsir is gach trà :
A chliu 's a mholadh ann am bheul
gu h iom-raiteach do ghnà.
2 Is anns an Tighearna ro-threun
ni m'anam uaill is gloir :
Trà chluinneas sud na daoine sèimh
ni'd gairdeachas ro-mhor.
3 Ardaichibh leamsa Dia nam feart,
molamaid ainm le cheil'.
4 Dh' iar mise Dia, chual e, is bhuin
mi as gach gàbhadh geur.
5 Dh' amhairc iad air, is dhealruich iad ;
gun nàire air an gruaidh.
6 Do ghlaodh am bochd, is dh'eisd ris Dia,
is dh'fhuasgail as gach truaigh.
7 Ta aingeal De ag campuchadh
mu'n dream d'an eagal e,
D'am fuasgladh is d'an teasairgin
o'n trioblaidibh gu leir.
8 O blaisibh agus faicibh so,
gur maith 's gur milis Dia :
Am fear sin beannuicht e gu beachd
a dh'earbas as an Triath.
9 Fior eagal De, biodh oirbh, a naoimh :
oir uireasbhuidh no di,
Ni bheil air a luchd eagail-san,
fior-chràbhadh dha do ni.
10 Bidh easbhuidh air na leomhnaibh òg,
is acras air gach leth ;

As

Ach air an dream a dh'iarras Dia
cha cheilear aon ni maith.

1 Thigibh, a chlann, is eisdibh rium:
dhuibh seolam eagal De.

2 Co'm fear le'm b'aill bhi fada beo,
chum maith gu faiceadh e?

3 Coimhid do theanga fein o'n olc,
's o labhairt ceilg do bheul.

4 Seachainn an t olc, is dean am maith:
iarr siochaint, 's lean gu geur.

5 Tha sùile De air fireanaibh,
'sa chluas ri'n glaodh gu fior.

6 Tha gnùis De 'n aghaidh daoi, a chum
an cuimhn' a sgrios a tir.

7 Do ghlaodh na fireana ri Dia,
is dh'eisd e riu gu grad,
Thug furtachd agus fuasgladh dhoibh
o'n amhgharaibh air fad.

8 Do'n mhuintir 'g am bheil cridhe brùit'
ro-dhlù tha Dia gun cheist:
Ni esan furtachd fòs do'n dream
'g am bheil an spiorad brist'.

9 Is lion-mhor triobloid agus teinn
thig air an fhirean chòir:
Ach asd air fad ni Dia nan gràs
a theasairgin fadheòidh.

10 A chnàmhan uile coimh'didh e:
cha'n 'eil a h aon diubh brist'.

11 Ach marbhaidh olc an duine daoi,
is claoidhear e gun cheist:

Is

Is luchd an fharmaid, tha toirt fuath
do dhaoinibh còir is ceart,
Mòr-chiontach fàgar iad 'nan lochd,
di-mhilltear iad gu beachd

22 Anam a mhuinntir fein gu leir
faor-fhuasglaidh Dia gach am,
Cha mhillear idir neach dhiubh fud
chuireas an dòchas ann.

SALM XXXV.

TAgair, a Dhia, ri luchd mo stri;
cuir troid air luchd mo chath'.

2 Glac fein do thargaid, is do sgia,
eirich, dean coghnadh maith.

3 Glac fòs do shleagh, 's air luchd mo thòir
am bealach druid gu teann:
Ri m'anam abair fein mar so,
Is mi do choghnadh ann.

4 Trom-nàir' is masladh gu robh dhoibh
ta 'g iarraidh m'anma bhochd:
Is pilleadh iad le hamhluadh geur,
ta smuainteach' chugam lochd.

5 Biodh iad mar mhuillnein dol le gaoith:
biodh aingeal De 'nan toir.

6 Biodh aingeal De 'g an ruith gu teann,
dorch' sleamhuin biodh an ròd.

7 Oir eangach dh'fholuich iad san dig,
gun aobhar no cion-fà;
Sin chladhaich iad gun chùis air bith,
chum m'anam chur an fàs.

8 Gu

8 Gun fhios, gu d'thigeadh dòrainn air,
is glacar e san lìon
A dh'fholuich e: san dòghrainn cheudn'
tuiteadh e fein gu dian.

9 Ni m'anam gàirdeachas an Dia;
's 'na fhurtachd fòlas mòr.

10 Is their mo chnàmhan uile, Dhe,
Cia choi'-meas riuts' is còir;
Ni teasairgin do'n duine bhochd
o'n neach ta air ro-threun,
An tainnis is am bochd o'n ti
le'm b'àill a chlaoidh gu leir?

11 Luchd fianais bhreige dh'eirich rium:
is cuir iad as mo leth
Na nithe sin, gu h eucorach,
nach b'fhiosrach mi am bith.

12 Olc dhiol iad rium an eiric maith
chum m'anam chur fo leòn.

13 Ach mis', air bhith dhoibh sud gu tinn,
ghabh umam culaidh bhròin:
M'anam le trasgadh dh'ùmhluich mi,
's phill m'urnaigh ann am chrios.

14 Mar charaid, bràth'r, no fear-caoi' màth'r
gu brònach crom ghluais mis'.
Ach chruinnich iad, is bha iad ait,
air bhith dhomh ann an teinn:

15 Gun fhios domh, chruinnich prasean grànndh',
gun tàmh mo reubadh rinn.

16 Le cealgairibh gu fanoideach,
'nam feist' rinn sporsa dhiom,

Do chasadh leo am fiacla rium,
ri magadh orm gu dian.
17 Cia fhad is leir dhuit so, a Dhe:
saor m'anam fein gu cas
O 'm milleadh-san; mo sheirein fòs,
tearuinn o leomhnuidh bras.
18 Làn-bhuidheachas do bheiream dhuit
am measg an tionail mhòir;
'S am measg an tsluaigh trà 's lion-mhor iad
àrd-mholam thu le glòir.
19 Mo naimhde ta gun aobhar rium,
nior robh ac' aoibhneas dhiom:
Do'n dream a thug dhomh fuath gun chùis,
am chaogadh sùl na biom.
20 Oir ann an sith cha'n 'eil an tlachd,
ach ann am beartaibh claon,
An aghaidh dhaoine ciuin na tir,
'gam buaireadh air gach taobh.
21 Gu fairsing dh'fhosguil iad am beul,
is rium, Ha ha, a deir,
Do chi a nis ar sùil an ni
bu mhiannach leinn teachd air
22 Ach chunnaic thusa so, a Dhia,
na bi ad thosd am fheum:
A Thighearn' is a Dhia nam feart,
na fuirich uam an céin.
23 Tog ort, is mosgail chum mo cheairt,
fa m' chùis, mo Dhia, 's mo Righ.
24 Dhia, dean a reir do cheartais breith,
is dhoibh nior b'aoibhneas mi.

35 Nan cridh' na habradh iad riu fein,
Aha, ſe ſud ar miann:
Is fòs na habradh iad a choidhch',
do ſhluig ſinn e gu dian.
36 Biodh orra nàir', is tairngear iad
gu hamhluadh mòr le cheil',
Ata gu ſuilbhir is gu hait,
ri faicinn m'amhghair gheir:
Is biodh iad air an ſgeaduchadh
le maſladh is le nàir',
Tha 'g iarraidh urraim mhòir dhoibh fein
am aghaidhſa gun tàmh.
37 Biodh aoibhneas orra, 's gàirdeachas,
a ſheaſas dhomh mo choir:
Is abradh iad, Mor-chliu gu robh
do Thighearna na gloir,
Ta gabhail tlachd do ſhonas buan
a ſheirbhiſich do ghnà.
38 Is air do chearnas thig mo bheul's
is air do chliu gach trà.

SALM XXXVI.

DEIR eaſaontas an droch-dhuin' ſo
am chridh' is ann am chliabh,
Fior-eagal De am beachd a ſhùl
cha 'n 'eil, is cha robh riamh.
2 Oir ni e brionnal baoth ris fein
do reir mar thaitneas ris,
A chionta gus am foillſichear
mar aobhar fuath d'a ſgrios.

3 Fior-chluaintearachd is eucoir mhòr,
ſud cainnt a bheil gu tric:
Do ſguir e fòs o dheanamh maith,
is leig e dheth bhi glic.
4 Aimhleas 'na leabuidh tha e dealbh;
ſan tſlighe nach bheil maith
'Ga ſhuidheachadh 's 'ga ſhocruch' fein;
ni hoillteil leis beart ſhaith.

5 Do thròcair tha ſna neamhaibh ſhuas,
a Thighearn' is a Dhe:
Gu ruig na neòil is àird' nan ſpeur
lan-ruigidh tfhirinn reidh.
6 Do cheartas mar na ſleibhtibh àrd;
do bhreith mar dhoimhneachd mhòir:
Air duine 's ainmhidh ni thu, Dhe,
deagh-choimhead agus fòir.

7 O Dhia! is priſeil onorach
do chaoimhneas gradhach caoin;
Fo ſgàil do ſge' ni uime ſin,
làn-dòchas clann nan daoin';
8 Le ſaill do theach is t'àrois phailt
ſàſuicheàr iad gu mòr:
As t abhainn làn do ſhòlaſaibh
deoch bheir thu dhoibh r'a hòl.

9 Tobar na beatha ta gu dearbh
agadsa, Dhia nan dùl;
Is ann ad ſholus dealrach glan,
chi ſinne ſolus iuil.
10 Maireadh do chaoimhneas gràidh, a Dhe,
do'n dream chuir eòlas ort:

Is

Is buanaich tionracas faraon
do luchd a' chridhe cheairt.

11 Na leig do chois an ardain bhuirb
am aghaidh teachd, a Dhe,
Is làmh an droch-dhuin' aingidh fòs
gu brath na tulgadh mi.

12 An sin do thuit luchd-deanaimh uilc;
is leagadh iad asios,
Ag diobhail spionnaidh agus lùith,
cha d' thig iad tuille nios.

SALM XXXVII.

LASAN no campar na biodh ort
mu dhaoinibh aingidh olc,
Is na gabh farmad ris an dream
a bhios a' deanamh lochd.

2 Oir amhluidh mar is dual do'n fheur,
glan-sgathar iad gu grad,
Is amhluidh mar na-lusa maoth
crion-seargaidh iad air fad.

3 Cuirsa do dhòchas ann an Dia,
is deanar maitheas leat,
Mar sin sior-mhealaidh tu an tir,
's beathuichear thu gu beachd.

4 Gabh tlachd an Dia, is bheir e dhuit
làn-rùn do chridh' a choidhch'.

5 Do shlighe tabhair suas do Dhia;
earb ris, is bheir gu crìch.

6 Foillsichidh e do chòir 's do cheart,
mar sholus glàn nan trà,

Is amhluidh mar àrd-mheadhon-laoi
do bhreitheanas do ghnà.
7 Gu ſàmhach fan ri Dià nan dùl,
is feith le faighid leis;
An ti 'na ſhligh' a ſhoirbhicheas,
na gabhſa farmad ris;
Fa chùis an ſhir a bheir gu buil
a dhroch-bheart innleachdach.
8 Leig corruich dhiot, treig fearg: chum uilc
na bioſa frionaſach.
9 Oir droch-dhaoin' is luchd deanaimh uilc
glan-ſgathar as gu leir:
Ach lion 'g am bheil an ſùil ri Dia,
buan-mhealaidh iad an tir.
10 Oir feithſa gu fòil re huair bhig,
's an droch-dhuin' ni 'm bi ann:
'S 'na ionad fòs, ma bheir fanear,
cha bhi e fein no chlann.
11 Ach mealaidh daoine ſèimh am feaſd
am fearann is an tir:
Làn-ſholas bheirear dhoibh faraon,
an ſaibhireachd na sìth.
12 Tha 'n taingidh cumadh lochd do'n t faoi
's a' caſadh ſhiacla ris.
13 Ni Dia air fanoid; o's da 's leir
gur dlù air la a ſgrios.
14 Na haingidh nochdaidh iad an lann,
is chuir am bogh' air ghleus,
A leagadh aim-beartach is bhochd,
's a mharbhadh luchd deagh bheus.

15 An

15 An claidhe theid nan cridhe fein,
theid air am bogha claoi'.
16 'S fearr beagan aig an duine chòir,
na saibhreas mòr nan daoi.
17 Oir gairdeana nan droch-dhaoine
mion-bhristear air an cruas;
Ach daoine coir is fireanaich
ni Dia an cumail suas.
18 Air aimsiribh nam fireanach
is fiosrach Dia gun cheist:
An oighreachd is am bunadh fòs,
dhoibh 's maireannach am feasd.
19 Cha chuirear iad gu ruidheadh gruaidh
's an aimsir ghabhuidh olc:
Oir gheibh iad uil' an sàth gu leòr
an làithibh gainne 's gort.
20 Ach sgriosar droch-dhaoin', naimhde Dhe,
bidh iad mar shaill nan uan:
Lan-mhilltear iad is theid dhoibh as
mar dheatach nach 'eil buan.
21 An iasachd gabhaidh daoine daoi,
's cha diol a ris air ais;
Am firean tha e tròcaireach,
is nithear pailteas leis,
22 Oir meud 's a fhuair a bheannachd-san,
sior-mhealaidh iad an tir:
'S an dream a gheibh a mhallachd-san,
lom-sgriosar iad gu leir.
23 Tha Dia ag stiuradh ceumana
an duine naomha chòir:

Is

Is tha e gabhail tlachd is toil
d'a ſhlighe-ſan gu mòr.

24 D'an tarladh dha gu tuiteadh e,
cha tilgear uil' e ſios:
Oir tha an Tighearna le laimh
'g a chumail ſuas a rìs.

25 Bha miſe òg, 's a nis an aois;
is riamh cha'n fhaca mi
'N a dhiobrachan an duine còir,
no ſhliochd ag iarruidh bidh.

26 Sior-thruacant' e, is coinghiollach:
beannuicht' a ſhliochd ata.

27 Seachainn an t olc, is dean am maith,
is comhnuidh gabh gu bràth.

28 Is toigh le Dia ceart bhreitheanas,
a naoimh cha treig e choidhch',
Sior-choimhdear iad: ach ſgathar ſios
droch ſhliochd nan daoine daoi.

29 Mealaidh na fireana an tir;
buan-chomhnuidh ni iad innt'.

30 Thig beul an t ſaoi air gliocas glan,
a theang' air rogha cainnt.

31 Tha lagh a Dhia aſtigh 'na chridh;
cha ſleamhnuich uaidh' a cheum.

32 Tha 'n droch-dhuin' feitheamh air an t ſaoi,
d'a mharbhadh is d'a theum.

33 Cha 'n fhàg an Tighearn' e 'na laimh
a dheanamh air droch-bheairt,
Cho'n fhàgar ris e ann am binn'
trà chuirear e fo cheairt.

34 Feith

4 Feith thus' air Dia, is gluais 'na ròd.
is arduichear leis thu
An tir gu meal thu, is droch-dhaoin'
'g am milleadh chi do shùil.

5 An duine malluicht chunnaic mi
an neart, 's an inbhe mhòir,
'Ga sgaoileadh fein amach mar chraoibh
ag fàs gu dosrach ùr.

6 Ach chaidh e seach, is seuch cha robh:
dh'iarr, is cha d' fhuaras e.

7 Amhairc is seuch gur sìth is crioch
do'n duine dhireach reidh.

8 Ach sgriosar luchd an eas-aontais,
is theid dhoibh as faraon:
Di-mhilltear agus sgathar sios
crioch dheireannach dhroch-dhaoin'.

9 Ach furtachd fhior nam firean sòs,
thig sin o Dhia nan dùl:
Is anns an aimsir thrioblaidich,
's e 's barant' air an cùl.

10 Thig treis' is furtachd chuc' o Dhia,
le fuasgladh an deagh-am:
Saorar leis iad o dhaoinibh olc,
o chuir iad muinghin ann.

SALM XXXVIII.

O Thighearn', ann ad chorruich mhòir
na cronuich mi gu garg,
Na dean mo smachduchadh gu geur
an uair a lasas t fhearg.

2 Oir tha do ſhaighde guineach geur
sàitht' annam fein gu dlù :
Is orm ata do làmh gu trom,
gam leagail anns an ùir.

3 Cha 'n 'eil maoin fallaineachd am fheòil,
ar ſon do chorruich gheir :
Am chnàmhaibh cha'n 'eil tàmh no fois,
ar ſon mo pheacaidh fein.

4 Oir chaidh mo pheacaidh os mo chionn ;
ta'd orm nan eire thruim.

5 Mo chreuchda ta ro-lobhta, 's breun,
mo ghòruich 's coireach rium.

6 Tha mi gu cràiteach, ea-ſlan, crom,
a' triall gach la le bròn.

7 Mo leaſraidh làn do ghalar gràndh' :
gun ſhallaineachd am fheòil.

8 Taim lag is brùit' : ag bùireadh fòs
trid mi-ſhuaimhneas mo chridh'.

9 Ad lath'r, a Dhe, tha m'uile mhiann ;
ni'm foluicht' ort mo chaoidh.

10 Mo chridhe ta ſior-phloſcartaich,
mo neart dh'fhàg mi gu glan :
An taic ri fradharc geur mo ſhùl,
ſin agam fòs cha d' fhan.

11 Tha luchd mo ghaoil 's mo chairde caomh
ag ſeaſamh fad o m'bheum,
Mo choimhearſnaich is luchd mo phàirt
ag teicheadh uam an cein.

12 Sealg orm ata luchd iarraidh m'anm' :
luchd iarraidh m'uilc a ghnà ;

13

14

15

16

17

18

19

20

21

22

A

Ag labhairt nithe aimh-leasach,
's a' smuainteach' ceilg gach la.
13 Ach mise, amhuil bodhar mi
nach cluinneadh guth no sgeul;
Is cosmhuil mi ri duine balbh
gun chomas fosglaidh beil.
14 Mar sin mar dhuine mi nach cluinn,
gun achasan 'na bheul.
15 Oir dh'earb mi riut, a Dhe, mo Thriath:
Dhia, freagraidh tus' am sheum.
16 Oir (thuirt mi) Chum nach maoidheadh iad,
thoir freagra dhomh gu cas;
A chum nach deanadh iad gairdeachas
tra shleamhnaicheas mo chas.
17 Oir 's dlù chum claonaidh mi, 's mo bhròn
am shianais tha do ghnè.
18 Mo lochd do innseam, is so m'chiont',
mòr aimheal orm ata.
19 Ach 's lionmhoire na gruag mo chinn
mo naimhde gun chion-fà;
Seadh 's lionmhoir' iad na m' shuilteinibh
gun aobhar, air gach laimh.
20 'S iad sin a's naimhde dhomh gu fior,
luchd-diolaidh maith le h olc:
Arson gu bheil mi leanmhuin air
an ni ta maith gun lochd.
21 Na treig mi, Thighearna: mo Dhia
na biosa uam an cein.
22 Dhia, greas a chum mo chuideachaidh,
o 's tu mo shlàinte fein.

SALM

THubhairt mi, Bheir mi fein fanear
mo shlighe; 's ni mi fòs
Mo theang' a choimhead mar le srein,
air bhith do'n daoi am choir.

2 Dh'fhan mi gu tosdach balbh am thàmh
o'n ni sin fein bu mhaith,
Mhosgail mo thrioblaid is mo bhròn
annam gu mòr a stigh.

3 Air bhith dhomh smuainteach' tric mar so,
do ghabh mo chridhe teas.
Do las an teine: is mar so
le m' theangaidh labhair mis.

4 Thoir fios, a Dhe, dhomh air mo chrich,
tomhas mo la ciod e:
Gu faighinn eòlas agus fios
cia h anfhann gearr mo re.

5 Feuch rinn thu mar leud bois' mo làith'
mar neo-ni agad m'aois:
Gach neach d'a sheabhas, e gu fior
's ni diomhanach gun phris.

6 An samhlugh' breig' a' siubhal fòs
gach duine ta gu dearbh:
Gun suaimhneas te'd gam buaireadh fein
an diomhanas gun tairbh';
Ag torradh nithe, 's cur le cheil'
mor-bheartais air gach dòigh,
Gun fhios co 'n toighre chruinnicheas,
no mhealas iad sadheòidh.

7 Ciod 'nis yi 'm feitheam fein, a Dhe?
mo dhòchas dhiot do niom.

8 Saor

8 Saor mi o m' uile lochd: 's na dean
ball-maſſaidh an-daoin' dhiom.
9 Dh' fhan mi am thoſd, gun fhoſgladh beil,
o's leatſa rinneadh e.
10 Tog dhiom do bhuille; Dhe: le beum
do laimhſa chlaoidheadh mi.
11 Tra chronuichear leat neach m'a lochd,
mar chnuimh theid as d'a ſhnuadh.
Gu dimhin fein 's fior-dhiomhanas
gach duin' air bith do'n t ſluagh.
12 Dhia, eiſd ri m'urnaigh', is ri m'ghlaodh,
ri m' dheoir ad thoſd na bi,
Oir coigreach agad, is fear-cuairt,
mar m'aithribh uile mi.
13 Dhia coigil agus caomhain mi,
gu faighinn neart ri m' bheo,
Mun d'theid mi thart' ag dol do'n eug,
's nach bithinn ann ni 's mò.

SALM XL.

DH'fheith mi le faighid mhaith ri Dia,
chrom chugam, dh'eiſd mo ghuth.
2 Is thug e a ſlochd uamhuinn mi,
a clàbar criadha tiugh,
Air carraig chomhnaird chuir mo chas,
mo cheum do ſhocruich e.
3 Is oran nuadh do chuir am bheul,
gu b'e ſud moladh Dhe:
Chi mòran e, 's fo eagal bidh,
is earbaidh iad a Dia.

4 'S beannuicht an duine sin gu dearbh
ni dòchas as an Triath,
Is nach gabh tlachd no toil air bith
do luchd an àrdain mhòir,
No fòs do'n droing a theid a thaoibh
gu ceilg, le saobhadh glòir.

5 Is lion-mhor t oibre iongantach,
a Thighearn' is a Dhe,
'S do smuaintean oirn': ni àirmhear iad
an ordugh dhuit gu reidh:
Na'n cuirinn iad ann ceill gu mion,
no fòs na 'n innsinn iad,
An aireamh rachadh thar mo neart,
ag lion-mhoireachd is meud.

6 Ofrail ni miann no iobairt leat,
dh' fhosgail thu fein mo chluas:
Lochd-iobairt agus iobairt loisgt'
cha d' iarr thu dhuit chur suas.

7 An sin a dubhairt mise, feuch,
anis ata mi teachd:
An ròl' an leabhair ormsa fòs
sud sgriobhta tha gu beachd:

8 'S e sud mo thlachd 's mo mhiann, a Dhe,
do thoil gu deanta leam:
Do reachd gu dearbh ata gu buan
am chridh' a stigh, 's am chom.

9 Air t fhireantachd sa choimne mhòir,
a Dhe, do rinn mi sgeul:
Oir feuch, a Dhe, mar 'e aithne dhuit,
nior chaisg mi fein mo bheul.

10 D'fhirinn am chridhe cha do cheil,
do dhilseachd chuir mi'n céill; [ceaomh
Do shlàint', 's do chaoimhneas cinnteach
o 'n tsluagh nior cheil mi fein.

11 Do thròcair chaomh na cumsa uam,
a Thighearna gu bràth,
Do chaoimhneas gradhach, tfhirinn fòs
do m' choimhead fein do ghnà.

12 Oir is do-aireamh iad na huilc
ta 'g iadhadh orm mu 'n cuairt,
Do ghlac mo pheacaidh mi co theann
's nach feud mi fealtuinn fuas.
O's lion-mhoir' iad no falt mo chinn,
do threig mo chridhe mi.

13 Dhia, gu ma toil leat furtachd orm,
grad-chuidich leam, a Dhe.

14 Biodh nàir' is amhluadh dhoibh faraon
do m'anam dh'iarras claoidh:
Ruaig orr' air ais, is ruidheadh gruaidh,
le 'm b'àill mo chur gu di.

15 Gun àird gun àiteach' gu robh iad,
mar thuarasdal d' an nàir',
A thubhairt rium gu fanoideach,
Aha, aha, le gàir'.

16 Aoibhneas is aidhear do gach neach,
ga d'iarraidh fein a ta:
Is abradh iad le'n toigh do shlàint',
Dia gu ma mòr do ghnà.

17 Ach mis' ge bainnis bochd ataim,
do smuaintich' orm an Triath:

M'fhear cobhair thu, 's mo ſhlànuighear;
maille na dean, a Dhia.

SALM XLI.

'S Beannuicht an duine bheir gu glic
fainear an duine bochd,
An uair a thrioblaid is a theinn
bheir Dia e ſaor o'n olc.

2 Ni Dia a dhion, 's a chumail beo,
is beannuicht e ſan tir:
Gu toil a naimhde mi-runach
na tabhair e gu ſior.

3 Air leab' a thinneis iarganaich
bheir Dia dha neart is treoir:
A leaba ni thu dha air fad
ri ham a thinneis mhòir.

4 Thubhairt mi, Deanſa tròcair orm,
a Thighearna 's a Dhe:
Is leighis m'anam ea-ſlan bochd,
oir taghaidh pheacuich mi.

5 Tha 'n dream ſin a's ſior-naimhde dhomh
ag labhairt orm le beum:
O c'uin a ſgrioſar ainmſan as,
's a theid e ſios do'n eug.

6 Ma thig e m'amharc, labhraidh e
caint dhiomhanach le bheul:
Ta chridh' ag torradh nimh' a ſtigh,
's a muigh ag deanamh ſgeil.

7 Sior-chogarſaich an cluais a cheil'
luchd m'fhuath a ta air fad;

Ag

A' ſmuainteachadh 's a' cumadh lochd
am aghaidh fein gun ſtad.
8 Droch thinneas (deir iad) tha gu dlù
ag leantuin ris r'a bheo:
Nis air bhith dha 'na luidh' gu tinn,
cha'n eirich e ni 's mò.

9 Am fear bu charaid dileas domh,
ri 'n earbuinn gach ni b'aill,
'S a chealaich m'aran air mo bhòrd,
am aghaidh thog e ſhàil.
10 Ach thusa, Dhe, dean tròcair orm,
is tog mi rìs an àird,
Gu tugainn codhail chuimſeach dhoibh,
is comain cheart gun dàil.

11 Trid ſo is fioſrach mi gu beachd
gur ionmhuin leatſa mi:
Ar-ſon nach d'thug mo naimhde buaidh,
's nach d'rinneadh leo mo chlaoi'.
12 Ach miſe, ann am ionracas
's tu ſheaſas mi do ghnà:
Am fianais fòs do ghnùis, a Dhe,
ga m' ſhocruchadh gu bràth.

13 Iehobhah, Dia cloinn Iſraeil,
beannuicht gu robh e fein,
O aois gu h aois gu ſuthain ſior,
Amen agus Amen.

SALM XLII.

MAR thogras fiadh na ſruthain uiſg'
le bùireadh àrd gu geur,

Mar sin tha m'anam ploscartaich
ag eigheach riuts', a Dhe.

2 Tha tart air m'anam 'n geall air Dia,
's ann air an Dia ta beo:
O c'uin a bheirear mi na lath'r,
an lathair Dhia na gloir'!

3 Gach la is oidhch' is iad mo dheòir
is cuibhrionn domh 's is biadh:
An uair a deir iad rium do ghnà,
ca bheil anis do Dhia?

4 Tha m'anam air a dhòrtadh mach
tra chuimhnicheam gach ni;
Oir chaidh mi leis a' chuideachd mhòir,
dol leo gu teampull De:

Seadh chaidh mi leo le gàirdeachas
is mòladh fòs le cheil',
S' ann leis a' chuideachd sin a bha
ag coimhead làithe feill'.

5 O m'anam! com' a leagadh thu
le diobhail misnich sios?
Is com' am bheil thu 'n taobh stigh dhiom
fo thriobloid is fo sgios?

Cuir dòchas daingean ann an Dia,
oir fathasd molam e
Ar son na furtachd is na slàint'
thig dhomh o eudan reidh.

6 Thuit m'anam annam sios, a Dhe,
ghrad-chuimhnich mi 'n sin ort
O thalamh Iordain, Hermoin àird,
o Mhisar fòs an cnoc.

7 Le

7 Le fuaimneach tfheadan uiſg', a Dhe,
'ta doimhn' air dhoimhne gairm:
Do ſhùmainneadh, 's do thonnan àrd
dol tharam tha le toirm.

8 Orduichidh Dia d'a ghràſaibh dhomh
a chaoimhneas anns an lo:
San oidhche ni mi guidhe 's ceòl
ri Dia a chum mi beo.

9 Mo charraig, com 'a threig thu mi?
ri Dia a deiream feiń:
Is com' am bheil mi triall fa bhròn,
bhri' fòirneart m'eaſ-cair' threin?

10 Mar lann am chnàmhaibh, m'eaſ-cairde
toirt toibheim dhomh ata:
'Nuair their iad rium gu ſanoideach,
ca bheil do Dhia? gach la.

11 O m'anam com' a leagadh thu,
le diobhail miſnich fios?
Is com' am bheil thu 'n taobh ſtigh dhiom
fo aimheal is fo ſgios?
Cuir dòchas daingean ann an Dia;
oir molam e do ghnà,
O ſe a's ſlàinte do mo ghnùis,
is ſe mo Dhia gu bràth.

SALM XLIII.

CUM cothrom rium, is tagair fein
mo chùis, o'n fhineach olc,
O'n eucorach, 's o fhear na ceilg;
Dhe, ſaorſa mi o'n lochd.

2 C'arſon a thilg thu miſe uait?
'ſ gur tu mo Dhia 'ſ mo threòir;
C'arſon bhrì fòirneart m'eaſ-caiſde,
an ſiubhlam fein ſo bhròn?

3 Dhia, tfhirinn is do ſholus glan
leig chugam ſud amach:
Do m' ſheoladh chum do thulaich naomh',
'ſ mo thabhairt chum do theach.

4 'N ſin racham ionnſuidh altair Dhè,
an Dia ſin m' aoibhneis mhòir;
Air clàrſaich bhinn do mholam thu,
O Dhia, mo Dhia na glòir.

5 O m'anam, com' a leagadh thu
le diobhail miſnich ſios?
Is com' am bheil thu 'n taobh ſtigh dhiom,
fo aimheal is fo ſgios?
Cuir dòchas daingean ann an Dia;
oir molam e do ghnà,
O ſe a's ſlainte do mo ghnùis,
'ſ gur e mo Dhia gu bràth.

SALM XLIV.

LE'R cluaſaibh chuala ſinn, a Dhe,
ar ſinnſir chuir an ceill
Na gniomhara do rinneadh leat
nan aimſir, fad o chein.

2 Le d' laimh mar thilg thu mach na ſlòigh,
is iadſan chuir nan àit:
Mar rinn thu air na cinnich claoidh,
'gan tilgeadh as do lath'r

3 Oir ſealbh ſan tìr cha d'fhuair do ſhluagh
le'n claidhe no le'n loinn,
Ni mò a rinn an gàirdean fein
an teaſairgin nan teinn:
Ach deas-lamh Dhia thug dhoibh a bhuaidh.
do ghairdean neart-mhor treun,
Is ſolus glan do ghnùis, a chionn
gu d'thug thu dhoibhſan ſpeis.

4 O's tuſa fein, a Dhia nam feart,
mo Thighearn' is mo Righ:
Furtachd do Iacob orduich uait,
is fuaſgail air gun dì'.

5 'S ann trid do neartſa leagar ſios
na huile 's naimhde dhùinn:
Trid tainmſa ſaltraidh ſinn gu làr
an dream a dh'eireas ruinn.

6 Oir as mo bhogh' cha dean mi bun,
cha 'n fhurtachd dhomh mo lann.

7 Ach 's tuſa nàraich luchd ar fuath,
o'r naimhdibh chuidich leinn.

8 Air feadh an laoi 's ann ann an Dia
a ni ſinn uaill is glòir:
Is tainmſa fòs air feadh gach linn
àrd-mholaidh ſinn gu mòr.

9 Ach rinn thu nis ar tilgeadh dhiot,
is nàraich thuſa ſinn;
'S amach le'r narmailtibh 's le'r feachd
cha'n 'eil thu fein dol leinn.

10 Gu teicheadh chuir thu ſinn air ais
o'n nàmhaid gheur fa chath:

Is

Is luchd ar mi-ruin tha dhoibh fein
a' deanamh creich' is sgath'.
11 Mar chaoirich thug thu sinn nar biadh;
measg fhineach sgaoileadh sinn.
12 Reic thu do phobull fein gun fhiach,
's gun mheud air maoin d'an ceann.
13 Do rinn thu toibheim dhinn gu truagh
d'ar coimhearsnaibh gu leir;
Ball-abhachd do na bheil m'an cuairt,
's ball-magaidh mar an ceudn'.
14 Am measg nan Geintileach air fad
gna-fhocal rinn thu dhinn:
'S am measg a' phobuill anns gach àit
'n ar n aobhar crathaidh cinn.
15 Tha m' amhluadh is mo mhasladh geur
am fhianais fein do ghnà,
Rinn nàir is ruidheadh fòs mo ghruaidh
m'fholach gu truagh gach la.
16 'S e sin mo chor thaobh guth an fhir
a chàineas mi gu h'olc,
'S a spreigeas mi: 'sa thaobh an nàimh,
's an dioghaltaich gu lochd.
17 Sud uile ge do thainig oirn,
nior dhearmaid sinne thu;
Cha d'rinn sinn breug no briseadh claon
'n aghaidh do chùnraidh dhlù.
18 Cha d' aom ar n aigneadh uaitse riamh,
ar cridh' cha deach' air cùl:
O d' shlighe cha do chlaon ar cos,
's cha deach' air seachran iuil.

19 I

19 Is ge do phronn thu sinn gu mion
mar uabheistean an sàs,
Is ge do dh'fholuich thusa sinn
le sgàil' is dùbhar bàis.

20 Ma 's e gur leig sinn as ar cuimhn'
ainm uasal àrd ar Dia,
No gu dia eile coimheach breig'
ar lamh ma shìn sinn riamh:

21 Nach rannsuich Dia so fein amach?
oir aige ta làn-fhios
Air diomhaireachd a' chridhe stigh,
gach car a t'ann is cleas.

22 Oir, air do shonsa mharbhadh sinn
air feadh an la gu leir,
'S mar chaoirich tha sinn air ar meas,
a chasgaireadh gu geur.

23 Mosgail, c'arson an coidleadh tu,
Dhia, fairich as do shuain,
Gu bràth na tilgse sinn amach,
na trialisa fada uainn.

24 Ciod uim' am foluich thu do ghnùis?
ciod uim' an dearmaid thu
Ar n àmhghar, is ar n eigin mhòr
air iadhadh oirn gu dlù?

25 Oir chrom ar n anam sios do'n ùir,
ar brù ri talamh theann.

26 Ad thròcair eirich, cuidich leinn,
is furtaich oirn san am.

SALM

DEAGH aobhar orain naoimh is ciuil
ag deachdadh ta mo chridh':
Is labhram air na nithibh sin
do rinn mi fein m'an Righ:
Mar pheann an laimh fir-sgriobhaidh dheis,
a chuireas sios gu luath,
Is amhluidh sin, mo theanga ta
air t onoir àird ag luadh.

2 Is maisich' thu na clann nan daoin':
gràs dhoirteadh ann ad bheul:
Is air an aobhar sin rinn Dia
do bheannachadh gach ial.

3 Deasuich do chlaidhe air do leis,
o thus' a ghaisgeich mhòir:
Le d' chumhachd is led' mhòralachd,
le greadhnachas is glòir.

4 Bhri firinn, suairceis, agus ceirt,
marcuich gu buadhach àrd,
Is nithe uath-mhor teagaisgidh
do dheas-lamh dhuit 's gach àit.

5 Rachadh do shaighde geur gu cridh'
gach eas-caraid an Righ:
Trid sin am pobull tuitidh fùd,
is nithear leat an claoidh.

6 Gu suthain is gu siorruidh ta
do chathair àrd, a Dhe:
Slat-shuaicheantais do Rioghachd mhòir
is slat ro chothrom i.

7 O's ionmhuin leatsa còir is ceart,
is thug thu fuath do'n olc,

Os-cionn do chompanach chuir Dia,
do Dhias' òl' aoibhneis ort.

8 Do'n Alós, Mhirr, is Chasia
o teudach boladh theid:
Leo sud do chuir iad aoibhneas ort,
o d' lùchairt geal mar dheud.

9 Am measg do mhnathan onorach
'ta Nigheana nan Righ:
'S an òr na h Ophir air do dheis
do bhan-riogh seasaidh i.

10 A nighean eisd is amhairc fòs,
is cromsa sios do chluas:
Tigh tathair, is do mhuintir fein
na cuimhnich as so suas.

11 Gabhaidh mar sin an Righ làn-toil
do d' àille thlachd-mhoir fein;
O 's e do Thighearn' is do Thriath,
thoir urram dh'a is geill.

12 Thig Nighean Thiruis chugad fòs
le tiolaca gu tric,
'S na daoine saibhir tha nam measg
ag aslugh' gràis is iochd.

13 Nighean an Righ gu dearbh a stigh
tha uile làn do ghlòir:
Tha culaidh eudaich uimpe fòs
air oibreachadh le hòr.

14 Am brot do obair ghréis le snàith'd
bheirear i gus an Righ:
Thig chugad luchd a coimheadachd,
's a maighdeana 'na deigh.

15 Theid iad gu cùirt an Righ a fteach,
ait, aoibhneach bheirear iad.
16 Ar-ſon do ſhinnſir bidh do chlann,
mar phrìonnſuidh anns gach àit.
17 Tainm glòr-mhor do gach linn a thig,
air chuimhne cuiridh mi.
Is amhluidh bheir am pobull duit
àrd-mholadh feadh gach re.

SALM XLVI.

SE Dia is tearmunn dùinn gu beachd,
ar ſpionnadh e 's ar treis.
An aimſir carraid agus teinn
ar cobhair e ro-dheas.
2 Mar ſin ge d' ghluaiſt' an talamh trom,
ni haobhar eagail duinn:
Ge d' thilgteadh fòs na ſleibhte mòr
am builſgein fairg' is tuinn'.
3 Na huiſgeacha le beucaich bhuirb,
ge d' rachadh thar a cheil':
Le'n ataireachd ge d' bhiodh air chrith
na beanntaidh àrd gu leir.
4 Ta abhann ann, le ſruthaibh ſeimh,
ni cathair Dhia ro-ait;
Fior-àite naomh' an ti a's àird'
am bheil ſior-chomhuidh aig'.
5 Tha Dia 'na meadhon innt' a ſtigh;
mar ſin cha ghluaiſear i;
Oir cuideachadh is coghnadh lè,
's e Dia gu moch a ni.

6 Na ſloigh ghabh boile agus ghluais
na Rioghachda gu cas:
Air cur do Dhia a ghuth amach,
do leagh an talamh as.

7 Leinne tha Dia nan ſluagh do ghnà:
Dia Iacob 's tearmunn dùinn.

8 Thigibh, is feuchaibh oibre De,
gach ſgrios air talamh rinn.

9 Gu hiomall fòs an domhain mhòir
an cogadh ni e choſg:
Am bogha bhriſt, an t ſleagh do ghearr,
an carbad cogaidh loiſg.

10 Bibh sàmhach, 's tuigibh gur mi Dia:
àrduichear mi gu fior
Am meaſg nan ſluagh, biom onorach
air feadh gach uile thir'

11 Tha Dia nan ſluagh ri coghnadh leinn,
's an comhnuidh air ar crann:
Se Dia ud Iacob 's tearmunn duinn,
d'ar furtachd anns gach am.

SALM XLVII.

BUailibh ùr baſan, uile ſhloigh,
ta chomhnuidh anns gach àit:
Le guth 's le gàirdeachas do Dhia
ſuas togaibh iolach àrd:

2 Oir Dia ro-àrd is uamhunn e
Righ mòr oſ-cionn gach tir'.

3 Am pobull cuiridh e fa'r ſmachd,
fa'r cois na flòigh gu leir.

4 Mar oighreachd, morachd Iacob ud,
(d'an d' thug e gradh) dhuinn thagh.
5 Chaidh Dia le buaidh-chairm ard aſuas,
le trompaid 's fuaimneach bladh.
6 Seinnibh do Dhia, ſeinn moladh: ſeinn
d'ar Righ, ſeinn moladh binn.
7 O's Righ Dia mòr oſ-cionn gach tir',
ſeinn d'a gu heòlach grinn.
8 Tha Dia 'na ſhuidh' 'na chathair naomh:
ſe's Righ air finibh ann.
9 Prionnſuidh nan ſluagh do chruinnich iad
pobull De Abraham;
Ar-ſon gur le Iehobhah 'mhàin
ſgia dhidein do gach tir:
Se fein is àird' 's is urramaich,
's dha dlighear moladh fior.

SALM XLVIII.

IS mòr Iehobhah Dia nam feart,
an cathair àird ar Dia.
Is air ſliabh àrd a naomhachd fein,
ion-mholta choidhch' an Triath.
2 Beinn Shioin 's breagh' a ſuidheachadh,
aoibhneas gach fearainn i,
Is dlù dhi air an taobh mu thuath,
tha cathair an Aird-Righ.
3 Aithnichear Dia na luchairtibh,
mar thearmunn anns gach airc.
4 Oir feuch, trà bha na Righre cruinn,
le cheile ghabh iad thart'.

5 Chun-

5 Chunnaic iad ſud, is b'ioghna leo,
le cabhaig dheifrich as.
6 Ghlac eagal iad an ſin, is pian,
mar mhnaoi ri ſaoth'r, gu cas.
7 Cabhlach Tharſis le gaoith an ear,
min-bhriſtear leat gu luath.
8 Mar chuala's amhluidh chunnaic ſinn
am baile Righ nan ſluagh,
Am bail' ar Dia: 's e Dia gu bràth
ni daingean e le neart.
9 Ad theampull, air do chaoimhneas caomh,
Dhia ſmuaintich ſinn gu ceart.
10 Mar tainm, is amhluidh ſin do chliu,
gu crich na talmhain ta:
Do dheaſ-lamh làn do ſhireantachd,
Dhia, anns gach beart do ghnà.
11 Beinn Shioin gu ma h aoibhin i,
is Nighean Iudah ait,
Ar-ſon do bhreitheanais, à Dhe,
ta cothromach is ceart.
12 Siubhlaibh mu thimchioll Shioin naomh',
mu'n cuairt di air gach taobh:
Airmhibh a-baideala gu dlù,
's a turaite gach aon.
13 Thugaibh fainear a bàbhuin bhreagh',
's a caſteil àrd le beachd;
Chum ſin gu cuireadh ſibh ann ceill
do'n àl ata ri teachd.
14 Oir 's e an Dia ſo fein ar Dia
gu ſiorruidh is gu bràth:

'S e fòs a ſtiuras ſinn gu ceart
gu huair is am ar bàis.

SALM XLIX.

EIſdibh ſo gach uile ſhluagh,
na bheil ſa chruinne-che:
2 Is cluinnibh eadar mhòr is bheag,
ma 's bochd no beartach e.
3 Air tuigſe ſmuaintichidh mo chridh',
air gliocas thig mo bheul.
4 Aomaidh mo chluas gu parablaibh:
nochdam caint dhorch' air teud.
5 Droch laithean com' am b'eagal leam,
gu cuirinn iad an ſuim,
Mòr-aingidheachd is lochd mo ſhàl
trà' dh'iadh iad orm gu cruinn?
6 Na daoine ſin nan ſaibhreas mòr
ta deanamh dòigh is treis',
Is ann an lion-mhoireachd an ſtòir
ata ro-bhòſtail leis.
7 A bhràth'r cha 'n fhuaſgail neach dhiubh ſud
a gàbhadh no a pein,
A thabhairt éric as do Dhia
ni fheudar leis 'na fheum:
(8 Oir ſaors' an anma 's priſeil e,
ſguiridh e 'm feaſd gu beachd:)
9 Gu maireadh e gu ſiorruidh beo,
's nach faiceadh truaillidheachd.
10 Oir chi e fòs na daoine glic,
's an dream air dhiobhail ceill,

'S na hùmaidh', fàgail tòic do chàch,
is faghail bàis iad fein.

11 'S e 'n ſmuainteachadh gu mair an tigh,
's an comhnuidh feadh gach re,
Ag tabhairt air am fearann ainm
do reir an ainme fein.

12 Gidheadh, an duin' an onoir mhòir,
cha mhair e ann gu buan:
Ach amhluidh mar an tainmhidh truagh,
chum bàis a ſhiubhlas uainn'.

13 An ſlighe ſud ge gòrach i,
taitnidh an caint r'an ſliochd.

14 Mar chaoirich dol ſan uaigh ata'd,
nam biadh do'n bhàs gun iochd:
Na fireanaich gheibh os an ceann
àrd-uachdranachd gu moch,
'S nan comhnuidh ſeargaidh anns an uaigh
an àilleachd is an dreach.

15 Bheir Dia do m'anam fuaſgladh ſaor
o chumhachd bais is uaigh,
Oir gabhaidh e mi chuige fein,
ga m' theaſairgin le buaidh.

16 An uair a nithear ſaibhir neach
na glacadh faitchios thu;
'S an tam a chinneas gloir a theach,
na cuireadh ſud ort tnù.

17 Oir 'n uair a ſhiubhlas e do'n eug
aon ſeud cha toir e leis:
'S an uair a theid ſe ſios do'n uaigh,
a ghlòir cha lean i ris.

18 Seadh anam fein ge d'bheannuich e
am feadh a bha e beo.
'S thusa, ma ni thu maith dhuit fein,
o dhaoine gheibh thu gloir.
19 Gu h àl a shinnsir siubhlaidh e,
solus cha'n fhaic gu bràth.
20 An duin' an onoir, 's e gun chiall,
mar ainmhidh e gheibh bàs.

SALM L.

LAbhair an Dia Iehobhah treun,
an talamh ghairm gu leir,
O'n àird an ear gu h àird an iar,
o eiridh gu luidh' grein.
2 A Sion àrd, a's soirse mais',
do dhealruich Dia nam feart.
3 Oir thig ar Dia, 's cha bhi 'na thosd,
ach labhruidh e le neart:
Theid teine millteach ro' a ghnùis,
ag lasadh suas gu garg;
'S m'a thimchioll-san gu doinionnach,
bidh e 'na chaoiribh dearg'.
4 Air talamh, is air neamh nan neul,
ard-ghairmidh e gu treun,
Gu tugadh e ceart-bhreitheanas
air uile phobull fein.
5 "Do m' ionnsuidh cruinnichibh mo naoimh
is tionailibh an dream
A rinn gu dileas is gu dlù
le hiobairt, cùmhnant leam."

6 A cheart-ſan, do ni neamh nan neul
a chur an ceill 'na am:
Or ſe Iehobhah fein gu beachd
is aon àrd-bhreitheamh ann.

7 Mo phobull Iſraeil, eiſdibh rium,
is labhraidh mi gu ceart:
A' taghaidh togam fianais fhior,
's mi Dia, do Dhia gu beachd.

8 Mu tofrailibh ni agram thu,
no fòs mu tiobairt loiſgt,
Arſon nach d'thug thu iad do ghnà
's nach d'fhuaras iad gun fhois.

9 Oir as do thigh cha ghabhainn uait
mar iobairt biorach bò,
'S cha ghabhainn gabhar fhirionn fòs,
mar ofrail as do chrò.

10 Gach ainmhidh beo d'am bheil an coill'
is leamſa fin gu leir,
'S na huile ſpreidh air mhile cnoc,
'ta 'g ionaltradh air feur.

11 An eunlaith 's aithne dhomh air fad
ta 'g itealaich feadh bheann:
'S leam gach fiadh-bheathach uile fòs
feadh gharbhluich agus ghleann.

12 Geur-ocras d'am biodh orm no gort,
cha chuirinn duits' an ceill,
O's leam an domhan m'an iadh grian,
is na bheil ann gu leir.

13 Fuil ghabhar 'n e gu 'n òlainn uait,
feòil tharbh an ithinn i?

14 Ioc iobairt bhuidheachais do Dhia,
's do mhòidean do'n Ard-Righ.
15 An la do thrioblaid is do theinn,
gair orm an ſin gu ceart:
Ort fuaſglam, is bheir thuſa glòir
do m'ainms' a chuidich leat.
16 Ach ris an droch-dhuin' labhruidh Dia,
Mo ſtatuin chur ann ceill
Cha bhuineadh dhuit, do ghabhail fòs
mo chùmhnaint ann ad bheul.
17 Do m' achaſan o thug thu fuath,
's an ſpeis riamh e nior chuir;
Ach thilg mo bhriathran air do chùl,
'g an diùltadh uam gu tur.
18 Tra chunnaic thu an gadaich dàn,
dh'aontuich thu leis 'na olc,
'S le luchd an adhaltrais a rìs
b'fhear-comuinn thu nan lochd.
19 Do theanga thug thu chumadh breig,
chum uilc thug thu do bheul.
20 Do d' bhràthair, ſhuidh thu thabhairt guth,
's do mhac do mhàthar beum.
21 Na nithes' uile rinneadh leat,
is dh'fhanas dhiot am thoſd:
Is ſhaoil thu mar ata thu fein
gu b' amhluidh mi gach achd:
Ach cronuicheam do pheacaidh dhuit,
a' tamharc cuiream iad;
A chum gu faiceadh do dha ſhùil
nach folchar ormſa beud.

22

22 O fibhs' a dhream nach cuimhnich Dia,
nis tuigibh fo 'na am;
Mun dean mi liodairt oirbh gu cas,
gun neach d'ar furtachd ann.
23 An ti bheir iobairt molaidh uaidh,
fe fin bheir dhomhfa glòir:
Oir nochdam flàinte Dhe do'n fhear
a ghluaiſeas mar is còir.

SALM LI.

DEAN tròcair orm, a Dhia nan gràs,
gu hiochd-mhor faorſa mis',
Reir lion-mhoireachd do thròcair chaoimh
glan as m'uil' eaſ-aontas.
2 Gu hiomlan ionnuil mi o m' lochd,
glan mi o m' chiont' ad ghradh.
3 Oir tha mi 'g aidmheach m'eaſ-aontais,
's leir dhomh mo lochd do ghnà.
4 A' taghaidh, taghaidh fein amhàin,
do pheacuich mi gu trom,
Is ann a tfhianais fein, a Dhe,
an tolc ſo rinneadh leam:
Do chum air labhairt duit amach
gu biodh tu cothromach
'S gu biodh tu glan tra bheir thu breith,
is ceart neo-eacorach.
5 Am peacadh, feuch, do dhealbhadh mi,
is ann an cionta fòs
Do ghabh mo mhàthair mi-'na broinn,
trà ghineadh mi o thùs.

6 An

6 An taobh a ſtigh do'n chridhe, ſeuch
an fhirinn 's ionmhuin leat:
San ionad fholuicht' bheir thu orm
gu tuig mi gliocas ceart.

7 Le hiſop deunſa miſe glan,
is bitheam glan gu beachd;
Dean m'ionnlad fòs, mar ſin bidh mi
ni 's gile dhuit na ſneachd'.

8 Guth ſubhachais thoir orm gu cluinn,
is fonn an aoibhneis ait,
Mar ſin ni gàirdeachas gu mòr
na cnàmha bhriſeadh leat.

9 O m' pheacadh is om' eaſ-aontas
foluich do ghnùis, a Dhe;
Mo ſheachrain is m'uil' ea-coir fòs,
glan thuſa uam gu reidh.

10 Dhia, cruthaich annam cridhe glan;
ath-nuadhaich ſpiorad ceart.

11 Na tilg o d'ſhealladh mi: 's na buin
do ſpiorad naomha leat.

12 Is aiſig dhomh ùr-ghàirdeachas
do ſhlàinte chairdeil fein:
Is deanſa fòs mo chumail ſuas,
le d' ſpiorad ſaor gu treun.

13 'N ſin teagaiſgeam do ſhlighe, Dhe,
do'n dream a bhriſt do reachd,
A chum le haithreachas gu pill
na peacaich thruagh gu beachd.

14 O chionta fala ſaorſa mi,
O Dhia, a Dhe mo ſhlàint':

Seinn

Seinnidh gu hard air tfhireantachd
mo theanga anns gach àit.
5 Mo bhilidh, ta air druideadh ſuas,
foſgail, a Dhe nan gras;
An ſin do mholadh le mo bheul
cuiream an ceill gu hàrd.
6 Oir iobairtean cha 'n iarrar leat,
no bheirinn duit gach re;
An ofrail loiſgte fòs air bith
cha n' 'eil do thlachd, a Dhe.
7 An ſpiorad briſte tuirſeach trom,
ſud iobairt Dhe nan dùl:
Ri cridhe briſte brùite, Dhia,
gu brath cha chuir thu cùl.
8 Ad dheagh ghean deanſa maith, a Dhia,
air Sion do chnoc fein:
Balla Ieruſaleim gu luath,
tog ſuas le d' laimh gu treun.
9 'N ſin taitnidh iobairt cheartais leat,
ofrail, 's làn ofrail loiſgt':
'N ſin bheirear colpaich dhuitſa ſuas,
air taltair naomh' gun fhois.

SALM LII.

Cion uime 'n dean thu ghaiſgeich threin,
uaill as an olc gu mòr?
Mairidh am ſeaſd gun cheann gun chrioch,
deagh-mhaitheas Righ na glòir'.
2 Do theang' a' dealbh an aimh leis chlaoin;
chum ceilg' mar ealtuin gheir.

3 Is annſa leat an tolc na maith,
is breug na briathra fior.

4 A theanga chealgach, 's ionmhuin leat
gach facal millteach olc.

5 Ni Dia gu fiorruidh mar an ceudn'
làn-ſgrios a tharruing ort,
Glan-ſgathar thu, is as do theach
grad ſpionar thu gu tur,
A talamh is a tir nam beo
buainear do fhreumh a bun.

6 Sud chi am firean, gabhaidh fiamh,
is ni ſe gàire fòs,

7 Feuch, ſo am fear nach d'earb a Dia
mar dhaighneach is mar threòir;
Ach ann an lion-mhoireachd a ſtòir
a dhòchas chuir gu treun,
'Na ſhaibhreas is 'na olc gu beachd
do neartuich ſe e fein.

8 Ach 's amhuil ùr-chrann ola mis'
an àros De do ghna:
Mo dhochas cuiridh mi na ghras,
ri fad mo re 's mo la.

9 Gu ſiorruidh ſuthain molam thu,
bhri ſud gu d'rinneadh leat:
Feitheam air t ainms', oir ta ſe maith
an làth'r do naomh gu beachd.

SALM LIII.

'NA chridhe deir an tamadan,
cha 'n 'eil ann Dia air bith:

1 Ta'd truaillidh, 's gràineil fòs an lochd:
cha 'n 'eil ann neach ni maith.
2 Dh' amhairc an Tighearna o neamh
air chloinn nan daoine nuas,
A dh' fheuchain an robh tuigs' aig neach,
a dh'iarradh Dia nan gràs.

3 An tiomlan diubh chaidh air an ais,
ro-shalach iad gu leir:
Cha 'n 'eil aon neach a' deanamh maith,
cha 'n 'eil fiu aoin fo speur'.
4 'M bheil tuigs' air bith aig droch-dhaoine?
ta 'g itheadh suas gu dian,
Mo phobuilsa mar aran blasd',
's nach 'eil a'gairm air Dia.

5 An sin do ghabh iad eagal mòr,
gun aobhar eagail ann:
Sgaoil Dia a chnàmha-san o cheil'
chuir seisdeadh ort gu teann,
Is mar an ceudna chuir thu iad
gu ruidheadh gruaidh is nàir',
Do bhri gu d' chuitich riutha Dia
trom-tharcuis agus tàir.

6 O sud mo ghuidh' is m' achuinge
gu d'thugadh Dia nam feart
Cobhair d'a phobull Israel
a Sion fein le neart!
An tra bheir Dia air ais o bhruid
a phobull fein le cheil',
Air Iacob bithidh aoibhneas mòr,
's aiteas air Israel.

TRID tainmſa, teaſairg miſe, Dhe,
cum cothrom rium le d'neart.
2 Eiſd m'ùrnaigh, thoir fanear, a Dhe,
briathra mo bheil gu ceart.
3 Oir dh'eirich coigrich rium a ſuas,
luchd-fòirneart tha gu dian
An tòir air m'anam; 's cha do thuir
iad Dia fa'n comhair riamh.
4 Ach feuch, 'se Dia m'fhear-cuideachaidh
gu m' ſheaſamh anns gach cruas;
Bithidh Iehobhah leis an droing
a chumas m'anam ſuas.
5 Aimhleas do m' naimhdibh diolaidh Dia:
a' tfhirinn dean an ſgath.
6 Gu toileach bheiream iobairt dhuit:
Dhe molam tainm, ta maith.
7 Oir rinn e ſaors' is fuaſgladh dhomh
o m'uile theinn gu treun:
Ionus gu faca mi mo mhiann
air m'eaſ-cairdibh gu leir.

SALM LV.

RI m'urnaigh eiſd: 's om' ghuidhe, Dhe,
na foluich thus' thu ſein.
2 Thoir aire 's freagradh dhomh, ta caoidh
le bròn 's le bùireadh geur.
3 Arſon guth m'eaſ-cairde gu leir,
is fòirneart fòs nan daoi:
Oir aingeachd thilg iad orm, am feirg
dhomh thug iad fuath gun di.

4 Mo chridh' am chom tha cràiteach goirt:
thuit ùamhunn orm a' bhàis.
5 Crith, oillt, is uamhunn thainig orm,
ga m' ſhlugadh is mi 'n sàs.
6 'N ſin thuirt mi, 'Struagh gun agam fein
ſgia calmain gu dol as!
Theichinn air falbh ag itealaich,
is gheibhinn tàmh is fois.
7 Feuch, rachainn fòs air ànradh fad,
chum tàimh am faſaich chruaidh.
8 Is dheanainn deifir gu dol as
o dhoininn ghairbh na gaoith.
9 Dhia, ſgrios an teang', is ſgaoil: oir chiom
fòirneart ſa bhail' is ſtrì.
10 Ta'd dol m'a bhallaibh oidhch' is la:
ta aimh-leas ann is caoidh.
11 Aingeachd ro-mhòr is olc ata
'n a mheadhon sud gun cheiſt:
Seadh feall rà ſhràidibh agus cealg
a' dealuchadh cha 'n 'eil.
12 Cha b'e mo nàmh thug maſladh dhomh,
oir dh'fhuilginn sud gu reidh:
Cha b'e fear m'fhuath a dh'eirich rium,
oir dhionainn uaith mi fein.
13 Ach thuſa, fear bu choimpir dhomh,
fear m'eòlais, is fear m'iuil.
14 Bu bhlaſt' ar comhairl', dol le càch
gu hàros Dhia nan dùl.
15 Sealbh gabhaidh orr'am bàs gu grad,
's gu hifrinn theid iad beo:

Oir aingeachd tha nan comhnuidh ghnà,
's nam builsgean gach aon là.
16 Ach mise, glaodhaidh suas ri Dia,
saoruidh Iehobhah mi.
17 Glaodh àrd, is urnaigh ni mi ris,
moch, feasgar, 's meadhon-lath:
Is eisdidh e gu grad ri m' ghlaodh:
18 m'anam 'se shaor an sìth,
O'n chath 's o'n chomhrag dh'eirich rium:
is mòran leam ri strì.
19 Cluinnidh an Dia 'ta laidir beo,
's bheir dorainn orra 's pian;
Seadh fòs an Dia air mairrion ta,
's a bha o chian nan cian.
Is air an aobhar fòs nach bheil
caochladh air bith nan staid,
Eagal an Tighearn' uime sin
do thilg iad dhiubh air fad.
20 A làmh do shin nan aghaidh sud,
a bha an siochaint leis:
A chùmhnant is a nasgadh dlù,
gu sealltach orra bhris.
21 Bu shleamhna briathra bheil na 'n t-im,
ach cogadh cruaidh na rùn:
Bu bhuig' a chaint na òla thlà,
's i ghnà mar chlaidhe' ruisgt'.
22 Ach tilgsa t uallach trom air Dia,
se ni do chumail suas:
Cha leig e 'm feasd do'n fhirean chòir,
o shocair fein gu gluais.

23 Ach

23 Ach thus', a Thighearna nam feart,
ad chorruich cheirt gu geur,
An ſlochd d'am milleadh tilgidh tu
an aitim ùd gu leir:
Na daoine ſligheach fuileachdach
cha mhair iad leth an laith':
Ach annad cuiridh mise, Dhe,
mo dhòchas fein gu bràth.

SALM LVI.

ORmsa dean iochd, a Dhia nan gràs,
mun ſluig mo nàmh mi ſuas;
Eſan a tha gam ſhàruchadh
gach la le cogadh cruaidh.
2 Seadh b'aill le m'eaſcairdibh gun iochd
mo ſhlugadh ſuas gach là;
'S ro-lionmhor iad tha cogadh rium
gun aobhar no cionfà.
3 An laithibh m'eagail earbam riut,
O thus' a Righ a's aird',
4 Is t'fhocal molaidh mi, mo Dhia,
mo dhochas thu gu bràth.
Cha ghabh mi gealtachd uime fin,
's am feaſd ni h eagal leam
Na dh'fheadas feòil a dheanamh orm
do lochd, le iomairt theann.
5 Mo bhriathra ta'd a' fiaradh fós
gach la mar 's toileach leo:
Chum doilgheis agus dochair dhomh,
ta 'n ſmuainte-ſan gach lò.

6 Tha iad le cheil' a' cruinneachadh,
is iad 'gam folach fein,
A' feitheamh m'anma, air bhith dhoibh
ro-fhurachair mu m' cheum.

7 Gu faor an d' theid iad as mar fin
le 'n eucoir mhòir gun tàmh?
A' tfheirgfe leag an fluagh afios,
a Thighearna le d' laimh.

8 Mo fheachrain air an aireamh leat,
ad fhoireadh taifg mo dheòir:
Nach 'eil iad ann ad leabhar fhios,
air chuimhne fgriobht' gach uair?

9 Mo naimhde pillidh air an ais,
trà ghairéam ort gu teann:
Is aithne dhomhfa fo gu beachd,
oir tha Iehobhah leam.

10 An Dia, a bhriathar molaidh mi:
molam, an Dia, a reachd.

11 An Dia do chuireadh leam gu treun
mo dhòchas fein gu beachd,
Is air an aobhar ud, a Dhe,
ni h eagal idir leam
Na dh'fheudas duin' a dheanamh orm,
nach bheil dheth fein ach fann.

12 Do mhòide ta iad ormsa, Dhe;
is iocam dhuitfa cliu.

13 Oir m'anam bochd gu faor o'n bhàs,
gu gràs-mhor dh'fhuafgail thu:
Nach fuafgail thu mo chafa fòs
gun tuifleadh dhoibh ni's mò?

Gu gluaisinn amm am fianais De
an solus dhaoine beo.

SALM LVII.

DEan tròcair orm, a Dhia nan gràs,
dean tròcair orm gach re,
Oir annadsa tha m'anam truagh
a' cur a dhòigh gu leir:
Is gabhaidh mi fo sgàil' do sge!
mo thearmunn is mo neart,
Gu ruig an uair sin anns an d'theid
na huilc ud uile thart.'

2 Eighidh mi ris an Dia a's àird':
ri Dia ta laidir treun,
A chuireas leam gach cùis gu crich,
mar chi e ormsa feum.

3 Cuiridh e neart o neamh, do m' dhion,
o bheum an fhir le'm b'àill
Mo shlugadh: cuiridh Dia amach
fhirinn 's a ghràs gun dàil.

4 Tha m'anam bochd an comhnuidh fòs
am builsgean leòmhan garg,
Am measg na droing' am luidh' ataim
air lasadh ta le feirg:
Daoine, 'g am bheil am fiacla fòs
mar shleagh 's mat shaighde geur;
Mar chlaidheamh guineach, 's amhluidh sin
an teanga-san gu leir.

5 Dhia tog thu fein os-cionn nan neamh,
os-cionn gach tir do ghlòir.

6 Ar-

6 Arſon mo cheuma ghleus iad lion,
chrom m'anam ſios gu làr:
Slochd romham thochail iad, is thuit
iad fein ſan tſlochd a rinn.

7 'S gleuſta mo chridhe, 's gleuſt', a Dhe,
dh uit canam moladh binn.

8 Moſgail mo ghlòir, 's a ſhaltair fòs,
a chlàrſach dùiſg an àird:
Air madain moſglam fein gu moch,
is ſeinneam ceòl gu hàrd.

9 Dhia, meaſg a' phobuill, molam thu:
dhuit ſeinneam meaſg an tſluaigh.

10 Oir tfhirinn is do thròcair mhòr,
gu neamh nan neul chaidh ſuas.

11 Arduichear thuſa, Dhia nam feart,
os-cionn ard-neamh nan ſpeur:
Is togar ſuas do ghlòir gu hàrd,
os-cionn gach tir gu leir.

SALM LVIII.

AN labhair ſibhs, a cho thionail,
an fhirinn cheart neo-chlaon?
'S an tabhair ſibh gu cothromach,
breith cheart, a chlann nan daoin'?

2 Is ann ur cridhe ta ſibh dealbh'
mor aingidheachd gun tàmh:
'S air talamh tha ſibh tomhas fòs,
foireigin chruaidh ur làmh.

3 Luchd-uilc, o thig iad as a' bhroinn,
ſiubhlaidh air ſlighe fhiar;

'N tri

'N trà bheirear iad, air ſeachran theid,
a' labhairt bhreug gach jal.
4 An nimh mar nimh na nathrach ta:
mar nathair dhruid a cluas.
5 Ri guth nan draoidh' tha eagnaidh ſeòlt',
nach eiſd is fòs nach gluais.

6 Am fiacla briſt, a Dhe, nam beul:
a Thighearn' laidir threin,
Pronn fiacla agus tuiſg ro-mhòr
nan leòmhan òg gu leir.
7 Gu leaghadh iad, ag ſileadh fios
mar uiſge ruidh le gleann:
'S a ſhaighde briſt, trà chuireas e
a bhogh' air lagh gu teann.

8 Mar ſheil'cheig bhios a' leaghadh as,
rachadh iad as gu dian;
Mar thorraicheas an-abuich mnà
na faiceadh iad a ghrian.
9 Mu'm mothaich ſeadh'ur coireachan
o choille chrionaich teas,
Ni Dia, 's iad beo, na chorruich gheir,
le cuairt-ghaoith dhéin an ſgrios.

10 Bidh aoibhneas air an fhirean chòir,
trà chi e 'n dioghaltas:
Is ann am fuil luchd-aingidheachd,
nighidh e fòs a chàs.
11 Their duine 'n ſin, gu bheil gun cheirt
deagh-dhuais ag daoine còir:
'S gu bheil air talamh fòs, gu beachd,
'na bhreitheamh Dia na gloir.

SALM

T'Eaſairg, is ſaor mi, o mo Dhia,
o m'naimhdibh dh'eireas rium.
2 O luchd an uilc ta fuileachdach,
dion mis', is cuidich leam.
3 Feuch, 'n aghaidh m'anma luidh am ſà,
is chruinnich daoine treun:
Ni hann, a Dhia, ar ſon mo lochd,
no croin a rinn mi fein.
4 Ag ruidh tha iad, gun chron am thaobh,
's gu hullamh dol air ghleus:
Chum teachd do m' ſhurtachd moſgail trà,
is thoir fainear am beus.
5 O Dhe nan ſluagh, Dhe Iſraeil,
moſgail 's gu fiòſruicht' leat
Na Cinnich: 's na dean iochd air neach
gu haingidh bhriſt do reachd.
6 Air teachd do'n fheaſgar pillidh iad:
a' donnalaich gu hàrd
Mar choin, m'an bhail' a' cuartachadh,
is amhluidh ſin tha iad.
7 Feuch, brùchdaidh iad amach le 'm beul:
nam bilibh claidhe geur:
Co chluinneas ſo, no bheir fainear?
ſe ſud is cainnt dhoibh fein.
8 Ach thuſa, Dhia Iehobhah mhòir,
ni gàire fanoid riu;
Is mar bhall-magaidh bithidh fòs
na Cinnich ann ad ſhuil.
9 Ar ſon gur mòr 's gur maith do neart,
ſior-fheitheamh' ort a ghnà,

Do bhrì gu bheil dhomh Dia nan dùl,
'na dhidian dlù gu bràth.

10 Bidh Dia o 'n d'thig mo thròcair chaomh,
dol romham air gach ceum:
'S e Dia bheir dhomh air m' eaſ-cairdibh
mo rùn gu faic mi fein.

11 Mum bi mo phobull di-chuimhneach,
na marbh an àitim ùd:
O Dhia ar ſgia, ſgaoil iad le d' neart,
is leag gu hioſal fùd.

12 Fa lochd an teang', is caint am beil,
nan àrdan glacar iad:
Fa chùis nam mallachd, is nam breug
a labhair iad os àird'.

13 Sgrios iad a' tfheirg, ſgrios iad gu tur,
is theid iad as gu dian;
Is tuigidh 'n ſin gach uile thir,
Righ Iacob gur e Dia.

14 'S air teachd do'n fheaſgar pilleadh iad,
a' donnalaich gu hàrd.
Mar choin, m'an bhail' a' cuartuchadh,
is amhluidh bitheadh iad.

15 Ag iarraidh beath' gu ſeachranach,
's gu luaineach ann an teinn;
A' deanamh gearain anns an oidhch',
mur' bi an sàth nam broinn.

16 Ach miſe molar leam do neart;
gu moch a' ſeinn do ghràis,
Ar-ſon gur tu mo thearmunn treun,
's mo dhaighneach fein ſgach càs.

17 'S tu fein mo neart, dhuit canam fonn,
'se Dia mo dhidein threun:
'S e 'n Dia sin fein rinn tròcair orm,
's a chuidich leam am fheum.

SALM LX.

DHIA naomha, thilg thu sinne uait,
dh' fhuadaich thu sinn air fad,
Oir bha thu ruinn an corruich gheir,
pill ruinn thu fein gu grad.

2 Chuir thus' an talamh trom air chrith;
is fòs do bhrist thu e:
Slànuich a bhristeadh, oir gu beachd
air creanachadh tha e.

3 Do thaisbein thusa nithe cruaidh
do'n t sluagh a's leat le còir:
Fion buaireasach chuir uamhunn oirn'
thug thusa dhuinn r'a òl.

4 Ach thug thu bratach àrd, a Dhe,
do'n droing d'an eagal thu:
A chum gu sgaoilteadh sud amach,
bhri firinn, duit le cliu.

5 O dhaorsa chum gu saorar leat
do phobull ionmhuin fein:
Eisd rium, is slànuich mi gu grad
le d' dheas-laimh laidir threin.

6 'Na naomhachd labhair Dia nam feart,
bidh aoibhneas orm nach gann:
Air Sechem ni mi roinn gu ceart,
gleann Sucot toimhsear leam.

7 'S

7 'S leam Gilead le dlighe cheirt,
Manaseh 's leam gu beachd,
'S i treabh Ephràim neart mo chinn,
bheir Iudah 'mach mo reachd.
8 Bidh Moab dhomh 'na thraill fo m' smachd,
's Edom fo dhaorsa chruaidh;
Is amhluidh ni mi caithream binn,
thar Palestin le buaidh.
9 Co bheir do n' chaithir dhaingein mi?
's gu Edom bheir gu ceart?
10 Nach tusa, Dhia le'r threigeadh sinn?
's nach deachaidh 'mach le'r seachd?
11 O thrioblaid thabhair coghnadh dhuinn:
oir 's diomhain furtachd dhaoin'.
12 Trid Dhia ni sinne treubhantas,
's e shaltras naimhde fuidhn'.

SALM LXI.

RI glaodh mo ghearain eisd, a Dhe,
is m' urnaigh thoir fainear.
2 O iomall talmhain eigheam riut,
's mo chridhe trom fo smal:
Dhia, treorruich chum na cairge mi
a's airde na mi fein.
3 Bu tearmunn thu, 's bu chaisteal dhomh
o m' eas-cairdibh gu leir.
4 Ad phubull naomha ni mi tamh
gach aimsir is gach tra:
Mo dhoigh fo dhubhar sgail' do sge'
cuiridh mi fein gu brath.

5 Oir chuala tu, mo mhòide naomh,
's an gealladh a thug mi:
Oighreachd na muintir thug thu dhomh
d'an eagal t ainm, a Dhe.

6 Buan-fhaoghal agus aimsir chian
bheir thusa, Dhia, do'n Righ:
Mar iomad ginealach is linn,
a bhliadhnai-san 's tu ni.

7 Mairidh e buan am fianais De
gu bunaiteach 's gu bràth:
Tròcair is firinn deasaich dha,
d'a choimheadsan gach trà.

8 Mar sin gu fiorruith seinneam cliu
do t ainm ro-uasal àrd,
S' mo mhòide naomha diolam riut,
o la gu la gu bràth.

SALM LXII.

LE faighidin tha m'anam bochd
feitheamh air Dia gu beachd:
'S ann uaidh' tha furtachd agus fòir
orm air gach taobh a' teachd.

2 Se 'mhàin is carraig dhidein dhomh,
is m'f hurtachd e ro-dheas:
Mo thearmunn dileas e faraon,
gu mor cha ghluaisear mis'.

3 Cia fhad' a dhealbhar aimh-leas leibh?
làn-mharbhar sibh gu beachd,
Mar bhalL air chrith, 's mar ghàrra' dh'aom,
tha leagadh oirbh a' teachd.

40

4 O onoir àird d'am thilgeadh sios
tha 'n comhairlean a' ruith,
Si 's miann leo breug: beannachd nam beul,
ach mallachd an taobh 'stigh.

5 O m'anam feith gu faighidneach
ri Dia amhàin mar chleachd:
Oir annsan tha mo mhuinghin threun,
's mo dhòchas fein gu beachd.

6 Se 'mhàin is carraig dhileas dhomh,
's e 'mhàin mo shlainte dheas:
Mo thearmunn daingean e faraon,
mar sin cha ghluaisear mis':

7 Mo shlainte ta 's mo ghlòir an Dia,
ris earbam fein do ghnà:
Carraig mo neart, 'mo thearmunn treun
's e Dia, gu buan 's gu bràth.

8 O phobuill, cuiribh ann an Dia
'ur dochas anns gach am,
'N a fhianais doirtibh 'mach 'ur cridh'
's e Dia ar tearmunn ann.

9 'S ni diomhain daoine beag gu fior,
tha daoine mòr nam breig:
Air meidh ri 'n tomhas, 's ea-truim' iad
na diomhanas gu leir.

10 Na hearb a foirneart, 's na dean uaill
a reabuinn no droch bheairt,
Na socruich fòs do chridh' air stòr,
trà chinneas saibhreas leat.

11 Do labhair Dia aon uair amach,
fud chualas uair no dha,

Gur leis an Dia ta cumhachdach
treis' agus neart gach là.
12 Tròcair, a Thighearn', buinidh dhuit
is gràsa mòr faraon:
Oir bheir thu reir a ghniomhara,
a luigheachd do gach aon.

SALM LXIII.

O Dhia, is tu mo Dhia, gu moch
do iarram thu gach là:
Ro-thart-mhor ata m'anam bochd,
an geall ort fein do ghnà;
Tha miann, is ciocras mòr air m' fheòil
an geall ort fein gach am,
An tir ro thirim thart-mhoir theith,
gun uisg air bith bhi ann:
2 Do chumhachd chum gu faiceadh mi
's do ghlòir ata ro-chaomh;
A reir mar chunncas roimhe thu,
le cliu a' taros naomh.
3 Arsou gur fearr na beatha fòs
do chaoimhneas gradhach caoin:
Ard-mholadh dhuit le hiomadh cliu
mo bhilidh bheir faraon.
4 Mar sin an cian a bhitheam beo
beannuicheam thu do ghnà:
Is ann ad naomh-ainm togam suas
mo shamhan riut gach trà.
5 Sàsuichear m'anam mar le smior,
's le saill ro-reamhar reidh:

Is bheir mo bheul 's mo bhilidh dhuit
àrd-mholadh ait, a Dhe.

6 'N trà ni mi air mo leabaidh fòs
do chuimhneachadh le tlachd,
'S an am na faire fmuainteach' ort,
ag dol do'n oidhche thart'.

7 Arfon gur tu b'fhear coghnaidh leam,
a Thighearn' is a Dhe:
Bidh aoibhneas agus aiteas orm,
fo dhùbhar fgàil' do fge'.

8 Ta m'anam leantainn ort gu dlù:
do dheas lamh chum mi fuas.

9 Luchd iarraidh m'anma bhochd d'a fgrios,
theid iad afios do'n uaigh.

10 Le faobhar claidheimh agus arm
fios tuitidh iad gu làr;
Mar chuibhrionn do na fionnachaibh
do nithear iad le tàir.

11 Ach aoibhneach bidh an righ an Dia,
na lughas e gun bheud
Ni iadfan uaill: ach druidear beul
gach ti a labhras breug.

SALM LXIV.

TRà dheanam ùrnaigh riut, a Dhe,
thoir eifdeachd dhomh gu luath;
O eagal nàmhaid coimhid fòs
gu tearuint' m'anam truagh.

2 O chomhairl' dhiomhair dhaoine daoi,
o ionnfaidh ghairbh faraon

Luchd

Luchd deanaimh uilc is aingidheachd;
cuir folach orm gu caoin.

3 An teanga fein do gheuraich iad
mar chlaidhe guineach geur;
Tha 'm bogh' ait lagh, 's an saighde deas,
siad briathra searbh am beil:

4 Gu caitheadh iad an diomhaireachd
an neach fin foirfe ta:
Gu hobann ta'd ga chaitheamh fòs,
gun eagal is gun sgà.

5 Ag gabhail misneich ta'd san olc,
's a' labhairt tric le cheil'
Mu leagadh lion an uaignidheas,
ag radh, Co 'n ti d'an leir.'

6 Gach olc do rannsuich iad amach
seadh rinn iad sgrùdadh mion,
An rùn a stigh 's to-dhomhain e,
's an cridhe ta mar sin.

7 Ach saighead caithidh orra Dia,
bhios guineach agus geur,
Grad-bhuaileat agus lotar iad,
'g an gorttichadh gu leir.

8 Mar sin do bheir iad orra fein
toradh an teang' gu grad:
Gach uile neach d'an leir an dòigh,
teichidh rad uath' am fad.

9 Mòr-eagal bithidh air gach neach,
is nochduidh obair Dhe:
Oir bheirear leo gu glic fainear
an gniomh ud do rinn e.

10 Ni 'm fìrean aoibhneas mòr an Dia,
a' cur a dhòchais ann:
'S gach neach 'gam bheil an cridhe ceart
ni gàirdeachas nach gann.

SALM LXV.

THA ann an Sion feitheamh ort
moladh, a Dhe, gun di:
'S ann duit a dhiolar fòs gu pailt
a' mhòid mar gheallar i.
2 O thus' a dh'eisdeas ùrnaigh ghlan,
's ann chugad thig gach aon.
3 Mo sheachrain tha an uachdar orm:
glan thus' ar peacaidh uainn.
4 'S beannuicht an duine sin a choidhch'
a thaghar leatsa, Dhe,
'S a bheir thu fòs am fagus dhuit;
comhnuidh ad chùirt gheibh e.
Sàsuichear sinn le maitheas mòr
do theach, 's do theampuill naomh'.
5 Le nithibh uabhasach, bheir dhuinn
ad cheartas freagra caomh,
A Dhìa ar slàinte, 's tu gu dearbh
làn dòchas crich gach tir',
'S na bheil san fhairge fada uainn,
an dòchas 's tu do shior.
6 Le neart-san shocruich sleibhte mòr,
e criosluight' fòs le treis'.
7 'Se chaisgeas fuaimneach mara 's tuinn,
is coistrì dhaoine leis,

8 Na

8 Na daoine ta an comhnuidh thall,
'S na tìribh fad' amach,
'Na uamhunn orra ta gu mòr
do chomhar' miorbhuileach:
Thusa tha toirt air dol amach
na maidne gach aon la,
'S air dol an fheasgair mair an ceudh'
bhi aoibhinn ait do ghnà.

9 An talamh tha thu fiosrachadh,
's 'ga uisgeachadh gu reidh;
Le abhainn De ta làn do'n uisg',
trom beartach ni thu e.
Dhuinn arbhar tha thu deasachadh,
le d'fhreasdal maith mar sin;

10 'S ag uisgeachadh le pailteas mòr
nan iomairean gu mion:
Sgrioban an fhearainn leagta sios,
le frois ni thusa tais,
A chinneas agus fhochann fòs
beannaichidh tu le mais.'

11 M'an bhliadhnaidh coron tha thu cur
le d' mhaitheas fein, a Dhe,
'Tha faill ag sileadh anns gach àit,
o d' cheumanaibh gu reidh.

12 Air cluainibh glas an fhàsuich luim
nuas silidh iad gu mion;
Na tulaich bheag', gach taobh ata
làn aoibhneis agus gean.

13 Na cluainean air an sgeudachadh
le treudaibh anns gach àit,

Na glinn le harbhar folaichte,
'ſeinn iolaich ait is gàir.

SALM LXVI.

TOgaibh gach uile thìr gu hàrd,
iolach do Dhia nan dùl.
2 D'a ainm ro-uaſal ſeinnibh glòir,
ag tabhairt dhoſan cliu.
3 Abruibh ri Dia, cia huabhaſach
gach beart do nithear leat?
Oir geillidh dhuit do naimhde borb,
arſon gur mòr do neart.
4 Sleachdaidh gach uile thalamh dhuit,
ag iomradh ort gu binn:
Dò tainm ro-uaſal iongantach
ni'd moladh mòr a ſheinn.
5 Thigibh an ſo is amhaircibh
air oibribh De gu geur:
Ta uabhaſach 'na ghniomharaibh
air chloinn nan daoin' gu leir.
6 Mar thalamh tioram rinn e 'n cuan:
is trid nan ſruth, bu luath
D'an cois chaidh daoine, nuair a bha
ſinn annſan ait le buaidh.
7 Le threun-neart riaghluidh e a choidhch';
na ſloigh da ſhuilibh 's leir;
'S na hardaicheadh luchd-eaſantais
gu hamaideach iad fein.
8 O dhaoine, beannuichibh ar Dia,
àrd-mholaibh e gun chlos.

9 Se chum ar n anam beo, ſe bheir
nach caruichear ar cos.
10 Mar airgiod leaghta ghlan thu ſinn:
's tu dh'fhidir ſinn, a Dhe.
11 Chuir umainn lion: ar leaſraidh chuir
fo dhòrainn is fo phein.
12 Thug thu air dhaoinibh marcachd oirn',
trid teine 's uiſge chaidh,
A rìs gu hionad ſaibhir reidh
's tu fein thug ſinn le buaidh.
13 Racham do d' thigh le ofrail loiſgt':
dhuit coilionam mo mhòid,
14 A ghealladh leam le foſgladh beil,
trà bha mi 'n eigin mhòir.
15 Do'n fheudail reamhair, iobairt loiſgt'
le tùis is ſaill nan reith';
Ofrail nam bò, 's nan gabhar fòs
ſud bheiream dhuit fa leith.
16 Thigibh, is eiſdibh ſo, gach neach
air am bheil eagal De,
Gach maith do rinn air m'anam bochd
ſud airiſeam gu reidh.
17 Do ghlaodh mi ris gu hàrd le m' bheul:
le m' theangaidh dh'àrduich' e.
18 Am chridh' ma bheir mi ſpeis do'n olc,
cha 'n eiſd an Tighearn' mi.
19 Gu dearbh dh'eiſd Dia rium: thug fainear
guth m'urnaigh Righ nan dùl.
20 Moladh do Dhia, nior chéil a ghràs,
's mo ghuidh' nior chuir air cùl.

GU deanadh Dia mòr-thròcair oirn',
's ar beannachadh do ghnà:
Is togadh e gu gràs mhor oirn'
dealradh a ghnùis gu bràth.

2 Chum fios do ſhlighe bhi gu fior
's gach uile thìr air bith;
Is iomradh air do chobhair chaoimh
'meaſg fineacha fa leith.

3 Moladh am pobull thuſa, Dhe;
moladh gach pobull thu.

4 Biodh gàirdeachas air fineachaibh,
gu h-ait a' ſeinn do chliu:
Oir ceart-bhreith bheir thu air an t-ſluagh,
riaghlaidh air thalamh iad.

5 Moladh gach pobull thuſa, Dhe:
moladh iad thu 's gach àit.

6 'N ſin bheir gach talamh is gach fonn
deagh-thoradh trom gu pailt:
Is cuiridh Dia ar Tighearn' oirn'
a bheannachadh gun airc.

7 Ni Dia ar beannachadh gun cheiſt,
's bidh eagal-ſan gu fior
Air gach aon neach a dh'àiticheas
ſad iomaill crich gach tir'.

SALM LXVIII.

EIreadh ar Dia, is ſgaoilear leis
an dream a's naimhde dha,
'S an aitim ſin thug dhaſan fuath,
teicheadh o ghnùis gu bràth.

2 Mar ſgapar deatach, ſuadaich iad:
mar leaghas teine ceir,
Mar ſin gu ſgrioſar droch-dhaoin' as
a fianais De gu leir.

3 Ach gàirdeachas air daoine còir:
is aoibhneas gu robh ac'
Am fianais Dhe, le luaghair mhòir,
's iad ſuilbhir agus ait.

4 Seinnibh do Dhia, ſior-mholaibh ainm:
àrduichibh Dia a ta
Marcachd air neamh, trid ainmſan IAH,
bibh ait 'na làth'r a ghnà.

5 Do dhilleachdain is athair Dia;
do bhain-treachaibh gun neart
An tigh a naomhachd tha e ghnà
'na bhreitheamh dìreach ceart.

6 Suidhichidh Dia an teaghlaichibh
an dream tha uaigneach truagh:
Is ſaoruidh e gu tròcaireach
na bheil fo chuibhreach cruaidh;
Ach meud 's a bhios gu h eu corach
ri ceannairc is ri lochd,
Ni iadſan comhnuidh bhunaiteach
am fearann tioram bochd.

7 Air ceann do ſhluaigh tra dh'imich thu,
a Dhe, ſan fhaſaich chruaidh,

8 Chriothnuich an talamh, ſhil an ſpeur,
an lathair Dhe nan ſluagh.
Sliabh Shinai fein tha daingean àrd,
chriothnaich is luaiſg gu mor.

An

An-fathair Dhia, Dia Iſraeil
ta urramach an glòir.
9 Do ſhil thu, Thighearna, gu pailt
fraſan anuas gun dì';
Leo ſhuidhich agus dh'fhurtaich thu
air toighreachd, is i ſgìth.
10 Bha fòs do cho-thional 's do ſhluagh
nan comhnuidh innt': a Dhe,
Do d' mhaitheas rinn thu deaſuchadh
do d' dhaoinibh bochda fein.
11 An Tighearna ta laidir treun
leig e a ghuth amach,
'S a chuideachd ſin a dh'fhoillſich e
bu lion-mhor iomarcach.
12 Righrean nan armailte 's nam feachd
an ſin le deifir theich:
'S na mnai a dh'fhuirich aig an tigh,
bha iad a' roinn na creich.
13 'Meaſg phota luidh ſibh, ach bidh ſibh
mar ſgiath nan calman luath,
Foluicht' le hairgiod, is an cleit'
le hòr a's deirge ſnuadh.
14 Tra ſgaoil Dia uile-chumhachdach
na righrean innt' a ſteach,
Bha i 'n ſin geal mar Shalmon àrd,
's i uile làn do ſhneachd.
15 An ſliabh ud Dhe is coſmhuil e
ri Bàſan 'meaſg nam beann,
Mar Bhàſan mòr is amhluidh e,
gu hàrd a thog a cheann.

16 C'arſon a leum ſibh, bheanntaidh àrd?
'S e ſo àrd-thulach De,
Am miann leis tàmh, is bithidh e
'n a chomhnuidh ann gach rè.

17 Tha carbaid Dhe nam fichead mìl';
mìlte do ainglibh treun:
'Na theampull naomh' tha Dia nam meaſg
ionann 's 'na Shinai fein.

18 Is chaidh thu ſuas air ionad àrd,
thug bruid am braighdeanas,
Do dhaoinibh fhuair thu tiolaca
le'n dean thu toirbheartas:
'S ann cheana fòs do'n mhuintir ud
ro-cheannairceach ata,
Do chum gu m' biodh Iehobhah Dia
na chomhnuidh leo do ghnà.

19 Dia gu ma beannuicht gu robh e,
tha dòrtadh oirn' gach lo
A thiolaca, 's e Dia ar ſlàint'
an Dia a chum ſinn beo.

20 Is leinn an Dia ta laidir treun,
ni cobhair anns gach càs:
Do Dhia Iehobhah buinidh fòs
làn-teaſairgin o'n bhàs.

21 Ach ceann a naimhde briſtidh Dia:
is claigeann greannach cruaidh
An fhir a dh' imicheas gu dàn'
'na chiontа fein gach uair.

22 Deir Dia, Bheir miſe air an ais
mo ſhluagh o Bhàſan àrd,

'S o dhoimhneachd fairge bheir mi rìs,
anios iad le mor-bhaigh.

23 Chum ann am fuil do naimhde dian
do chas gu deanta dearg,
'S gu tumta fòs nam fuil-san fein
teanga do mhadradh garg.

24 Do thriall-sa chunnaic iad, a Dhe,
a Thighearna ro-chaoimh,
'S e triall mo Thighearna 's mo Righ,
's ann anns an àros naomh'.

25 Luchd-oraìn dh'imich iad air thùs,
luchd inneal ciuil a rìs;
Nam measg a' bualadh tàbuir fòs
na maighdeana gu mìn.

26 Deanuibhse Dia a bheannachadh
'nar co-thional le cheil',
Eadhon Iehobhah Dia nam feart,
o thobar Israeil.

27 Beniamin beag le'n triath an sud,
bha prionnsuidh Iudah ann,
Le'n comhairl', prionnsuidh Naphtali,
is prionnsuidh Shebuluin.

28 Do Dhia se dh'àithn is dh'orduich dhuit
do neart agus do threòir:
An gniomh a rinn thu air ar son,
heartuich, a Dhe na glòir'.

29 Arson do theampuill naomh, a Dhe,
ta aig Ierusalem,
Do bheir na righre ta mu 'n cuairt
deagh thiolaca dhuit fein.

30 Thoir achaſan do luchd nan ſleagh,
'ſ do chuideachd mhòir nan tarbh,
Do laoghaibh fòs a' phobuill ùd
thoir achaſan gu garbh,

Le bonnaibh airgid gus an geill
iad ſud gu leir do d'ſmachd:
Sgaoil thus' am pobull ùd, a Dhe,
a ghabh do chogadh tlachd.

31 Thig prionnſuidh mòr' o'n Eipht' amach,
'ſ ni Ethiopia fòs
A làmh a ſhineadh 'mach gu luath
ſuas ri ard-Righ na glòir.

32 O Rioghachdan an domhain mhoir,
ſeinnibh do Dhia gu grinn:
Do'n Dia a's Righ 's is Tighearn' ann,
ſeinnibhſe moladh binn.

33 Do'n mharcach àrd air neamh nan neamh
ta ann o'n aimſir chein:
Feuch, tha e cur amach a ghuth,
a ghuth ta làidir treun.

34 Sior-thugaibh neart do Dhia: oir tha
a glòir thar Iſrael,
'S a threis' ata ſna neamhaibh àrd,
'ſ an neulaibh tiugh nan ſpeur.

35 O d' naomh-theach 's uabhaſach thu Dhe:
Dia Iſraeil gu beachd
D'a phobull bheir ſàr-neart is treòir:
'ſ beannuichte Dia nam feart.

SALM

O Teasàirg mise, Dhe mo neart,
oir dhoirt na tuilte orm,
Is thainig sòs air m'anam bochd
na huisgeacha le toirm.

2 An làthaich dhomhain tha mi 'n sàs,
gun àit an seasainn ann,
Le huisgibh domhain ghlacadh mi,
is sruth dol thar mo cheann.

3 'Taim sgìth le m' ghlaodhaich; agus thar
mo scornan loisgt' le tart:
Mo shùile ta air failneachadh,
feitheamh air Dia nam feart.

4 Is lionmhoire na falt mo chinn
mo naimhde gun chion-fa,
'S an dream thug dhomh gu heucorach
geur-fhuath gach uile là.

An sin an ni nach d'thug mi leam
dh'aisig mi uam gu beachd.

5 Dhia, 's nosrach thu air m'amaideachd,
ni 'm foluicht' ort mo lochd.

6 Nàir' air mo sgà-sa, Dhe, na leig,
O Thighearna nan sluagh,
Air neach air bith do 'n àitim ud
tha feitheamh ort gach uair:

An dream sin, O Dhia Israeil,
ga d' iarruidh fein a ta,
Na leig gu bràth fo nàire iad,
no masladh air mo sgà.

7 Oir air do sgà-sa dh'fhuiling mis,
lionadh mo ghnùis le nàir.

8 Do

8 Do m' bhràthraibh is fear coigreach mi,
coimheach ag cloinn mo mhàth'r.
9 Le eud do theachsa shluigeadh mi:
meud 's a bheir masladh dhuit,
'S ann orms' an spreigeadh sud gu leir
gu leth-tromach a thuit.
10 M'anam tra thraisg, 's a rinn mi gul,
'n sin mhasluich iad mo ghniomh.
11 'S tra chuir mi umam eudach saic,
ball-magaidh rinn iad dhiom.
12 Dhoibhsan a shuidheas anns a' gheat'.
's cùis chomhraidh mi gach là;
'S do luchd na misg' ri am am pòit'
am oran tha mi ghnà.
13 Ach mise, Dhe, ni 'm urnaigh riut
san uair a's taitneach leat;
Eisd rium, a Dhe, reir meud do ghràis,
le d' chobhair shior thoir neart.
14 O'n làthaich saor mi, O mo Dhia!
chum suidh nach rachuinn sios:
O luchd mo mhi-ruin teasairg mi,
's o dhoimhneachd uisge nios.
15 Na rachadh tharam tuilteach uisg',
na sluigeadh doimhneachd mi,
An slochd na druideadh orm a bheul
gu hiomlan chum mo chiaoi'.
16 Eisd rium, O Dhia, oir 's maith do ghràs:
pill rium ad thròcair phailt.
17 Do ghnùis na ceil air tòglach fein,
eisd rium gu luath, 's mi 'n airc.

18 Ri

18 Ri m'anam druid, is fuasgail e:
o m' namhaid dean mo dhion.
19 Mo mhasladh, m' eas-onoir, 's mo nair',
's mo naimhde, 's leir dhuit fein.
20 Le toibheim tha mo chridhe brist',
is mi gu hiarganach:
Dh'iarr mi luchd-truais is co fhurtachd,
is dhiubh cha d' fhuaras neach.
21 Seadh, thug iad domblas domh mar bhiadh,
's chaisg m'iotn le fion geur.
22 Mar eangach dhoibh gu robh am bord;
's mar rib an agh gu leir.
23 Gun leirsinn, biodh an suilean dall,
's an leasraidh ghnà air chrith.
24 Doirt orra t fhearg, 's le d' chorruich gheur
glac iad gach uair sam bith.
25 Mar fhàsaich luim gun àlteachadh
gu robh an tàmh 's an teach,
Is anns na pailliunaibh bu leo
comhnuidh na biodh aig neach.
26 Oir lean iad le diain-fhoireigneadh
an ti a bhuaileadh leat;
Is labhair iad chum doilgheis mhòir
do'n droing a rinn thu lot.
27 Cuir cionta ri 'n aingeachd, is na leig
ad cheartas iad a steach.
28 A leabhar fos nam beo gu tur
sgriosar iad sud amach,
Is maille ris na fireanaibh
a bhuineas duit gun cheist,

Is

Is ann an aireamh dhaoine còir.
na sgriobhar iad am feasd.
29 Ach mise ta gu hainnis bochd
is lan do bhròn faraon:
Togadh do shlàinte mi an àird,
a Dhe, gu gras-mhor caoin.
30 Le h oran binn sior-mholaidh mi
deagh-ainm mo Dhe gach là,
'S a chliusan fòs sior-thogar leam
le buidheachas gu hàrd.
31 'S fearr leis an Tighearn' sud gu mòr
na damh ta adharcach,
No iobairt fòs a bheireadh neach
do bhiorach crobhanach.
32 Na daoine seimh tra chi iad so,
bidh aoibhneach ait gu leòr:
Is bidh 'ur crìdhse beo gu bràth
ta 'g iarraidh Dhia na glòir'.
33 Ri bochdaibh eisdidh Dia, 's cha dean
tàir air a phriosunaich.
34 Neamh, muir, is tir, gu moladh e,
's gach ni t'a gluasadach.
35 Oir bailte Iudah togaidh Dia,
is saorar Sion leis,
A chum gu meal iad i gu buan,
'ga h àiteachadh am feasd.
36 Do shliochd a sheirbhiseach gu sior
is sealbh ro-dhileas i;
'S an dream a thug d'a ainmsan gradh,
sior-chomhnuidh innte ni.

SALM

1 Dhobhah Dhia, do m' theasairgin,
's do m' choghnadh, deifrich ort.
2 Biodh nair' is amhluadh air an dream
ta giarraidh m'anma bhochd:
Pillear an dream ud air an ais,
le 'm miann mo lochd a ghnà,
Mòr-amhluadh gu robh orra sud,
is ruidheadh gruaidh gach la.
3 Gu pillear iadsan air an ais
mar thuarasdal d'an nàir',
An dream a deir gu fanoideach,
Aha, aha, le tàir.
4 Aoibhneas is aidhear, do gach neach
ga d'iarraidh sein ata:
Is abradh iad le'n toigh do shlàint',
Dia gu ma mòr, do ghnà.
5 Ach mise ta gu hainnis bochd,
do m'ionnsuidh greas, a Dhia:
Mo chobhair thu, 's mo shlanuighear,
maille na dean, mo Thriath.

SALM LXXI.

1 Ann riut ata mi 'g carbsa, Dhe,
nàir' orm am feasd na biodh.
2 Ad cheartas fèir; thoir orm dol as;
aom rium do chluas, saor mi.
3 Ad charruig comhnuidh biosa dhomh,
d'an tathuichcam do shior:
Mo chaisteal, is mo dhaighneach thu,
thug àithne chum no dhion.

4 A laimh nan aingidh, O mo Dhia,
dean fuasgladh dhomh am chruas,
A laimh na muintir eucoraich
ta ain-iochd-mhor gun truas.

5 Oir 's tusa, Thighearna mo Dhia,
mo dhòchas ann am fheum:
O aois is aimsir m'òige nuas,
mo mhuinghin thu ro-threun.

6 'S ann leatsa chumadh mise suas
o thain'geas as a' bhroinn:
A bolg mo mhàthar bhuin thu mi,
sior-mholam thu gu binn.

7 Mar aobhar iongantais, a Dhe,
ag mòran ata mi;
Ach 's tusa's tearmunn dileas domh,
's mo spionnadh mòr gun di.

8 Lionar mo bheul le d'mholadh-sa,
's le tonoir fein gach lo.

9 Na tilg mi dhiot am aois; 's na treig
trà dh'fhàilnicheas mo threòir.

10 Oir m'aghaidh meud 's is naimhde dhomh
labhair gu sgaiteach geur:
'S an dream ta brath air m'anam bochd,
ghabh comhairle le cheil.'.

11 Ag ràdh, Threigeadh e tur le Dia:
leanaibh e 'nis gu teann,
Is glacaibh, oir d'a theasairgin
cha'n 'eil neach idir ann.

12 A Dhe, na biosa fada uam:
fòir orm, mo Dhia, gu luath.

13 Bio

13 Biodh nàir, is claoidh, air m'eas-tairdibh
'gam bheil air n'aiam fuath;
Masladh is nàire folaicheadh iad,
tha 'g iarraidh m' uilc gach lò.
14 Sior-earbam riuts, is feinnidh mi
do chliu ni 's mò 's ni 's mò.
15 Labhraidh mo bheul air t fhireantachd,
's do shlaint' gach la gun sgios,
An aireamh sud ag lion-mhoireachd
cha 'n fheudar leam chur sios.
16 Trid neart an Tighearna mo Dhia
fòs gluaisidh mi do ghnè:
Is ni mi sgeul air t fhireantachd,
t fhireantachd fein amhain.
17 O m' òige rinn thu teagasg dhomh,
a Thighearn' is a Dhe:
Is chuir mi toibre iongantach
gu ruige so an ceill.
18 A nis air bhi dhomh aos mhor lìa,
na treig mi, Dhia nam feart:
Gu taisbeanainn do neart 's do ghràs,
do'n àl at'ann, 's ri teachd.
19 'S ro-àrd do cheartas fein, a Dhia,
is rinn thu bearta mòr:
O Dhia, co e a's cosmhuil riut
no choimeas leat is còir?
20 Trioblaid ro-mhòr is an-shocair
's tu thaisbein dhomh, a Dhe;
Ath-bheothaichidh, is bheir thu rìs
o dhoimhneachd talmhainn mi.

21 Mo mhòrachd cuiridh tus' am meud,
's bheir fòlas air gach taobh.
22 Air ſaltair molam thu, mo Dhia,
ſeadh tfhirinn ta ro-chaomh.
Is ſeinneam dhuit air chlàrſaich bhinn,
Dhia naomh ud Iſraeil.
23 Mo bhilidh ni mòr-ghàirdeachas
tra ſheinneam dhuit le m' bheul:
Bidh ſubhachas is aoibhneas mòr
air m'anam fein, a Dhe,
A ſhaoradh leat gu tròcaireach
o thrioblaidibh gu leir.
24 Is bidh mo theang' air tfhireantachd
ag iomradh ſeadh an la:
Oir nàir' is amhluadh fhuair an dream
'g iarraidh mo lochd ata.

SALM LXXII.

DHIA, thoir do bhreitheanas do'n Righ,
is tfhireantachd d'a mhac.
2 Bheir eſan ceart-bhreith air a ſhluagh,
's do d' bhochdaibh còir 'nan airc.
3 Na ſleibhtean arda bheir amach
ſiochaint do'n t fluagh gu pailt:
Is bheir na tulacha beaga sìth,
le fireantachd gun airc.
4 Air dhaoinibh bochd a' phobuill fòs
bheir eſan breith gu ceart,
Is clann nan ainnis ſaoruidh e,
min-bhriſtidh luchd ain-neairt.

5 Am feadh bhios grian is gealach ann
freasdal do'n la 's do'n oidhch',
Bidh teagal orrasan gu mòr,
o linn gu linn a choidhch'.

6 Mar uisge air an fhaiche bhuaint',
bheir orra rithis fàs:
Mar fhrasaibh uisge air an fhonn,
is amhluidh sin a ghràs.

7 R'a linn-san bidh na fireanaich
gu hùr a' fàs le blà':
'S am feadh a bhios a' ghealach ann,
bidh siochaint pailt do ghnà.

8 Bidh uachdranachd aig' mar an ceudn'
o thuinn gu tuinn gu sior,
Is ruigidh sud o'n Abhainn mhòir
gu iomall crich gach tir'.

9 Luchd-comhnuidh fòs na fàsaich chruaidh
'na fhianuis fleuchdaidh sios;
A naimhdean imlichidh an ùir,
tra thig iad dlù le cìs.

10 Righ Tharsis, is nan eileanan,
tiolacan bheir iad uath',
Bheir righean Sheba, Seba fòs
tabhartais dha gu luath,

11 Seadh, fòs 'na fhianais fleuchdaibh sios
gach righ air thalamh ta:
'S gach ginealach air feadh gach tir',
dh'a seirbhis ni do ghnà.

12 An tainnis bochd gun chuideachadh,
saoruidh tra eigheas ris.

13 'S ni acarachd ri truaghan bochd,
is dionar anam leis.
14 'S e theasairgeas an anam fòs
o fhoill 's o fhoirneart geur:
Is fòs na shùilibh-san gun cheist
's prìseil am fuil gu leir.
15 Bithidh e beo gu mairrionach,
òr Sheba bheirear dha:
Gnà-urnaigh nithear air a shon,
is molar e gach là.
16 San talamh cuirear dorlach sìl
air bharr nan sliabh 's nam beann;
Is bidh a thoradh trom air chrith
mar Lebanon nan crann.
An dream ata sa chathair mhòir
bidh toradh orra 's blà'
Gu lion-mhor, mar is dual do'n fheur
air talamh fàs a ta
17 Bidh ainm-san buan gu suthain fior,
co-mhairionn ris a' ghrein;
Is annsan beannuichear gach sìogh-
's beannuichear leo e fein.
18 Beannuicht gu robh an Tighearn' Dia,
Dia Israeil do ghnà,
An ti amhain ni miorbhuile
le treis' is neart a lamh.
19 Beannuicht gu robh gu fiorruidh buan
ainm glòrmhor uasal fein;
Lionadh a ghlòir gach uile thir,
Amen, agus Amen!

SALM

GU firinneach tha Dia ro-mhaith
do phobull Ifraeil,
Do'n dream 'gam bheil an cridhe glan,
tha Dhia dhoibh maith d'a reir.

2 Ach air mo ſhon-ſa, 's beag nach d'aom
mo chaſa uam gu grad:
Cha mhòr nach d'rinn mo cheuma fòs
ſleamhnachadh uam air fad.

3 Ri hamadanaibh ghabh mi tnù,
re faicinn ſoirbheis daoi.

4 Oir cuibhrichean cha'n 'eil nam bàs,
neart laidir 's leo gun dì.

5 Mar dhaoinibh eile cha 'n 'eil iad
fo thrioblaid no fo leòn;
'S cha 'n 'eil iad air an ſaruchadh
mar chàch le piantaibh mòr.

6 Ardan mar ſhlabhraidh uime ſin
'g an cuartachadh ata:
Am fòirneart fein 'g an còmhdachadh
mar eudach thaut' do ghnà.

7 An sùile ſult-mhor tha le ſaill:
an tòic chaidh thar am miann.

8 Is truaillidh iad, 's air fòirneart geur
labhraidh gu haingidh dian.

9 An aghaidh neamh agus nan ſpeur
am beul thog iad afuas,
Air ſeadh na talmhainn is na tir'
an teanga-ſan do ghluais.

10 Fa'n aobhar ud gu ruige ſo
a ſhluagh-ſan pillidh iad;

Is faisgear dhoibh do'n uisg' amach
làn cupain a's leòr meud.

11 Is deir iad, cia mar 's leir do Dhia?
'm bheil tuigs' san Ti a's àird'?

12 Feuch, sud na daoi, tha foirbheachadh,
ag fàs nan stòr gach la.

13 Mo chridh' gu dearbh ghlan mi gun stà,
's an neo-chiont' nigh mo làmh.

14 Oir buailt' is smachduichte ta mi
gach madain, 's feadh gach la.

15 Ma their mi, Labhraidh mi mar so:
feuch, pheacaichinn gu beachd
An aghaidh fiochd is ginealaich
na cloinne 's ionmhuin leat.

16 Tra bhreathnuich mi gu tuiginn so,
bu chruaidh-cheist orm an gniomh.

17 Ach chaidh mi steach do naomh-theach Dè;
is thuig mi 'n sin an crioch.

18 Gu-dimhin chuir thu iad air sad
an aitibh sleamhain lom:
Is thilg thu iad anios d'an sgrios
le dioghaltas gu trom.

19 Feuch cionnus thainig orra claoidh
am mionaid bhig na h uair?
Oir tha iad air an sgrios gu tur
le oillt is eagal mòr.

20 Mar aisling 'nuair a dhùisgeas neach,
mar sin, a Dhia nan sluagh,
Rinn thusa dimeas air an dealbh,
air mosgladh dhoibh a'n suain.

21 Ma

21 Mar ſo bha air mo chridhe cràdh,
'ſ am àirnibh goimh ro-gheur.
22 Oir bha mi baoth is ain-eolach ;
mar bhrùid ad lath'r, a Dhe.

23 Gidheadh, tha miſe maille riut,
O Thighearna, do ghnà ;
Is air mo dheas-laimh ghlac thu mi
ga m' chumail ſuas gach la.
24 Do nithear leat mo ſtiuradh fòs
le d' chomhairl' ann am ſheum,
Is gabhaidh tu mi 'ſteach ſadhcoidh
a' tàros glòr-mhor fein.

25 Co agam anns na neamhaibh ſhuas
ach thuſa, Dhia nan dùl ?
Is cha'n 'eil neach air talamh fòs
ach thus' am bheil mo dhùil.
26 Mo chridh' is m'ſheòil faraon ata
air fàilneachadh gun cheiſt :
Gidheadh 's e neart mo chridhe Dia,
'ſ mo chuibhrionnsan am ſeaſd.

27 Oir feuch iad ſin tha fada uait,
leir-ſgriofar iad gu luath ;
Is claoidhear leat gach uile neach
a theid air feachran uait.
28 Ach dhomhſa 's maith teachd dlù do Dhia ;
dh'earb mi a Dia mo neart,
A chum gu foillſichinn gu ſior
gach gnìomh a rinneadh leat.

SALM

C'Arſon a thilg thu ſinne uait
an ann gu bràth, a Dhe?
C'arſon ri caoiribh tionaltraidh
a las do chorruich gheur?
2 Cuimhnich, a Dhe, do chothional
a cheannuich thu o chéin;
An oighreachd ſin a ſhaoradh leat,
Sion, do chomhnuidh fein.
3 Mun deanar faſach ſhiorruith dhi,
do chaſa tog gu grad;
Feuch meud an uilc a rinn do namh
ad theampull naomh' air fad.
4 Do naimhde rinn iad beucadh borb
'meaſg co-thionail do ſhluaigh:
Is chuir iad ſuas am bratacha
mar chomhar air am buaidh.
5 Bu chliuteach neach mar dheanta leis
a thuagh a thogail ſuas,
Air chrannaibh àrda doſrach tiugh,
a chum an leaga' nuas.
6 Ach 'nis an obair ſhnaighte ghrinn,
le hordaibh 's tuaghaibh bhriſt:
7 Is chuir iad ſuas 'na laſair dheirg
do theampull naomh' 'g a ſgrios'.
Tigh comhnuidh naomha tainmſa, Dhe,
feuch, thruaill iad e le tàir,
'G a mhilleadh is 'g a leaga' ſios
co-ioſal ris an làr.
8 Nan cridhe labhair iad mar ſo,
Sgrioſamaid iad le cheil';

Gach

Gach Sinagog aig Dia san tir
loisgeadh leo iad gu leir.
9 Ar comhara ni'm faicear leinn,
Faidh ni bheil idir ann,
Ni mò tha neach 'n ar measg co-gheur
d'an leir cia fad an t am.
10 Cia fhad a bheir, O Dhia nan dùl,
na naimhde toibheim uath'?
An toir an nàmhaid beum am feasd
do tainmsa, Dhia nan sluagh?
11 C'arson a phillear leat do làmh,
do dheas-lamh air a hais?
O buin amach o d' bhrollach i,
chum fuasglaidh oirn' gu cas.
12 Oir Dia na glòir' tha neart-mhor àrd
o chian is se mo Righ,
Am builsgein talmhain le mhor-neart,
ag oibreach' slàint' is sìth.
13 An fhairge sgoilteadh leat le d' neart,
is cinn ro-laidir chruaidh
Nan dragon bhristeadh leat san uisg',
a' tabhairt orra buaidh.
14 Cinn Lebhiàtain àghoir mhòir
's tu fein a bhrist is phronn,
Is thug tu e mar bhiadh do'n t sluagh
a bha san fhàsach lom.
15 'S tu sgoilt na tiobairt is an tuil:
's tu thiormaich aibhne mòr.
16 'S tu dheasuich solus agus grian,
is leat an oidhch', 's an lò.

17 Criocha

17 Criocha na talmhain ſhocruich thu :
rinn thu an ſamhradh teith,
'S an geamhradh fòs do rinneadh leat,
nan aimſiribh ſa leth.

18 Gu d' thug na naimhde toibheim uath',
cuir ſud air chuimhn', a Dhè,
'S gu d' thug am pobull amaideach
do tainm ro-uaſal beum.

19 Anam do chalmain na toir ſuas
do chuideachd mhòir nan daoi :
Is co-thional do dheòra bochd
na dearmaid iad a choidhch'.

20 Do chùmhnant thoir ſainear, a Dhe ;
oir àite dorch' na tir'
Tha uile air an àiteachadh
le luchd an fhòirneirt gheir.

21 Na pillear air an ais le nàir'
na dh'fhuiling fòirneart goirt :
An dream ta ainnis aim-beartach
deanadh iad moladh ort.

22 Tog ort is eirich ſuas, a Dhe,
tagair do chùis gu treun :
Cuimhnich mar tha an t amadan
gach la toirt dhuitſa beum.

23 Na dearmaid guth na muintir ſin
nan naimhdibh dhuit ata :
Tha bruidhean dhaoin' a dh'eirich riut,
ſior dhol am meud do ghnà.

BUidheachas gu robh dhuitſa, Dhe,
buidheachas duit do ghnà:
Oir ſoillſichidh do mhiorbhuile,
gur fagus tainm gach la.
2 Tra gheibh mi is a ghlacar leam
co-thional mòr na tir',
Do ni mi dhoibh deagh bhreitheanas,
gu cothromach 's gu fior.
3 Sgaoileadh an duthaich, is an ſluagh
'ga h àiteachadh ata:
Ach miſe cumaidh ſuas gu treun
poſta na tir' do ghnà.
4 Thubhairt mi ris gach amadan,
Na gluais gu h amaideach:
'S ri luchd an uilc, Na togaibh ſuas
'ur n adharc ardanach.
5 'Ur n adharc fòs na togaibh ſuas:
ri cainnt le muineal cruaidh.
6 Ni h ann o'n ear, no'n iar, no deas
thig onoir mhòr no buaidh.
7 Ach 's breitheamh Dia: a leagas aon,
's a thogas aon fa ſeach.
Oir cup an laimh an Tighearn' ta,
do'n fhion a's deirge dreach:
8 Làn coi'-meiſg tha e, doirtidh Dia
cuid as amach gu grad:
A dheaſgnean ſàiſgidh daoine daoi,
is òlaidh iad air fad.
9 Ach cuiridh miſe fòs an ceill
gu ſuthain is gu fior,

Do

Do Dhia ud Iacob canar leam
ard-mholadh binn gu fior.
10 Uil' adharca nan daoine daoi,
ſgathaidh mi ſios 's gach àit;
Ach adharca nan ſaoi air fad
togar gu grad an àird.

SALM LXXVI.

AN Iudah aithnichear ar Dia;
's mòr ainm an Iſra'l naomh.
2 An Sàlem tha a phàilliun fòs,
a thàmh an Sion caomh
3 Saighdean a' bhogha bhriſt e 'n fin,
an ſgia 's an claidhe geur,
An comhrag is an cath ſaraon,
bhriſteadh iad leis gu treun.
4 Is mò do mhòralachd, a Dhe,
is mò gu mòr do ghlòir
Na beanntaidh thog an cinn gu hàrd
le cobhartach ro-mhòr.
5 Làn-chreachadh luchd a' chridhe chalm,
is chaidil iád le ſuain,
Na fir a bha nan curaidh' mhòr
an làmha fòs chà d'fhuair.
6 O thus' a's Dia do Iacob ann,
le d' achaſán 's le d' neart,
An carbad-cogaidh is an t each
nan ſuain do chuireadh leat.
7 'S cùis eagail thu, thu fein a Dhe:
cia neach a chogas riut,

Nq ann ad ſhealladh ſheaſas ſuas
an uair bhios corruich ort?

8 Thug thuſa air do bhreitheanas
o neamh gun cualas e:
Bha air an talamh eagal mòr
's 'na thàmh ghrad-fhuirich e.

9 Trà dh'eirich Dia chum breitheanais,
a theaſairgin ſan am
Gach uile dhuine ciuin is ſeimh
air talamh a bha ann.

10 Bheir fearg is corruich dhaoine 'n ſin
àrd-mholadh dhuit gu beachd;
Is fuigheall fòs na feirge mòir
làn-chaiſgidh tu le d' neart.

11 Geallaibh ur mòid gu togarach
d'ar Dia Iehobhah ard;
Is coi-lionaibh gu firinneach
na gheallar leibhſe dha:
Gach neach ata m'a thimchioll-ſan
thugadh iad dha 'na am,
Deagh-thabhartais is tiolaca,
do'n Ti 's cùis eagail ann.

12 Is e ni ſpiorad phrionnſadh mor
a ſgathadh uath' le neart:
Do righribh fòs a chruinne-che
's cùis eagail e gu beachd.

SALM LXXVII.

DH'eigh mi ri Dia gu h ard le m'ghuth,
dh'eigh mi le m' ghuth gu h ard;

Is 'nuair a ghlaodh mi ris, ghrad-thug
sàr-eisdeachd dhomh gun dàil.
2 An la mo thrioblaid dh'iarr mi Dia:
is shruth mo leòn gun sgur,
Re fad na h oidhch': is m'anam truagh
toilinntin dhiult gu tur.
3 Air Dia ghrad-chuimhnich mi an sin,
is mi an trioblaid gheir:
Ris rinn mi gearan trom gun tàmh,
chlaoidheadh mo spiorad fein.
4 Chum thu mo shùil 'na faireachadh:
tha mi co-iarganach
Nach feud mi focal caint no sgeil
labhairt le m' bheul amach.
5 An sin air làithibh fad o chéin
smuaintich mi fein le beachd;
Is bliadhnaidh fòs na h aimsir chein
am aire fein bha teachd.
6 Seadh chuimhnich mi mo cheol san oidhch':
's rinn caint ri m' chridhe fein,
Is rinn mo spiorad fòs gun tàmh,
le dicheall, sgrùdadh geur.
7 An tilg an Tighearn' uaith' gu bràth,
nach nochd e ghradh ni 's mò?
8 'N do sguir gu tur a ghràs am feasd?
's a ghealladh fad gach lo?
9 'N do dhearmaid Dia gu firinneach
bhi gràs-mhor caoin gu bràth?
'N do dhruid e suas 'na chorruich mhòir
a thròcair chaomh 's a ghradh?

10 Ach thuirt mi (tra thug mi ſaneàr,)
Is i ſo m' anfhainn mhor;
Cuimhnicheam bliadhnaidh laimhe deis
an Ti a's àirde glòir.
11 Gniomhara De ſior-mheòraicheam,
mar rinneadh leis gach beart,
Is tiongantais o'n aimſir chéin
ſior-chuimhnicheam gu beachd.
12 Air t'oibridh uile mar an ceudn'
ſmuaintichidh mi gu tric,
Is air gach gniomh a rinneadh leat
ſior-labhraidh mi gu glic.
13 Do ſhlighe ta ſan ionad naomh,
O Thighearn' is a Dhe:
Co 's coi-meas ann am meud ri Dia
a ta 'n a Dhia dhuinn fein?
14 'S tu 'n ti tà deanamh iongantais,
a Thighearna nam feart,
Is ann am meaſg a' phobuill fòs
do thaiſbein thu do neart.
15 Do ſhaoradh leat d'an teaſairgin
do phobull dileas fein,
Clann Iacob agus Ioſeph fòs,
le d' ghairdean neart-mhor treun.
16 Chunnaic na h uiſgeachan thu Dhe,
chunnaic iad thu gu beachd:
Is ghabh iad geilt; air doimhneachd fòs
bha mòran ogluidheachd,
17 An uiſge dhoirt na neoil anuas,
bu ro-mhor fuaim nan ſpeur;

Is chaidh do ſhaighde corranach
amach gu ſgaiteach geur.
18 Ard-ghuth do thairneanaich ſan ſpeur,
chualas, a Dhe, gu tric;
An ſaoghal las le dealanaich,
ghrad-luaiſg an talamh 's chliſg.
19 Do cheuma tha ſan doimhneachd mhoir,
do ſhlighe tha fa chuan:
Ach lorg do chois cha'n aithnich ſinn,
tha ſud am folach uainn.
20 Is amhluidh mar gu biodh ann treud,
do phobull ſtiuradh leat;
Le deagh-laimh Mhaois is Aroin fòs,
'g an treòruchadh gu ceart.

SALM LXXVIII.

EIſdibhſe, O mo ſhluagh, ri m' reachd,
is cluinnibh guth mo bheil.
2 Am briathraibh filidh cuiridh mi
ſean-fhocla dorch' an ceill.
3 Na chuala ſinn o'r ſinnſearaibh,
na dh'innſeadh leo-ſan duinn,
Cha'n fholaich ſinn o'n ginealach,
's cha cheil ſinn air an cloinn.
4 Ach foillſichidh ſinn moladh Dhe
do'n àl a tà ri teachd:
'S na miorbhuilean a rinneadh leis,
a chumhachd is a neart.
5 Oir lagh an Iacob dhaighnich e,
is reachd an Iſrael,

A-dh'or-

A dh'orduich e d'ar 'n aithrichibh
d'an cloinn an cur an ceill.

6 Chum fios bhi aig an àl ri teachd,
a' chlann ata gun bhreth;
'S gun innſeadh iad do'n linn nan deigh
na nithe ceudn' fa leth.

7 A chum gu cuireadh iadſan fòs
an dochas ann an Dia,
Gu cuimhnicheadh iad oibre Dhe
's gu deanadh iad a riar:

8 'S nach biodh iad mar an ſinnſireachd,
làn ceannairc is droch-bheairt,
Gun ſpiorad tairis annt' do Dhia,
's an cridhe gun bhi ceart.

9 Clann Ephraim le armaibh gleuſt',
air bogh' bu chuimſeach beachd,
Ach phill iad air an àis le geilt
an làithibh cath' is feachd.

10 Co-cheangal Dhe chuir iad air cùl,
da reachdſan dhiult iad geill;

11 'S na miorbhuilean a nochd e dhoibh
air cuimhne cha do ghleidh.

12 Bearta ro-mhiorbhuileach gu dearbh
nochd eſan doibh ſan Eipht;
Air machair Shòain thaiſbein e
a chumhachd mar an ceudn'.

13 Sgoilt e 'n ſhairge 's thug e ſhluagh
gu tearuinte d'a trid;
An cuan na thorr ſheas os an cionn
gun chomas ruith aſios.

14 Stiur e le neul iad anns an la ;
's le teine anns an oidhch',
A dheanamh foluis doibh is iuil
san t slighe dhùldai dhoirch.

15 Sgoilt creag san fhàsaich, aiste deoch
thug, mar a doimhneachd mhòir.

16 Bhuin sruth' a creagaibh, thug air uisg'
ruith sios mar thuil gu leòr.

17 San fhasaich pheacuich iad ni 's mò ;
is bhrosnuich an t Ard-righ.

18 Nan cridhe chuir iad cathadh air ;
d'am miann ag iarraidh bidh.

19 Labhair iad fòs an aghaidh Dhe ;
is thubhairt iad gu dian,
Am feud Dia anns an fhàsaich mhòir
bòrd dheasuchadh d'ar miann ?

20 Feuch, bhuail e chreag, bhrùchd uisge mach,
dh'eirich an tuil gu luath.
Am feud e aran thabhairt fòs ?
an deasuich feòil d'a shluagh ?

21 Air cluintinn so, ghabh corruich Dia ;
ri Iacob teine las,
Is dh'eirich fearg ro-dholnionnach
ri Israel gu cas ;

22 Chionn nach do chreid iad ann an Dia,
's nach d'earb iad as a shlaint' ;

23 Ge d'fhosgail dorsa neamha fòs,
's na neoil o'n aird ge d'dh'aithn,

24 Ge d'dhoirt e orra Mana nuas,
ge d'fhuair iad coirc nan speur.

25 Biadh aingeal dh'ith iad : thug e dhoibh
do lòn an sàth gu leir.

26 'San ſpeur thug e air gaoith an ear
gu d'imich i gu treun;
Is thug e fòs le neart aſteach
a ghaoth dheas mar an ceudn'.
27 Fòs dhoirt e orra 'nuas mar dhus
do fheoil an uile ſhàth;
'S eoin iteagach bu lionmhoire
na gaineamh air an tràigh.
28 Do leig e ſud nan camp anuas
m'an cuairt nan àite tàimh.
29 Seadh dh'ith iad uile 's ſhàſuicheadh;
oir thug e dhoibh na b'aill.
30 Cha robh iad air an ſgarachduin
o mhiann an cridhe fein;
Ach air bhith acaſan am biadh
'g a chagnadh dian nam beul,
31 A chuid ſin dhiubh bha ſultmhor treun,
ghlac Dia 'na fheirg is mharbh:
'S an òigridh thaght' an Iſrael
ghrad-bhuaileadh leis gu garbh.
32 Gidheadh an deigh gach gniomh dhiubh ſud
do pheacuich iad gu mòr;
Is ge do rinn e miorbhuilean
nior chreid ad mar bu chòir.
33 An laithean chaith e, uime ſin,
an diomhanas air fad,
Is bliadhnachan an aois gu leir
le carroid ghéir chaidh thart'.
34 An uair a mharbhadh leſan iad,
dh'iarr iad e'n ſin gu dian,
Seadh phill iad, agus bha iad fòs
gu moch ag iarraidh Dhia.

35 Is chuimhnich iadſan gu b'e Dia
an carraig threun do ghnà:
Is gu b'e fòs an Dia a's àird'
b' fhear-ſaoruidh dhoibh gach là.
36 Ach rinn iad miodal ris le 'm beul,
le 'n teangaidh breug is gò.
37 Cha robh an cridhe ceart; 's cha robh
'n a chùmhnant dileas d'a.

38 Ach Dia, ro-iochd-mhor mhaith an lochd'
's an ſgrios cha d' rinn gu geur;
Bu tric a phill e chorruich uath';
's a ghleidh e fhearg air fein.
39 Oir annta chuimhnich e nach robh
ach feòil theid as mar bhlàth,
Is oſag ghaoith a ghabhas ſeach,
's nach pill a rìs gu brath.

40 Cia tric a chuir iad cathadh air
ſan fhàſaich thart-mhoir chruaidh;
San fhaſaich chuireadh corruich air
le eas-aontas an t ſluaigh?
41 Seadh phill iad uile air an ais,
bhroſnuich iad Dia le cheil':
Chuir laithilt agus tomhas fòs,
air Ti naomh Iſraeil.

42 Dhi-chuimhnich iad, 's cha d'thug fanear
a ghairdean treun 's a làmh:
No 'n la ſan d'thug e furtachd dhoibh
is fuaſgladh deas o'n nàmh:
43 No fòs mar rinneadh anns an Eipht
comhara Dhe nam feart:

Air machair Shòain mar an ceudn'
a mhiorbhuile le neart.

44 An frutha chaochail e gu fuil,
's na h ùillt nach feudta 'n òl.

45 Chuir losgainn chuc', is cuileagan;
's leo chlaoidheadh iad gu mòr.

46 An toradh thug e is am barr
do'n chaterpileir bheag;
Is saothair fòs an làmh air fad
fo ailghios locust leig.

47 Am fion-chrainn bhrist e mar an ceudn'
le cloich-shneachd chruaidh 's gach àit;
Is amhluidh mhill le reodhadh teann
an cranna-figis ard.

48 Am feudail thug e thairis fòs
do'n chloich-shneachd sgaitich gheir.
'S le saighdibh teine-dealanaich
ghrad-chuir e as d'an treud.

49 Teas feirge, trioblaid, 's corruich mhòr,
orra thilg e gu grad,
Le ainglibh olc a chur nam measg
d'an claoidh gu goirt air fad.

50 D'a chorruich rinn e bealach reidh:
an anam thug do'n bhàs;
Am beatha thruagh thug thairis fòs
do ghalar-plàigh 's do'n chàs.

51 Throm-bhuaileadh l'esan anns an Eipht
gach ceud-ghin a bha ann:
Toiseach an neart 's na pàilliunaibh
a bha aig gineil Ham.

52 Ach

52 Ach thug e 'mach a phobull caomh
mar chaoiribh as an tir:
Is rinn mar threud san fhàsaich mhòir
an treòruchadh gu fior.

53 Stiuradh leis iad gu tearuinte,
gun eagal is gun sgà:
Ach air an naimhdibh dh'aom an cuan,
's le fuathas uile bhàth.

54 Gu criochaibh ionaid naomha fein
thug e a phobull leis:
Gu ruig an cnoc so choisin e,
's a bhuadhuich a làmh dheas.

55 Thilg e na Cinnich rompa mach,
's an oighreachd roinn le crann:
Do Isra'l thug e 'n àite sud
gu comhnuidh ghabhail ann.

56 Ach bhrosnuich agus ghreanaich iad
an Dia a's àirde glòir,
Is idir cha do choimhid iad
a naomh-reachd mar bu chòir:

57 Ach phill iad mar an sinnsera,
's gu fealltach ghluais air fad:
Mar bhogha fiar chaidh iad a thaoibh,
is chlaon iad uaith' gu grad.

58 Le'n dealbhaibh, is le'n àitibh àrd
chuir iad air fearg is eud.

59 Dia thug fanear, 's bha corruich air,
is gràin ri Israel.

60 Ionus a phubull gu do threig
an Siloh chuir a lamh;

'S am

'S am pàillion fòs a shocruich e
measg dhaoine ghabhail tàimh.
61 Gu bruid thug suas an neart, 's an gloir
gu laimh nan naimhde garg.
62 Do n' chlaidhe thug e suas a shluagh;
ri oighreachd ghabh e fearg.
63 An teine loisg an òigridh ghleust';
pòsadh cha d'fhuair an òigh'n.
64 An sagairt thuit le claidhe geur:
's cha d' fheuch am bantraich bròn.
65 Ghrad-mhosgail Dia an sin, mar neach
ag eiridh as a shuain:
Mar churaidh 'n deigh bhi pèit air fion,
tra ni e iolach chruaidh.
66 Nan deireadh bhuaileadh leis gu geur
a naimhde fein le tàir:
Is chuir e iad o fin amach
gu masladh buan is nàir'.
67 Seadh pàillion Ioseph dhiultadh leis:
mar sin 's treabh Ephraim fòs;
68 Ach thagh e Iudah, 's thug e gradh
do Shion ard gu mòr.
69 Thog esan fhàrdoch naomh an sud
mar lùchairt àrd ro-dheas:
Is mar an talamh socair teann
a dhaighnich e am feasd.
70 Fòs oglach Daibhidh thagh, is thug
o chrò nan caorach e:
71 'S o leantuinn fòs nan òisge trom
bha torrach air an spreidh;

Is

Is thug e dha gu'm beathachadh
Iacob a phobull naomh,
Mar sin is gineal Israeil
a b' oigreachd dh'a ro-chaomh.

72 Reir ionracais a chridhe fein
bheathaich e iad gu beachd:
Do reir deagh sheoltachd fòs a lamh,
stiuradh leis iad gu ceart.

SALM LXXIX.

THainig, a Dhe, na fineachan
a steach do d' oighreachd fein,
Thruaill iad do theampull naomh', is dh'fhàg
'na torr Ierusalem.

2 Is thug iad cuirp do sheirbhiseach
mar bhiadh do eoin nan speur;
Is feoil do naomh mar chobhartach,
do bheathaichibh an t sleibh.

3 Mu thimchioll fòs Ierusalem
dhoirt iad am fuil mar uisg':
Is cha robh neach d'an adhlacadh
's d'an cur-san uaigh an taisg.

4 Ball-fanoid agus massaidh sinn
d'ar coimhearsnachaibh fein:
Cùis spòrs' is mhagaidh do gach neach
ata m'ar cuairt gu leir.

5 Cia fhada bhitheas corruich ort,
a Dhe, am bi gu bràth?
Is d'eud am bi a' losgadh ruinn
mar lasair theith do ghnà?

6 Doirt dq chorruich air na sloigh
aig nach 'eil eòlas ort,
Is air na rioghachdaibh nach gairm
air tainm, a Dhia nam feart.

7 Oir mhill iad Iacob, fhardoch fòs
'na fàsaich chuir iad fios.

8 Na peacaidh fòs a rinneadh leinn
na cuimhnuich dhùinn a rìs;
Tioncadh gu luath do thrùacantas,
ruigeadh e oirn mu thrà:
Oir 's dìbli bochd anis ar staid
a' tuiteam fios gach la.

9 Dean coghnadh leinn, O Dhe ar slaint;
air sgà glòir tainme fein;
Sgà tainmsa saor sinn, agus glan
ar peacaidh uainn gu leir.

10 Ciod uime 'n abradh fineacha,
Ca bheil anis an Dia?
Measg fhineacha 'nar sealladh fein
aithnicheadh iad an Triath,
Le dioghaltas a ghabhail diubh;
oir dhoirteadh leo gun iochd
Fuil neo-chiontach do sheirbhiseach,
gu saibhir is gu tric.

11 Osnaidh a' phriosunaich ad lath'r
thigeadh, a Dhe nam feart;
'S an dream a dh'orduicheadh chum bàis,
soarsa, reir meud do neart.

12 Riusan tha dhùinn nan coimhearsnaibh
'nam brollach diol am beum,

Gach mafladh le'n do ſpreig iad thu,
ſeachd uaire pill riu fein.
13 Treud tionaltraidh, 's do phobull ſinn,
molaidh ſinn thu do ghnà;
Is cuiridh ſinn an ceill do chliu
o linn gu linn gu bràth.

SALM LXXX.

EISD, aodhair Iſraeil, a ſtiur
Ioſeph mar threud le d' laimh.
Thuſa ta d' thàmh meaſg Cherubim,
dealruich amach mu thrà.
2 An làthair Ephraim, 's Bheniamin,
agus Mhanaſeh fòs,
Dùiſgſa do chumhachd; agus thig
d'ar ſaoradh mar is nòs.
3 Pill ſinn a rìs, a Dhe nam feart:
tog oirne ſuas gu hàrd
Deagh dhealradh glan do ghnùis a nis,
is ſaorar ſinn le d' ghras.
4 Cia fhad, a Thighearna nan ſluagh,
a leanas corruich riut
Ri guidhe ghéir na muintir ſin
a's pobull dileas duit?
5 Oir bheathaich thu do ſhluagh gu leir
le aran deur is bròin:
Is tomhas ſaibhir thug thu dhoibh
do dheuraibh goirt r' an òl.
6 Is rinn thu ſinn mar aobhar ſtri
d'ar coimhearſnachaibh fein:

'N ar n aobhar spòrs' is abhacais
d'ar n eas-cairdibh gu leir.

7 Pill sinn a rìs, O Dhe nan slogh,
tog oirne suas gu h'ard
Deagh dhealradh glan do ghnùis anis,
is saorar sinn le d' ghràs.

8 Thug thu fineamhuin as an Eipht:
na Cinnich thilg thu mach,
Is shuidhich thus' an fhineamh'n ud
nan ionad sud fa seach.

9 Reitich thu àite dhi; is ghabh
i freumh gu daingean teann,
Le d' dheannachadh; is lionadh le
an tir o cheann gu ceann.

10 Na cnoic ro-arda dh'fholuich i
le sgail' 's le dubhar fein:
A geugan bha a' cinneachdain
mar sheudair bhreagha reidh.

11 An dara taobh gu ruig an cuan
chuir i amach a meòir,
An taobh ud eil' a geugan shìn
gu ruig an Abhann mhòr.

12 A callaid cia mar bhriseadh leat!
ionus gu bheil gach neach
Theid seachad air an rathad mhor
ga spionadh leo fa seach.

13 Tha 'n torc a thig o'n choill' amach
'g a fàsachadh gu leir,
Tha beathaich allt' na machrach fòs
'ga slugadh suas le cheil'.

14 Pill, guidhmid ort, O Dhia nan fluagh,
is feall o neamh anuas,
Feuch, agus fiosruich fein a nis
an fhineamh'n so le truas:

15 Am fion-lios sin a phlanntuich thu
le neart do laimhe deis':
'S am meanglan ùd a neartuich thu
dhuit fein le lùth is treis.

16 Le lasair theine loisgeadh iad
is ghearradh iad anuas:
Làn-mhilleadh agus sgriosadh iad
le achasan do ghnùis.

17 Le fear do dheas-laimh fein, a Dhe,
gu robh do lamh gu treun:
Le mac an duin' a rinneadh leat
a neartuchadh dhuit fein.

18 Mar sin cha phill sinn uait a ris,
ath-bheothaich sinn gach lo,
Is gairidh sinn air tainm an sin
ann cian a bhios sinn beo.

19 Pill sinn a ris, a Dhia nam feart,
is foillsich fein gu hàrd
Deagh dhealradh glan do ghnùis anis,
is saorar sinn le d' ghràs.

SALM LXXXI.

SEinnibh gu hard do Dhia ar neart;
do Dhia Iacob gu binn.

2 Is glacaibh Salm, is tiompan fòs:
saltair is clàrsach ghrinn.

3 An

3 An trompaid ſeidibh ſan rè nuadh:
air làithibh orduicht feill'.
4 Bu lagh ſud ag Dia Iacob fòs;
's bu reachd do Iſrael.
5 Do Ioſeph dh'orduich ſud mar theiſt,
air dol dha trid na hEipht,
'S an cualas caint is uirigill
nach tuiginn as am beul.
6 O'n uallach ſhaor mi ghuala-ſan:
o obair chrè a làmh.
7 Oir ghair thu ann ad thrioblaid orm,
is ſhaor mi thu gun dàil.
An ionad diomhair tairneanaich
do fhreagair mi do ghlaodh:
Aig uiſge coiſtrì Mheribah
do dhearbh mi thu faraon.
8 Eiſd, O mo ſhluagh, is bheir mi dhuit
deagh-fhianuis air gach tra,
Ma dh'eiſdeas tu ri guth mo bheil,
O Iſraeil do ghnà.
9 Annad na biodh aon-uair air bith
dia eile coigreach breig',
Is do Dhia coimheach fòs air bith
na cromſa ſios 's na geill.
10 'S miſe do Dhia Iehobhah treun,
thug thus' o'n Eipht' le neart,
Gu fairſing foſgail rium do bheul,
is lionam e gu pailt.
11 Gidheadh cha d' thug mo phobull fein
eiſdeachd do ghuth mo bheil,

'S cha ghabhadh rium an aitim ud
à ghin o Iſrael.

12 Mar ſin do mhiann an cridhe fein
thug miſe thairis iad;
Is chuir iad le 'n comhairlibh neo-ghlic
an ſeacharain am meud.

13 O b'fhearr gu biodh mo phobull fein
a' tabhairt geill do m' reachd;
Is fòs gu gluaiſeadh Iſrael
am ſhlighibh fein gu ceart!

14 An naimhde ſmachduichinn gu luath,
le buaidh 'g an leagadh ſios.
Is phillinn air an eaſ-cairdibh
mo làmh, d'an cur fo chìs.

15 Luchd-fuath an Tighearna mar ſin
bheireadh làn-umhlachd dhà;
Ach bhiodh an aimſir ſud ro-bhuan
is mairreanach gu bràth.

16 Is bheireadh e d'am beathachadh
ſmior cruineachd fòs d'a ſhluagh:
Do làn-diol bheirinn duit faraon
do'n mhil o'n charraig chruaidh.

SALM LXXXII.

AN cothional nan treun ata
'n a ſheaſamh Dia nam feart:
Am meaſg nan Dè bheir eſan breith
le cothrom is le ceart.

2 Cia fhad a bheir ſibh breitheanas
gu heucorach 's gach cùis;

Toirt

Toirt leth-bhreith air na daoine daoi,
'gam meas a reir an gnùis?

3 Do dhaoine bochd 's do dhilleachdain
deanuibhſe dion le ceart:
Is cumaibh còir riu sud do ghnà
ta cràiteach bochd gun neart.

4 An taimnis lag 's an deòradh truagh
ſior-theaſairgibh nam feum,
Deanuibh o laimh nan aingidh fòs
deagh-fhuaſgla' dhoibh gu treun.

5 Eolas no tuigſe cha 'n 'eil ac'
a' triall ſan dorcha ta'd;
Tha bunaite na talmhain fòs
air gluaſachd as an àit.

6 Is dè ſibh (thubhairt mi) is mic
do'n Ti a's àird' a t'ann:

7 Ach tuitidh, 's gheibh ſibh bàs mar dhaoin',
's mar aon do phrionnſaibh ſann.

8 Dhia, eirich, air an talamh dean
deagh bhreitheanas gu grad:
Oir gabhaidh tu mar oighreachd dhuit
na fineachan air fad.

SALM LXXXIII.

NA bìos ad thoſd anis; na bi
ad thàmh, O Dhia ar neart,
Na bi ad chomhnuidh nis 'nar feum,
Dhia chumhachdaich nam feart.

2 Oir feuch, ata do naimhde treun
ri ſtrì 's ri buaireas ard;

'S

'S an dream ud leis am fuathach thu
thog fuas an cinn an aird.

3 Oir ghabh iad comhairl' innleachdach
'n aghaidh do mhuintir fein,
'N aghaidh do phobuill dhiomhair chaoimh
dhealbhadh leo fud droch-theum.

4 A deir iad, thigibh leinn, d'an sgrios
o bhi ni 's mò nan fluagh:
A chum nach biodh air Israel
iomradh gu bràth no luadh.

5 Oir ghabh iad comhairle le cheil';
a' taghaidh ceangal rinn.

6 Pàilliun Edom, 's Ishmaelich,
Moab is Hagaren.

7 Gebal, Amon, is Amalec:
Palestin, 's muintir Thior.

8 Dhruid Asur leo: 's bu choghnadh iad
do ghineil Lot gu fior.

9 Mar rinneadh leat air Midian,
's air Sisera le cheil';
Air Iabin aig sruth Chisoin cas,
dean orra fud d'a reir:

10 Aig Endor mar a chaidh an claoidh,
mar aolach air an lar.

11 Air Oreb mar rinn thu, 's air Seeb,
dean air an uaillibh tàir:
Mar Sheba fòs, is Salmunna,
am prionnsaidh dean gu leir:

12 A thubhairt, Glacamaid dhùinn fein
mar oighreachd àrois De.

13 Dean

3 Dean iad mar chiob nan lus, mo Dhia;
mar mholl roi ghaoith nan gleann.
4 Mar chlaoidheas teine coillteach chrion,
's mar loiſgeas laſair beann:
5 Mar ſin le d' dhoininn orra sud
dean thuſa tòrachd dhian;
Le tiom-ghaoith, is le d' ſtoirm ro-mhòir
cuir orra geilt is fiamh.
6 An eudan lion le maſladh mòr,
's le ruidheadh-gruaidh gach rè,
Gu ruig an uair ann iarrar leo
tainm glòr-mhor fein, a Dhe.
7 Biodh amhluadh orra mar an ceudn',
is trioblaid mhòr a choidhch':
Is glacadh nàire maſlach iad,
d'am milleadh is d'an claoidh.
8 Gu 'n aithnich iad gur tuſa mhain
d'an ainm Iehobhah treun,
Tha tuachdaran of-cionn gach tir'
ſan domhan mhor gu leir.

SALM LXXXIV.

CIA mor an airi'-ghraidh do theach,
Iehobhah mhòir nan ſluagh!
Cia taitneach dhomhſa tàros naomh,
O Thighearna nam buadh!
2 Tha m'anam meat, ag meud a mhiann
air cùirtibh Dhe gach lo:
Mo chridh' is m'fheòil ri ſcairteachd chruai'
'n geall air an Dia ta beo.

3 Feuch,

3 Feuch fhuair an fud an gealbhonn beag
tigh comhnuidh maith 'na fheum,
'S an gòlan-gaoithe mar an ceudn'
do fholair nead dhi fein.
Is taifgidh i an fin a heoin
's a h àlach beag gun chli:
Ag taltair fein, O Dhia nan fluagh,
mo Thighearn' is mo Righ.

4 'S beannuicht an dream an comhnuidh ta
a' tàros naomh' a Dhe,
Oir bheir iad (mar is cubhaidh dhoibh)
mòr-mholadh dhuit gach rè.

5 'S beannuicht an duine fin 'gam bheil
annads' a neart gach la:
An dream 'gam bheil nan cridhe 'ftigh
do fhlighe fein do ghnà.

6 An dream fin trid ghlinn Baca theid
ni tobair ann, nam feum:
Is lionnidh uifge thig anuas
na fluic gu ruig am beil.

7 Sior-ghluaifidh iad mar fin gun fgios,
a' dol o neart gu neart:
An Sion nochdar iad fadheoidh
an lathair Dhia nam feart.

8 O Dhia nan fluagh, cluinn m' urnaigh fein
Dhe Iacob, eifd gu grad.

9 O Dhia ar fgia, feuch, 's amhairc air
gnùis tungaidh fein gun ftad.

10 'S fearr la ad chùirt na mile la:
b'fhearr leam bhi dorfaireachd

An àros De, na m' chomhnuidh fòs
am pàilliun aingidheachd.

11 Oir 's grian, 's is ſgia Iehobhah Dia,
is e bheir gràs is glòir,
'S cha chum e maith air bith o'n dream
ghluaiſeas gu direach còir.

12 O Thighearn' is a Dhia nan ſluagh,
is beannuicht e gun cheiſt
An duine fin, gu muinghineach,
d'an dòchas thu am feaſd.

SALM LXXXV.

DHA thuſa gràſ-mhor fabharach,
a Dhe, do d' dhùthaich fein:
Bruid Iacob thug thu air a hais
a rìs le d' ghairdean treun.

2 Cionta do phobuill mhaith thu fein,
dh'fholuich thu 'n uile lochd.

3 Chaiſg thu do chorruich uile, 's phill
o'n laſan a bha ort.

4 Pill finn a rìs, a Dhia ar ſlàint',
is tog do laſan dhinn.

5 Am bi do chorruich ruinn gu bràth?
's an sìnear tfhearg gach linn?

6 Nach deanar leatſa, Dhia nan gràs,
a rìs ar tabhairt beo;
Gu deanadh annad gàirdeachas
do phobull fein gach lo?

7 Taisbein do thròcair dhùinn anis,
a Thighearn' is a Dhe.

Is

Is deonuich dhùinne tfhurtachd fòs,
'ſ do ſhlàinte fein gach rè.
8 'Nis eifdeam ris an ni deir Dia:
labhraidh e sìth gu beachd
R'a phobull naomh; 's na pilleadh iad
a rìs ri hamaideachd.
9 Gu dearbh tha chobhair dlù do'n dream
d'an eagal e gu fior;
Chum glòir a bhi 'n a comhnuidh fòs
gu bunaiteach 'nar tir.
10 Tha tròcair agus firinn ghlan
air comhlachadh a cheil':
Tha ceartas agus ſiochaint mhaith
ag pògadh beul ri beul.
11 Is ſaſaidh as an talamh fòs
firinn anios gu pailt:
Is ſeallaidh ceart is fireantachd
o neamh anuas gun airc.
12 Is amhluidh bheir Iehobhah dhùinn
ni màith gu toirbheartach,
Is bheir ar ſearann is ar fonn
deagh-thoradh trom amach.
13 Sior-ghluaiſidh ceart is fireantachd
'n a fhianais ſan gu reidh:
Is ſinn air ſligh' a cheumana
gu direach ſtiuraidh e.

SALM LXXXVI.

AOM rium do chluas is cluinn mi, Dhia,
oir tha mi ainnis truagh;

2 Dea

2 Dean thuſa, chionn gu buin mi dhuit,
m'anam a dhion gu luath:
O's tu mo Dhia, ſaor tòglach fein
tha 'g earbſa riut do ghnà.
3 Dean tròcair orm, a Dhia, le iochd;
oir gairéam ort gach la.
4 Dean anam tòglaich dhileis fein
fior-aoibhin agus ait:
Arſon gu togam riut, a Dhe,
m'anam gu leir am airc.
5 Oir tha thu fein ro-mhaith, a Dhe,
lan iochd is acarthachd:
Is tha thu, do na ghairmeas ort,
pailt ann an tròcaireachd.
6 Eiſd m'urnaigh, Dhia; is thoir fainear
guth gearanach mo chaoi.
7 An la mo thrioblaid gairéam ort:
oir freagraidh thuſa mi.
8 Am meaſg nan Dè ni bheil, a Dhia,
aon neach a's coſmhuil riut:
No gniomh air bith a's coſmhuil ris
gach gniomh a rinneadh leat.
9 Thig iad, gach ſine rinneadh leat,
is ſleuchduidh dhuit, a Dhe,
Is bheir iad glòir is moladh àrd
do tainmſa ſeadh gach rè.
10 Arſon, a Dhe, gu bheil thu mòr,
's gu deantar oibre leat
Tha miorbhuileach; 's tu fein amhàin
Dia cumhachdach nam feart.

11 Do ſhlighe teagaiſg dhomh, a Dhia,
a' tfhirinn gluaisidh mi:
Chum eagal tainmſa gu biodh orm
mo chridhe druid riut fein.

12 Le m' uile chridhe molam thu,
O Thighearna mo Dhia:
Do tainm re-uaſal bheiream fòs
ard-ghlòir air feadh gach ial.

13 Oir 's mor do thròcair dhomhſa, Dhe:
is fòs o ifrinn ſhios
Fuaſgladh thug thu do m'anam bochd
is thog tu e anios.

14 Luchd-ardain dh'eirich rium, a Dhe,
is cuideachd làidir dhian
Ag iarraidh m'anm', ach thuſa Dhe,
nior chuir iad rompa riamh.

15 Ach tha thu, Dhe, mor-throcaireach,
ro-iochd-mhor anns gach càs;
Chum feirge mall, ach ſaibhir pailt
am firinn is an gràs.

16 O pill rium, is dean trocair orm,
thoir neart do tòglach fein,
Do mhac do bhan-òglaich faraon
dean fuaſgladh ann a fheum.

17 Comhar' air maith nochd dhomhſa, Dhia,
luchd m'fhuath gu faiceadh e,
'S gu gabhadh nàire, chionn gur tu
mo neart, is m'fhurtachd fein.

SALM

THA bhunaite 's na ſleibhtibh naomh',
2 'S ro-ionmhuineach le Dia
Geatachan Shioin, thar gach àit
a bha aig Iacob riam.
3 Nithe ro-ghlòr-mhor innſear ort,
a chathair àluinn De.
4 Rahab, is Babel cuimhnicheam,
dò'n dream d'an aithne mi;
Gabh beachd air Tirus mar an ceudn',
is dùthaich Phaleſtin,
Mairle ri Etiopia;
rugadh am fear-ſò'n ſin.
5 Mu thimchioll Shioin theirear ſe,
Am fear-ſo rugadh fòs
'S am fear ud innt'; an Ti a's àird'
ſocruichidh î air choir.
6 Tra ſgriobhas Dia le cuimhne mhaith
na fineacha ſa leth,
'N ſin àirmhidh e gum b'ann an ſud
bha 'm fear-ſo air a bhreth.
7 Luchd ſeinn nan oran bidh an ſud,
luchd inneil-ciuil d'an reir:
'S ann annad fein, a Dhia nan gràs,
tha m' uile thobair fein.

SALM LXXXVIII.

IEhobhah Dhia mo Shlànuighear,
ort ghair mi dh'oidhch 's a là.
2 A' t-fhianais thigeadh m'ùrnaigh fòs:
is eiſd mo ghlaodh do ghnà.

3 Oir m'anam làn do thrioblaid tha:
's do'n uaigh mo bheatha dlù.
4 Seadh mheasadh mi mar neach theid sìos
do'n tslochd; is mi gun lùth.
5 Saor tha mi measg nam marbh, is fòs
mar mharbh san uaigh gun deo,
A sgathadh sios le d' làimh gu beachd,
's nach cuimhnichear ni 's mò.
6 Chuir thu mi 'n àitibh domhain, dorch',
sat tslochd a's ìsle t'ann.
7 Is chlaoidh thu mi le d' shumainnibh:
luidh ormsa tsheasg gu teann.
8 Chuir thu luchd m'eolais fada uam:
's ro-sgreataidh mise leo:
Mar neach am prìosun druidte mi,
nach faigh amach ni 's mò.
9 Do bhri mo thrioblaid tha mo shùil
ri caoidh' is bròn do ghna:
Mo làmhan shin mi riut, a Dhe,
is ghairm mi ort gach là.
10 Do mhiorbuile do'n dream tha marbh,
a Dhe, an taisbein thu?
An eirich iad anios a ris,
gu mol iad thu le cliu?
11 Do thròcair is do chaoimhneas caomh
am foillsichear san uaigh?
Air tsheirinn ann an sgrios a' bhàis
le neach an toirear luadh?
12 Am bi maoin eolais anns an dorch'
air tsheartaibh miorbhuileach?

No

No 'm bi an tìr na di-chuimhn' fios
no beachd air tfhireantachd?
13 Ach riutſa ghlaodh mi, O mo Dhia:
gu moch theid m'urnaigh ſuas.
14 Dhia com' an tilg thu m'anam uait?
's an cum thu uam do ghnùis?
15 O m' oige tha mi air mo chràdh,
ro-dhlù do bhàs is uaigh;
Air dhomh bhi fulang tuabhaſan,
thà mi an imcheiſt chruaidh.
16 Oir dh' imich tharum tfhearg gu trom;
chlaoidh tuabhas mi do ghnà:
17 Mar uiſge chaidh iad timchioll orm,
ga m' chuartachadh gach là.
18 Mo charaid chuir thu uam am fad,
's am fear thug dhomhſa gradh:
Luchd m'eolais mar an ceudna tha
an dorchadas nan tàmh.

SALM LXXXIX.

AIR trocair De ſior-ſheinnidh mi
is ni mi orra ſgeul;
O àl gu hàl gu mairionnach
air tfhirinn thig mo bheul.
2 Oir thubhairt mi, gu togar ſuas
do thròcair mhòr do ſhior;
Is tfhirinn cheart ſna neamhaibh àrd
ſocruichear leat gu fior.
3 Co-cheangal rinneadh leam gu dearbh
riſan a roghnaich mi:

'S do Dhaibhidh tha na oglach dhomh
mhionnuich mi fein gu fior.
4 Socruichidh mi gu daingean buan
do ghinealach 's do shiol,
Do chathair rioghail togam suas
le honoir bhuan gu sior.
5 Molaidh na neamha ard gu binn
do mhiorbhuilean, a Dhe;
Is tfhirinn ann an co-thional,
do chloinne naomha fein.
6 Oir co sna neamha chor'-measar
ri Dia Iehobhah mor?
Is co ta measg nan cumhachdach
cosmhuil ri Dia na glor?
7 An cothional nan naomh gu beachd
's cuis eagail Dia gun cheist:
Ard-urram o gach neach mu'n cuairt
dha 's dleasanach am feasd.
8 O Thighearna 's a Dhia nan sluagh,
co 'n Triath sin ann an neart
Is cosmhuil riut? a tfhirinn fos
ga d' chuartuchadh gu beachd?
9 Ard-onfha cuain is fairge moir'
's tu chuireas iad fo reachd:
A sumainneadh tra dh'eireas suas,
caisgidh tu iad le smachd.
10 Mar dhuine buailte dol do'n eug
mhion-phronnadh Rahab leat:
Do naimhde sgaoil thu as a cheil'
le d' ghairdean treun 's le d' neart.

11 Is

11 Is leatſa, Dhe, na flaitheanais,
'S an talamh tha f'ar bonn:
'S tu dhaighnich fòs an cruinne-ce,
le làn do thoradh trom.

12 An airde deas is tuath faraon,
do chruthaicheadh iad leat:
Sliabh Taboir agus Hermoin àrd
a' tainm bidh aoibhneach ait.

13 Tha agad gàirdean cumhachdach:
ata do lamh ro-threun,
A Dhe, ata do dheas-lamh fòs
arduichte mar an ceudn'.

14 Mar àite tàimh do d'chathair righ
tha cothrom agus ceart:
Bidh tròcair agus firinn fòs
dol roimh do ghnùis gu beachd.

15 'S beannuicht an fluagh a thuigeas fòs
an fhuaim tha aoibhneach ait:
An ſolus glan do ghnùis, a Dhe,
fior-ghluaiſidh iad gu ceart.

16 A' tainms' air feadh an la bidh iad
gu haoibhneach mar bu chòir:
Is ann a thfhireantachd faraon
arduichear iad gu mòr.

17 Oir mais' is glòir an ſpionnaidh ſud
is tus' amhain, a Dhe:
Air n adharc ann ad chaoimhneas caomh
arduichear leat gu treun.

18 Oir 's e Iehobhah Dia nam feart
ar targaid is ar ſgia;

'S

'S e 'n ti ro-naomh sin Isfaeil
ar n Ard-Righ is ar Triath.

19 An sealladh anns an am sin fein
labhair thu Dhe gu ceart
Ri d' dhuine naomh, agus mar so
thubhairt thu ris gu beachd;
" Leag mise 's chuir mi cuideachadh
air gaisgeach treun nam buadh,
Is dh'arduich mi gu mòr an neach
a thagh mi as an tsluagh.

20 B'e Daibhidh neach a fhuaradh leam,
mo sheirbhiseach ro-chaomh:
'S e sin an neach a rinneadh leam
ungadh le m'òla naomh.

21 Is socruichear mo làmh do shior
gu dileas daingean leis;
Is ni mo ghàirdean cumhachdach
a neartachadh le treis'.

22 Le mac an uilc cha chlaoidhear e;
a nàmh cha tog dheth cìs.

23 Bualidh mi eascairde na lath'r,
leagaidh mi nàmh asios.

24 Ach bidh mo thròcair maille ris
is m' fhirinn mar an ceudn';
Is adharc-san am ainmsa fòs
bidh arduichte gu treun.

25 A neartsan theid gu ruig an cuan,
's gu sruithean buaidh theid leis.

26 Carraig mo shlàinte, (their e rium)
m' athair, mo Dhia, 's mo threis'.

27 Mo

27 Mo cheud-ghin deanam dheth faraon:
arduichte thar gach righ.
28 Mo chumhnant ſeaſaidh daingean leis:
dha coimhdeam gràs do ſhior.
29 Is bheir mi air a ſhliochd gu mair
iad feadh gach linn gu bràth:
'S a chathair rioghail uaſal ard
mar làithe neamh' do ghnà.
30 Ma 's e 's gu treig a chlann mo lagh,
's nach gluais iad ann am reachd,
31 Gu truaill iad m' aitheanta ro-naomh,
m' iarrtais nach cum gu ceart:
32 Fioſruichidh mi an ſin gu beachd,
le ſlait, an eucoir chlaon;
Am peacaidh fioſruicheam 's an lochd,
le ſgiurſa goirt faraon.
33 Gidheadh, gu tur mo chaoimhneas gràidh
cha bhuin mi uaith gun cheiſt:
Cha'n fhuiling mi gu breugaichear
mo ghealla' fior am feaſd.
34 Mo cho-cheangal cha bhriſtear leam,
no 'n cunradh rinn mi ris,
'S am focal a chaidh as mo bheul
am feaſd cha chaochail mis'.
35 Oir aon-uair mhionnuich mi mar ſo,
's ann air mo naomhachd fein,
Do Dhaibhidh tha 'na òglach dhomh,
's am feaſd cha dean mi breug.
36 Bithidh a ſhliochd 's a ghinealach
ſior-mhairionnach gach ial,

'S

'S a chathair rioghail bithidh i
am fhianais mar a' ghrian.
37 Is bithidh mar a' ghealach ghlan
gu daingean buan do shior:
'S mar fhianais anns na neamhaibh ard
bhios tairis agus fior."
38 Ach thilg thu uait is threig gu tur,
is ghabh thu grain a nis;
'S an ti dh' ung thu le t ola naomh,
tha thu an corruich ris.
39 Co-cheangal t òglaich dhileis fein
sgaoil thusa, Dhe, le tair;
'S a choron uasal thruailleadh leat,
'g a thilgeadh air an lar.
40 A ghàrradh didein bhristeadh leat,
's a dhaighneach laidir leag.
41 Mar chobhartach e do luchd-ròid:
d'a choimhearsnaibh mar sgeig.
42 Làmh dheas a nàmhaid thog thu suas:
uil' eas-caird' rinn thu ait.
43 Is phill thu faobhar arm, sa chath
cha d'thug thu dhasan neart.
44 Chaisg thu a ghlòir; 's a chathair righ
leag thusa sios gu lar.
45 Is aimsir òige ghearradh leat;
dh'fholuich thu e le nair'.
46 Cia fhad a dh'fholuicheas tu, Dhe,
thu fein, a choidhch' nan cian?
An loisg do chorruich fos gu cas
mar theine lasrach dian?

47 Th

47 Thabhair fainear is cuimhnich fein
giorrad mo rè 's mo lò:
C'arson a rinn thu clann nan daoin'
mar dhiomhanas no ceò?

48 Co e am fear am measg nam beo,
am bàs nach faicear leis?
No anam fein o laimh na huaigh
an teasairg e le treis'?

49 Ca bheil do chaoimhneas gràidh, a Dhe,
a thaisbein thu o thùs,
A mhionnuich thu air t fhirinn cheirt
do Dhaibhidh chumail suas?

50 Cuimhnich, a Thighearn', toibheim trom
do sheirbhiseach gu leir:
Is mar a ghiulain mis' am uchd
masladh a' phobuill threin.

51 Le'n d' thug do naimhde masladh uath'
gun chùis, a Dhia nam feart;
Oir mhasluich iadsan ceumana
an ti do ungadh leat.

52 Mòr-bheannuicht agus cliuiteach fòs
gu robh Iehobhah treun,
Gu siorruidh suthain fad gach rè.
Amen, agus Amen.

SALM XC.

S Tu b'ionad comhnuidh dhùinn gahc linn,
O Thighearna na glòir;

2 Cian mun do ghineadh fòs na cnuic
's na sleibhte beag no mòr.

Cian

Cian mun do dhealbh thu'n talamh trom
no 'n cruinne-ce le d' neart;
O bhith-bhuantachd gu bith-bhuantachd
is tusa Dia gu beachd.

3 Gu neo-ni pillear leatsa ris
an duine truagh d'a sgrios,
A deir thu fòs, O chlann nan daoin'
grad-phillibh air 'ur n ais.

4 Oir mile bliadhn' ad shealladh fein,
mar an la 'n dé ata,
'N tra theid e seach: is amhluidh fòs
mar fhorair' oidhch' ad lath'r.

5 Dh' fhuadaich thu sios iad mar le sruth,
mar chodal iad no suain:
Sa mhadainn bidh iad mar am feur
gu moch a dh' eireas suas.

6 Air madainn bristidh roimhe blàth,
is fasaidh e gu h ard:
Ri am an fheasgair gearrar e,
is seargaidh air an làr.

7 Oir chaitheadh sinn le d' chorruich gheir;
chlaoidh t fheargsa sinn gu tur.

8 Ar peacaidh dhiomhair, is ar lochd
an sealladh t eudain chuir.

9 Oir ann a tfheirg ar n uile làith'
tha teireachdain fa seach:
Is caithear leinn ar bliadhnaidh fòs,
mar sgeul a dh' innseadh neach.

10 'S iad làith' ar bliadhnaidh mar an ceudn'
tri fichead bliadhna 's deich,

No,

No, feudaidh bith, le tuille neart
ceith'r fichead bliadhn' no neach.
Gidheadh cha'n 'eil nan ſpionnadh ſud
ach cràdh is cùradh geur:
Oir ſgathar ſios gu h ealamh e,
is ſiubhlaidh ſinn gu leir.

11 Co aig am bheil deagh-thuigs' is ſios
air neart do chorruich fein?
Is amhluidh fòs mar t eagal mòr,
tha laſair t fheirg da reir.

12 O teagaiſg dhuinn, a Dhe nam feart,
mar àirmhear leinn ar làith';
A chum ar cridh' a ſhocruchadh
air gliocas ceart gach trà.

13 O Thighearna Iehobhah mhòir,
pill fein a rìs; cia fhad'?
Mu thimchioll ſtaid do ſheirbhiſeach
gabh aithreachas gu grad.

14 O dean ar ſàſuchadh gu moch
le d' thròcair chaoimh, a Dhe,
A chum gu biodhmaid aoibhneach ait,
ri fad ar la 's ar rè.

15 Dean ſubhach ſinn a reir nan la
a chràidh thu ſinn gu goirt:
Do reir nam bliadhna ud faraon
am faca ſinn an tolc.

16 Taiſbein do d' ſheirbhiſich do ghniomh;
faiceadh an clann do ghlòir.

17 Is bitheadh mais' ar Tighearn' Dia
ag dealradh oirn' gu mòr.

Na gniomhara a rinn ar lamh
ſocruich iad dhuinn, a Dhe:
Na gniomhara a rinneadh leinn
dean daingean iad gu leir.

SALM XCI.

AN neach ſin tha na thàmh gach uair
an ionad uaigneach Dhe
Fo ſgàil' an Uile-chumhachdaich
buan-chomhnuidh ni gach re.

2 Deireamſa nis mu thimchioll Dhia,
Mo thearmunn e, 's mo neart;
Mo dhaighneach; cuiream dochas ann
mo Dhia, 's e Dia nam feart.

3 Gu dearbh o rib an eunadair
is e ni fuaſgladh ort,
'Se ni do ſhaoradh mar an ceudn'
o'n phlàigh tha gràineil goirt.

4 Le iteich ni e t fholach fòs,
bidh t earbſa fuidh a ſge';
Is fhirinn bidh 'na targaid duit,
mar ſge' do d' dhion gach re.

5 Cha bhi ort ogluidheachd fa chùis
an uabhais anns an oidhch';
No fòs fa chùis na ſaighde bhios
ag ruidh air feadh an laoi:

6 Cha bhi maoin eagail ort do'n phlàigh
tha triall an dorchadas;
No fòs fa chùis an uilc a bhios
mu mheadhon la ri ſgrios.

7 Bidh

7 Bidh mile tuiteam ſios ri d' thaobh,
deich mile fòs ri d' dheis:
Ach olc dhiubh sud cha d' thig ad chòir
no 'm fagus duit am feaſd.
8 Amhàin le d' ſhùilibh ſeallaidh tu,
is bheir fanear le beachd;
Droch-dhiol is tuaraſdal nan daoi
gun cheiſt do chithear leat.
9 A chionn gu d' roghnaich thuſa Dia,
mar chomhnuidh dhuit gach am,
An Dia ud tha 'na thearmunn domh,
's e 'n Tì a's airde t' ann:
10 Aon olc cha 'n eirich dhuit; is plàigh
do t fhardoich cha d' thig dlù.
11 Oir àithne bheir d'a ainglibh, chum
ad ròd gu dìon iad thu.
12 Is togaidh iadſan thuſa ſuas
gu h ard air bharr am bos;
Eagal gu buailteadh leat air cloich
aon-uair air bith do chos.
13 Air leomhan is air naithir nimh'
gun dòrainn ſaltrar leat:
Pronnaidh tu 'n dragon ſios le d' chois,
's an leomhan òg le d' neart.
14 A chionn gur ionmhuin leſan mi,
sàr-fhuaſgladh bheir mì dha;
Air m'ainm a chionn gur eòlach e,
arduicheam e gach la.
15 Gairidh e orm, is freagram e:
'na thrioblaid bitheam leis,

Onoir is urram bheir mi dha,
is fuaſglam air gu deas.

16 Le faogha1 fada 's mairionnach
sàſuicheam e gu leòr:
Mo ſhlàinte dha-ſan mar an ceudn'
foillſichidh mi gu mòr.

SALM XCII.

BHI tabhairt buidheachais do Dhia
'ſ ni sàr-mhaith maiſeach e,
Bhi tabhairt cliu, O Thi a's aird',
do t ainmſa feadh gach re:

2 Do chaoimhneas anns a' mhadainn mhoich,
bhi tric a' cur an ceill;
'S air t fhirinn tha neo-mhearachdach,
gach oidhch' bhi deanamh ſgeil.

3 Air inneal ciuil nan teuda deich,
is air an t ſaltair ghrinn;
'S air clàrſaich le guth fonnmhor àrd
a ſheinneas ceol gu binn.

4 Oir trid do ghniomharas', a Dhe,
rinn thu mi aoibhinn ait;
Is ann an oibre fòs do làmh
nim gàirdeachas gu pailt.

5 Toibre-ſa, Dhe, cia iongantach!
do ſmuainte co d'an leir!

6 An t amadan cha tuig e ſo,
'ſ cha'n eòl do'n amhlair e.

7 Tra chinneas luchd na haingidheachd
anios mar chinneas feur,

Trà bhitheas fòs luchd deanaimh uilc
a' fàs fo bhlà gu leir.
Se sud is deireadh dhoibh fadheoidh,
gu sgrìosar iad am feasd.
8 Ach thusa, Dhe, gu siorruidh ta
ard-urramach gun cheist.
9 Oir feuch, do naimhde fein, a Dhe,
oir feuch, do naimhde fein,
Lan-sgrìosar iad: iom-sgaoilear fòs
luchd-aingidheachd gu leir.
10 Ach m' adharc togaidh tusa suas
mar adharc buabhuill aird:
Le h òla ghloin neo-thruaillidh ùir
ungat mi rìs le d' ghras.
11 Mo mhiann chi mi air m' eascairdibh,
is cluinnidh fòs mo chluas
A toil air luchd na h aingidheachd
am aghaidh dh'eirich suas.
12 Bidh piseach air an fhirean chòir
mar phailm-chrann ùrar glas;
Mar Sheudar ard air Lebanon
a' fàs gu direach bras.
13 An dream tha air an suidheachadh
an tigh 's an àros De,
An cùirtibh greadhnach ard ar Dia
sior-fhàsaidh iad gach re.
14 San am am bi iad aosmhor liath
bheir iad mor-mheas amach;
Is bithidh sultmhor le deagh-bhlà
dhiubh sud gach uile neach.

15 A chum gu feuch iad gu bheil Dia
ro-chothromach is ceart:
Mo charraig e, 's cha'n 'eil ann fein
aon eucoir no droch-bheairt.

SALM XCIII.

IS Righ Dia, air a sgeuduchadh
le mòralachd gach am;
Ta air a sgeaduchadh le neart,
is criosluichte gu teann.
Shocruicheadh leis an cruinne-ce,
nach gluaisear e a choidhch'.

2 Do chathair daingean ta o chian,
's tu fein gun tùs gun chrioch.

3 Na tuiltean thog asuas, a Dhe,
na tuiltean thog an guth;
Seadh thog na tuilte suas gu h ard
an tonna mor gu tiugh.

4 Is treise Dia ta 'n comhnuidh shuas
na fuaim nan uisge garbh:
Is treise Dia na sumainneadh,
is tonna cuain gu dearbh.

5 Ata do theisteis is do reachd
ro-dhaingean agus sior:
Tha naomhachd iomchuidh air do theach,
a Dhe nam feart, gu sior.

SALM XCIV.

O Dhia d'am buin ceart-dhioghaltas:
Iehobhah neartmhoir threin,

D'am buin amhàin ceart-dhioghaltas,
gu dealrach nochd thu fein.
2 O Bhreitheimh cheirt na talmhain, dean
thu fein a thogail fuas:
Is ioc ri luchd an uaibhreachais
ceart-luigheachd agus duais.
3 Cia fhad a ni luchd-aingidheachd;
cia fhad, a Dhia, a ni
Luchd aingidheachd ùr-ghairdeachas
le aoibhneas mor gun di'?
4 Cia fhad a bhrùchdar briathra leo,
ag teachd air nithibh cruaidh?
'S a bhitheas luchd na h aingidheachd
ri ràiteachas is uaill?
5 Bhrist iad do shluagh gu mion, a Dhe,
is t oighreachd chlaoidh gu goirt.
6 Bantracha, coigrich, 's dilleachdain,
gam marbhadh, is gam mort.
7 Deir iad gidheadh, Cha leir do Dhia:
is fòs ni mò a ni
Dia Iacoib fud a thoirt fainear,
's cha chuir am feasd am prìs.
8 O dhaoine brùideil 'measg an t sluaigh,
'nis tuigibh agaibh fein,
Is amadain, cia fhad' a bhios
sibh gabhail chugaibh ceill'.
9 An neach a chuir air failtein cluas,
ani bi gun chlaisteachd gheir?
An Ti a dhealbh an t sùil faraon,
nach ann da fein is leir?

10 'N Ti ſmachduicheas na fineachan,
an eadh nach cronuich e?
An Ti bheir eolas do gach neach,
an neach gun eolas e?
11 Air ſmuaintibh dhaoin' is fioſrach Dia,
gur diomhaoin iad gu beachd.
12 Dhia 's beannuicht e d'an toir thu ſmachd,
is teagaſg as do reachd.
13 Chum fois gu d' thugadh tuſa dha
o làithibh amhghair olc,
Gu ruig an uair an cladhaichear
do dhaoine daoi an ſlochd.
14 Oir Dia cha tilg e dheth e am feaſd
an ſluagh d'an d'thug e ſpeis;
'S ni mò na ſin a threigear leis
an oighreachd a's leis fein.
15 Ach pillidh breitheanas a rìs
ri fireantachd air ais:
Is luchd a' chridhe threibh-dhirich
leanaidh 'nan deigh gu cas.
16 An aghaidh fòs luchd deanaimh uilc
co dh' eireas leam an aird?
An aghaidh luchd na h aingidheachd
co ſheaſas air mo phàirt?
17 Mur bitheadh Dia Iehobhah leam
ga m' chuideachadh le buaidh,
'S beag nach robh m'anam bochd an tàmh,
gu toſdach anns an uaigh.
18 Tra thubhairt mi, ata mo chos
air ſleamhnachadh uam ſios:

Do

Do throcair chaomh-ſa 'n ſin, a Dhe,
chum ſuas mi, agus dhion.

19 Air bhith do m' ſmuainte muladach
is lionmhor ann am chom,
Do cho-fhurtachdſa thug an ſin
sòlas do m' anam trom.

20 Cairdeas no comunn riutſa, Dhe,
am bi aig luchd an uilc,
Tha dealbh gu ſeolta aimhleis mhoir
's ga orduchadh le reachd?

21 An aghaidh anm' an fhirein chòir
chruinnicheadh leo gu dlù;
A dh'fhàgail ris fuil neo-chiontaich
le breitheanas nach fiu.

22 Ach Dia mo dhaighneach 's e: mo Dhia,
mo charraig-dhion' gach lo.

23 'S e dhiolas orra ſud air ais
gach eucoir rinneadh leo.
An ſgathadh ſios do nithear leis
gu ceart 'nan aingeachd fein:
Is ni Iehobhah mòr ar Dia
an ſgathadh ſios gu treun.

SALM XCV.

O Thigibh, ſeinneamaid do Dhia:
thigeadh gach neach 'na lath'r;
Do charraig threin ar ſlàinte fòs
togamaid iolach àrd.

2 Aſteach 'na fhianuis thigeamaid
le buidheachas gach la;

To-

Togamaid ceòl gu ſuilbhireach
a' ſeinn le ſalmaibh dha.

3 Is Dia ro-mhòr Iehobhah treun,
Righ mòr os-cionn gach Dia.

4 Doimhneachd na talmhain tha 'na laimh;
's leis neart nan cnoc 's nan ſliabh.

5 Se rinn an cuan tha fairſing mòr,
tha còir aig' air is ſealbh;
'S an talamh tioram le a laimh
's e chruthaich is a dhealbh.

6 O thigibh, agus ſleuchdamaid,
is deanar cromadh leinn;
Is air ar gluinibh tuiteamaid
do'n Dia a chruthaich ſinn.

7 Oir 's e ar Dia, is ſinn' a ſhluagh
a bheathuich e mar threud,
Caoirich a laimh. Ma eiſdear leibh
an diugh mo ghuth gun bhreug,

8 Na cruaidhichear ur cridhe leibh,
mar anns a choi-ſtrì dhian,
Mar rinneadh leibh ſan fhàſaich chruaidh
ga m' bhuaireadh le bhur miann.

9 Tra dh'fhionn 's a dhearbh ur ſinnſir mi,
's mo ghniomh tra chunnaic iad.

10 An t àl ud rè da fhichead bliadhn'
chuir campar orm is eud:
Thubhairt mi, 'S pobull iad 'g am bheil
droch chridhe ſeachranach:
Is air mo ſhlighibh nach do ghabh
riamh eolas firinneach.

11 D'an

11 D'an d'thug mi fein mo mhionnan mòr
am fheirg 's am chorruich ghéir,
Nach rachadh iad a choidhch' a ſteach
do m' ionad-comhnuidh fein.

SALM XCVI.

CAnaibh do'n Tighearn' oran nuadh,
gach aon tir, canaibh dha.
2 Seinnibh do Dhia: ainm beannuichibh;
nochdaibh a ſhlàint' gach la.
3 Am meaſg nam fineach aineolach
ſior thaiſbeinibh a ghlòir:
Am meaſg nam poibleach inniſibh
a mhiorbhuile ro-mhòr.
4 Oir 's mòr Iehobhah Dia nam feart,
's ion-mholta feadh gach rè:
Is aobhar eagail e faraon
os-cionn nan uile Dhe.
5 Oir uile Dhe nam fineachan
is iodhail iad gu leir:
Ach 's e Iehobhah Cruthaighear
nam flaitheas is nan ſpeur.
6 Ard-onoir agus mòralachd
'n a fhiadhnais-ſan ata:
Treun-ſpionnadh agus maiſealachd
'na theampull naomh do ghnà.
7 O fhineacha nam poibleach mòr,
thugaibh do Dhia nam feart,
Thugaibh do'n Tighearna faraon
glòir, urram, agus neart.

8 A'

8 A' ghlòir a's cubhaidh fòs d'a ainm
do'n Tighearn' thugaibh uaibh:
Thigibh g'a chùirtibh naomh a fteach,
is thugaibh ofrail leibh.

9 Do Dhia Iehobhah fleuchdaibh fios
am mais' a naomhachd fein:
Biodh eagal oirbh, gach uile thir,
'n a fhianais-fan gu leir.

10 Abraibh 'meafg fhineach, gu bheil Dia
riaghladh mar Righ gu beachd:
Buan-dhaighnichear an domhan leis:
air daoine bheir breith cheart.

11 Biodh aoibhneas air na neamhaibh ard,
is biodh an talamh ait:
Beucadh an cuan gu farumach,
's gach làn a t' ann gu pailt.

12 Biodh aoibhneas air a' mhachair fòs,
is air gach ni a t' ann:
An fin bidh aiteas air gach coill',
is air gach craoibh is crann

13 An làthair Dhe; oir tha e teachd,
oir tha e teachd gu breth;
Air talamh chum gu deanta leis
ceart-bhreitheanas fa leth:

Le ceartas maith bheir e amach
breith air a' chruinne-che,
Bheir air a' phobull bhreitheanas
le firinn fhior-ghlan reidh.

1 Ehobhah mòr 's e tha 'na Righ,
biodh aiteas air gach tir:
'S air eileanaibh tha lionmhor ann
biodh gàirdeachas gu leir.

2 Tha neula tiugh is dorchadas
m'a thimchioll air gach leith:
Se 's comhnuidh fòs d'a chathair-rìgh
deagh chothrom is ceart-bhreith.

3 Tha teine millteach ro a ghnùis
ag imeachd air gach àird,
Le'n loiſgear ſuas gu laſarach
a naimhdean anns gach àit.

4 Le ſolus glan a dhealanaich
dhealruich an cruinne-ce:
Chunnaic an talamh sùd gu dearbh,
ghrad-chliſg is chriothnuich e.

5 Na cnuic, an làthair Dhia nan dùl,
leagh as air fad mar cheir:
Ro ghnùis Ard-Righ an domhain mhoir
leagh iadſan as gu leir.

6 Na neamha cuiridh 'n ceill a cheart;
is chi gach fluagh a ghlòir.

7 Do dhealbhaibh ſnaighte meud 's a chrom
gu robh dhoibh amhluadh mòr,
Tha deanamh uaill is ràiteachais
a iodholaibh nach fiu;
Gach uile dhe ata ſibh ann,
ſleuchdaibh do Dhia nan dùl.

8 Rinn Sion aoibhneas nach bu ghann,
an uair a chual i'n ſgeul,

Rinn nighean' Iudah gàirdeachas
mu d' bhreitheanais, a Dhe.

9 Oir tha thu, Dhia Iehobhah, àrd
os-cionn gach uile thir:
Tha thu air t arduchadh gu mòr,
os-cionn gach Dia gu leir.

10 Sibhſe le' n ionmhuin Dia ro-naomh,
fuathuichibh olc a choidhch';
Anam a naomh ſior-ghleidhidh e;
ſaoruidh o laimh nan daoi.

11 Cuirear mar phòr gu ſraſach pailt
ſolus do'n fhireanach,
Is aoibhneas fòs dhoibh fin ata
nan cridhe treibh-dhireach.

12 Biodh aiteas oirbh an Dia na glòir',
O fhireana gu leir:
Is thugaibh buidheachas do Dhia,
ri cuimhn' a naomhachd fein.

SALM XCVIII.

O Seinnibh oran nuadh do Dhia
rinn bearta miorbhuileach:
'S i dheas-làmh fein 's a ghairdean naomh,
thug dhaſan buaidh amach.

2 Feuch, thaiſbein Dia gu follaſach
fhurtachd 's a ſhlàinte mhòr:
Am fianais Chinneach leig e ris
fhireantachd fein gu leòr.

3 Chuimhnich e fhirinn is a ghràs
do theaghlach Iſracil,

Is slàint' ar Dia-ne chnnnaic fòs
gach iomall tir' gu leir.
4 Do Dhia Iehobhah togaibh suas
ard-iolach ait, gach tir:
Togaibh ur guth; bibh subhach fòs,
is seinnibh moladh fior.
5 Do Dhia Iehobhah mòr nam feart
seinnibh air clàrsaich ghrinn:
Le clàrsaich (deirim) seinnibh dha,
le guth na sailm gu binn.
6 Le fuaim an tormain seinnibh dha,
's le guth na trompaid àird:
Do Dhia an t Ard-Righ seinnibh fòs,
le iolaich ait 's gach àit.
7 Beucadh an fhairge mhor gu borb,
's an làn tha innt' le cheil';
An domhan, is gach dùil ata
an comhnuidh ann gu leir.
8 Buaileadh na tuilte mòr am bos';
na sleibhte bitheadh ait.
9 An làthair Dhe, oir tha e teachd
air talamh thabhairt ceairt:
Le ceartas maith bheir e amach
breith air a' chruinne-che,
Bheir air a' phobull breitheanas
le cothrom fior-ghlan reidh.

SALM XCIX.

THA Dia 'na Righ, is criothnuicheadh
gach uile shluagh air bith:

'S e ſhuidheas eadar Cherubim,
biodh air an talamh crith.
2 An Sion tha Iehobhah mòr,
is ard oſ-cionn gach ſluaigh.
3 T ainm mòr ro-uathmhor molar leo,
oir tha e naomh r'a luadh.
4 Is toigh le neart an Righ ceart-bhreith:
's tu ſhocruicheas a' cheart:
An Iacob breitheamas is còir
cuiridh tu 'n gniomh gu beachd.
5 Ar Dia Iehobhah àrduichibh:
is ſleuchdaibh dha gu caomh
Ag ſtòl a chos gu hurramach;
oir tha e fein ro-naomh.
6 Am meaſg a ſhagart Aron 's Maois,
bha Samuel anns an dream
A ghair air ainm: dh'iarr iadſan Dia,
fhreagair e iad ſan am.
7 Am baideal neoil gu gràsmhor caoin
labhair an Tighearn' riu;
Na haitheantan a thug e dhoibh,
's a reachdan ghleidheadh leo.
8 Iehobhah Dia, thug freagradh dhoibh,
's tu 'n Dia a mhaith an lochd,
Ge d' rinn thu orra dioghaltas
air ſon an innleachd olc.
9 Ar Dia Iehobhah arduichibh,
is ſleuchdaibh dha do ghnà,
'S ann aig a thulaich naomha fein:
oir 's naomh ar Dia gu bràth.

SALM

TOgadh gach tir àrd-iolach ghlaoidh,
do Dhia Iehobhah mòr.
2 Thigibh, is deanaibh feirbhis ait,
'n a lathair-san le ceòl.
3 Biodh agaibh fios gur esan Dia,
se rinn sinn, 's cha sinn fein:
A phobull sinn, 's a chaoirich fòs
dh' ionaltradh leis gu leir.
4 Thigibh anis le buidheachas
'na gheataibh-san a steach,
Is thigibh fòs le moladh mòr
an cùirtibh naomh a theach:
Is thugaibh dha mòr-bhuidheachas,
ainm beannuichibh gu binn.
5 Oir Dia ta maith, tha thròcair buan;
is fhirinn feadh gach linn.

SALM CI.

BReith cheart is tròcair canar leam:
Dhe, seinneam dhuit le ceòl.
2 Is iomcharam mi fein gu glic
air slighe fhoirfe chòir.
O c'uin do m'ionnsuidh a thig thu,
a Thighearna nam feart?
A steach am fhardoich gluaisidh mi
le cridhe fior-ghlan ceart.
Fa chomhair fòs mo shùile fein
ni 'n cuiream olc am feasd:
Obair luchd-ceannairc 's fuathach leam,
's cha lean i rium gun cheist.

4 An cridhe iargalt ain-meineach
uam triallaidh e an cein:
Eòlas no furan air an daoi
a choidhch' cha chuir mi fein.

5 An ti bheir beum da choimhearsnach,
lom-sgriosam e as àit;
An cridhe borb cha 'n fhuilling mi,
no neach a sheallas ard.

6 Bidh m' air' air fireana na tir,
gu gabh iad comhnuidh leam:
An ti bhios foirfe glan 'na bheus,
se 's òglach dhomh gach am.

7 Fear deanaimh ceilg is mealltaireachd,
am theach-sa cha 'n fhaigh tàmh;
Am bathair, neach a labhras breug
cha 'n fhuirich iomad là.

8 Lom-sgriosaidh mise fòs gu moch
gach droch-dhuin' as an tir,
Chum luchd an uilc a sgathadh as
o chathair Dhe gu leir.

SALM CII.

RI m' urnaigh eisd, Iehobhah Righ;
is ruigeadh ort mo ghlaodh.

2 Na fuluich uam do ghnùis san la
thig triobhaid orm gach taobh.
San la an gairm mi ort gu geur,
crom chugam fein do chluas;
Is freagair mi gu deifireach,
ag furtachd air mo chruas.

3 Do bhri gu bheil mo làith' mar cheo
ag teireachdain do ghnà:
Mar lic an teinntein 's amhluidh ſin
mo chnàmhan loiſgte ta.
4 Trom-bhuailte tha mo chridhe bochd,
is ſhearg e mar am feur;
Ionus gur dhearmaid mi gu beachd
greim arain chur am bheul.
5 Le guth mo chaoi, mo chnàmhan lean
ri m' chraicionn fein gu teann.
6 Mar phelican ſan fhàſaich mi,
's mar chaillich-oidhch' nam beann,
7 Ri faire taim gu furachair,
is coſmhuil mi do ghnà
Ri gealbhonn beag 'na aonar fòs
àir mullach tighe ta.
8 Ri fad an la mo naimhde garg
ga m' mhaſluchadh gu geur;
San dream ata air boile rium
am aghaidh mhionnaich iad.
9 Le m' dheuraibh choi-meiſg mi mo dheoch;
mar aran dh'ith mi luath,
10 Tre laſan tfheirg'; oir thog thu mi
is leag thu ris gu truagh.
11 Mar ſgàile chlaon mo làithe ſios:
is ſhearg mi fein mar fheur.
12 Ach mairidh tus', am feaſd, a Dhe,
's do chuimhne fein gu ſior.
13 Nis eiridh tu a dheanamh gràis
air Sion naomh gu dlù:

Oir

Oir am a cobhair tha air teachd,
ſe 'n tam a dh'orduich thu.

14 Oir tòglaich tha ag gabhail tlachd
d'a clachaibh ſud gach uair,
Tha deagh thoil ag do ſheirbhiſich
d'a luaithre is d'a h ùir.

15 Mar ſin bidh air na fineachaibh
eagal ro' ainm an Triath:
Is air gach righ air thalamh ta
bidh ro' do ghlòir-ſa fiamh.

16 Tra thogar Sion ſuas le Dia,
taiſbeanar e 'na ghlòir.

17 Urnaigh nam bochd bheir e fainear,
's cha diùlt e iad le tàir.

18 Do'n àl ata ri teachd 'nar deigh,
ſud ſgriobhar dhoibh gu beachd:
'S an dream a ghinear o ſo ſuas,
molaidh iad Dia nam feart.

19 Oir dh'amhairc e anuas gu beachd
o aird a naomhachd fein;
Is air an talamh dh'amhairc Dia,
anuas o neamh nan ſpeur.

20 A chluinntin oſnaidh ghearanaich
a' phrioſunaich tha 'n ſas:
Chum fuaſgladh air a mhuinntir ſin
a dh' orduicheadh chum bàis.

21 An Sion chum a chur an ceill
ainm uaſal ard ar Dia,
'Sa dh' innſeadh an Ieruſalem
moladh is cliu an Triath.

22 An

2 An tam a bhios na fineacha
air cruinneachadh le cheil':
'S gu feirbhis De trà thionalar
na rioghachda gu leir.

3 Air feadh na flighe is an ròid
mo threoir do lagadh leis:
Mo làithe chuir an giorrad fòs.
4 'S mar fo do labhair mis',
Mo Dhia, na glacar mí le bàs
mu thimchioll leth mo la:
O aois gu haois gu mairrionach,
do bhliadhnaidhs' buan ata.

5 O chian leag thufa bunaite
na talmhain fo, a Dhe;
Is fiad na neamha fior-ghlan àrd
oibre do lamha fein.
6 Teirigidh iadfan, 's theid iad as,
ach mairidh tufa, Dhe;
Seadh teirigidh iadfan 's gabhaidh feach
mar ghiobal fean gu leir:
Feuch caochluidh tu mar thrufgan iad,
is caochlar iad gun cheift.
7 Tha thus' amhàin gun chaochladh ort,
's do bhliadnaidh buan am feafd.
8 Bidh clann do fheirbhifeach, a Dhe,
mairionnach buan do ghnà:
Is ann a tfhianuis focruichear
an gineal-fan gu bràth.

SALM

O M'anam, beannuich thusa nis
an Dia Iehobhah mòr:
Moladh gach ni an taobh stigh dhiom,
ainm naomha mar is còir.

2 O m'anam, beannuich fein anis
Iehobhah mòr do Dhia:
Na di-chuimhnich gach tiolaca
a dheonuich dhuit an Triath.

3 'S e mhaitheas duit gu gràsmhor caoin
gach peacadh annad fein:
'S e bheir dhuit slaint', is furtachd fòs
o tea-slaintibh gu leir.

4 Do bheatha fòs o sgrios a' bhàis
's e dh'fhuasglas duit gu pailt;
'S e chrùnas tu le coron graidh,
's le tròcair chaoimh gun airc.

5 Le mhaitheas is le thiolacaibh
sàr-lionaidh e do bheul:
'S tha tòige air a nuadhachadh
mar iolair luath nan speur.

6 Air sgà na muintir ud ata
le fòirneart air an claoidh',
Ceartas is breitheanas faraon
's e Dia ni dhoibh gun dì.

7 Do Mhaois an neach a b' òglach dha,
a shlighe chuir e 'n ceill:
Is mar an ceudn' a ghniomhara
do chlannaibh Israeil.

8 Tha 'n Tighearn' iochdmhor, tròcaireach,
's mall fhearg, 's is pailt a ghràs.

9 C

9 Cha bhi e tagradh ruinn do ſhior:
'ſ cha ghleidh e ſhearg gu bràth.
10 Do reir ar peacaidh iomarcaich
dioghaltas oirn cha d'rinn;
'S do reir ar cionta 'ſ eaſantais
cha d' thug e luigheachd dhuinn.
11 Oir mar oſ-cionn na talmhain ta
na ſpeuran ard gach re,
Is amhluidh ſin tha thròcair mòr
do'n dream d'an eagal e.
12 Mar tha an aird' an ear 'ſ an iar
a' gabhail fad o cheil':
'S co fhad a chuireas Dia nan gràs
ar peacaidh uainn gu leir.
13 Amhluidh mar ghabhas athair dàimh
is truas d'a leanbaibh maoth,
Mar ſin d'a ſhior-luchd eagail fein
Dia gabhaidh truas gu caomh.
14 Oir 'ſ aithne agus 'ſ leir do Dhia
ar cruth 'ſ ar dealbh gu ceart:
Gur duſlach talmhain ſinn air fad,
is cuimhne leis gu beachd.
15 An duine truagh, ata a làith'
amhluidh mar fheur a ghnà:
Mar bharr na luibh' air mhachair fòs,
ata e fàs fo bhlàth.
16 Oir gabhaidh thairis oſag ghaoith,
'ſ cha bhi e idir ann,
'S cha n' fhaicear e ſan ionad ud
an robh e fàs gu teann.

17 Ach

17 Ach mairidh tròcair Dhe gu sior
do'n dream d'an eagal e,
Is fòs do chloinn an cloinne-san
bidh fhireantachd gach re:

18 Do'n aitim ùd a chumas ris
an cùmhnant rinn e riu:
'S a chuimhnicheas uil' aitheantan,
a chum gu deant' iad leo.

19 Dia shocruich anns na neamhaibh ard
a chathair rioghail fein;
A rioghachd tha an uachdar fòs
os-cionn gach ni fo 'n ghrein.

20 Sior-bheannuichibh Iehobhah mòr,
O aingle treun an neart,
Tha deanamh iartais mar is còir;
's a' geilleachdain da reachd.

21 Gach uile shluagh a bhuineas da,
beannuichibh Dia anis;
A sheirbhisich le 'n coilionar
gach ni a's toileach leis.

22 Uil' oibre, feadh a thighearnais,
a rinneadh leis an Triath,
An Righ Iehobhah beannuichibh;
O m'anam, beannuich Dia.

SALM CIV.

O M'anam, beannuich thusa Dia;
mo Dhia, 's tu 'n Triath ro-mhòr:
Tha thusa air do sgeaduchadh
le honoir is le glòir,

2 Seadh chuir thu ſolus dealrach glan,
mar thruſcan umad fein:
Is ſhìn thu mach, is ſgaoileadh leat,
mar phailliun neamh nan ſpeur.

3 Sailthean a ſheòmra leagadh leis
air uiſgeachaibh mar ſtéidh;
Mar charbad rinn na neula tiugh,
's e ruidh air ſgiathaibh gaoith.

4 'S e fein a rinn na haingil fòs
'nan ſpioraid daidir threun:
'S e rinn 'nan teine laſaradh
a theachdairean gu leir,

5 Is bunaite na talmhain fòs
ſhocruicheadh leat 'nan àit;
A chum nach gluaiſt' as ionad e
a choidhch' nan cian gu bràth.

6 Is dh' fholuich thu le doimhneachd e,
amhluidh gu b'ann le brat:
Os cionn nam beann 's nan ſleibhte àrd
na huiſgeacha do ſtad.

7 Air cluinntin doibh guth t achaſain
theich iad air falbh gu cas:
Is fòs ri guth do thairneanaich
le deifir chaidh iad as.

8 Ri taobh nam beann chaidh iad a ſuas;
's a ſios air feadh nan gleann,
Gu ruig an tàit a dh' orduich thu
's a dheaſaich air an ceann.

9 Chuir thuſa rompa criocha buan
nach d' theid iad tharta nunn;

'S nach pill iad air an-ais a rìs
dh'fholach na tir le tuinn.
10 Cuiridh e mach na tobraichean
air feadh nan glac 's nan gleann,
Ata gun tàmh le 'n ſruthaibh bras
a' ruidh air feadh nam beann.
11 Do bheathaichibh na machrach fòs
deoch bheir e dhoibh r'a hòl:
'S na haſail fhiadhaich caiſgidh iad
an tart 's an iota mhòr.
12 Am fagus doibh ni eoin nan ſpeur,
tigh clùmhor tàimh dhoibh ſein;
Is eadar gheugaibh cuirear leo
an ceileir binn an ceill.
13 Uiſgichidh e o ſheòmraibh àrd
na beanntaidh mòr gun tàmh:
An talamh tioram gheibh a dhiol
le toradh gniomh do làmh.
14 Bheir e air feur bhi fàs do'n ſpreidh,
's air luibh bhi fàs gun ſgios
Do dhaoinibh, chum gu d'thugadh iad
o'n talamh biadh anios:
15 Is fion a chuireas cridhe dhaoin'
air ſhubhachas 's air ghean,
Is ola fòs a ni an gnùis
le maiſe dealrach glan.
'S e bheir dhoibh aran mar an ceudn'
fhreaſdal am feum gu leòr,
An cridhe dhaoin' a chuireas neart,
le miſnich mhaith is treoir.

16 Tha craobhan De ro-làn do bhri:
ſiad Seudair Lebanoin,
Na craobhan ud a phlanduich e,
's a ſhuidhich air am bonn.
17 Is bithidh nid ſan ionad ud
aig eunlaith luath nan ſpeur:
Na craobhan giumhais, aig an ſtorc
mar ionad tàimh dha fein.

18 Am beanntaibh àrd na fiadh-ghabhair
an tearmunn fein do leag;
Na coinin bheaga mar an ceudn'
an còſaibh blà nan creag.
19 A ghealach dh' orduich elan fòs
gu ſgarachduin nan trà:
Tha eòlas ro-mhaith ag a' ghrein
mar luidheas i gach la.

20 Do nithear leatſa dorchadas,
is thig an oidhch' gu grad;
An ſin bidh beathuich allt' na coill'
a' dol a mach air fad.
21 Ri beucadh bidh na leomhain òg
ag iarraidh còbhartaich,
Is bithidh iad ag iarraidh bidh
air Dia ro-chumhachdach.

22 An ſin tra dh' eireas ſuas a' ghrian,
cruinnichidh iad le cheil',
Gu huaigneach luidhidh iad a ſtigh
'nan garaidh dhidein fein.
23 Is theid an duine 'mach an ſin
gu obair mar is còir,

Is leanaidh e gu dichealach
a ſhaothair gu trà nòin.

24 Cia lionmhor toibre mòr, a Dhe!
an gliocas rinn thu iad:
An talamh fòs le d' ſhaibhreas mòr
tha làn air fad 's air leud.

25 Mar ſin 's an cuan tha fairſing mor,
's na ſloigh a ſhnàgas ann,
Na beathaichean tha beag is mor,
gun orra cuntas ceann.

26 Loingeas tha ſiubhal ann gu tiugh;
's an Lebhiatan mòr,
A' bheiſt a dhealbhadh leatſa 'n ſin,
ri ſùgradh ann le treòir.

27 Na ſlòigh ud uile tha, a Dhe,
a' feitheamh ort do ghnà,
A chum gu d'thugadh tu dhoibh biadh
d'an cumail beo gach trà.

28 Na bheir thu dhoibh ad thoirbheartas
'ga thional ſud tha iad:
Tra dh'fhoſglas tu do làmh gu pailt,
le maith ſàr-lionar iad.

29 Air folach dhuit do ghnùis a rìs,
thig cabhag orr' air fad;
Eugaidh, trà bheir thu aſt' an deo,
pillidh ri 'n ùir gu grad.

30 Do ſpiorad fein d'an cruthachadh,
'rìs cuirear leat amach:
Aghaidh na talmhainn mar an ceudn'
nuadhaichidh tu le dreach.

31 Bidh

31 Bidh glòir an Triath ro-mhaireannach
air feadh gach linn am feasd;
Is ni Iehobhah gàirdeachas
'na ghniomharaibh gun cheist.

32 Air sealltuin air an talamh dha,
criothnuichidh e gu grad:
'Tra bheanas e ri sleibhtibh àrd,
bidh deatach dhiubh air fad.

33 Do Dhia Iehobhah seinneam ceòl
an cian a bhios mi beo;
Is bheiream moladh mòr do m' Dhia
ri fad mo rè 's mo lo.

34 'S ro-mhilis blaist' mo smuaintes' air,
biom ait an Dia do ghnà.

35 Gu d'thigeadh sgrios air peacachaibh
mach as an tir gu bràth,
'S nior robh na haingidh ann ni 's mò:
O m'anam moladh seinn:
Do Dhia Iehobhah seinneamaid
le halleluiah bhinn.

SALM CV.

O Thugaibh buidheachas do Dhia,
air ainm-san gairibh fein:
Is cuiribh fòs a ghniomhara
am measg nan fuagh an ceill.

2 Seinnibh do Dhia Iehobhah mòr,
sailm seinnibh dh'a gu binn,
Is airisibh gu hiomlan fòs
na miorbhuilean a rinn.

3 As ainm ro-naomhaſan faraon
deanaibh deagh-uaill is glòir;
Biodh gàirdeachas air cridh' na droing
dh'iarras Iehobhah mòr.
4 Iarraibh Iehobhah mòr nam feart,
iarraibh a neart do ghnà:
A ghnùis ta gràsmhor fabharach,
ſior-iarraibh i gu bràth.
5 Cuimhnichibh fòs na miorbhuile,
a rinneadh leis gu treun;
A ghniomhara ro-iongantach,
is breitheanais a bheil;
6 O ſibhs' a ghineil Abraham
deagh-ôglaich dhileis De:
Sibhſe chlann Iacob mar an ceudn',
a roghnuich e dha fein.
7 'S eſan ar Tighearn' is ar Dia,
Iehobhah mòr gu ſior:
Tha bhreitheanais ro-chothromach
air ſgaoileadh feadh gach tìr.
8 Oir chuimhnich e gu ſiorruidh buan
a cho-cheangal gu beachd:
'S am focal fòs a dh'orduich e
do mhiltibh àl ri teachd.
9 An co-cheangal a rinn e fein
ri Abraham gu caoin,
'S na mionnan a thug e le bheul
do Iſaac oglach naomh;
10 Is amhluidh ſin do Iacob fòs,
dhaighnich ſe e mar reachd;

Mar

Mar cho-cheangal gu ſorruidh buan
do Iſrael gu beachd:
11 Ag radh, Tir Chanaain bheiream dhuit,
mar chrann ur n oighreachd fein:
12 Tra bha iad tearc, 's 'nam buidheinn bhig,
's 'nan coigrich innt' gu leir.
13 Is air bhith dhoibh ag imeachd fòs
o thir gu tir gun tamh;
Ag triall feadh ſluaigh is rioghachda
nach fac' iad riamh ro' laimh:
14 Cha d' leig do neach an gortachadh,
ach ſmachduich air an ſon
Mor-righre neartmhor cumhachdach;
a' labhairt riu mar ſo:
15 Feuchaibh nach bean ſibh ris an dream
a dh' ungadh leam gu caomh:
Is fòs na deanaibh cron air bith
no lochd air m' Fhàidhibh naomh.
16 Fòs ghairm e gort a ſteach do'n tir,
is lorg an arain bhris.
17 Ach chuir e Ioſeph rompa ſios,
reiceadh mar thràill gun fhios.
18 Le geimhlibh dhochuinn iad a chos',
luidh e an iarann teann.
19 Gu 'n uair an d'thainig focal De;
is dhearbh ſud e ſan am.
20 An righ an ſin chuir airſan fios,
is dh' fhuaſgail air gu caoin:
Seadh uachdran mòr nam fineacha,
is leig ſe e fa ſgaoil.

21 Is

21 Is air a theaghlach thug e dha
ard-uachdranachd gu leir :
Ard-mhaighſtireachd a ſtòrais mhòir,
thug eſan dha da reir.

22 A cheangal mar a chiteadh dha,
ard-phrionnſachan na tìr;
'S gu d'thugadh e d'a ſheanoiribh
teagaſg air gliocas fior.

23 Do Rioghachd mhòir na hEipht an ſin
thainig clann Iſraeil,
A bha air chuairt an talamh Cham
Iacob 's a ſhliochd le cheil'.

24 Rinn e a phobull fein an ſin
lionmhor ni bu leor,
Is ni bu treiſe rinn e iad
na 'n naimhde air gach dòigh.

25 Cridhe na dream ud dh' iompoich e
thoirt fuath d'a phobull naomh,
'S gu buineadh iad gu fealltach olc
r'a ſheirbhiſich ro-chaomh.

26 An ſin chuir e dheagh-oglach Maois
Aron a thagh e fein.

27 Nochd iad a bhearta miorbhuileach,
an talamh Cham gu treun.

28 Chuir orra duibhre, 's dhorchaicheadh;
'n ſin thug iad geill d'a ghuth.

29 Dh'iompoich gu fuil an uiſgeachan,
is mharbh e 'n tiaſg nan ſruth.

30 Is loſgain ann an lionmhoireachd
ſin bhrùchd an tir amach,

Am

Am fardaichibh an righrean-fan
's 'nan feòmraichibh a fteach:
31 Air iarrtas thainig iomadh gnè
do chuileaguibh gu grad:
Is miola lionmhor mar an ceudn'
'nan criochaibh fein air fad.

32 Air fon an uifge thug e dhoibh
clach-fhneachd gu frafach geur,
Is lafair theine-dhealanaich
air feadh na tir' gu leir.
33 Na craobhan fion', is fige fòs
ghrad-bhuaileadh leis gu trom;
Is bhrifeadh agus reubadh leis
gach crann a bha 'nam fonn.

34 Thug efan aithne 's thainig iad,
locuift gu lionmhor ann,
'S na caterpileir iomarcach,
gun orra cuntas ceann.
35 Gach luibh fan fhearann dh' itheadh leo,
is dh' itheadh leo gach meas.
36 Bhuail e gach ceud-ghin anns an tir;
toifeach am bri 's an treis.'

37 Le lròr 's le h airgiod thug e 'mach
a phobull fein gun di':
'S cha robh 'nan treabhuibh-fan air fad
neach ea-flainteach gun chlì.
38 Bu fhubhach leis na h Eiphitich
tra chaidh iad uath' amach:
A chionn gu d' thuit an eagal-fan
orra gu h uabhafach.

39 Neul

39 Neul os an cionn do sgaoil e 'mach
mar bhrat no cùirtin mòr:
Le teine mar an ceudn' san oidhch'
thug solus dhoibh gu leòr.

40 Am pobul dh'iarr, is thug e dhoibh
na gearra-goirt gu pailt:
'S le h aran neamh' o speuraibh àrd
thug dhoibh an sàth gun airc.

41 A' charraig sgoilt e, bhrùchd amach
na h uisgeacha gu leòr:
Is anns an fhasaich thartmhoir theith
ruith iad mar abhainn mhoir.

42 A chionn gu d' chuimhnich e an sin
fhoeal 's a ghealladh naomh,
Is mar an ceudna Abraham
òglach ro-dhìleas caomh.

43 Is uime sin thug e amach
a shluagh le h aoibhneas mòr;
An aitim ùd a roghnuich e,
le gàirdeachas is ceòl.

44 Is fearann fòs nam fineachà
thug dhoibhsan Dia nan dùl;
Is mheal iad mar an oighreachd fein
saothair nan cinneach ùd.

45 A chum gu d'thugadh iad fanear
a reachda mar is còir,
'S gu coimhdeadh iad a lagh faraon.
Molaibhs' Iehobhah mòr.

O Thugaibh moladh mòr do Dhia,
is buidheachas faraon,
Oir tha e maith, mairidh gu bràth
a thròcair ghràsmhor chaoin.

2 Gniomhara treun Iehobhah mhòir
co dh'fheudas chur ann ceill?
Co dh'fheudas fòs a chliu ro-mhòr
a thaisbeineadh gu leir?

3 'S beannuicht an aitim ud gu beachd
a choimhdeas breitheanas,
'S an neach ud fòs a ni gach uair
ceartas is ionracas.

4 Dhia, cuimhnich ormsa, leis a' ghradh
thug thu do d'phobull fein,
O thig le d' shlàinte shòlasaich
do m' fhiosrachadh am fheum.

5 Gu faicinn maith do dhaoine tagh',
's gu deanainn aoibhneas mòr
'Nan aoibhneas fud; 's le t oighreachd fein
gu deanainn uaill is glòir.

6 Do pheacuich sinn le'r sinnsearaibh;
is fòs do rinneadh leinn
Mòr-chiont' a' t aghaidh fein, a Dhe;
gu h aingidh pheacuich sinn.

7 Ar sinnsear cha d' thug fanear
do bhearta miorbhuileach
A rinneadh leat an tir na h Eipht'
gu treunmhor cumhachdach;
Is lionmhoireachd do thròcair chaoimh
dhi-chuimhnich iad gu truagh:

Ach

'S iad aig a' mhuir ga d'bhroſnachadh,
ri cois na fairge ruaidh.
8 Ach theaſairg e gu tearuint' iad
air ſgà dheagh-ainme fein;
A chum gu nochdadh e mar ſin
a chumhachda ro-threun.
9 Leig e amach geur-achaſan
is thiormaich a' mhuir ruadh;
Is ſtiur e trid nan doimhneachd iad,
mar trid an fhàſaich chruaidh.
10 O laimh an ti thug dhoibhſan fuath,
dh' fhuaſgail e phobull fein:
'S o laimh an naimhde mi-runach
ſhaoradh leis iad gu treun.
11 Is dh'fholuich uiſg' an eas-cairde:
cha d'fhan fiu aon diubh beo.
12 Chreid iad an ſin a bhriathra-ſan,
's a chliu do ſheinneadh leo.
13 Air dearmad leigeadh leo gu cas
a ghniomhara roi-threun:
Cha d'fhuirich iad gu faighidneach
ri chomhairl' eagnaidh fein:
14 San fhàſaich ghlac miann ciocrach iad:
'n ſin bhuair iad Dia gu luath.
15 An iarrtas thug e dhoibh; ach chuir
caoil' air an anam truagh.
16 Sa champa ghabh iad farmad mòr
ri Maois an duine caomh:
'S ri Aron neach a roghnuich Dia
dh'a fein 'na ſhagart naomh.

17 An

17 An talamh dh'fhoſgail e a bheul,
ſhluig Datan ſios gu grad:
Buidheann Abiram mar an ceudn'
dh'fholuich ſe iad air fad.

18 Is fòs am meaſg an cuideachd-ſan
ghrad-las an teine teith;
Is loiſg an laſair ſuas gu leir
na droch-dhaoin' ud fa leth.

19 Dhealbh iad an ſin is rinn iad laogh
gu truagh ag Horeb àrd,
'S do'n iomhaigh leaght' a rinneadh leo
aoradh thug iad gun dàil.

20 Is amhluidh chaochail iad gu bochd
an Dia 's an glòir gu leir
Gu coſalachd is fioghair bò,
no daimh a dh' itheas feur.

21 An Dia thug tearnadh dhoibh 'nam feum
dhi-chuimhnich iad gu grad;
An neach le 'n d' rinneadh bearta mòr
an tir na hEipht' air fad:

22 Is gniomhara ro-iongantach
an dùthaich Cham le buaidh:
Mar ſin is nithe uathbhaſach
ri cois na fairge ruaidh.

23 Thubhairt e air an aobhar ſin
gu millt' iad leis gu leir,
Iur ſeaſadh oglach taghta Maois
fa chòmhair, anns a' bheum:
A chum gu deant' a chorruich mhòr
a philleadh air a h ais,

Eagal 'na fheirg gu deanadh e
a phobull fein a ſgrios.
24 Dhiùlt iad le tàir an tìr ro-mhaith:
nior chreid iad focal De:
25 Nam pàilliunaibh rinn monmhur mòr:
's d'a ghuth cha d' thug iad geill.
26 An ſin nan aghaidh thog e làmh
d'an ſgrios ſan fhàſaich luim.
27 A ſgrios an ſliochd meaſg fhineacha,
's d'an ſgaoileadh feadh gach fuinn.
28 Ri Baal-peor mar an ceudn',
naiſg iad iad fein gu dlù:
Is dh' ith iad cuid do iobairtibh
nan iodhol marbh nach fiu.
29 Bhroſnuich iad e mar ſin gu feirg,
le 'n innleachdaibh gu truagh:
Is bhriſt a' phlàigh an ſin gu mòr
a ſteach am meaſg an tſluaigh.
30 Sheas Phinehas, is rinn e 'n ceart:
'n ſin ſguir a' phlaigh d'an claoidh.
31 Sud mheaſadh dha mar fhireantachd,
o linn gu linn a choidhch'.
32 Aig uiſge coi-ſtri Mheribah
bhroſnuich iad Dia a rìs:
Air chor, fa chùis a' phobuill ùd,
gu d'eirich olc do Mhaois:
33 Oir rinneadh leo a ſpiorad-ſan
a bhroſnachadh gu geur:
Ionus gu d' labhair e an ſin
gu hath-ghairid le bheul.

34 Na cinnich cha do sgriosadh leo
mar dh'aithn Iehobhah dhoibh:
35 Ach mheasg iad leis na fineachaibh,
is d'fhoghlaim iad an dòigh.
36 Do iodholaibh nam fineacha
seirbhis rinn iad gu truagh:
Bha sùd mar lion 's mar ribe dhoibh
is ghlacadh iad gu luath.
37 Seadh thug iad suas mar iobairtean
do dheamhnaibh 's dhealbhaibh breig,
Am mic 's an nigheana faraon
an aghaidh naomh-reachd Dhe.
38 Is fuil nan neo-chiontach gu truagh
dhoirteadh leo i gun sgà,
B'i fuil am mac 's an nighean fein
a dhoirt iad gun chion-fà,
Do iodholaibh Chanaain fòs
mar iobairt thug an sliochd:
Mar sin do thruailleadh leo an tir
le fuil gun truas gun iochd.
39 Is amhluidh sin le 'n gniomharaibh
do thruailleadh leo iad fein:
Chaidh iad air striopachas o Dhia
le 'n innleachdaibh gu leir.
40 Fa 'n aobhar ud las corruich Dhe
r'a phobull fein gu teth:
Ionus gud' ghabh e grain gu mòr
d'a oighreachd air gach leth.
41 Is amhluidh rinn e 'n tabhairt suas
an laimh nam fineach fiat':

Is thug e dhoibh mar uachdarain
an dream a dh'fhuathaich iad.

42 Rinneadh gu mor an sàruchadh
le 'n naimhdibh làidir treun:
Is leagadh iad gu h ioſal ſios
fo 'n laimh fud mar an ceudn'.

43 Gu minic thug e ſaoradh dhoibh:
ach bhroſnuich iàd e rìs
Le'n comhairlibh, is leagadh iad
ar ſon an aingeachd ſios.

44 Ach, thug e 'n amhghar mòr fainear,
tra chuir iad ſuas an glaodh;

45 Is chuimhnich e dhoibh mar an ceudn'
a cho-cheangal ro-chaomh.
A' gabhail aithreachais do reir
mor-ſhaibhireachd a ghrais

46 'S a' toirt air daoine thug iad leo
trocair thoirt doibh is bàigh.

47 Thuſa Iehobhah mhòir ar Dia,
dean ſaoradh dhùinn 'nar feum,
Is dean, a meaſg nam fineacha,
ar tional leat gu leir,
Do ţainm ro-naomh' gu tugamaid
mor-bhuidheachas gu pailt:
Do chliu 's do mholadh mòr faraon
gu ſeinneamaid gu h ait.

48 'S beannuicht an Triath, Dia Iſraeil,
o chian nan cian gu bràth:
Abradh an ſluagh gu leir, Amen!
Molaibhſe Dia do ghnà.

SALM

O Thugaibh moladh mòr do Dhia,
is buidheachas faraon,
Oir tha e maith: mairidh gu bràth
a thròcair ghrasmhor chaoin.
2 Pobull Iehobhah, shaoradh leis,
labhradh mar sò gun tàmh:
A' mhuintir ud a bhuin e saor
amach o laimh an nàmh.
3 Is as gach tir gu'n deachaidh iad
do chruinnlcheadh iad leis,
O 'n àird an ear, 's o 'n àird an iar,
o 'n àirde tuath, is deas.
4 San shàsaich bha iad seachranach
air bealach falamh fàs;
Is bail air bith cha d'fhuaradh leo
gu comhnuidh no gu tàmh.
5 Acrach is iotmhor bha iad fòs;
chlaoidheadh an anam truagh.
6 Ghlaodh iad an sin ri Dia 'nan teinn;
shaor iad o'n amhghar cruaidh.
7 Stiur esan agus threoruich iad
air bealach ceart sa'n cois:
A chum gu rachadh iad d'a thrid
gu baile taimh is fois.
8 O b'fhearr gu moladh daoine Dia
arson a mhaithis chaoin,
'S arson a bhearta iongantach
rinn e do chloinn nan daoin'.
9 Oir ni e 'n tanam miannach trom
a shàsuchadh gun airc,

'S an tanam ciocrach lionaidh e
le mhaitheas fein gu pailt.
10 An dream a ſhuidh an dorchadas,
is ann an dubhar bàis:
Fo chuibhreach ta an amhghar truagh,
's an iarunn cruaidh an sàs.
11 Arſon gu robh iad ceannairceach
an aghaidh briathra De,
'S gu d' rinn iad dimeas agus tàir
air comhairl' an Ard-Dhe.
12 Arſon ſo leag e 'n cridhe ſios
le ſaothair is le pein:
Thuit iad, is aon neach cha robh ann
d'an cuideachadh nam feum.
13 Ghlaodh iad an ſin ri Dia na'n airc;
d'f huaſgail o'n teinn gu grad.
14 O'n dorcha bhuin, 's o dhubhar bàis,
's an cuibhreach bhriſt air fad.
15 O b'fhearr gu moladh daoine Dia
arſon a mhaithis chaoin:
'S arſon a bhearta iongantach
rinn e do chloinn nan daoin'.
16 Chionn gu do bhriſteadh leis le neart
na geataidh phràis gu leir;
Na ſtapuill iaruinn is na croinn
ſgaoil eſan as a cheil'.
17 Tha amadain le 'n cron, 's le 'n lochd,
fo amhghar goirt an sàs.
18 Tha 'n anam gabhail gràin do bhiadh:
's iad dlù do dhorſaibh bàis.

19 Ghlaodh

19 Ghlaodh iad an ſin ri Dia 'nam feum :
dh'fhuaſgail o'n teinn gu grad.
20 Le fhocal rinn e 'n ſlànuchadh :
is ſhaor o'n ſgrios air fad.
21 O b'fhearr gu moladh daoine Dia
ar ſon a mhaithis chaoin :
'S ar ſon a bhearta iongantach
rinn e do chloinn nan daoin'!
22 Thugadh iad iobairt bhuidheachais
is cliu do Dhia na glòir :
Airiſeadh iad a ghniomhara,
le sùbhachas is ceòl.
23 Luchd loingis theid air muir, 's a bhios
ri gniomh an uiſgibh buan ;
24 Dhoibh sud is leir mor oibre Dhe,
's a mhiorbhuilean ſa chuan :
25 Air iarrtas, dùiſgear leis a' ghaoth
gu hàrd 's gu doinionach :
Le'n togar ſuas gu atmhor borb
a thonna garbh fa ſeach.
26 Uair eiridh iad gu neamh aſuas ;
uair theid iad domhain ſios :
Ionus gu d' leagh an anam truagh
le trioblaid chruaidh 's le ſgios.
27 Dol chuig' is uaidh', gu tuiſleach fòs
amhluidh mar dhuin' air mhiſg:
Ionus gur threig gu buileach iad
gach gliocas bha 'nam meaſg.
28 Ghlaodh iad ri Dia 'nan teinn an ſin:
o'n trioblaid ſhaor e iad.

29 Ghrad-

29 Ghrad-chuireadh leis an ſtoirm gu fè,
'ſ na tuin air ball nann tàmh.
30 An ſin tha iad ro-àit, arſon
gu bheil iad sàmhach beo:
'S gu d'thug e iad do'n chaladh fin,
'ſ do'n phort bu mhiannach leo.
31 O b'fhearr gu moladh daoine Dia
arſon a mhaithis chaoin:
'S arſon a bhearta iongantach
rinn e do chloinn nan daoin'!
32 Is fòs an co-thional an tſluaigh,
àrd-mholar e gu mòr;
'S an cruinneachadh nan ſeanar glie
cliu thugar dha is glòir.
33 Na haibhne ni 'nam fàſaich luim,
tobair 'nan talamh cruaidh:
34 Tir bheartach ni e fàs arſon
mòr-aingidheachd an tſluaigh.
35 Am fàſach tioram tionndaidh e
gu uiſge tàimh nach gann,
'S gu tobar fior-uiſg' iompaichidh
am fearann tartmhor teann.
36 Do dhaoinibh acrach bheir e ſud
mar àite fois is tàimh:
A chum gu deaſuicht' cathair leo
chum comhnuidh ann do ghnà.
37 Chum craobha fion' a ſhuidheachadh,
is ſiol a chur ſan fhonn:
A bheir dhoibh anns an aimſir cheirt
cinneas is toradh trom.

38 Bhean-

8 Bheannuich e fòs am pobull ùd,
is dh'fhàs iad lionmhor mòr:
'S nior leig e dhoibh dol air an ais
'nan eallach no 'nan ſtòr.

9 Laghduichear iad gidheadh a rìs,
is leagar iad gu bochd
Le sàruchadh is amhghar geur,
le doilghios brònach goirt.

10 Air phrionnſuibh doirtear tarcuis' leis:
ſan fhàſaich mar an ceudn';
Cuiridh e iad air ſeachran fiar,
gun bhealach ann d'an ceum.

11 'S o thrioblaid togaidh e am bochd,
's ni teaghlach dha mar threud.

12 Sud chi na fireana, 's bidh ait;
is druidear beul nam beud.

13 Co iad tha glic, 's na nithe ſud
a bheir fainear gu ceart,
Siad ſin a thuigeas tròcair chaomh
is màitheas Dhe nam feart.

SALM CVIII.

MO chridh tha ann am ſonn, a Dhe,
gu ſocair mar is còir:
Is ſeinnidh mi gu ceòlmhor dhuit,
is molam thu le m' ghlòir.

2 Moſglaibh, is eiribh grad an àird',
ſhaltair 's a chlàrſach ghrinn:
Moſglaidh mi fein, is eiream fòs
gu moch gu ceòl a ſheinn.

3 O Thighearna Iehobhah mhòir
measg fhineach, molam thu:
'S am measg an tsluaigh gu hurramach
ard-seinnidh mi do chliu.

4 Oir tha do thròcair mòr os cionn
nan neamha shuas gu leir:
Is ruigidh tfhirinn mar an ceudn'
gu neultaibh àrd nan speur.

5 Bi thus', a Dhe, oscionn nan neamh'
air tarduchadh gu mòr:
Is fòs oscionn gach uile thir'
togar gu sior do ghlòir.

6 A chum gu deanta fuasgladh leat
do d'phobull ionmhuin fein,
O teasairg mi le d' ghàirdean deas,
is freagair mi am sheum.

7 'Na naomhachd labhair Dia nam feart,
bidh aoibhneas orm nach gann,
Air Sechem ni mi roinn gu ceart,
gleann Sucot toimhsear leam.

8 'S leam Gilead le dlighe cheairt,
Manaseh's leam gu beachd,
'S i treabh Ephràim neart mo chinn:
bheir Iudah 'mach mo reachd.

9 Bidh Moab dhomh 'na thràill fo m' smachd,
's Edom fo dhaorsa chruaidh;
Is amhluidh ni mi caithream binn
thar Palestin le buaidh.

10 Co bheir do'n chathair dhaingein mi?
's gu hEdom bheir gu ceart?

11 Nach

11 Nach tuſa, Dhe, le'r threigeadh ſinn?
'ſ nach d'theid thu 'mach le'r ſeachd?
12 O thrioblaid tabhair coghnadh dhùinn?
oir 'ſ diomhaoin furtachd dhaoin',
13 Trid Dhia ni ſinne treubhantas:
'ſ e ſhaltras naimhde fuidhn.

SALM CIX.

O Dhia, ta taobhar molaidh dhomh,
gu balbh ad thoſd na bi.
2 Oir beul nan daoi, 's nam fealltach tha
gnà-fhoſgailt' air mo thi'.
Le teangaidh bhreugaich labhair iad
am aghaidhſa do ghnà.
3 Chuartuich iad mi le briathraibh fuath;
chuir cath orm gun chion-fà.
4 Arſon mo ghaoil ta 'd naimhdeil dhomh,
is mi ri urnaigh ghnà:
5 Olc dhiol iad rium an eric maith:
is fuath arſon mo ghràidh.
6 (Deir iad) "Cuir air droch-mharaſcal,
biodh Satan ag a dheis.
7 Urnaigh gu robh 'na peaca dha:
fagar am binn' e ris.
8 Gearr gu robh aois: is glacadh neach
oifig 's a dhreuchd gun iochd,
9 Gu robh a bhean 'na bain-treabhaich,
's nan dilleachdain a ſhliochd.
10 Air ſeachran biodh a ſhliochd do ghnà,
'ſ ag iarraidh déirc' nam feum.

Is

Is as an àitibh falamh fàs
ag iarraidh bidh dhoibh fein.

11 Gu glacar le luchd-fòireignidh
gach ni a bhuineas da:
'S a ſhaothair-ſan mar chobhartach
gu buineadh coigrich leo.

12 Na biodh neach ann ni tròcair air:
na bitheadh fòs a h aon
A ghabhas truas d'a ſhliochd, a bhios
nan dilleachdain gun mhaoin.

13 Sgrios gu robh air a ghineil-ſan;
d'an ſgathadh as gu leir;
Gu cuirear as an ainm air fad
ſan àl a thig nan deigh.

14 Aingeachd athar, gu robh ſud
air chuimhn' ag Dia do ghnà:
Is ciont' a mhàthar mar an ceudn'
nior chuirear as gu bràth.

15 Gu robh iad air an taiſbeanadh
am fianais Dhia do ſhior:
A chum gu ſgathadh e amach
an iomradh as an tir.

16 Oir dhearmaid e bhi tròcaireach,
is ſhàruich e am bochd
'S an tainnis, chum gu marbhadh e
neach 'g an robh cridhe goirt.

17 Mar thug e toil do mhallachadh,
malluicht biodh e gach la:
Is mar nach b'àill leis beannuchadh,
nar éireadh beannachd dh'a.

18 Amhluidh mar rinneadh leis e fein
a chuartuchadh gach am,
Le heaſ-cain' is le mallachadh
ceart mar le brat gu teann,
'S amhluidh gu d'thigeadh ſud gu beachd
mar uiſg' a ſteach 'na chom,
'S mar ola drùidheadh ſud gu geur
'n a chnàmhaibh fein gu trom.
19 Biodh ſud mar eudach uimeſan
'ga fholach air gach trà:
Is amhluidh mar an crios a bhios
'g a chriofluchadh do ghnà."
20 Mar ſo ghuidh ris an Tighearna
mo naimhde thug dhomh fuath,
'S an dream an agnaidh m'anma ta
gnà-labhairt uilc gun truas.
21 Ach air mo chrann bi thuſa, Dhe,
air ſga tainm uaſail fein:
Do bhri gu bheil do thròcair maith,
dean ſaoradh dhomh am fheum.
22 Oir tha mi aim-beartach gu beachd,
is tha mi ainnis lom,
Ata mo chridhe air a lot
an leth a ſtigh do m' chom.
23 Is amhluidh ta mi gabhail feach
mar ſgàil' ag claonadh fios:
Air m'fhuadach' mar an locuſt truagh
chuig' agus uaidh' a rìs.
24 Mo ghlùine ta air f illneachadh
ag meud mo throiſg do ghnà;

Is m'fheòil aig diobhail faill' is fult
air teireachdain ata.
25 Am aobhar fochaid bha mi fòs
do'n aitim ud gu leir:
Chrath iad an cinn gu fanoideach,
tra fheall iad orm gu geur.
26 Fòir orm, a Thighearna mo Dhia:
ad thròcair cuidich mi.
27 Gu tuig iad gur i fo do làmh,
's gur tu rinn fud, a Dhe.
28 'N tra bhitheas iad ri mallachadh,
beannuichfe finn gu pailt:
Biodh orra nàir', air eiridh dhoibh;
ach bitheadh tòglachs' ait.
29 Gu robh iad air an cuartuchadh
m'uil' eaf-cairde le nàir',
'S mar fhalluing air an uachdar biodh
an amhluadh fein le tàir.
30 Ach mife ghnà, ard-mholaidh mi
Iehobhah Dia le m' bheul:
Is fòs, am meafg a' cho-thionail
cuiream a chliu an ceill.
31 Oir tha e leis an duine bhochd
'n a fheafamh air a dheis:
D'a theafairgin o'n droing le 'm b'àill
anam-fan fhàgail ris.

SALM CX.

Thubhairt an Tighearna ri m' Thriath,
bi d' fhuidhe air mo dheis,

Tuil

Tuil' eaſ-cairde gu cuiream dhuit
'nan ſtòl fo bhonn do chois.

2 As Sion cuiridh Dia amach
ſlat-fhuaicheantais do neart:
'S am builſgean t eaſ-cairde gu leir
bi fein a' tuachdran ceart.

3 Bithidh do phobull taghta fein
ro-thoileach mar is còir,
San la ſin anns am foillſich thu
do chumhachda gu mòr.
Am mais' 's an ſgeimh na naomhachd ghrinn
o bholg na maidne moich,
Mar dhealt a thig anuas o neamh
tha tòigridh iomarcach.

4 Do mhionnaich Dia Iehobhah mòr,
's nior aithreach leis gu d' rinn,
Reir ordugh mhaith Mhelchiſedeic,
gur Sagart thu gach linn.

5 An Tighearna ta air do dheis,
trom-bhuailtear leis gu garg
Mor-righean làidir cumhachdach,
ſan la a laſas fhearg.

6 Bheir eſan breith meaſg fhineachan,
lionaidh gach àit gu fior
Le corpaibh marbh: is lotar leis
na huachdrain thair gach tir.

7 Is anns an tſlighe òlaidh e
deoch as na fruthaibh luath.
Is air an aobhar ud fa dheoidh
togaidh e cheann le buaidh.

MOlaibhſe Dia, ſior-mholams' e
le m' uile chridh' gu hard;
An co-thional nam firean còir,
ſa chuideachd mhòir 's gach àit.

2 Tha gniomharan an Tighearna
iomarcach mòr gu leir:
Is leis an dream le'n tlachdmhor iad,
rannſuichear iad gu geur.

3 Tha obairſan ro-onorach,
ro-ghlòrmhor i gun cheiſt:
Tha fireantachd Iehobhah fòs
buan-mhaireannach am feaſd.

4 A ghniomhara ro-iongantach
air chuimhne chuir gu beachd:
Ata Iehobhah gràs-mhor caoin,
is làn do thròcaireachd.

5 Thug eſan biadh is lòn do'n dream
d'an eagal e dò ghnà,
'S a cho-cheangal a rinn e leo
cuimhnichidh e gu bràth.

6 Neart oibre iongantach chuir Dia
an ceill da phobull fein;
A thabhairt dhoibh mar ſheilbh gu buan
oighreachd nan ſluagh gu leir.

7 Firinn is ceartas gniomh a làmh:
uil' àitheantan tha fior;

8 Deanta le ceartas firinneach:
ta 'd ſeaſmhach buan do ſhior.

9 Shaoradh le Dia a phobull fein:
is dh'orduich e am feaſd

A cho-cheangal: tha ainm-ſan naomh
is urramach gun cheiſt.

10 'Se tùs a' ghliocais eagal De,
tha deagh-thuigs' ag an dream
Le'n coilionar a reachda-ſan:
's maireann a chliu gach am.

SALM CXII.

O Thugaibh moladh mòr do Dhia,
's beannuight an ti gu beachd
D'an eagal Dia, 's a ghabhas toil
gu mor d'a lagh 's d'a reachd.

2 Bidh ſhliochd-ſan làidir anns an tir,
's ro-bheannuicht ſiol nan ſaoi.
Bidh maoin is ſaibhreas mor na theach:
bidh cheartas buan a choidhch'.

3 Tra bhitheas ſaoi an dorchadas
dealruichidh ſolus da:

4 Tha e ſior-ghraſmhor tròcaireach
is cothromach gun ghò.

5 Is truacant ſòs, deagh-choingheallach,
an duine maith a choidhch':
Is bheirear leis gu crionna glic
a ghnothaiche gu crich.

6 Gu dearbh cha d'thig aon ni am feaſd
le'n gluaiſear e gu mòr:
Ach cuimhn' is iomradh maith a choidhch'
bidh air an fhirean chòir.

7 Is airſan cha bhi faiteachas
air cluintinn da droch-ſgeil;

Tha chridhe ſocrach muinghineach
an Dia Iehobhah treun.

8 Tha chridhe-ſan air ſocrachadh,
cha bhi air geilt no fiamh,
Gu ruig an uair am faicear leis
air eaſcairdibh a mhiann.

9 Sgaoil e a chuid, is thug do'n bhochd,
's buan fhireantachd am feaſd:
Bidh adharc air a hàrduchadh
le onoir mhòir gun cheiſt.

10 Cràdhar an daoi, trà chi e ſo;
caſaidh e fhiacla geur,
Seargaidh e as; is ſgrioſar miann
nan aingidh ud gu leir.

SALM CXIII.

MOlaibhſe Dia, O molaibh e,
oglacha dileas De:
Ard-mholaibh fòs gu hurramach
deagh-ainm Iehobhah threin.

2 Ainm Dhe biodh beannuichte gu mòr,
o'n am-ſa nis gu bràth,

3 O eiridh gu ruig luidhe grein,
ainm Dhe ion-mholta ta.

4 'S ard thar gach tir Iehobhah mòr,
's a ghlòir thar neamha fòs.

5 Co 's coimeas ris an Tighearna
ar Dia, ta 'n comhnuidh ſhuas?

6 'S eſan an neach a chromas ſios,
's a dh'iſlicheas e fein

Dh'amh-

Dh'amharc gach ni ſan talamh ta,
's an neamhaibh àrd nan ſpeur.

7 Togaidh e 'n deòra' truagh o'n dùs;
's am bochd o'n òtrach bhreun.
8 D'an cur nan ſuidh' le prionnſuibh àrd;
le prionnſuibh phobuill fein.
9 Bheir e do'n mhnaoi ata gun ſliochd
tigh comhnuidh teaghlaich mhòir;
Gu bhi 'na mathair mhacan ait.
Molaibhſe Dia na glòir.

SALM CXIV.

AIR teachd do Iſra'l as an Eipht',
's do Iacob 'mach o'n dream
'Gan robh an uirigill chruaidh dhorch',
aig coimhicheas an teang'.
2 Bha Iudah dha mar chomhnuidh naomh,
bu rioghachd Iſra'l leis.
3 Air faicinn ſud ghrad-theich an cuan;
ſruth Iordain phill air ais.
4 Mar reithe bras leum beanntaidh ſuas:
leum cnocain bheag mar uain.
5 Iordain, c' arſon a phill air tais?
c' arſon a theich thu, chuain?
6 C'arſon a leum ſibh, ſhleibhte àrd,
mar reithe meargant bras
C'arſon mar uain nan caorach fòs,
a leum ſibh, chnoca glas?
7 O thalaimh, criothnuich fòs le geilt
roi ghnùis Iehobhah mhòir:

An

An làthair gnùis Dhe Iacoib fòs,
O criothnuich mar is-còir.
8 Leis thionndaidheadh an ailbheinn theann,
gu loch do uiſge tàimh,
'S a' charraig chruaidh gu tobar uiſg'
le cumhachdaibh a laimh.

SALM CXV.

DHuinne cha'n ann, a Thighearna, cha 'n ann,
ach do d'ainm mordha fein,
Thabhair an cliu 's a ghloir, air ſgà
do ghrais is t fhirinn reidh.
2 C'arſon an abradh fineacha,
Ca bheil an Dia a nis?
3 Ar Dia ata air neamh; is rinn
gach gniomh bu toileach leis.
4 An iodhoil 's airgiod iad is òr:
gniomh lamhan daoine fein.
5 Tha béil ac', leis nach labhair iad,
is sùile, leis nach leir.
6 Tha cluaſan ac', 's cha chluinn iad leo;
is frôin', gun àileadh annt'.
7 An lamh gun chìl, an cas gun cheum,
an ſgornan gun ſmid chaint.
8 Iadſan a dhealbh 's a gheilleas doibh,
's ro choſail iad riu fein.
9 O Iſra'l, deanſa bun a Dia:
's e 'n ſgia, 's an coghna' treun.
10 Thigh Aroin, O dean bun a Dia:
's e'n coghnadh, is an ſgia.

11 Luchd

11 Luchd eagail De, làn-earbaibh as;
an ſgia 's an neart 's e Dia.
12 Iehobhah Dia bha cuimhneach oirn,
beannuichidh e ſinn fein,
Beannuichear leis tigh Iſraeil:
's tigh Aroin mar an ceudn'.
13 Na big 's na mòir d'an eagal Dia,
beannuichidh e gu caoin.
14 Cuiridh e ſibh an lionmhòireachd,
ſibh fein, 's ur ſliochd faraon.
15 Is beannuicht ſibh o'n Tighearna,
rinn neamh is làr gu leir.
16 An talamh, thug do chloinn nan daoin';
's leis fein àrd-neamh nan ſpeur.
17 Na mairbh, no 'n dream theid toſdach ſios
do'n uaigh; cha mhol iad Dia.
18 Ach molar leinn e 'nis, 's gu bràth.
Molaibh gu hàrd an Triath.

SALM CXVI.

IS toigh leam Dia, arſon gu d'eiſd
ri m' ghuth, 's ri m'urnaigh fòs.
2 Sior-eigheam ris ri m' bheo, arſon
gu d' chrom e rium a chluas.
3 Chaidh umam dochar geur a' bhàis,
ghlac piantaidh ifrinn mi:
Theann-ghlacadh mi le trioblaid thruaigh,
is amhghar cruaidh do m' chlaoi'.
4 Air ainm Iehobhah ghair mi 'n ſin
mar ſo ag labhairt ris,

O Dhia mo Thighearn' guidheam ort,
saor m'anam bochd anis.
5 Ata Iehobhah gràsmhor, ceart:
's is tròcaireach ar Dia.
6 'S e choimhdeas daoine simplidh ciuin:
lag bha mi, 's dh'fhòir, an Triath.
7 O m'anam, feuch gu pill thu nis,
gu d' shuaimhneas is gu d' thàmh;
Oir dheonuich Dia gu saibhir dhuit
mòr-thoirbheartas a laimh.
8 O ghàbhadh is o chunthart bàis
shaor thusa m'anam bochd,
Mo chas shaor thu o shleamhnachadh,
's mo shùil' o dheuraibh goirt.
9 An sealladh Dhe, an tir nam beo
gu direach gluaisear leam.
10 Do bhrì gu d' chreid mi, labhair mi;
's mi air mo chlaoi' gu trom.
11 Am dheifir thubhairt mi mar so;
's breugach gach duin' air bith.
12 Ciod iocas mi do Dhia, ar son
na rinn e dhomh do mhaith?
13 Cupan na slàinte glacar leam,
air ainm Dhe gairéam fein.
14 Iocam mo mhòid ri Dia, anis
an làth'r a shluaigh gu leir.
15 Ag Dia 's ro-phriseil bàs a naomh.
Dhe, t òglach 's mi gu beachd,
'S mi t òglach mac do bhan-òglaich:
mo chuibhreach sgaoileadh leat.

17 Do

16 Bheireamſa iobairt molaidh dhuit:
air ainm Dhe gaiream fein.
17 Iocam mo mhòid ri Dia, anis
ann làth'r a ſhluaigh gu leir.
18 An cùirtibh àluinn àrois De,
ad bhuilſgean fein gu fior,
O chathair ard Ieruſaleim.
Molaibh an Triath gu fior.

SALM CXVII.

O Thugaibh moladh mòr do Dhia,
gach fine t'ann fa leth:
Seadh molaibh Dia gu fonnmhor ard
gach uile ſhluagh air bith.
2 Oir 's mòr a chaoimhneas tròcaireach,
a dheonuich e dhùinn fein,
Tha firinn De ſior-mhaireannach.
Molaibh Iehobhah treun.

SALM CXVIII.

O Molaibh Dia, oir tha e maith:
ſior-mhaireann tròcair Dhe.
2 Abradh clann Iſraeil anis,
gur buan a ghràs gach re.
3 Tigh Aroin abradh iad anis:
Sior-mhaireann tròcair Dhe.
4 Abradh an dream d'an eagal Dia,
gur buan a ghràs gach re.
5 Am eigin ghair mi air an Triath:
ſhreagair e mi gu deas,

An

An ionad fairsing agus reidh
shocruich e mi le treis.
6 Tha Dia Iehobhah air mo chrann,
ni h eagal leam a choidhch':
Aon ni a dh'fheudas clann nan daoin'
a dheanamh orm dom' chlaoidh.
7 Measg luchd mo chuideachaidh tha Dia
ag seasamh leam gu beachd:
Air luchd mo mhi-ruin uime sin
chi mi mo mhiann a' teachd.
8 'S fearr na bhi 'g earbs' a duine beo,
ar dòchas chur an Dia.
9 'S fearr na bhi 'g earbs' a prionnsuibh mòr,
ar dòchas chur san Triath.
10 Do chuartuich umam air gach laimh
na dùchanna gu leir:
Ach sgatham agus sgriosam iad
an ainm Iehobhah threin.
11 Do chuartuich iad mi air gach taobh,
chuartaich iad mise fòs;
Ach sgatham agus sgriosam iad
an ainm Iehobhah mhòir.
12 Mar bheachaibh chuartaich iad, ach chaidh
iad as mar theine dhreas;
Oir ann an ainm Iehobhah threin
ni mi gu leir an sgrios.
13 Do m' leagadh, theann thu orm gu dlù;
ach chuidich leamsa Dia.
14 'S e Dia mo cheòl, 's mo shlàinte fòs,
is e mo threòir an Triath.

15 Guth

15 Guth gàirdeachais is flàinte tà
am pàilliunaibh nan faoi:
Deas-lamh Iehobhah uile-threin
fhuara' gu treubhach i.
16 Ta gairdean deas an Tighearna
air àrduchadh gu mòr;
Is rinneadh bearta treubhantais
le deas-làimh Dhe na glòir.
17 Cha'n fhaigh mi bàs, ach mairéam beò,
is innfeam oibre Dhe.
18 Throm-fmachduich Dia mi, ach gu bàs
cha d'thug e thairis mi.
19 O foſglaibh dhomh gu fairfing reidh
geataidh an ionracais:
Gu racham orra-fan a fteach;
Iehobhah molaidh mis'.
20 So doras De, air 'n d'theid a fteach
na daoine còire naomh.
21 Sior-mholam thu, oir chual thu mi:
is tu mo fhlàinte chaomh.
22 A' chlach a dhiùlt na clachairean,
clach-chinn na h oifinn i.
23 'S e Dia rinn fud, 's ro-iongantach
'n ar fuilibh-ne an gniomh.
24 So fein an la a dh'orduich Dia,
fam bi finn fuilbhir ait.
25 Fòir, guidheam ort, a Dhe;
'nis foirbhich leinn gu pailt.
26 Beannuicht gu robh an neach a thig
an ainm Iehobhah threin:

Thug ſinne beannachd oirbhſa mach,
a teach Iehobhah fein.

27 'S e Dia Iehobhah dhealruich oirn;
ceanglaibh le cordaibh cruaidh
Ri adharcaibh na h altair naomh,
an iobairt bheir ſibh uaibh.

28 'S tuſa mo Dhia, is molam thu:
arduicheam thu, mo Dhia.

29 O molaibh Dia, oir tha e maith:
ſior-mhaireann gràs an Triath.

SALM CXIX.

א ALEPH.

'S Beannuicht an dream tha foirfidh glan
ſan t ſlighe dhirich cheairt;
An dream a ghluaiſeas ann an lagh
àrd-Thighearna nam feart.

2 'S beannuicht an aitim ud faraon
le'n choimhdear teiſteis De,
'S a dh'iarras e gu dicheallach,
le 'n uile chridhe fein.

3 'N a ſhlighibh-ſan ſior-ghluaiſear leo,
's cha dhean iad aingidheachd.

4 Dh'àithn thu dhuinn' gu coimheadamaid
gu dicheallach do reachd.

5 O ſtiur mo cheum, 's gu coimhdear leam
do reachda direach fein!

6 Cha ghabh mi nair', tra bheir mi ſpeis
do t aitheantaibh gu leir.

7 Le cridhe treibh-dhìreach gun ghò
mòr-mholam thu gu bìnn:
Tra dh'fhoghlumas mi breitheanais
do cheartais naomha ghrinn.
8 'S.e ſo mo rùn gu coimhdear leam
do reachda ceart do ghnà:
O Thighearna, na treigſe mi
gu buileach no gu bràth.

2 BETH.

9 Ciod leis an glan tòganach
a ſhlighe fein gu ceart?
Trid faicill mhaith is furachrais
reir t fhocail is do reachd.
10 Le m'uile chridhe fein, a Dhe,
dò iarr mi thu gu caomh;
Na leig dhomh dol air ſeacharan
o t aitheantaibh ro-naomh.
11 Air eagal peacaidh, dh'fholuich mi
a'm' chridhe t fhocal ceart.
12 O teagaiſg dhomh do reachda naomh:
's beannuicht thu, Dhia nam feart.
13 Le m' bhilibh, breitheanais do bheil
nochd mi air fad 's air leud.
14 Slighe do theiſteis b'aoibhneich leam,
na ſaibhreas mòr d'a mheud.
15 Socraichidh mi mo ſmuainteachadh
air aitheantaibh do reachd;
Air ceumanaibh do ſhlighe fein
ſior-dhearcaidh mi le beachd.

16 Gabhaidh mi tlachd is ciata mhaith
do d' ſtatuiſibh gu leir:
Air dearmad fòs cha leig mi choidhch'
deagh fhocal glan do bheil.

3 GIMEL.

17 Riumſa ta m'òglach dhuit, a Dhe,
dean toirbheartas gach am;
A chum gu bithinn beo, is fòs
gu coimhdear t fhocal leam.
18 Foſgail mo ſhùilean, 's chi mi 'n ſin
mòr-iongantais do reachd.
19 'S coigreach air talamh mi: na ceil
orm t aitheanta ro-cheart.
20 Tha m'anam briſte brùit' a ſtigh,
is muladach do ghnà;
Aig meud mo thograidh is mo mhiann
do d' bhreitheanais gach trà.
21 Luchd-uabhair mhalluicht ſmachduich thu
a chlaon o t iarrtas ceart.
22 Cuir ſpid is maſladh fada uam:
oir choimhdeadh leam do reachd.
23 Am aghaidh labhair prionnſaidh mòr,
air ſuidhe dhoibh le cheil';
Ach air do ſtatuiſibh ro-naomh
do ſmuaintich t òglach fein.
24 Taim gabhail tlachd is ciata mhòr
do d' theiſteas firinneach;
Is mar an ceudn' tha e am fheum
dhomh fein 'n a chomhairleach.

25 Tha

ד DALETH.

25 Tha m'anam leantuin ris an ùir :
reir t fhocail beothaich mi.
26 Nochd mi mo ſhligh', is dh'eiſd thu rium
ſeòl dhomh do lagh, a Dhe.
27 Air ſlighe fhior-ghlain t aitheanta
thoir dhomhſa tuigſe gheur :
Mar ſin air t oibribh iongantach
labhram, 'g an cur an ceill.
28 Tha m'anam leaghadh as le bròn :
reir t fhocail deonuich neart.
29 Cuir ſlighe bhreugach fada uam :
ad ghràs thoir dhomh do reachd.
30 Slighe na firinn fhoirfidh ghloin
is i bu roghain leam :
Is chuir mi do cheart bhreitheanais
fa m' chomhair fein gach am.
31 Lean mi faraon gu tul-chuiſeach
ri d' theiſteas naomha fein ;
Na cuir gu h amhluadh nàire mi,
O Thighearna ro-threin.
32 An ſlighe fhior-ghlan t aitheanta
ſior-ruidhidh mi le tlachd ;
Tra chithear dhuit mo chridhe teann
a chur am fairſingeachd.

ה HE.

33 Slighe do ſtatuin, teagaiſg dhomh,
O Dhia Iehobhah threin :
Is coimhdeam i gu dicheallach
gu crich mo ſhaoghail fein.

34 Tuigs' agus eòlas thabhair dhomh,
is coimhdidh mi do reachd;
Is fòs le m'uile chridhe fein
coimhdear leam e gu beachd.

35 An ceum do lagh' thoir orm bhi triall;
oir leam 's ro-thlachdmhor e.

36 Gu d' theisteas naomh, 's ni h ann gu sannt
mo chridhe lùb, a Dhe.

37 Mo shùile pill mun amhairc mi
air diomhanas gun stà:
Ach ann ad shlighibh naomha fein
ath-bheothaich mi do ghnà.

38 O daighnich t fhocal firinneach
do t òglach fein gu mòr:
Do'n neach thug suas e fein air fad
do t eagal mar is còir.

39 Pill uam an nàir' a's eagal leam:
oir 's maith do bhreith, a Dhe.

40 Feuch, 's miannach leamsa t aitheanta:
ad cheartas beothaich mi.

Vau.

41 Thigeadh do thròcair mar an ceudn'
do m' ionnsuidh fein, a Dhe:
Do cho-fhuasgladh, 's do shlainte chaomh,
a reir do gheallaidh fein.

42 Mar sin do'n neach bheir masladh dhomh
bidh agam freagra deas:
Oir ann ad fhocal firinneach
mo dhòchas cuiridh mis'.

43 Focal

43 Focal na firinn na buin leat
gu h iomlan as mo bheul ;
Oir ann ad bhreitheanas ro-cheart
a ta mo dhòchas fein.
44 Mar sin gu suthain is gu sior,
ghnà-choimhdidh mi do reachd :
45 Arson gu'n iarram t aitheanta,
gluaiseam am fairsingeachd.
46 Ri righribh labhram air do theist,
gun amhluadh orm no sgà.
47 Is gabham tlachd do t aitheantaibh,
's ann dhoibh a thug mi gràdh.
48 Ri t aitheantaibh d'an d'thug mi toil,
togam mo làmhan fein :
Is ann ad statuisibh ro-naomh
bitheam ri cnuasachd ghéir.

Zain.

49 Cuimhnich am focal ùd, a Dhe,
do t òglach fein anis,
Thug thu mar bharant' dòchais dhomh,
's thug orm gu d'earb mi ris.
50 'S e so mo cho-fhurtàchd ro-mhòr
am theinn 's am amhghar geur :
Oir rinn do bhriathra firinneach
m'ath-bheothachadh gu treun.
51 Bha mi mar aobhar fanoid mhòir
ag daoinibh ardanach :
Gidheadh cha d' aom air falbh o d'lagh,
le claonadh seachranach.

52 Do

52 Do bhreitheanais a ta o chian
chuimhnich mi, Dhia, gu leir;
Is ghlac mi chugam ann an ſin
deagh-chof hurtachd am fheum.

53 Arſon gu d' threig an daoi do lagh,
ghlac uamhunn mi gu mòr.

54 An tigh mo chuàirt is m' oil-thire
do ſtatuin b'iad mo cheol.

55 Chuimhnich mi t ainm ſan oidhch', a Dhe,
is choimhdeadh leam do reachd.

56 B'e ſo mo chuid; oir choimhid mi
t iarrtais, a Dhe, gu beachd.

n CHETH.

57 Mo chuibhrionn is mo chrannchur thu,
O Thighearn' is a Dhe:
Le gealladh cinnteach thubhairt mi,
gu coimhdinn t fhocal fein.

58 Le m'uile chridhe dh'iarr mi ort
do ghnùis, 's do ghràſa ſaor:
A reir do bhriathra firinneach
dean tròcair orm gu caoin.

59 Do chnuaſaich mi mo ſhlighe fein;
's ri d' theiſteas phill mo chos.

60 Rinn deifir choimhead t aitheanta,
's nior ghabh mi tàmh no fois.

61 Chreach buidheann aingidh mi: gidheadh
nior dhearmaid mi do reachd.

62 Eiream mu mheadhon oidhch; a chum
gu molam do bhreith cheart.

63 'S

63 'S fear-comuinn mi is companach
do'n dream d'an eagal thu;
'S do'n aitim ud a choimhideas
t fhior-aitheanta gu dlù.
64 O Thighearna, tha 'n talamh làn
do d' ghràs, 's do d' thròcair chaoimh:
Tuig' agus eòlas thabhair dhomh
ad ſtatuiſibh ro-naomh.

D TETH.

65 Do t òglach rinn thu maith, a Dhe,
do reir do bhriathair cheairt.
66 Deagh-thuigs' is eòlas teagaiſg dhomh:
oir chreid mi fein do reachd.
67 Mun robh mi 'n teinn, air ſeachran chaidh;
ach t fhocal ghleidh mi nis.
68 'S maith thus', is nithear maitheas leat:
ad ſtatuis teagaiſg mis'.
69 Am aghaidh luchd an ardain bhuirb
dhealbh breuga baoth le cheil':
Ach coimhdidh miſe t aitheanta
le m' chridhe fein gu leir.
70 Tha 'n cridheſan co reamhar fòs,
ri ſaill, ag meud an sògh:
Ach gabhaidh miſe tlachd dhomh fein
ad laghſa, Dhe, gach lo.
71 'S maith dhomhs' anis gu robh mi fein
an teinn 's an amhghar geur;
A chum gu foghlumainn le beachd
do ſtatuin cheart gu leir.

72 'S

72 'S fearr dhomh gu mòr an lagh ata
ag teachd o d' bheul amach,
Na milte mòr do'n airgiod ghlan,
's do'n òr a's deirge dreach.

JOD.

73 Do rinn, 's do dhealbh do làmhan mi;
dean tuigseach mi d'a reir,
A chum gu faighinn eòlas maith
air t aitheantaibh gu leir.

74 Tra chi luchd t eagail mi, bi'd ait:
oir dh'earb mi as do theist.

75 Dhia chiom gur ceart do bhreith, 's le còir
leòn thusa mi gun cheist.

76 Dhe, guidheam ort, do thròcair chaoin
bhi dhomh mar chofhurtachd:
Do reir an fhocail labhair thu
ri t' òglach fein gu beachd.

77 O thigeadh chugam fein anis
do thròcair chaomh, a Dhe,
Do m' chumail beo: oir 's e do lagh
mo thlachd 's mo mhiann gach rè.

78 Biodh nàir' air luchd an àrdain mhòir,
bhuin riumsa, gun chion-fa,
Gu fealltach fiar: ach smuainticheam
air t aitheantaibh do ghnà.

79 Pillidh luch t eagail rium; 's an dream
ta eolach air do theist.

80 Gu robh mo chridhe ceart ad reachd,
nach nàraichear mi 'm feasd'.

81 Tha

כ CAPH.

81 Tha m'anam air a chlaoidh gu mor
feitheamh do choibhre, Dhe:
Ach tha mo dhòchas bunaiteach
a' t fhocal tairis fein.
82 Ag feitheamh t fhocail chaith mo ſhùil:
furtachd, O cuin a ni?
83 Oir taim mar ſhearraig anns an toit:
's do reachd nior dhearmaid mi.
84 Cia lion iad làithe t oglaich fein?
is fòs, a Dhe, cia uair
Chuireas tu breitheanas an gniomh
orra ta orms' an tòir?
85 An dream ta làn do 'n àrdan bhorb,
threachail iad dhomh gu beachd
Sluic dhomhain, chum mo ghlacadh leo,
nach robh a reir do reachd.
86 Ta'd orm an tòir gu h eucorach;
Dhe, cuidich leam gu grad:
Oir tairis agus firinneach
tha t aitheantan air fad.
87 Air talamh chaidh ach beag mo chlaoidh;
nior threig mi t iarrtais naomh.
88 'S gu coimhdinn teiſteas fior do bheil,
ath-bheothaich mi gu caomh.

ל LAMED.

89 Tha t fhocal bunaiteach, gu bràth,
ſna neamhaibh àrd, a Dhe.
90 Tha t fhirinn is do thairiſneachd
buan-mhaireannach gach rè:

Do

Do dhaighnicheadh an talamh leat,
's 'na ſheaſamh tha d'a reir.
91 Ta'd buan an diugh reir t orduigh ſein:
do mhuintir iad gu leir.
92 Mur bhith' gud' ghabh mi ciata mhòr
do t ſhocal ſirinneach,
Ghrad-ſhailnichinn is gheibhinn bàs
am amhghar iomarcach.
93 T iarrtais cha di-chuimhnich mi choidhch':
oir bheothaich thu mi leo.
94 'S leat mi, ſòir orm: oir dh'iarr mi fein
t aitheanta fein gach lo.
95 Bha luchd na h aingeachd furachair
ga m'ſheitheamh chum mo ſgrios:
Ach air do theiſteas ſirinneach
le m' ſmuaintibh dearcaidh mis.'
96 Chunnaic mi crioch gach nithe ta
sa bheatha ſo d'a mheud:
Ach t ſhocal tha gun tomhas fòs
ag fairſingeachd is leud.

MEM.

97 Cia ionmhuin leam do lagh-ſa Dhe!
mo ſmuainteach' e gach la.
98 Thar m'eas-car thug thu gliocas domh
le d' reachd; ta leam do ghnà.
99 Is tuigſich mi na'n aitim ud
thug teagaſg dhomh gu leir:
Bhri' gur ann air do theiſteas naomh
taim ſmuainteachadh gu geur.

100 'Taim

100 Taim tuigſeach eagnaidh fòs os cionn
gach ſeanair anns an tir:
Arſon gur choimhdeadh leam gu beachd
airtais do reachd gu fior.
101 Phill mi mo chos o ròd gach uilc;
gu coimhdinn t fhocal ceart.
102 Nior chlaon mi fòs o d' bhreitheanas;
oir theagaiſgeadh mi leat.
103 Le m' bhlas cia milis, O mo Dhia,
dò bhriathra ceart gu leir!
Do m' chàirin 's milſe iad gu mor
na mil air feadh mo bheil.
104 Trid t aitheanta taim faghail fòs
tuigs' agus eolais mhaith;
Is uime ſin 's ro-fhuathach leam
gach ſlighe cham air bith.

3 Nun.

105 Is lòchran t fhocal fein do m' chois;
ſolus do m' cheum gu beachd.
106 Do mhionnuich mi, is niom d'a reir;
gu coimhdinn fein do reachd.
107 Tha mis an trioblaid iomarcaich;
O Thighearna nam ſeart,
Do reir an fhocail labhair thu,
ath-bheothaich mi le d' neart.
108 Gabh uam gu taitneach (guidheam ort)
ofrail mo bheil anis,
A bheiream dhuit gu toileach ſaor;
ſtiur mi ad bhreitheanas.

109 Tha m'anam bochd am làimh do ghnà :
ach chuimhnich mi do reachd.
110 Leag droch-dhaoin' romham lion, gidheadh
nior chlaon o t iartas ceart.
111 Do theisteis fhior do ghabh mi fein
mar m'oighreachd bhuan am feasd ;
Oir 's iad a bheir do m' chridhe leònt'
subhachas mòr gun cheist.
112 Dh'aom mi mo chridhe fòs a chum,
gu deanta leam do ghnà,
Do statuin cheart a chur an gniomh,
nis is a ris gu bràth.

P SAMECH.

113 Is fuath leam smuainte diomhanach ;
do d' reachd ach thug mi gràdh.
114 'S tu m' ionad-foluich, 's tu mo sgia ;
as t fhocal m' earbsa ta.
115 O sibhs' a chleachd bhi deanamh uilc,
imichibh uam anis :
Oir aitheanta mo Thighearna
le curam coimhdidh mis'.
116 Reir t fhocail dean mo chumail suas,
a chum gu mairinn beo :
'S na leig fo naire mi, fa chùis
mo dhòchais fein gach lo.
117 Neartuich mi, 's tearnaidh mise slàn ;
sior-dhearcam air do reachd.
118 Shaltair thu air na chlaon o d' lagh :
oir 's breug am feall gu beachd.

119 Mar

119 Mar ſhal droch-mhiotail tilgear uait
gach daoi air talamh ta;
Is uime ſin 's ro-chaomh leam fein
teiſteis do bheil a ghnà.
120 Do chriothnuich m'fheoil fa'n eagal ùd
a ghabh mi romhad fein;
Is lionadh mi le uamhunn fòs,
fa d' bhreitheanais gu leir.

Gnajin.

121 Rinn mi breith chothromach; na fàg
fo iochd luchd m'fhòirneirt mi.
122 O neartuich t oglach fein ſa mhaith,
na leig luchd-buirb do m' chlaoi'.
123 Mo ſhùilean tha air fàilneachadh
feitheamh do ſhlàinte, Dhe;
'S a' feitheamh gus an coilionar
deagh bhriathar ceart do bheil.
124 Ri tòglach buin a reir do ghràis,
ſeol dhomh do lagh gu beachd.
125 'S mi t òglach, thabhair eòlas dhomh,
gu tuiginn fein do reachd.
126 'S mithich dhuit gniomh a thaiſbeanadh,
a Dhe Iehobhah threin:
Oir ſgaoileadh agus bhriſteadh leo
t aitheanta naomh gu leir.
127 Fa'n aobhar ud, O Thighearna,
gu dearbh is ionmhuin leam
T aitheanta fein oscionn an òir,
an t-òr a's fearr a t'ann.

128 Measam t uil'-iartais uime sin
bhi anns gach aon-ni ceart:
Is fuathach fòs le m' chridhe fein
gach slighe bhreig' gu beachd.

ס Pe.

129 Tha t fhocal is do theisteis fein,
a Dhe, ro-iongantach;
Air 'n aobhar sin ni m'anam bochd
'n coimhead gu curamach.

130 Bheir tionnsgnadh t fhocail solus maith
ri dol a stigh 'n a phàirt;
Do dhaoinibh simplidh ain-eolach
do bheir e eòlas ard.

131 Gu fairsing dh'fhosgail mi mo bheul,
a' ploscartaich gu mòr;
Fa mheud mo thoill do t aitheantaibh
bhiom muladach gu leòr.

132 Seall agus amhairc orm, a Dhia,
dean tròcair orm gu caomh;
Mar rinneadh leat a ghnà do'n dream,
le'm b'ionmhuin [illegible]nm ro-naomh.

133 Peacadh na biodh an uachdar orm:
a' t fhocal stiur mo cheum.

134 O fhòirneart dhaoine teasairg mi;
is coimhdeam t iartais fein.

135 Dealradh do ghnùis air tòglach tog:
seol dhomh do statuin cheart.

136 Ruidh frutha deur o m' shùilibh fòs;
air bristeadh leo do reachd.

137

Tsaddi.

137 'S ro-chothromach thu fein, a Dhe,
's is direach reidh do bhreith.
138 Do theisteis dh'aithn thu dhuinn' ata
ro-thairis ceart gach leth.
139 Do rinn mo ghradh is m' eud ro-mhòr
mo chaitheadh roimhe cheil':
Do bhri gu d' dhearmaid m'eas-cairde
deagh bhriathra ceart do bheil.
140 'S ro-fhior-ghlan t fhocal: uime sin
's ionmhuin le t òglach e.
141 Taim suarrach beag; gidheadh do reachd
air dhi-chuimhn' nior leig mi.
142 Do cheartas fein is ceartas e
ta siorruidh buan gu bràth;
Is amhluidh sin do lagh ro-cheart
'na fhirinn ghloin ata.
143 Ghlac trioblaid mi, is dh'amais orm
teinn agus amhghar geur;
Gidheadh ata mo thlachd gu mòr
a' t aitheantaibh gu leir.
144 Ceartas do theisteis fein, a Dhe,
tha siorruidh buan gun cheist:
Deagh-thuigse thabhair thusa dhomh,
is bitheam beo am seasd.

Koph.

145 Ghlaodh mi le m' uile chridh': a Dhe,
eisd, 's coimhdidh mi do reachd.
146 Do eigheam riut, fòir orm; 's an sin
coimhdeam do theist gu beachd.

147 Do thionnſgain mi ro 'n ſcarthanaich,
is ghlaodh mi riutſa, Dhe;
Oir tha mo dhòchas bunaiteach
a' t fhocal daingean fein.

148 Mo ſhùilean tha ni's furachair
na farair' theann na h oidhch':
A chum gu bithinn ſmuainteachadh
air t fhocal fein a choidhch.

149 A reir do chaoimhneis thròcairich
eiſd fein ri m' ghuth anis:
Do reir do bhreitheanais ro-mhòir,
Iehobhah beothaich mis'.

150 Luchd leanmhuin uilc tha teannadh orm
ata iad fad o d' reachd.

151 Dhe, tha thu 'm fagus; agus tha
t uil' iartais fior is ceart.

252 Fa thimchioll fòs do theiſteis naomh,
o thoiſeach b'fhiofrach mi,
Gud' rinneadh leat an ſocrachadh
a chum bhi buan gu ſior.

Resh.

153 Amhairc, a Dhe, air m'amhghar goirt,
is fuaſgail orm am fheum:
Fa'n aobhar nach do dhearmaid mi
an reachd a dh'àithn thu fein.

154 Tagair mo chùis, is fuaſgail orm:
reir t fhotail cum mi beo.

155 'S fad ſlàint' o dhroch-dhaoinibh: ar ſon
do reachd nach iarrar leo.

156 S'

156 'S ro-lionmhor mòr do throcair chaomh,
O Thighearn' is a Dhe:
Do reir do bhreitheanais ro-cheirt
dean beodhail ealamh mi.

157 'S lionmhor luchd leanmhuin orm an tòir,
is m'eas-cairde faraon;
Ach mis' o' d' theisteas firinneach,
cha deach' air seachran claon.

158 Chunnaic mi peacaich, chràdh sud mi,
do reachd oir bhristeadh leo.

159 Feuch mar is ionmhuin leam do lagh,
ad chaoimhneas cum mi beo.

160 A Thighearna tha t fhocal fein
o thoiseach daingean fior:
Is tha do bhreitheanais air fad
ceart agus buan gu sior.

ע SCHIN.

161 Bha prionnsaidh làidir orm an tòir,
gun aobhar no cion-fà.
Ach air mo chridh' tha eagal mòr
roi t fhocal fein do ghnà.

162 Ta aiteas orm ri t fhocal maith,
mar neach fhuair creach gun tòir.

163 'S oillteil 's is fuath leam breug; ach thug
mi gradh do d' lagh gu mòr.

164 Ataim a' tabhairt molaidh dhuit
seachd uairean gach aon la:
Ar son do bhreitheanais gu leir
ta ceart, a Dhe, gu bràth.

165 'S

165 'S mòr sìth na muintir ud ata
ag tabhairt gràidh do d' reachd ;
Cha'n eirich tuisleadh idir dhoibh,
no oilbheim fòs gu beachd.

166 Ri d' shlainte dh'fheith mi fein, a Dhe,
coimhdeam do reachd air chòir.
167 Do theisteis choimhid m'anam fein ;
's ionmhuin leam iad gu mòr.
168 Do theisteis agus t aitheanta,
do choimhdeadh leam do ghnà:
Oir tha mo shligheanna gu leir
sa m' chomhair fein gach la.

n Tau.

169 Thigeadh mo ghlaodh am fagus duit,
a' t fhianais fein, a Dhe :
Is fòs reir t fhocail fhirinnich
dean tuigseach eòlach mi.
170 Ad làthair thigeadh m' achuinge :
reir t fhocail ormsa fòir.
171 Air teagasg dhuit do statuin dhomh,
mo bheul bheir dhuitsa glòir.
172 Labhraidh mo theang' air t fhocal fior:
oir tha t uil' iartais ceart.
173 Deanadh do làmh-sa coghnamh leam :
oir roghnaich mi do reachd.
174 Ag feitheamh air do shlàinte, Dhe,
bhiom fein gu tuirseach trom :
Is mar an ceudna tha do reachd
ro-thlachdmhor ciatach leam.

175 Deo

175 Deonuich do m'anam bochd bhi beo,
is dhuitſa bheir e glòir:
Is deanadh do cheart bhreitheanais
deagh-choghna dhomh le fòir.
176 Do chaidh mi fein air feacharan
mar chaoirich chaillte thruaigh,
Iarr t òglach: oir cha d' leig do d' reachd
dol as mo chuimhne uam.

SALM CXX.

AM eigin ghlaodh mi ſuas ri Dia,
is dh'eiſd e rium gach re.
2 O'n teangaidh chealgaich, m'anam ſaor;
's o bheul nam breug, a Dhe.
3 Ciod bheirear dhuit, no nithear ort,
a theanga làn do ghò?
4 Mar ſhaighde laoich, 's iad geuraichte,
mar eibhlibh aiteil beo.
5 Mo thruaighe mi, gu bheil mo chuairt
am Meſeich; is mo thàmh
Am bothaibh Chedair choigrich bhuirb,
gu muladach gun daimh.
6 Rinn m'anam comhnuidh fhada fòs
le neach thug fuath do ſhìth.
7 Gu cogadh tha iad togarach;
air ſìth 'n trà labhras mi.

SALM CXXI.

MO ſhùile togam ſuas a chum
nam beann, o'n d'thig mo neart.

2 O'n

2 O'n Dia rinn talamh agus neamh,
tha m' fhurtachd uile teachd.
3 Cha leig do d' chois air chor air bith
gu sleamhnuich i gu bràth:
Tàmh-neul cha d'thig sin air an neach
's fear-coimhid ort do ghnà.
4 Feuch, air fear-coimhid Israeil,
cadal cha'n aom no suain:
5 'S e Dia t fhear-coimhid; 's e do sgàil'
air do laimh dheis gu buan.
6 A' ghrian cha bhuail i thu san la,
no ghealach fòs san oidhch'.
7 Ni Dia do choimhead o gach olc;
ni t anam dhion a choidhch.
8 Do dhol amach, 's do theachd a steach
coimheadaidh Dia do ghnà:
O'n aimsir so anis at'ann,
's o sin a mach gu bràth.

SALM CXXII.

BHA aoibhneas orm trà thubhairt iad,
gu tigh Dhe theid sinn suas.
2 Ad dhorsaibh, O Ierusaleim,
air casa seasaidh fòs.
3 Ierusalem mar chathair i,
thogadh gu dileas dlù.
4 D'an d' theid na treabha suas gu leir,
siad treabha Dhe nan dùl.
Gu teisteas Israeil, do chum
ainm Dhe gu moladh iad.

5 Oir

5 Oir caithrichean chum breth tha'n ſin;
'ſ le teaghlach Dhaibhidh iad.
6 Sior ghuidhibh do Ieruſalem
sìth ſhaimh is ſonas mòr:
A mhuintir ſin le'n ionmhuin thu
ſoirbhichidh iad gu leòr.
7 An taobh a ſtigh do d' bhallaibh ſein
biodh sìth is ſonas maith:
Deagh-ſhoirbheas fòs gu robh gu bràth
ad lùchairt àird a ſtigh.
8 Air ſgà mo bhràithrean 's luchd mo ghaoil;
dhuit guidheam sìth do ghnà.
9 Air ſgà tigh naomh ar Tighearn' Dia
iarram do leas gu bràth.

SALM CXXIII.

MO ſhùile togam riutſa ta
'n comhnuidh air neamh nan ſpeur.
2 Feuch, mar tha sùil nan ſeirbhiſeach
air làimh am maighſtir ſein,
'S mar ſhùile ban-oglaich air laimh
a bain-tighearn' faraon,
Feithidh ar sùil air Dia, gu 'n dean
e tròcair oirn gu caoin.
3 Dean gràſan oirn, Iehobhah Dhia,
dean gràſan oirn gu luath:
Oir tha ſinn air ar lionadh làn
do tharcuis' is do ſhuath.
4 Le fanoid luchd na ſeaſgaireachd
lionadh ar n anam bochd;

Oir 'S le

'S le ſpìd na muintir ùd ata
làn àrdain is ain-iochd.

SALM CXXIV.

NIS abradh Iſrael gu fior :
Mur biodh Iehobhadh leinn :
2 Mur biodh Iehobhah as ar leth,
trà dh'eirich daoine ruinn ;
3 'N ſin dheanta leo ar ſlugadh beo,
trà las an corruich ruinn.
4 Is ruitheadh tharuinn tuilte bras,
ſruth laidir thar ar ceann.
5 'N ſin rachadh thar ar n anma bochd,
na tuiltean ard gu leir.
6 Moladh do Dhia, nach d'thug e ſinn
mar chreich d'am fiaclaibh geur.
7 Mar eun a lion an eunadair
ar n anma truagh chaidh as ;
Bhriſteadh an lion is ſgaoileadh e,
is ſhaoradh ſinn gu cas.
8 Ar coghna ta 's ar cuideachadh
an ainm Iehobhah threin ;
An neach a rinn an talamh bhos,
's a chruthaich neamh nan ſpeur.

SALM CXXV.

THA 'n dream ni dòchas ann an Dia
mar ſhliabh Shioin a ghnà,
Nach feudar fòs a charuchadh,
ach mhaireas ann gu bràth.

2 Ceart mar ata beanntaidh tric
timchioll Ierusalem,
Tha Dia mar sin, o nis gu sior,
timchioll a phobuill fein.

3 Oir slat luchd uilc cha ghabh i tamh
air chrann nan daoine còir:
Eagal gu sìn na fireanaich
an lamh gu peacadh mòr.

4 An aitim ùd tha maith, a Dhe,
do mhaitheas pàirtich leo:
Is leis an dream tha treibh-dhireach
's nan cridhe ta gun ghò.

5 Ach iadsan uile theid a thaoibh
g' an slighibh claon le cheil',
Iomainidh Dia le luchd an uilc:
's bidh sìth air Israeil.

SALM CXXVI.

1 'N Trà thug Iehobhah air a h ais
bruid Shioin, b' ionan sinn
As daoine chunnaic aisling mhòr
's a mhosgail as an suain.

2 Lionadh ar beul le gàir an sin,
's ar teanga fòs le ceol:
Am measg nan cinneach thubhairt iad,
Rinn Dia dhoibh bearta mòr.

3 Rinn Dia mòr-bhearta air ar son:
chuir oirne gàirdeachas.

4 Iehobhah, pill ar bruid a ris:
mar shruth san àirde deas.

5 Iadsan a chuir gu deurach siol,
gu subhach ni iad buain.
6 An neach gu curachd theid amach
le siol ro-phriseil caoin,
Air bhith dha gul gu muladach
'g a iomchar sud gu fonn,
Le h aiteas pillidh e gu dearbh,
a' giulan sguaba trom.

SALM CXXVII.

MUR tog Iehobhah fein an tigh,
tha luchd na togail faoin;
Mur gleidh Iehobhah 'm baile fos,
chaill luchd na faire 'n saoth'r.
2 Dhuibh 's diomhain bhi ri moch-eiridh,
san oidhch' ri caithris bhuain,
Bhi 'g itheadh arain bròin; mar sin
d'a sheircin bheir e suain.
3 'S e Dia bheir toradh bronn mar dhuais:
mar oighreachd bheir e clann.
4 Bidh mic na h òig' mar shaighde geur,
'n làimh ghaisgich threin gach am.
5 'S bu nearachd fear 'gam bi dhiubh sud
a ghlac 's a dhorlach làn:
Gun ruidheadh labhruidh iad sa phort
re'n naimhdibh olc gu dàn.

SALM CXXVIII.

'S Beannuicht gach aon-neach air am bi
eagal Iehobhah mhòir:

Is ann an ſlighibh fior-ghlan De
ſtiuras a cheum air chòir.
2 Oir toradh gniomh do làmha fein
ithidh tu e gu h ait:
Beannuichear thu gu mòr mar ſin,
's bidh ſonas ort gu pailt.
3 Mar fhìneamh'n tharbhaich bidh do bhean
'n taobh ſtigh do t fhàrdaich fein,
Do chlann mar phlàntaibh òl-chrainn ùir
timchioll do bhùird gu leir.
4 Feuch, 's amhluidh ſin a bheannuichear
an neach d'an eagal Dia.
5 A Sion gheibh thu beannuchadh,
is ſonas pailt o'n Triath;
Is chi thu maith Ieruſaleim
re fad do làith' gu leir.
6 Is clann do chloinne chi thu fòs:
is sìth air Iſraeil.

SALM CXXIX.

BU tric a chràidh iad mi o m' òig',
(deir Iſrael gu truagh,)
2 O m' òige chràidh iad mi gu tric,
gidheadh cha d' thug iad buaidh.
3 Threabh an luchd-treabhaidh air mo dhruim,
tharruing iad claiſean fad'.
4 Ach bhriſt Iehobhah ceart-bhreitheach
còrdan nan daoi gu grad.
5 Air naimhdibh Shioin gu robh nàir',
's rachadh air cùl gu luath;

5 Iadsan a chuir gu deurach siol,
gu subhach ni iad buain.
6 An neach gu curachd theid amach
le siol ro-phriseil caoin,
Air bhith dha gul gu muladach
'g a iomchar sud gu fonn,
Le h aiteas pillidh e gu dearbh,
a' giulan sguaba trom.

SALM CXXVII.

MUR tog Iehobhah sein an tigh,
tha luchd na togail faoin;
Mur gleidh Iehobhah 'm baile fos,
chaill luchd na faire 'n saoth'r.
2 Dhuibh 's diomhain bhi ri moch-eiridh,
san oidhch' ri caithris bhuain,
Bhi 'g itheadh arain bròin; mar sin
d'a sheircin bheir e suain.
3 'S e Dia bheir toradh bronn mar dhuais:
mar oighreachd bheir e clann.
4 Bidh mic na h òig' mar shaighde geur,
'n làimh ghaisgich threin gach am.
5 'S bu nearachd fear 'gam bi dhiubh sud
a ghlac 's a dhorlach làn:
Gun ruidheadh labhruidh iad sa phort
re'n naimhdibh olc gu dàn.

SALM CXXVIII.

'S Beannuicht gach aon-neach air am bi
eagal Iehobhah mhòir:

Is ann an ſlighibh fior-ghlan De
ſtiuras a cheum air chòir.
2 Oir toradh gniomh do làmha fein
ithidh tu e gu h ait:
Beannuichear thu gu mòr mar ſin,
's bidh ſonas ort gu pailt.
3 Mar fhìneamh'n tharbhaich bidh do bhean
'n taobh ſtigh do t fhàrdaich fein,
Do chlann mar phlàntaibh òl-chrainn ùir
timchioll do bhùird gu leir.
4 Feuch, 's amhluidh ſin a bheannuichear
an neach d'an eagal Dia.
5 A Sion gheibh thu beannuchadh,
is ſonas pailt o'n Triath;
Is chi thu maith Ieruſaleim
re fad do làith' gu leir.
6 Is clann do chloinne chi thu fòs:
is sìth air Iſraeil.

SALM CXXIX.

BU tric a chràidh iad mi o m' òig',
(deir Iſrael gu truagh,)
2 O m' òige chràidh iad mi gu tric,
gidheadh cha d' thug iad buaidh.
3 Threabh an luchd-treabhaidh air mo dhruim,
tharruing iad claiſean fad'.
4 Ach bhriſt Iehobhah ceart-bhreitheach
còrdan nan daoi gu grad.
5 Air naimhdibh Shioin gu robh nàir',
's rachadh air cùl gu luath;

6 Mar fheur air mullach tighe fàs,
a chaill a bhlà gun bhuain;
7 Ni leis nach lionar glac an fhir
a bhios gu tric a' buain:
Is leis nach lionar sgia an ti,
a bhios ri ceangal sguab.
8 Ni mò their luchd an rathaid riu,
Gu robh oirbh beannachd Dhe:
Ach sinne tha 'g ur beannachadh
an ainm Iehobhah threin.

SALM CXXX.

O 'N doimhne, O Iehobhah Dhe,
do ghlaodh mi riutsa suas.
2 Dhia, eisd ri m' ghuth gu furachair;
's ri m'urnaigh crom do chluas.
3 Ma chomharuicheas leat aingeachd,
a Dhe, co sheasas riut?
4 Ach agadsa ta iochd; a chum
gu striochdt a' t eagal duit.
5 Ri Dia tha mis' a' feitheamh, fòs
tha m'anam feitheamh ris,
'S na fhocal naomha sirinneach
mo dhòchas cuiridh mis'.
6 Tha m'anam bochd ni 's furachair
a' feitheamh Dhe do ghnà,
Na bhios luchd-faire maidne fòs
ri sgarachdain nan trà:
Ni 's furachair, a deiream fòs,
'g a fheitheamh-san gun ghò,

Na bhios luchd-faire anns an oidhch'
ri teachd a ſteach do'n lo.
7 Biodh dòchas Iſraeil an Dia:
oir tha a thròcair mòr,
'S ann aig an Tighearna gu beachd
tha fuaſgladh pailt gu leor.
8 Is bheir e fein gun cheiſt air bith
d'a phobull Iſrael,
Làn-ſhaoradh agus fuaſgladh glan
o'n aingidheachd gu leir.

SALM CXXXI.

MO chridhe cha'n 'eil àrdanach,
no fòs mo ſhùil, a Dhe:
Nior ghluais mi ann an cùiſibh mòr,
a's airde na mi fein.
2 Gu dearbh, mar naoidhein chaidh o'n chìch
bha mi gu ſèimh am thoſd;
Mar naoidhein chaidh o chìch a mhàth'r,
is amhluidh m'anam bochd.
3 Biodh dòchas maith ag Iſrael
an Dia Iehobhah treun,
O'n aimſir ſo anis at'ann,
's air feadh gach linn an céin.

SALM CXXXII.

AIR Daibhidh deanſa cuimhn', a Dhe,
's air uile amhghar geur:
2 Mar thug e mionn' do Dhia, is mòid
do Dhia ùd Iacob treun.

3 Do m'thigh cha d' theid mi fein a ſteach,
no air mo leabaidh ſuas:
4 Do m' ſhuilibh tàmh cha tabhair mi,
no fòs do m' roſgaibh ſuain,
5 Gu ruig an uair am faigheam àit
do Dhia Iehobhah treun,
Is ionad-comhnuidh bunaiteach
do Dhia ud Iacob fein.
6 Feuch, ann an criochaibh Ephrata
do chuala ſinn an ſgeul:
Air machairibh nan coillteach dlù
fhuair ſinn e mar an ceudn'.
7 Aig ſtòl a choiſe ſleuchdaidh ſinn,
an àros Dhia nam feart.
8 Eirich, a Dhe, gu t ionad tàimh:
thu fein is àirc do neirt.
9 Sgeuduicht gu robh do ſhagairt-ſa
do ghnà le h ionracas:
Is deanadh do luchd-muintir naomh
gun tàmh ùr-ghàirdeachas.
10 Air ſgà t fhior-oglaich dhileis fein
Daibhidh d'an d'thug thu buaidh,
Aghaidh an ti do ungadh leat
na cuir air h ais gu truagh.
11 Do Dhaibhidh mhionnaich Dia gu fior,
's cha phill e uaidh' am feaſd,
Ad chathair-rioghail cuiridh mi
t iarmad 's do ſhliochd gun cheiſt.
12 Ma ni do chlann mo cho-cheangal
a choimhead, is mo reachd,

An teiſt a ni mi theagaſg dhoibh,
ma chumar leo gu ceart:
An ſliochd-ſan ſuidhidh mar an ceudn'
ad chathair-righ, gu bràth.
13 Oir mhiannuich agus roghnuich Dia
Sion mar ionad tàimh.
14 'S i ſo mo thàmh 's mo ſhuaimhneas fòs
gu ſuthain is gu ſior:
An ſo do dheanam fàrdoch dhomh,
oir 's i mo mhiann gu ſior.
15 Mòr-bheannuicheam a ſtòr gu pailt:
diolam a bochd le lòn.
16 Le ſlàint' a ſagairt euduicheam
's a naoimh ni iolach mhòr.
17 Bheiream an ſin gu hùrar glas
air adhairc Dhaibhidh fàs:
Is lòchran dh'orduich mi do'n ti
a dh' ungadh leam tre gràis.
18 Cuartaichidh mi a naimhde-ſan
le nàir is ruidheadh gruaidh:
Ach airſan bidh a choron fein
a' fàs le hiomadh buaidh.

SALM CXXXIII.

O Feuch, cia meud am maith anis,
cia meud an tlachd faraon,
Bràithrean a bhi nan comhnuidh ghnà
an sìth 's an ceangal caoin.
2 Mar ôla phriſeil air a' cheann,
ruidh air an fheuſaig ſios,

'S i feusag Aroin, agus shruth
gu iomall eudaich 'ris.

3 Mar dhealt air Hermon, 's mar an druchd
air sleibhtibh Shioin shuas;
'N sin dh'ordurich Dia am beannuchadh,
a' bheatha shiorruidh bhuan.

SALM CXXXIII.

O Oglacha Iehobhah mhòir,
beannuichibh Dia a choidhch;
Sibhse le 'n gnà bhi 'n àros De
'nur seasamh feadh na hoidhch'.

2 'Na theampull togaibh suas ur làmh,
beannuichibh Dia nam feart,

3 Beannuicheadh Dia a Sion thu,
rinn neamh is làr le neart.

SALM CXXXV.

MOlaibhse Dia, àrd-mholaibh fòs
deagh-ainm Iehobhah threin,
Is thugaibh cliu is moladh dha,
oglacha Dhe gu leir.

2 O sibhse ta 'nur seasamh fòs
an tigh Iehobhah mhòir,
An cùirtibh àluinn tigh ar Dia,
molaibh e mar is còir.

3 Molaibh an Tighearna, do bhrì
gu bheil e maith gach rè:
Da ainm-san seinnibh moladh ait,
oir 's ni ro-thlachdmhor e.

4 Oir Iacob fòs do roghnuich Dia,
'na thròcair mhòir dha fein;
Dha fein mar ionnas is mar fheilbh,
do thagh e Israel.

5 Oir 's fiosrach mi 's is dimhin leam
gu bheil Iehobhah mòr,
Gu bheil an Tighearna faraon
os cionn gach Dia an glòir.

6 Gach ni air bith bu mhiannach leis,
rinn Dia an neamh nan speur,
'S air talamh, 's anns na cuantaibh mòr,
's na doimhneachdaibh gu leir.

7 Bheir esan air a' cheo dol suas
o chrich na talmhainn shios,
Uisge ni e le dealanaich;
gaoth as a stòr gun dì'.

8 Gach ceud-ghin a bha anns an Eipht'
do bhuaileadh leis gu trom;
Do dhuine 's ainmhidh anns gach àit,
ag imeachd bha air fonn.

9 O Eiphte, chuir e comhara,
is miorbhuile le cheil',
Ad bhuilsgean-sa; air Phàroh fòs,
's air òglachaibh gu leir.

10 Na cinnich lionmhor chlaoidheadh leis:
mharbh righrean cumhachdach.

11 Do mharbhadh Og righ Bhàsain leis,
Sihon righ Amorach:

Gach uile rioghachd mar an ceudn',
cia hiomadh ta iad ann,

Lom-

Lom-ſgrioſadh agus mhilleadh leis,
d'an robh an tir Chanaain.
12 Am fonn 's am fearann ſud air fad
mar oighreachd thiolaic e;
Mar oighreachd do chloinn Iſraeil,
a phobull dileas fein.
13 Tha tainm, a Thighearna nam feart,
buan-mhaireannach do ghnà:
Tha tiomradh buan air chuimhne Dhe,
o linn gu linn gu bràth.
14 Oir air a phobull fein ni Dia
ceart bhreitheanas gu beachd:
Is gabhaidh eſan aithreachas
m'a òglacha le iochd.
15 Iodhoil nan cinneach tha do'n òr,
's do'n airgiod ghlas faraon:
Is cha 'n 'eil annt' ach diomhanas
rinneadh le làmhaibh dhaoin'.
16 Tha beul ac', is gun chòra ann;
is sùileañ, leis nach leir.
17 Tha cluaſan ac', 's cha chluinn iad leo;
gun anail ſòs 'nam beul.
18 A' mhuintir tha 'gan deanamh ſud,
ta'd fein ro-choſmhuil riu;
Is amhluidh ta gach uile neach
a chuireas annt' a dhòigh.
19 O beannuichibh Iehobhah mòr,
a theaghlaich Iſraeil;
'S a theaghlaich Aroin, beannuichibh
an Tighearna le cheil'.

20

20 O theaghlaich Lebhi, beannuichibh
is thugabh cliu do Dhia:
Sibhſe d'an eagal Dia faraon,
mòr-bheannuichibh an Triath.
21 A Sion beannuicht gu robh Dia;
'gam bheil a chomhnuidh bhuan
An cathair naomh Ieruſaleim.
Molaibhſe Dia gach uair.

SALM CXXXVI.

O Thugaibh buidheachas do Dhia,
do bhrì gur sàr-mhaith e:
Arſon gu mair à thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.
2 Thugaibh do Dhia nan uile dhia
mor-bhuidheachas le cheil':
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.
3 Thugaibh do Thriath nan uile thriath
mor-bhuidheachas gu leir:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.
4 Do'n Ti 'na aonar fòs a rinn
mòr-mhiorbhuile gu treun:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.
5 Do'n Ti le gliocas iongantach
a chruthaich neamh nan ſpeur:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.

6 Do'n

6 Do'n Ti do ſhìn air uachdar tuinn
an talamh trom gu leìr:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh ſeadh gach re.

7 Do'n Ti do rinn na ſoluis mhòr
ta ſoillſeachadh nan ſpeur:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh ſeadh gach re.

8 A' ghrian gu huachdranachd ſan la,
chum dhùinne gu bu leìr:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh ſeadh gach re.

9 A ghealach is na reultà glan
a riaghladh oidhch' le cheil':
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh ſeadh gach re.

10 Do'n Ti rinn bualadh trom ſan Eipht'
air ceud-ghin dhaoin' is ſpreidh:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh ſeadh gach re.

11 Thug as am builſgean-ſan amach
a phobull Iſrael:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh ſeadh gach re.

12 Le neart a ghàirdein ſinte mach,
's le laimh ata ro-threun:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh ſeadh gach re.

13 Do'n Ti a ſgoilt an fhairge ruadh
'n a roinnibh as a cheil':

Ar

Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.

14 Is trid a meadhoin ſtiuradh leis
gu tearuint Iſrael:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.

15 San fhairge ruaidh do ſgrioſadh leis
Phàroh 's a ſhluagh gu leir:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.

16 Do'n Ti ſin trid na fàſaiche
a ſtuir a mhuintir fein:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.

17 Dhaſan a bhuail 's a lot gu trom
na righrean làidir treun:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.

18 Is righrean uaſal iomraiteach,
mharbh e le ghàirdean fein:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.

19 Nam meaſg bha righ nan Amorach,
ſeadh Sihon calma gleuſt;
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.

20 Is Og air Bàſan bhà 'na righ,
do mharbh is chaſgair e:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.

21 Is thug e fòs mar oighreachd bhuain
am fearann-ſan gu leir:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.
22 An oighreachd thug do Iſrael,
oglach ro-dhileas fein:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.
23 Neach, air bhith dhùinn ro-ioſal truagh,
a chuimhnich oirn 'nar feum:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.
24 Gu sàbhailt bhuin e ſinn, amach
o neart ar naimhde treun:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.
25 Tha tabhairt beatha do gach feòil
is lòin do'n uile chre:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.
26 O thugaibh moladh agus cliu
do Dhia nan neamh 's nan ſpeur:
Arſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach re.

SALM CXXXVII.

AIG ſruthaibh coimheach Bhàbiloin,
ſhuidh ſinn gu brònach bochd;
An ſin ſir Sion chuimhnich ſinn,
is ghuileadh leinn gu goirt.

2 Ai

2 Air gheugaibh feilich chrochadh leinn
ar clarſaichean an ſin;
3 Oir iadſan a rinn braighde dhinn
dh'iarr oran oirn is gean.

Seadh iadſan le'n do chreachadh ſinn
dh' iarr luaghair oirn is ceol,
Seinnibh do laoidhibh Shioin duinn,
(ars' iadſan) mar bu nòs.
4 An duthaich chein an urra ſinn,
oran Iehobhah ſheinn?
5 Ieruſalem mur cuimhnich mi
ri m' dheis nior lean a ſeirm.

6 Mo theanga leanadh teann ri m' ghial,
mur cuimhnichear thu leam,
Mur fearr leam na m'uil' aoibhneas àrd
cathair Ieruſaleim.
7 Clann Edoim, cuimhnich thuſa, Dhe,
oir thubhairt iad le tàir,
An làithibh truagh Ieruſaleim,
Leag, leag i, ſios gu làr.

8 O Nighean uaibhreach Bhàbiloin,
a dh'fhàſaichear gu leir;
Bu nearachd neach, mar rinn thu oirn,
a dhiolas dhuit d'a reir.
9 Bu nearachd neach a ghlacas fòs
do mhaoth-chlann bheaga thruagh,
'S a phronnas iad gun acarachd,
ri clachaibh tuinnidh cruaidh.

LE m'uile chridh' àrd-mholam thu,
àrd-mholam thu gu caomh
2 'N làthair nan dia. Is fleuchdam dhuit
m'aghaidh ri d' theampull naomh,
Is molam t ainm, bhri t fhirinn cheairt,
's do chaoimhneis ghràdhaich fein:
Oir t fhocal fior-ghlan dh'arduich thu,
os cionn t uil' ainm gu leir.
3 San la a ghlaodh mi riut, a Dhe,
fhreagair thu mi gu luath:
Is thug thu fpionnadh dhomh gu leor,
le treòir, am anam truagh.
4 Bheir righre mòr na cruinne dhuit,
àrd-mholadh binn gu leir,
San uair an cluinnear leo, a Dhia,
deagh bhriathra glan do bheil.
5 An flighibh fòs Iehobhah mhòir
feinnidh iad ceòl gu h ait;
Arfon gur onorach, 's gur àrd
glòir àluinn Dhia nam feart.
6 Ge ard Iehobhah, feallaidh e
air daoinibh umhal còir;
Ach 's leir dha 'n dream ùd, fad o làimh,
tha làn do'n ardan mhòr.
7 D'an gluaifinn ann am builfgean fòs
na trioblaid mhòir do m' chlaoidh,
Ata mi fiofrach dòchafach
gu beothuich thufa mi;
An aghaidh corruich mhòir mo nàmh,
do làmh-fa fintear leat,

Is ni do dheas-lamh ann am fheum
mo theafairgin le neart.
8 Gach ni air bith a bhuineas domh,
coilionaidh Dia gu treun:
Is buan do ghràs, a Dhia, gu bràth;
oibre do lamh na treig.

SALM CXXXIX.

DO rannſuich thu, 's is aithne dhuit
miſe, Iehobhah threin.
2 Mo ſhuidh', is m'eiridh 's aithne dhuit;
's leir dhuit mo ſmuain an cein.
3 Mo cheumaj is mo luidhe ſios,
do chuartuich thu gu dlù;
Is air mo ſhlighibh fein gu leir
's geur-fhioſrach eòlach thu.
4 Feuch, cha 'n 'eil focal mòr no beag
no uirgill ann am bheul,
Mun labhram iad, a Dhia nam feart,
nach aithne dhuit gu leir.
5 Do chuartuich thu mi air gach taobh,
romham faraon 's am dheigh;
Do làmh ta neartmhor cumhachdach
do leag thu orm, a Dhe.
6 Tha 'n t eòlas ſo ro-iongantach,
is ormſa tha e cruaidh;
Cha ruig mi air, oir tha e àrd
r'a thuigſinn is r'a luadh.
7 Cia 'n tàit air bith am feud mi dol
o d' ſpiorad glic, a Dhe?

O d' ghnùis tha uile-leirsinneach
cia 'n taobh a theicheas mi?
8 N'an rachuinn suas air neamh nan speur,
ata thu fein an sud;
N'an luidhinn ann an ifrinn shios,
tha thu san ionad ud.
9 Air barraibh sgiath na maidne fòs
n'an siùbhlainn fad o laimh;
Gu hiomallaibh na fairge mòir
chum comhnuidh agus tàimh:
10 Stiuraidh tu mi an sin, a Dhe,
le d' laimh ta treun an neart,
Is nithear leat mo chumail fòs
le d' dheas-laimh mhòir gu beachd.
11 N'an abrainn, gu dean dorchadas
gu dimhin m'fholach uait;
Bidh 'n oidhche fein mar sholus glan
ag iadhadh orm m'an cuairt.
12 Cha 'n fholuich uaitsa dorchadas,
's co-shoilleir oidhch' is la:
'S ceart-ionann duits' an duibhre dorch'
is solus glan nan trà.
13 Oir feuch ghabh thusa sealbh gu moch
air m'airnibh is mi maoth:
'S ann leat a rinneadh m'fholach fòs
am broinn mo mhàthar chaoimh.
14 Ard-mholam thu, oir 's uabhasach
's is miorbhuileach mo dhealbh:
Tha toibres' iongantach; 's is leir
do m'anam sin gu dearbh.

15 Tra

15 Tra rinneadh mi an diomhaireachd,
'S a dhealbhadh mi gu ceart
An àitibh iochdrach talmhainn shios:
bu leir dhuit brì mo neirt.

16 Mo cheud-chruth an-abuich gun dreach,
do d' shùilibh-sa bu leir;
Mo bhuill gu hiomlan chuireadh sios
sgriobht' ann ad leabhar fein;
Gidheadh ri aimsir is ri ùin
do dhealbhadh iad san am:
Air bhi dhoibh roimhe sin gun dreach,
's nach robh a haon diubh ann.

17 'S ro-phriseil uime sin, a Dhe,
do smuaintes' uile leam:
'S ro-lionmhor mòr r'an aireamh iad
's r'an cur air cuntas ceann.

18 Ri 'n aireamh 's mòr gur lionmhoir' iad
na gaineamh mhìn na tràgh':
Air mosgladh as mo chadal domh,
taim maille riut do ghnà.

19 Marbhar an taingidh leat gu beachd,
O Thighearna ro-threin:
Anis, o dhaoine fuileachdach,
imichibh uam ann cein.

20 Oir labhair iad a' taghaidh, Dhe,
le aingeachd caf-aontais;
Is thug do naimhde mio-runach
t ainm naomh an diomhanas.

21 Nach 'eil mi tabhairt fuath, a Dhia,
do'n dream thug dhuitsa fuath?

Nach

Nach 'eil mi gabhail gràin do'n dream,
a' taghaidh dh'eirich ſuas?
22 Fuath iomlan thug mi dhoibh gu beachd:
mar naimhde nim am meas.
23 Rannſuich mi, Dhe, mo chridhe faic:
mo ſmaointe feuch, fionn mis':
24 Feuch agus amhairc fein am bheil
ſligh' aingidh olc am chle:
Is anns an tſlighe ſhiorruidh chòir
gu direach treoruich mi.

SALM CXL.

O'N droch-dhuin' ſaor is teaſairg mi,
O Dhia Iehobhah naomh:
O'n fhear ata ri fòireigneadh
dean didein dhomh gu caomh.
2 Nan cridhe ta'd a' ſmuainteachadh
air aimhleas mòr gach la:
Chum cath' is comhraig chruaidh a ta'd
air cruinneachadh do ghnà.
3 Mar theanga nathrach, rinneadh leo
an teanga ſgaiteach geur:
Ata nimh mhillteach nathrach fòs
am folach ann nam beul.
4 O laimh nan daoi, gleidh miſe, Dhe;
's o luchd an fhòirneirt dion,
Mo cheuma thilgin bun os cionn,
's e ſud an rùn 's am miann.

5 Dh'fho-

5 Dh'fholuich na huaibhreich ribe dhomh,
is corda fòs, do m' ſgrios;
Ri taoibh a' bhealaich ſgaoil iad lion,
is leag iad ceap gun fhios.
6 Ri Dia Iehobhah thubhairt mi,
's tu fein gu beachd mo Dhia:
Eiſd ri guth m' achuinge anis,
O Thighearn' is a Thriath.
7 Is tu a's ſpionnadh ſlàinte dhamh,
Iehobhah Dhia nam fiath:
Cuir dion is folach air mo cheann
an aimſir troid is cath'.
8 Na deonuich miann an aingidh uile,
O Thighearna nam feart:
Ais-innleachd fòs na foirbhich leis,
mun togar iad an neart.
9 Ach cinn na dream a chuartuich mi
gach taobh le tuaileas bhreug,
Gu robh iad air am folach fòs
le tubaiſt mhòir am beil.
10 Orra gu tuiteadh eibhle loiſgt,
tilg iad ſan teine, beo:
An ſlochdaibh domhain ſios, do chum
nach eireadh iad ni 's mò.
11 Na daighnichear air talamh fòs
fear-labhairt uile a choidh':
Biodh olc a' ſealg fir fòireignidh,
d'a leagadh is d'a chlaoidh.
12 Is aithne dhomh gu deonuich Dia
do'n dream ta 'n amhghar goirt

An

An cùis a ſheaſamh dhoibh gu treun;
is coir nan daoine bochd.

13 Dò bheir na fireana gu dearbh
do tainm-ſa moladh mòr:
Bidh comhnuidh bhuan a' t fhianais fein,
a Dhe, ag daoine còir.

SALM CXLI.

O Dhia, ata mi 'g eigheach riut,
dean deifir chugam fein:
Is thabhair eiſdeachd fòs do m' ghuth,
trà ghlaodham riut am fheum.

2 Mar bhòltrach tùis ad làthair ſuas,
mar ſin biodh m'urnaigh riut:
Is togail ſuas mo làmh gu robh
mar iobairt fheaſgair dhuit.

3 Cuir faire air mo bheul, a Dhia:
dorus mo bheilſa gleidh,

4 Gu droch-bheairt, no gu olc air bith
na aom mo chridh', a Dhe:
Eagal le luchd na haingidheachd,
gu cuirinn olc an gniomh,
Ge milis blaſt' an sògh 's an gleus,
nior itheam fein maoin diubh.

5 Buaileadh am firean mi le ſmachd,
gabhaidh mi ſin gu caomh:
Gabhaidh mi uaidh' an t achaſan,
mar òla phriſeil mhaoth;
Cha bhriſt am bualadh úd mo cheann:
oir fòs theid m'urnaigh ſuas,

Trà

Trà bhios an aitim ùd gu truagh
'nan amhghar cruaidh an ſas.

6 Trà thilgear ſios air chlachaibh cruaidh
am breitheachan gu leir:
'N ſin cluinnidh iad, oir 's milis binn
deagh bhriathra grinn mo bheil.

7 Ar cnàmhan fòs ag beul na huaigh'
do ſgaoileadh leo le tàir,
Mar ghearrar is mar ſgoiltear fiodh
'na ſpealtaibh air an làr.

8 Ach tha mo ſhùilean riutſa ſuas,
Iehobhah Dhia nam feart:
Na fàgſa m'anam bochd gun treòir,
's tu fein mo dhòigh 's mo neart.

9 O teaſairg mi o'n rib', a Dhe,
a' leag iad chum mo ſgrios;
'S o eangaich luchd na haingidheachd
a dh' fholuich iad gun fhios.

10 Ach tuiteadh luchd na h aingidheachd
'nan liontaibh rinneadh leo:
Am feadh bhios miſe gabhail thart',
's a' tearnadh aſta beo.

SALM CXLII.

GHlaodh mi ri Dia le m'ghuth: is fòs
le m' ghuth rinn m'ùrnaigh ris.

2 Mo chaoi' 'na fhianais dhoirt mi mach:
's mo thrioblaid dh' fhoillſich mis'.

3 Trà bha mo ſpiorad bàit' a ſtigh,
'n ſin b'aithne dhuit mo cheum:

S a' bhealach fan do ſhiubhail mi,
gun fhios do leag iad lion.

4 Dh'amhairc mi air mo dheis, is dh'fheuch,
's cha robh fear m'eòlais ann;
No neach do m'anam bheireadh ſpeis:
threig cobhair mi ſan am.

5 O Thighearna, do ghlaodh mi riut,
is thubhairt mi gun ghò,
Gur tu is tearmunn dileas domh,
's mo chuid an tir nam beo.

6 Ar ſon gud' chlaoidheadh mi gu truagh,
eiſdſa ri m' ghlaodh ſan am,
Is ſaor mi o luchd m'fhòirneirt mhòir:
oir 's treiſe leo na leam.

7 A prioſan m'anam buin amach,
t ainmſa gu molar leam:
Is iadhaidh umam fireanaidh:
oir ni thu pailteas rium.

SALM CXLIII.

RI m'urnaigh eiſd, is aom do chluas
ri m'achuinge, a Dhe:
A' t fhirinn, is ad cheartas ard
gu gràsmhor freagair mi.

2 Na tionnſgain ann am breitheanas
le t èglach dileas fein:
Oir 's dearbh nach faorar duine beo
a' t fhianais ann am binn'.

3 Oir lean an nàmhaid cucorach
le tòir ghèir m'anam bochd,

Mo bheatha thilg e ſios le tàir,
leag ris an làr gun iochd:
Is chuir e mi an dorchadas
chum comhnuidh ann gu truagh,
Is ionan mi 's an dream gu dearbh
bhiodh fada marbh ſan uaigh.

4 Is uime ſin tha m'anam bàit'
gu cràiteach ann am chom:
Mo chridh' am chliabh gu muladach
air fàs gu tuirſeach trom.

5 Na làith' o chian do chuimhnich mi,
taim cnuaſachadh gun tàmh
Toibre gu leir; 's ag ſmuainteachadh
air gniomharaibh do làmh.

6 Mo làmhan ſhìn mi riutſa ſuas:
an geall tha m'anam ort,
Amhluidh mar bhitheas fearann cruaidh
air tiormachadh le tart.

7 Eiſd rium, a Thighearna, gu grad,
chaidh as do m'anam bochd;
Do ghnùis na ceil, eagal gu biom
mar dhream chaidh ſios do'n tſlochd

8 Thoir orm gu cluinnear leam gu moch
guth binn do chaoimhneis ghràidh,
Oir annad chuir mi fein gu mòr
mo dhòchas is mo dhòigh,
Am bealach fòs an gluaiſear leam
thoir orm gu 'n aithnich mi:
Oir riutſa ta mi togail ſuas
mo ſpioraid thruaigh, a Dhe.

9 O m' naimhdibh guineach, teasairg mi,
O Thighearn' is a Righ:
Do tionnsuidh theich mi fòs, do chum
gu foluicht' leatsa mi.
10 Do thoil a dheanamh teagaisg dhomh,
oir 's tu mo Dhia gu beachd,
O 's maith do spiorad: treòruich mi
gu tir na fireantachd.
11 Sgà t'ainmsa, beothaich mi gu treun,
a Dhe Iehobhah mhòir:
Sgà tshireantachd, saor m'anam bochd
o thrioblaid ghoirt 's o leòn.
12 Cuir as do m' naimhdibh trìd do ghràis,
is sgrios iad sin gu leir
Ata cur m' anma thruaigh fo leòn:
oir 's mise tòglach fein.

SALM CXLIV.

BEannuicht gu robh Iehobhah treun,
mo charraig e 's mo threòir;
Mo làmh a theagaisgeas gu cath,
's gu comhrag maith mo mheòir.
2 Mo mhaith, mo dhion, 's mo bhaideal àrd,
mo shlanuighear, 's mo sgia,
'S e cheannsuicheas mo dhaoine fùm:
mo mhuimighin 's e Dia.
3 Dhia, ciod e 'n duine, gu bheil thu
a' gabhail eòlais air?
No ciod e mac an duine fòs,
gu d'thug thu e fainear?

4 An duine, 'scosmhuil e gu fior
ri diomhanas gun sta:
'S a laith' mar sgail', 's mar fhaileas fos
a' gabhail seach ata.

5 O lub, a Dhia, do fhlaitheis ard,
thig sein gun dail anuas:
Buin ris na sleibhtibh mor le d'neart,
is uath' theid deatach suas.

6 Leig chuc' amach do dhealanach,
le 'n sgaoilear iad air fad:
Is tilg amach do shaighde geur,
le 'n claoidhear iad gu grad.

7 Sin uait do lamh as tionad ard,
saor mi, is fuasgail orm,
O uisgibh laidir iomarcach:
's o laimh nan coigreach borb.

8 Iadsan 'gam bheil am beil a' teachd
air diomhanas gach lo:
An deas-lamh sud, is deas-lamh i
lan iogain agus go.

9 Dhuit seinneam oran nuadh, a Dhe,
's ann air an tSaltair ghrinn,
Air inneal ciuil nan teuda deich
dhuit seinneam mola binn.

10 'S e Dia a bheir do righribh mor
slaint' agus buaidh gu treun,
'S e shaoras Daibhidh oglach caomh
o'n chlaidhe mhillteach gheur.

11 Saor mi, is fuasgail orm o laimh
nan coimheach, 'g am bheil beul

Làn diomhanais ; 's an deas-lamh fòs
'na deas-laimh foill' is breig'.
12 A chum gu biodh ar mic a' fàs
mar ghallain ùr 'nan òig' :
'S ar nigheana mar chlacha snaight
an oifinn àrois mhoir.
13 Ar saibhlean làn do'n uile stòr,
ar treudan fòs a' breith
Nam miltean, seadh deich miltean àil
nar fàsaichibh gach leth.
14 Ar daimh gu h-obair làidir calm',
gun chreach theachd cirn no bruid ;
A chum 'nar sràidibh fòs nach biodh
guth gearain, caoi', no truid.
15 'S beannuicht am pobull fin ata
san inbhe so gu beachd ;
'S beannuicht am pobull fòs d'an Dia,
Iehobhah Triath nam feart.

SALM CXLV.

ARduicheam thu, mo Dhia, 's mo Righ,
tainm beannuicheam gu bràth.
2 Do tainms' am feasd do bheiream cliu ;
arduicheam thu gach la.
3 Tha Dia Iehobhah mòr gu dearbh,
ion-mholta Dia gu mòr.
Cha'n fheudar meud a mhòrachd-san
a rannsuchadh gu leòr.
4 Molaidh gach àl do ghniomhara
do'n àl a thig nan deigh,

Is toibre cumhachdacha fòs
fior-chuirear leo ann ceill.
5 Onoir do mhòrachd ghlòr-mhoir fein
cuireams an ceill gu beachd;
Air toibre iongantach gu leir
labhram, a Dhe nam feart.
6 Labhraidh daoin' eile fòs air neart
do bhearta uabhasach;
Is mise foillsicheam gu mòr
do mhòrachd iongantach.
7 Is cuirear leo an ceill gu pailt
iomradh do mhaitheis mhòir;
Do cheartas glan, is tionraças
molaidh gu binn le ceòl.
8 Tha 'n Tighearna ro-ghràsmhor caoin
is làn do thruacantachd;
Ata e mall chum feirg', is fòs
pailt ann an tròcaireachd.
9 Is maith lehobhah do gach dùil;
tha thròcair chaomh gu beachd
Oscionn gach obair agus gniomh
a rinneadh leis le neart.
10 Dhia, molaidh toibre thu air fad;
le d' naoimhibh molar thu:
11 Air glòir do rioghachd labhraidh iad;
innsidh do neart le cliu.
12 Do chum a bhearta cumhachdach
gu tuigeadh clanna daoin';
Gu bheil a rioghachd làn do ghlòir,
is mòralachd faraon.

13 Do rioghachd fein, is Rioghachd i
ta fiorruidh buan gu beachd;
Is mairidh tuachdranachd gu bràth,
air feadh gach àil ri teachd.

14 'Na uile bhriathraibh tha an Triath
ro-fhirinneach gun cheist;
Na uile ghniomharaibh faraon
tha Esan naomh am feasd.

15 Cumaidh lehobhah suas le neart
an dream tha tuiteam fios;
S' an dream 'ta claona' chum an làir,
togaidh e 'n àird' a rìs.

16 Tha sùile fòs gach dùil' air bith
a' feitheamh ort, a Righ;
Is tha thu anns na tràthaibh ceart
a' tabhairt dhoibh am bidh.

17 Ata thu ann ad thoirbheartas
fosgladh do laimh gu mòr,
Is miann gach nithe beo air bith
sàsuichear leat gu leòr.

18 Tha Dia 'na uile shlighibh ceart,
naomha 'na uile ghniomh.

19 'S dlù Dia do mheud 'sa ghairmeas air,
seadh ghairmeas air gu fior.

20 Deagh mhiann gach neach d'an eagal e
coilionaidh e gu pailt;
Is eisdidh esan fòs ri 'n glaodh,
saoraidh e iad 'nan airc.

21 An dream tha tabhairt gràidh do Dhia,
dhoibh ni e tearmunn deas;

Ach fòs na haingidh olc gu leir
do ni e fein an sgrios.

22 Ag luadh air cliu Iehobhah threin
bithidh mo bheul gun cheist:
Ainm naomha beannuicheadh gach feòil
gu siorruidh buan am feasd.

SALM CXLVI.

DIA molaibh; mol, o m'anam, Dia.
2 Molaidh mi Dia ri m' bheo:
Ard-seinnidh mise cliu do m' Dhia,
ri fad mo re's mo lo.
3 Na earbaibh, is na deanuibh bun
a prionnsaibh làidir treun;
No fòs a mac aon-duin' a t'ann,
's gun fhurtachd ann ri feum.
4 Tha anail-san dol as amach,
theid' e g'a ùir air ais,
Theid as d'a smainteachadh gu leir
san la sin fein gu cas.
5 'S beannuicht an duine sin 'gam bheil
Dia Iacob mar a neart;
'G am bheil a dhòchas ann an Dia
Iehobhah Triath nam feart.
6 'S e chruthaich neamh, is muir, is tir,
's gach aon ni annta ta;
'S e choimhdeas firinn mar an ceudn'
gu siorruidh is gu bràth.
7 Ri daoinibh ta fo fhòirneart mor
cumaidh e còir gu caoin,

Bheir

Bheir biadh do'n acrach; cuiridh Dia
na prioſunaich fa ſgaoil'.

8 'S e Dia ta foſgladh sùl nan dall,
togaidh Iehobhah mor
An dream ata air cromadh ſios,
is caomh leis daoine còir.

9 Dia ſeaſaidh bantrach 's dilleachdain,
ſe 's dion do'n choigreach ann;
Ach ſlighe fhiar nan daoine daoi
tilgidh e bun os cionn.

10 Bidh Dia 'na Ard-Righ mor gu bràth,
do Dhias', O Shioin naoimh,
O linn gu linn gu maireannach.
: Molaibhſe Dia gu caomh.

SALM CXLVII.

MOlaibhſe Dia, oir 's maith bhi ſeinn
àrd-mholadh binn d'ar Dia:
Oir 's tlachdmhor e, 's is maiſeil ſud
bhi tabhairt cliu do'n Triath.

2 Suas togaidh Dia Ieruſalem;
cruinnichidh e le cheil',
An dream d'an d'rinneadh dibearthaich
do ghineil Iſraeil.

3 Do'n aitim 'g am bheil cridhe brùit'
bheir eſan ſlàinte mhor:
Is ceanglaidh ſuas gu faicilleach
gach cneadh ta orra 's leon.

4 Na reulta lionmhor àirmhear leis;
'gan ainmeachadh gu leir.

5 Is

5 Is mor ar Dia, 's is mor a neart;
gun tomhas air a cheill.

6 Togaidh Iehobhah fuas gu dearbh
na daoine ciuin a ris:
Is leagar leis na daoi le tàir,
gu làr 'g an tilgeadh fios.

7 Seinnibh do Dhia Iehobhah mor,
le buidheachas gu binn:
Seinnibh d'ar Dia-ne moladh ard
air teud na clàrsaich ghrinn.

8 Dia folchaidh neamh le neulaibh tiugh,
ullaichidh uisge fos
Do'n talamh: 's e bheir air an fheur
bhi fàs air sleibhtibh mor.

9 Do'n ainmhidh 's do gach beathach fiat
bheir esan biadh gun di:
Is do na fithich og' faraon
a ghlaodhas 'g iarraidh bidh.

10 An neart an eich cha bhi a dhùil,
ge mor a lùth 's a threis;
Cha ghabh e tlachd an cosaibh fir
sheasas gu direach deas.

11 Tha Dia a' gabhail tlachd gu mor
do'n dream d'an eagal e,
Chuireas an dochas is an doigh
'na throcair-san gach re.

12 Thoir moladh O Ierusaleim,
do Dhia Iehobhah mor,
Do d' Dhia-sa thabhair moladh fior,
O Shioin, mar is coir.

13 Croinn

13 Croinn dhruididh fòs do dhorsa mòr
do neartuich e gu maith:
Is bheannuich e do shliochd gu leir
ad mheadhon fein a stigh.

14 S e chuireas ann ad chriochaibh fos
sith agus sonas mòr:
'S e ni le smior a' chruithneichd ghloin
do shàsuchadh gu leòr.

15 'S e chuireas àithn' amach air tir,
ni fhocal ruidh gu luath.

16 Bheir sneachd mar olainn; sgaoilidh e
an liath-reo mar an luath.

17 Eith-reodha tilgidh e amach
mar ghreamanna nach gann;
Is anns an fhuachd a rinneadh leis
co dh'fheudas seasamh ann?

18 Cuiridh e fhocal mòr amach,
is leaghar iad a rìs:
Air seideadh dha le gaoith an sin
sruthaidh na tuilte sios.

19 Do Iacob tha e foillseachadh
a bhriathra fior-ghlan naomh,
A statuin is a bhreitheanais
do Israel gu caomh.

20 So maitheas nach do dheonuich e
dh'aon fhine ta fo 'n ghrein:
A bhreitheanais cha b'aithne dhoibh.
Molaibh Iehobhah treun.

SALM

MOlaibhſe Dia. Ard-mholaibh fòs
Iehobhah mòr gu bràth,
O neamh' nan ſpeur: molaibhſe Dia
s na hionadaibh a 's àird.'

2 Uil' aingle Dhe mòr-mholaibh e:
molaibh e ſhluagh gu leir.

3 O ghrian 's a ghealach, molaibh e:
s a reulta glan nan ſpeur.

4 O neamha àrd nan uile neamh,
is uiſgeachan ata
An comhnuidh ſhuas oscionn nan ſpeur,
molaibhſe Dia do ghnà.

5 Thugadh iad cliu is moladh binn
do ainm Iehobhah threin,
Oir chuir e àithne mach le neart,
is rinneadh iad d'a reir.

6 Do rinn e fòs an daighneachadh
a chum bhi buan do ghnà:
Is chuir e ſtatuin orra ſud
nach theid air cùl gu bràth.

7 O'n talamh fòs ata fo neamh
molaibh Iehobhah treun;
Uil' uabheiſtean ro-eagalach,
's a dhoimhneachda gu leir.

8 Tein' adhair agus clach-ſhneachd chruaidh,
an ceò theid ſuas 's an ſneachd;
Gaoth dhoinionnach a' coilionadh
a bhriathra-ſan gu beachd.

9 Na ſleibhte fairſing atmhor mor,
's na tulaich fos le cheil':

Gach

Gach craobh bheir toradh agus blàth,
's na Seudair ard gu leir.

10 Gach beathach, ainmhidh, is gach dùil
a shnàigeas air an làr,
'S gach eunlaith sgiathach iteagach
ta 'g itealaich gu hàrd.

11 Gach righ air talamh, làidir mor,
's gach pobull fos air bith;
Na prionnsuidh is luchd breitheanais
ta thar gach tir fa leth.

12 Na hoig-fhir is a' mhaoruidh dheas,
's na maighdeana le cheil';
Na seanaire ta eolach glic,
's na leinibh og gu leir;

13 Ainm Dhe àrd-mholadh iad, oir tha
ainm-san amhain ro-mhor:
Os-cionn na talmhain is nan neamh
gu hanbhar ard tha ghloir.

14 Adharc a shluaigh leis arduichear,
seadh cliu a naomh gu leir,
Cliu Israeil, a phobuill chaoimh.
Molaibh Iehobhah treun.

SALM CXLIX.

MOlaibhse Dia: is oran nuadh
seinnibh do Dhia gu caomh;
Seinnibh a mhola-san gu binn
an co-thional nan naomh.

2 Biodh Isra'l aoibhneach ann an Dia
an Ti a chruthaich e:

Deanadh clann Shioin gairdeachas
nan Righ air feadh gach re.

3 Is anns an damhfa thugadh iad
d'a ainm-fan mola binn:
A chliu le tiompan feinneadh iad,
is leis a' chlarfaich ghrinn.

4 Oir tha Iehobhah gabhail tlachd
'na phobull dileas fein:
Sgiamhach fòs le fhlainte ni
na daoine feimh gu leir.

5 Biodh air na daoinibh naomh an fin
ùr-ghairdeachas an glòir:
Is air an leabuidh feinneadh iad
do Dhia le hiolaich mhòir.

6 Gu robh ard-chliu an Tighearna
gu dligheach ann nam beul:
Is ann nan laimh-fan fòs gu robh
claidhe da-fhaobhair geur.

7 A chum gu deant' air fineachaibh
làn-dioghaltas gu trom:
Is mar an ceudn' air phoibleachaibh
fmachdachadh goirt mar thoill.

8 Do chum gu deant' an righrean-fan
a chur fo chuibhreich ghein,
Fo gheimhlibh teann do'n iarunn chruaidh
an uaifle mòr gu leir.

9 Chum dioghaltas a chur an gniomh
ta fgriobht 'na fhocal ceart:
So cliu nam fireanach gu leir.
Molaibhfe Dia nam feart.

MOlaibhſe Dia. 'Na theampull naomh
molaibhſe Dia gu mòr:
An ſpeuraibh àrd a chumhachda
molaibh e mar is còir.
2 Arſon a ghniomhara ro-threun
molaibhſe Dia 's gach àit;
Do reir a mhòrachd molaibh e,
's a ghlòir, ata ro-àrd.
3 Le guth na trompaid mar an ceudn'
molaibhſe Dia gu binn:
Air clàrſaich ſeinnibh mola dha,
is air an tſaltair ghrinn.
4 Le tiompan thugaibh mola dha
ſan damhſa mar an ceudn':
Le organ togaibh ſuas a chliu,
's le inneal ciuil nan teud,
5 Air ſiombalaibh 'ta làbhar binn
molaibhſe Dia gun tamh:
Molaibhſe Dia air ſiombalaibh
ni toirm is ſuaim ro-àrd.
6 Gach uile dhùil ſam bith ta beo
'g am bheil an deo nan crè,
Ard-mholadh iadſan Dia gu mòr.
Molaibh Iehobhah treun.

LAOIDHEA

LAOIDHEAN,

O'N

SCRIOPTUR NAOMHA.

I. Genesis i.

O Neo-ni éireadh talamh 's neamh;
ſo labhair guth an Triath:
O neo-ni dh'éirich talamh 's neamh,
gu h ùmhal mar a dh'iarr.

2 Shuidh air an aigein duibhre tiugh,
thuirt Dia, Biodh ſolus ann:
Ghrad-las an ſolus aobhach geal,
is theich an duibhre dall.

3 Do neulaibh dh'àithn e togail ſuas,
ſuas thog na neoil da reir;
Le 'n ionnas fliuch ſgaoil iad 's gach àit,
a' ſnàmh air feadh nan ſpeur.

4 Dh' àithn e do'n uiſg' a luidh air fonn
grad-thional gu h aon àit;

Dhian-ruith an fhairge, tonn air thonn,
is fouch an talamh tràight!
Le luibhean uaine 's craobha' meas,
chòdaich e 'n talamh lom;
Mu 'n d' thainig fras no drùchd o'n ſpeur,
's mu 'n d' eirich grian air fonn.
Sgeadaich e 'n ſin na neamhan ard;
gu dealrach las a' ghrian;
A ghealach is na reulta dhùiſg,
a chumnta' mhios is bhliadhn'.
Do'n uiſge dhealbh lehobhah treun
gach gineal eiſg ſa chuan;
Is ghairm o'n doimhne mar an ceudn'
gach eun ſan ealtuinn ſhuas.
Gach dùile bheo air thalamh ta
dhealbh thu le d' laimh, fa leth;
Do'n leomhan bhorb's do'n chnuimheig ſhaoin
thug thu maraon am bith.
An duine chruthaich thu fadheoidh,
ad choſlas gloirmhor fein,
Gu bhi na uachdran dligheach fior
os cionn gach ni fo'n ghrein.
T uil' oibre 'n ſin ad làth'r, a Dhia,
gu ciatach àluinn ſheas,
Sheall thu, is thuirt gu robh gach ni
gu fior-mhaith agus deas.
Cia glormhor t oibr' air fad, a Dhe!
cia treun thu fein an neart;
Co 'n ti nach tuga' dhuitſa cliu?
molams' thu, Dhia nam feart!

LAOIDH II. GEN. XXVIII. 20.—22.

DHE Bheteil! le d' laimh thoirbheartaich
's tu bheathaich t Iſra'l fein;
'S a theoruich feadh an turais ſgìth
ar ſinnſeara gu leir;
2 Ar mòid 's ar n urnaigh 'nis a ta
aig là'ir do chathair ghrais;
Bi leinn, O Dhia ar n aithrichean!
's na diobair ſinn gu brath.
3 Trid ceuma dorch' ar beatha bhos,
O treoruich thuſa ſinn;
'S o là gu là ar n eideadh cuirp
's ar teachdantìr thoir dhuinn.
4 Fo ſgàil do ſgè, O dean ar dion
gu crìch ar ſeachrain ſgìth,
Is thoir d'ar n anma fois ſadheoidh
ad chònuidh ſhuas an sìth.
5 Na tiolaca ſo, Dhe nan gràs,
thoir dhuinn o d' laimh gu fial,
'S a nis agus a rìs gu bràth,
is tu do ghnà ar Dia.

LAOIDH III. JOB. i. 21.

LOmnochd mar thainig ſinn aſteach
do 'n t ſaoghal ſo air tùs,
Is amhluidh theid ſinn lomnochd as,
is taiſgear ſinn ſan ùir.
2 Gach ni ri 'n canar leinn gu faoin
ar maoin 's ar ſtòras fein,

Is iaſad gairid aon-la e,
's grad-dhiolar e gu leir.

3 'S e Dia bheir dhuinn gach co-fhurtachd
no ghearras iad air falbh;
Ma thug e leis, 's e fein thug uaidh;
beannuicht gach uair biodh ainm!

4 Beannuicht gu ſiorruith gu robh Dia!
cha ghearain ſinn ni's mò;
Docrach no ſocrach biodh ar cor,
dhuits' Athair gu robh gloir!

LAOIDH IV. Job iii. 17,—20.

CIA sàmhach ciuin an talla dorch'
ſan gabh ſinn uile tàmh;
An tìr na di-chuimhn' far nach gluais
aon fhuathas ſinn no nàmh!

2 Cia toſdach sèimh an leab' an uaigh,
a ghabhail ſuain is foiſ;
Theid crioch air dragh luchd-aingeachd innt'
's gheibh daoine ſgìth innt' clos!

3 Innte cha chaoidh am prioſunach
ni 's mò mar fhuair e chlaoi';
Cha dochainn ſmachd an droch righ bhuirb
's is balbh guth millt'-fhir dhaoi.

4 Tha lag is làidir, beag is mor,
co-ſhint' ſan uaigh le cheil';
Tha naimhdean sàmhach taobh ri taobh,
is luchd na coi-ſtri reidh.

5 Co-ionan caidlidh iad air ſad
fo ghlaſaibh teann a bhais,

Gu

Gu'n uair an gairmear iad le Dia
'na fhianuis la a bhràth.

LAOIDH V. JOB v. 6,—12.

AMhghar o'n duſlach ge nach dùiſg,
o'n ùir ge nach d' thig bròn;
Gidheadh is lionmhor iad na h uilc
th' air mac an duine 'n tòir.

2 Amhluidh mar dh'éireas frada ſuas
gu luath air lorg a cheil';
Mar ſin tha'n duine air a bhreth
gu bròn is cùradh geur.

3 Ach earbamſa ri Dia mo chùis,
is deanam m'urnaigh ris;
Riaghladh an domhain tha na làimh,
gu làthair teichidh mis'.

4 Tha oibre lionmhor agus mor,
co chuireas iad an ceill?
An t anam brònach ni e ait,
's an truaghan ni e treun.

LAOIDH VI. JOB viii. 11,—22.

GUN làthach am fàs luachair ghlas?
no ſeileiſteir gun ſruth?
Ge d' fhàs, is diombuan gearr an cuairt,
ſeargaidh, gun bhuain, an cruth.

2 Is ionan dochas baodh an daoi,
nach feud a choidh' bhi buan;
Mar lion an dubhain-alluidh ſhaoin
a bheir gach gaoth 'na cuairt.

3 Tra

3 Tra leigeas e a thaic r'a thigh,
aomaidh gach clach is crann;
'S luath ghreimicheas e ris, ach 's luaith'
theid fhardoch bun os cionn.

4 Ge d'fhàs na ghàrra ris a ghrein
a gheuga dosrach ùr,
'S ge d'sgaoil e domhain teann gach freumh,
th'air leis, do-spiont' a hùir:

5 Gidheadh air teachd da bhìnn' o neamh,
spionar a fhreumh a bun;
Aite cha 'n aithnich e ni's mò;
caochlaidh a ghloir gu tur.

6 Feuch! 's amhluidh gairdeachas nan daoi,
ni tàir air naomh-reachd De;
Grad-thuitidh iad; 's co grad a thig
'nan àite daoine sèimh.

7 Ach Dia nan gras, le cumhachd mor,
ni daoine còir a dhion;
An cridhe lionaidh e le gean,
's am beul le mola sior.

LAOIDH VII. Job ix. 2,—10.

AM bi fiol Adhaimh saor o chiont',
no glan am fianuis De?
Ma thagras e reir ceartais ruinn,
f'a smachd theid sinn do'n eug.

2 Gu geur-chuiseach ma thoimhseas e
gach smaoin, is guth, is gniomh;
Leisgeul seadh aon do m'mhiltibh cìont'
a dhealbh cha'n urra mi.

3 Is glic a chrìdh' 's is treun a lamh,
's nach aingidh dàn an ſluagh
A thogas ceann an aghai' Dhia?
co riabh thug airſan buaidh?
4 Ro' fheirg, na ſleibhte criothnaichidh,
is cliſgidh iad o'm bonn;
O bhunchar luaiſgidh null 's a nall,
le garbh-chrith, 'n talamh trom.
5 Ma thoirmiſgeas e eiridh grein',
cha 'n eirich grian gu bràth;
Duì'-neulach ni e 'n ſpeur air fad,
's gach reul theid as 'na ſmàl.
6 Coiſichidh Dia ſan fhairge ghairbh,
carbad do ghaothaibh ni;
A ſhlighe ard co lorgaicheas?
a cheuma dorch' co chì?

LAOIDH VIII. Job xiv. 1,—15.

O Dhuine th' air do bhreth le mnaoi,
cia tearc is truagh do làith'!
O'n duſlach thàinig thu, is theid
gu d' dhuſlach fein gun dàil.
2 Mar mhaoth-lus fàſaidh tu fo bhlà,
is gheibh thu bàs gu beachd:
Mar fhaileas teichidh tu gu luath,
's cha bhuan air thalamh neach.
3 Làn cionta is truaigh, an ſeas aon dùil,
fa chomhair sùilean De?
Co choidh' bheir uiſge ſoilleir glan
a tobar ſalach crèidh?

4 Ar

4 Ar làithean air an àireamh ta,
's gun tàmh a' gabhaîl ſeach;
Is gairid gus an d' thig an uair
a ni do'n uaigh ar teach.

5 Dhe mhoir! na ſmachdaich ann a t ſheirg
an tomhas gairid faoin,
Do làithibh diombuan an-ſhocrach
thug thu do chloinn nan daoin'.

6 Ge d' chrionas lus, cha'n fhaigh e bàs,
thig fhàs ri h ùine nios;
'S ge d' ſheargas craobh ſa gheamhradh fhuar
ni 'n t earrach nuadh i rìs.

7 Ach aon uair 's gu faigh duine bàs,
cha phill a làith' ni 's mò;
A bheatha cha dean earrach nuadh,
's air uaigh cha ruig an lò.

8 Amhlui' mar ſhruth a ruitheas bras,
's nach pill air ais r'a ſhliabh;
Tha làith' is bliadhnai, 's linn dol ſeach,
's cha phill ri neach an triall.

9 San uaigh 'n tra luidheas duine sios,
caidlidh e 'n dion a bhàis;
'S cha dùiſg e tuille gus an d' theid
an cruinne-cè 'na ſmàl.

10 O biodh an uaigh na leaba thàimh
dhomh fein, gu là mo Thriath,
San eirich mi gu h aobhach ſuas
le naomh-ſhluagh maiſeach Dhia!

11 San dochas ait, le faighid mhoir,
feithidh mi ordugh Neimh,

A thig ſan am a ſhonraich Dia
an triall mi chuige fein.

LAOIDH IX. Job xxvi. 6, gu chrìch.

CO ghleachdas ris a ghairdean threun
a dhealbh na ſpeuran ard?
No c'àit am falaich neach e fein
o'n t sùil d' an leir gach àit?

2 'Na ſhealla-ſan tha ifrinn fein,
is leir-ſgrios uile ruiſgt';
'S am folchar lochd air bith no beud
o fhradharc geur a ſhùl?

3 Air neo-ni chroch e 'n domhan mor,
's an airde tuath do ſgaoil
Air ionad falamh; agus phaiſg
uiſge 's na neulaibh faoin.

4 Tra chìthear cumhachd Dhe 's gach àit,
tha ſgàil ga fhalach fein;
Tha chathair cuartaichte le neoil,
's do dhuine beo cha lèir.

5 Onſha na fairge pillidh e
le tràigh, air meud a neart;
'S a chrioch a thug e dhi 's gach àit
gu bràth cha d' theid i thairt.

6 Ro' achaſan Iehobhah threin,
tha talamh 's neamh air chrith;
Cliſgidh an ſteidh ma laſas ſuas
a chorruich uair ſam bith.

7 Gun doinionn luaiſgidh e an cuan,
's togaidh e ſuas a thuinn;

'S

'S an t uaibhreach tilgidh e, gun nàmh,
o airde bun os cionn.

8 'S e lionas neamh le cuideachd naomh,
's a ni iad aobhach ait;
Ach fliochd na nathrach tilgidh fios
gu ionad claoi' le fmachd.

9 D'a oibre cha leir dhuinn ach cuid,
's cha tuig finn iad fin fein;
Ach tairneanach a chumhachd mhoir,
co dh'fheudas chur an ceill?

LAOIDH X. Gnà-fhocla 1. 20,—31.

AN co-thional nan iomadh flògh,
is anns na ròidibh tiugh,
Ri cloinn nan daoin' tha Gliocas neimh
a' togail fuas a ghuth'.

2 Cia fhad a ni luchd-fanoid tàir
air firinn 's grafa Dhe?
'S a bheir fibh, amadana, fpéis
do 'r toil mhi-cheillidh fein?

3 Pillibh, air m' earails', air ur n ais,
is bidh fibh fona cheidh':
Pillibh, 's a chum ur beannachadh,
mo Spiorad bheir mi dhuibh.

4 Ach mur toir fibh mo ghuth fanear,
's mur eifdear leibh mo ghlaodh;
Tra ghlaodhas fibhs' an là ur n airc,
ur n achuinge bidh faoin.

5 Tra ghlacas leir-fgrios fibh 'na cuairt,
mar iom'-ghaoth luath nan fpeur,

Ni

Ni miſe ſanoid air ur caoi',
's ur n urnaigh choidh' cha 'n eiſd.
6 O ròghnaich ſibh ro' bheatha bàs,
's eigin gu bràth bhi truagh;
Oir ciod air bi a chuireas neach,
dheth ſin ni 'n neach ſin buain.

LAOIDH XI. Gnà-fhocla iii. 13,—17.

CIA ſona 'n ti do theagaſg Dhe
bheir eiſdeachd gach aon uair;
S' ri Gliocas neimh, le moran tlachd,
thionndas gu moch a chluas?
2 Is fearr a ſtòr na 'n t ionnus faoin
a ta ſan t ſaogh'l gu leir;
'S is luachmhoire à dhuais gu mor
na òr a chruinne-che.
3 Tha ſaoghal fada 'na laimh dheis,
is onoir 'na laimh chli;
Iadſan air fad a bheir dha gradh,
's leo ſaibhreas, ſlaint' is sìth.
4 Do 'n òg 'na ſhlighe neo-chiontaich,
ſolas bheir e gu pailt;
'S do 'n aoſda bheir e coron gloir,
's trocair o Dhia gun airc.
5 An uair tha dicheall dhaoine mor,
tha dhuais-ſan mor da reir:
Do ſholaſaibh tha ſhlighe làn;
is sìth do ghnà 's gach ceum.

LAOIDH XII. Gnà-fhocla vi. 6,—12.

EIRICH a lundaire gu grad,
'S thoir ort an ſeangan beag gun ſtad;
Oir ge nach d'fhuair e riamh fear-iuil,
No neach da ghreaſad air a chùl;
2 Fa chomhair geamhraidh ni e deas,
A' cuimhneachadh gun tàmh a leas;
San t ſamhra truſaidh e a lòn,
San fhoghar iomlan tha a ſtòr.
3 Ach c'uin a dh'éireas tus' o d' ſhuain?
A lundaire, nach dùiſg thu ſuas?
Cha'n iarr do leiſg ach tuille taimh,
Clò do 'n t sùil, is paſga làmh.
4 Ach feuch! tha bochduinn agus bròn,
Ag iadhadh air gach làimh ad chòir;
'S mar ghaiſgeach armach teachd ad dhàil,
Trom-bhruthaidh iad do cheann fo 'n sàil.

LAOIDH XIII. Gnà-fhocla viii. 22, gu chrìch

BIBH toſdach uile, chlann nan daoin',
tra ghlaodhas Gliocas De;
A bhriathra thugar leibh fanear,
's da earail thugaibh geill.
2 Bu mhiſe Annſachd Dhe o thùs,
mun robh na neamha ann;
'S mun d'fhuair an domhan mor a bhith,
bha miſe, feadh gach am.
3 Mun robh ann ſleibhte mor no beag,
mun robh ann muir no tìr;

No ni air bith fa chruinne-chè,
aig deas laimh Dhe bha mì.
4 Tra dhealbh e neoil is adhar ard,
an talamh tràight 's an cuan,
'S tra ghearr e 'n criochan doibh fa leth,
bha mife leis fan uair.
5 Tra chroch e 'n talamh cothromaicht'
gun taic ris o aon taobh,
Dhearc mi le folas mor an fin
air ionad-cònuidh dhaoin'.
6 Dhealbh fmaoin mo chridh' o fhiorruitheachd
làn-tearmunn doibh o'n bhàs;
Neo-chaochlaidheach, uaidh fin gu fo,
tha m' iochd dhoibh is mo ghràdh.
7 Ri m' theagafg eifdibh uime fin,
is gheibh fibh beatha uaidh;
Is fona 'n ti bheir geill do m' lagh,
bidh 'n ti nach tabhair truagh.
8 Is mife ni gu neamh an t iul,
's a bheir do 'n ionraic duais;
Tha beatha 's cairdeas aig gach neach
a leanas mi gach uair.
9 Ach 's naimhde mor d' an anma fein
na dhiultas geill do m' reachd;
'S na bheir fior-fhuath dom' theagafg naomh,
chum ifrinn theid gu beachd.

LAOIDH XIV. Eccleſ. vii. 2,—6.

O Sibhs' air fad le 'm b' àill bhi glic,
bibh tric an tigh a bhròin;

Oir luath no mall tha ſinn gu leir
ri fulang pèin is leoin.

2 Is fearr gu mor bhi giulan goimh,
o amhghar tigh na caoi';
Na 'n cridh' a lot le ſolas baodh,
an cuideachd dhaoine daoi.

3 'N tra bhios an aghaidh tuirſeach trom,
's an t sùil a ſile' dheur,
Gheibh ſmaointe naomh ſan anam tàmh,
's ni iad ni 's fearr an gnè.

4 An duine crionna theid gu tric
gu bothan bochd a' bhròin;
Ach leis an dream air bheagan ceill'
is aoibhinn talla cheoil.

5 Is diombuan aighear dhaoine daoi,
's is dlù dhoibh amhghar truagh;
Mar bhoiſge fuaimneach droighinn fhaoin,
ghrad-chaochlas a chum luath.

LAOIDH XV. Eccleſ. ix. 4, 5, 6, 10.

'S E nis an t am bhi reidh ri Dia,
'S e nis an t am thoirt geill do 'n Triath;
Am feadh a mhaireas là nan gras;
Feudaidh gach neach dol as o 'n bhàs.

2 'S i ſo an uair a ſheachna' truaigh',
'S a thabhairt neimh amach le buaidh;
So cothrom àigh, ta dian-dhol ſeach,
Deanar deagh-bhuil dheth leis gach neach.

3 Is fios do 'n bheo gu faigh e bàs,
Air di-chuimhn tha gach marbh an trà s';

Dh'fhalbh an cuimhne, 's dh'fhalbh an ainm,
Cha 'n aithnigh'r iad, 's cha 'n aithne dhoibh.

4 Theirig an gradh, is ſguir am fuath,
'S tha 'm farmad sìnte leo ſan uaigh;
Cha 'n eol doibh ni ſam bith fo 'n ghrein,
An ſaothair ſguir maraon riu fein.

5 Dean dicheall uime fin 'na thrà,
Crioch a chur air ſaothair do làmh;
Oir ſaothair, ſeol, no obair ghlic,
Cha deanar leat gu brath fo 'n lic.

6 San uaigh, gu'm bheil ſinn uil' a' triall,
Maith'nas cha'n fhaigh, 's cha d'fhuaradh riabh,
Gun chaochla' bithidh cor gach neach,
Gu am da bhìnne teachd amach.

LAOIDH XVI. Eccleſ. xii. 1.

CUimhnich do Dhia an làithibh tòig',
làithibh gun bhròn gun ſmal;
Mun d' thig na bliadhnai' breoite tinn,
's am fàs air t inntin cal.

2 Mun ſalaich lochd air bith do chrìdh,
grad-ſgriobh air lagh do Dhia;
'S cuimhnich do Chruthadair an tràs'
mu 'm fàs thu aoſmhor lia.

3 Oir, gairid uait tha pian is bròn,
na neoil tha cheana dlù
Ni t aoibhneas dorcha, 's t òige ſean,
a' cur do ghean air cùl.

4 'S gearr gus an gearain thu gu goirt
fo ſprochd is iarguin aois,

'S an cuimhnich thu air aighear tòig,
nach pill ni 's mò do d' thaobh.

LAOIDH XVII. Isaiah i. 10,—19.

A Mhaithean Shodoim! gabhaibh suim
do fhocal Righ nam feachd;
Fheara Ghomorrah! thigibh dhù,
is bithibh umh'l d'a reachd.

2 Mar so a deir e, Ciod is brìgh
d' ur niobairtibh gun stà?
Tha m' altair sgìth d'ur tiolacaibh,
's thug mi d'ur naora' gràin.

3 Ge d' las ur niobairtean gu neamh,
's ge d' dhorchaich tùis an speur;
Gidheadh bheir mise fuath is gràin
do ghniomh ur lamh 's duibh fein.

4 Ur trasg 's ur nurnaigh 's suathach leam,
's ur làithe feill faraon;
Oir tha ur cridhe lan do cheilg,
's ur slighe cam is claon.

5 Glanaibh ur lamhan o gach olc,
's na deanaibh lochd ni 's mò;
Nur giulan uile bithibh ceart,
's nur cridhe glan, gun ghò.

6 Na tairgibh dhomhsa onoir fhaoin,
ach foghlumaibh mo reachd;
Teann-thagraibh cùis na ban-traiche,
's air fann na deanaibh lochd.

7 'N sin, dearg mar chorcar ge do robh
ur lochdan, nighear uaibh

An ſal, is bidh ſibh glan, tràd grâis;
mar ſneachd' is àillidh ſnuadh.

LAOIDH XVIII. Iſaiah ii. 2,—6.

FEUCH! éiridh ſan linn dheireannaich
naomh-theampull Dhia na gloir,
Oscionn nam beann 's nan ſleibhtean ard;
fàth iongantais ro-mhor!

2 D'a ionnſuidh thig na cinnich ait,
gach teanga 's treabh le cheil';
Ag radh, Suas greaſamaid gun dàil,
gu teampull àluinn De.

3 An ſolus thig o Shion ard
dealraidh feadh dhùcha cèin;
'S do 'n Righ 'na ſhuidh' air Salem ta
bheirear 's gach àite geill.

4 Meaſg chinneach 's eilean' iomallach
ard-ſhuidhidh e gu breith;
'S o cheartas naomha gheibh gach aon
a bhìnne fein fa leth.

5 Le connſpoid is le han-iochd borb
cha bhuairear linn nan gràs;
Gu ſpeal is coltar iompaichear
gach claidhe 's inneal bàis.

6 Le nàmh ni 's mò cha chaſgrar nàmh,
's cha bhi fan àraich caoidh;
Cha chruìmnich trompaid ſlòigh le cheil',
's cha 'n eighear cath a choidh'.

7 O ghineil Iacoib, uime ſin,
thigibh gu teampull De;

'S

'S na ſholus-ſan, ta dealrach glan,
ſior-thriallamaid gu neamh.

LAOIDH XIX. Iſaiah ix. 2,—8.

FEUCH! dh'eirich ſolus air na ſlòigh
bha chònuidh 'n duibhre bàis;
Is air an tſluagh a bha fo ſgàil,
nis dhealruich Grian nan gràs.

2 Do tionnſuidh-ſa, a Ghrian an àigh!
le fàilte thig gach ſluagh,
'S iad aoibhinn mar luchd-buain o'n fhaich'
'ſ am foghar taiſgte ſuas.

3 Oir thog thu dhinn ar nuallach goirt,
is lotadh leat ar nàmh,
Le d' ghairdean treun ghrad-thilg thu ſios
luchd-mioruin chum an làir.

4 Mar laoch a' ruith feadh fala 's àir,
tha Slanui'ear nam buadh;
Mar cheumaibh dealanaich nan ſpeur
bheir thu fo gheill gach ſluagh.

5 Feuch dhuinne rugadh Mac an àigh;
fhuair ſinn Slanui'ear treun!
Gach treabh air thalamh geillidh dha,
is aingle neimh gu leir.

6 Prionnſa na ſiochaint canar ris,
'ſ e n' Ti ta glic is treun;
Le ceartas riaghlaidh e gach ſluagh,
o chathair ſhuas air neamh.

LAOIDH

LAOIDH XX. Isaiah xxvi. 1—7.

CIA gloirmhor àluinn cathair Dhe!
Sion cia breagh a snuadh!
Innte chuir Dia a chathair-rìgh,
chum mairsinn fiorruith buan.

2 A ballaidh dionaidh e le ghràs,
gu làr cha tuit i choidh';
Ni slainte tearmunn dì gach taobh,
's ifrinn cha 'n fheud a claoidh.

3 A dhorsa fiorruith, eiribh suas,
fosglaibh gu luath o cheil';
'S gu racha' naomh-shluagh Dhe asteach,
a thug d'a reachd-san geill.

4 An so gun airceas mealaidh sibh
sìth sholasach gu bràth;
Sibhse le 'n ionmhuin ard-ainm Dhe,
's tha deanamh buin a ghràs.

5 Earbaibh a Dia, sior-earbaibh as;
gach eagal fògraibh uaibh;
Aig Dia tha cumhachd chum ur dion,
seadh lion nan linn gu buan.

6 Cònuidh nan droch-dhaoin', ge d' is ard,
bheir Dia-le laimh i nuas;
'S am mor-chuis tilgidh esan sios
co-iosal ris an uaigh.

7 Saltraidh am bochd an sin le tàir,
air àrois ard nan daoi;
Tra bhios iad sìnte air an làr,
gun eiridh 'n aird a choidh'.

LAOIDH

LAOIDH XXI. Iſaiah xxxiii. 13—18.

HO! gach neach fad as no dhù,
do'n chùis ſo gabhaibh fuim;
Bidh àgh is beannachd aig na naoimh,
ach ſgrioſar daoine daoi.

2 An ti bhios ionraic treibh-dhireach
fa chomhair Dhe gach uair,
Ri gniomh gun iochd nach cuir a làmh,
's air breig gu bràth nach luaidh;

3 An ti nach làimhſich duais an uilc,
's gu ceilg nach buair an ſaogh'l;
Nach ſeall gun ghràin air lochd air bith,
's nach gluais air ſlighe chlaoin.

4 An ti ſin còmuidh gheibh gu bràth
an daighneach làidir Dhe;
Gun eaſbhuidh gheibh e theachdantìr,
is caiſgear iota 's fheum.

5 Fadheoidh bidh Neamh dha fofgailte,
le dorſaibh farſaing fial;
'S le Righ nan righrean bithidh e
gu tearuint feadh gach ial.

LAOIDH XXII. Iſaiah xl. 27, gu chrìch.

C' Arſon a dhoirtear leat amach
do chaoidh, gun duil ri hiochd?
Ceart mar nach tugadh Dia fanear
cùis neach air bith d'a ſhliochd.

2 Eſan a chruthaich talamh 's Neamh,
am bheil a thearmann gann?

N

No 'm feud an lamh a dhealbh gach ni
fàs ſgìth gu bràth no fann?

3 Maith, glic, is uile-chumhachdach,
tha 'n Triath ata gar dion;
A ſhlighe ge nach leir do neach,
is ceart e anns gach gniomh.

4 'S mor fàth ar miſneich, uime ſin,
fo cheannſal Dhia nan ſluagh,
Do 'n fhirean lag bheir eſan neart,
's do'n anfhann bheir e buaidh.

5 Caillidh na ſean-daoine an treoir,
's an òigridh fein an lùgh;
Ach mheud 's a dh'fheith ri Dia nan gràs,
tha ſlainte dhoibhſan dlù.

6 Le caſaibh lughar ſiubhlaidh iad
ſan t ſlighe dh' ionnſui' gloir;
'S faſaidh an neart mar thriallas iad
'nan giulan diadhaidh còir.

7 Air ſgiathaibh creideimh eiridh iad,
mar iolair luath nan ſpeur,
Oscionn an t ſaoghail dhorcha ſo,
gu Dia an airde neimh.

LAOIDH XXIII. Iſaiah xlii. 1,—13.

FEuch m' òglach! feuch mo ſheircinn ghraidh,
's e àrduicht ann am neart;
Mo roghain e do'n t ſluagh gu leir,
dha thug mi ſpeis gu beachd.

2 Airſan gu ſaibhir tuirlingidh
mo Spiorad naomha fein,

Chum

Chum anns na dùchaibh iomallach
mo bhreith gu cuir e'n ceill.

3 Sèimh is ciuin gun gheilt no buirb',
bheir esan breith neo-chlaon;
Cha bhrist e 'm feasd a chuilc tha brùit',
's cha mhùch e'n lasair chaol.

4 Gu lasair sèidear leis an tsrad;
do 'n lag bheir e làn-bhuaidh;
Feadh mhor-thìr 's eilean sgaoilidh eud;
is geillidh dha gach sluagh.

5 So deir an Dia ghairm neamh gu bith,
's a las na lochrain iuil,
A thug do 'n duine spiorad glic,
's a dhealbh gach uile dhuil;

6 'S tu m' Fhaidh, a ghairm 's a thog mi suas;
gach uair is leat mo neart;
O m' uile chumhachd gheibh thu treoir
gu d' choghnadh anns gach beairt.

7 Annadsa ni mi ris gach tir
co-cheangal siorruith graidh,
Thoirt saorsa do na braighdibh leont',
's do chinnich eolas aigh.

8 Na dorsa praise bristidh tu,
's na glasa làidir teann;
Is solus aoibhinn agus saors'
bheir thu do 'n daor 's do'n dall.

9 'S mise Iehobhah; 's e sin m'ainm
air feadh gach uile ial;
Mo ghloir cha bhuin do dhealbha faoin,
's mi fein am aonar Dia.

10 Feuch!

10 Feuch! choilionadh a nis gach ni
gheall mi o ſhean do'n t ſaogh'l;
'S na nithe gheallar leam an tràs'
coilionar iad faraon.

11 Canaibh do'n Tighearn' oran nuadh!
air ainm biodh luadh 's gach àit;
Feadh muir, is tìr, is innſe cian,
biodh moladh Dhia gu bràth.

12 A chaithir mhor! is ſhaſach ſhaoin!
molaibh maraon ar Dia;
Sa mhachair thugaibh mola' dha,
's na bheil 'nur tamh feadh ſhliabh.

13 Seinneadh gach ſluagh, gu h aon-ſgeulach,
gloir ion-mholt' Dhe bhith-bhuain;
'S do'n chaithream aoibhinn agus throm
co-fhreagradh fonn is cuan!

LAOIDH XXIV. Iſaiah xlix. 13,—17.

A Neamha, togaibh luaghair ait;
a thalaimh, binn-cheol ſeimn;
A ſhleibhte, canaibh co-ſheirm chiuil,
's gach dùil air feadh gach linn!

2 Feuchaibh cia trocaireach ar Dia!
cluinnibh a bhriathra gràis;
Do'n anam thruagh bheir co-fhurtachd,
is ſaors' o dhochann bàis.

3 Sguiribh, an laithibh goirt ur claoi',
do'r caoi' 's do'r gearan cruaidh;
An ſaoil ſibh nach toir Dia fanear
ſtaid gach aon neach d'a ſhluagh?

4 An diobair mathair ciochran maoth
a brollaich, le h-an-iochd?
Nach maothaich oſna 's deoir a crìdh',
's nach gabh i truas da ſliochd?

5 Ach, arſa Dia, ge d' chaochail iochd
da gineil anns gach mnaoi,
M'iochd-ſa do m' ſhluagh, agus mo ghaol,
gun chaochla' mairidh choidh'.

6 Domhain air dearnaibh mo dha laimh,
ainm Shioin ghearr mi ſios;
A balla briſte càiridh mi,
's a h-àrois togaidh rìs.

LAOIDH XXV. Iſaiah liii.

CIA teare an dream, le creideamh beo,
a ghabhas eolas uainn;
No mhothaicheas o 'm fioſrach' fein,
mor-chumhachd Dhe bhith-bhuain?

2 Tha IOSA teachd! gun ghreadhnachas
a dh'fhoillſeacha' cia dlù;
Oir aſlle thalmhaidh air cha bhi,
no bheag do ioghnadh ſhùl.

3 Mar chinneas ann am faſaich fhaoin
luibh mhaoth, gun churam ſluaigh;
Mar ſin, ſan t-ſaoghal aingidh ſo,
dh'fhàs Crioſd fo ain-neart ſuas.

4 Fo dhimeas is fo tharcuis dhaoin',
feuch fear an àmhghair thruaigh!
Is bròn a' leantuinn ris gun chlos,
an taobh a bhos do 'n uaigh.

5 Ach

5 Ach cha b'e fein, ach finne thoill
gach cràdh a rinn a leon;
Oir, neo-chiontach sheas e nar riochd,
's gu h iochdmhor ghabh ar bròn.
6 Gidheadh mar dhroch-dhuin' mheasadh e,
's mar fhògarrach o ghràs;
Tra dhoirt e fhuil arson an t sluaigh,
fo osnai' chruaidh a bhàis.
7 Le naomh-fhuil nigh e dhinn gu glan
ar truailleachd is ar lochd;
Leighis a chreuchdan, 's shaor a bhàs,
gu bràth ar n anma bochd.
8 Chaidh daoine dall is ceannairceach
air seachran truagh, mar threud,
Ach ghiulain Crioso ar n easaontas,
is dhiol ar n uile bheud.
9 Fo bhuille trom ar smachdachaidh,
feuch giulan caomh Mhic Dhe!
Mar uan gun lochd, a dh'imlicheas
an lamh le 'n casgrar è.
10 A neo-chionta co dh'fhoillsicheas!
's e 'n cuibhreach cruaidh an às?
Feuch dhiteadh e le samhla reachd,
is thugadh seach gu bàs.
11 Le peacaich luidh e fios san dus,
na beartaich thug dha uaigh;
Mar chaith e bheatha, chriochnaich e,
gun chiont', air meud a thruaigh.
12 Mar so ge d' bhruthadh e le Dia,
dh' eirich ar Triath a ris;

Oir iobairt iomlan aon mhic fein
dhiol ceartas De gu fior.

13 Oir, arsa Dia, lan-shoirbhichidh
mo thlachd 'na laimh gun cheist;
Bidh ghineal lionmhor feadh gach linn,
's bidh inbhe mor am feasd.

14 Bidh anam ait tra dhearcas e
air toradh pailt a phein;
Is bheir na sloigh a shlànuich e,
cliu fior d'an Slan'ear treun.

15 Roinnidh e chreach le laochraibh treun,
's do 'n eug bheir gach aon namh;
Le ciontaich ge d' luidh e san uaigh,
dh'eirich le buaidh an aird.

16 Dh'fhuiling e dhiola' cionta dhaoin',
's a dh' fhaotainn sìth d'a shluagh;
'S mar charaid sior-bheo nis air neamh,
tagraidh e 'n cùis gach uair.

LAOIDH XXVI. Isaiah lv.

O Dhaoine tartmhor! thigibh chum
sruth pailt nan uisge' beo;
An nasgaidh gheibh am bochd a dhiol,
gun airgiod is gun òr.

2 C' arson a struidheas sibh ur maoin
air nithe saoin nach biadh;
'S a chailleas sibh ur saoʻir gach là
mu ni nach sàsuich miann?

3 Gu deonach cromaibh riums' ur cluas,
ma 's aill leibh suaimhneas fior;

Le m' theagaſg bidh ur n anma beo,
is gheibh ſibh ſolas ſior.

4 Eiſdibh, is mairibh beo gu bràth!
mo chumhnant graſmhor 's leibh;
An trocair a rinn Daibhidh ait,
gun airc bheir miſe dhuibh.

5 Mar fhianuis roghnaich 's thog mi e,
mar cheannard treun do m' ſhluagh;
Gach fine gairmidh e o chein,
's bheir iad fo bhrataich buaidh.

6 Feuch criocha cian nach b' aithne dhuit,
is do nach b' aithne thu,
Ard-fhàidh! do thionnſuidh cruinnichidh,
's do m' ainm-ſa bheir iad cliu.

7 Grad-iarruibh Dia am feadh tha chluas
ga croma' nuas ri 'r glaodh;
'S nuair tha e tairgſe' dhuibh a ghràis,
gabhaibh ri ſhlainte ſhaor.

8 Treigeadh an t aingidh ſhlighe chlaon,
's an droch-dhuin ſmaoin a chrìdh',
Is pilleadh iad ri Dia gun dàil,
is gheibh iad ſlaint' is sìth.

9 Oir Dia tha ſaibhir ann an iochd,
is laghaidh e gach beud;
Cha'n ionan natur dha 's do dhaoin',
a throcair chaomh cha treig.

10 Oir mar is ard an ſpeur, deir Dia,
os cionn na talmhainn fhaoin,
'S co-ard tha m' iul 's mo ſmaointe-ſa
thar iul is ſmaointe dhaoin'.

11 Nuas ſilidh fraſa ſneachd' is uiſg',
'ſ cha phill a rìs an aird,
An talamh gus an taiſich iad
a ghiulan lòin 'ſ gach àit.

12 Mar ſo aon ſmid a labhras mis'
cha d' thig air ais gun bhuil;
Mo ghairm gheibh eiſdeachd o gach dùil,
is bidh iad umh'l do m' thoil.

13 'N ſin ſtiurar dùcha iompaichte,
le h aoibhneas is le fois;
Na ſleibhte ſeinnidh air gach taobh;
buailidh gach craobh a bos.

14 An àite dhraigheann agus dhreas
bidh ùr-chroinn uain' a' fas;
Mar ſo ſior-mhairidh; 'ſ bheir gach dùil
ard-chliu do Dhia nan gràs.

LAOIDH XXVII. Iſaiah lvii. 15, 16.

EIſdibh! gach neach air thalamh ta,
guth Dhe ro-ard is naomh;
'S iad ſo a bhriathra trocaireach,
fàth dochais clainn nan daoin':

2 An airde neimh mo chathair-righ'
o ſhiorrui'chd ſhocruich mis';
'S leam chìu nan aingeal feadh gach linn,
'ſ gach buaidh 'ta iomlan leis.

3 Gidheadh o m' ionad còmhnuidh ſhuas,
ſeallaidh mi nuas do ghnà,
Air luchd a chridhe bhriſte bhrùit',
'ſ 'nam bùthan ni mi tàmh:

4 A cheangal ſuas an ſpioraid bhrùit',
'ſ g'a thoirt o'n ùir anios;
'S a bheothacha' nan anma truagh
tha dol do'n uaigh aſios.

5 Na h anma ſin a dhealbh mi fein,
gheibh tearuinteachd fo m' ghràs;
Tagra cha dean mi riu do ſhior,
mun tuit iad ſios am lài'r.

LAOIDH XXVIII. Iſaiah lviii. 5,—9.

FEuch! ciod an traſg is aill le Dia,
an e bhi cianail trom?
No ſgeadaichte le ſamhla bròin,
is aghaidh leonta chrom?

2 An ionmhuinn leamſa eide' broin,
deir Righ na gloir e fein?
Le ceann air lùba', 'ſ gnuis fo ſmal,
am faigh ſibh uamſa ſpeis?

3 Ri daoine truagh gan sàruchadh
cum bàigh is cothrom maith;
'S do dhaoine bochd is an-ſhocrach,
gabh cùram, 'ſ bidh ort rath.

4 Do'n dilleachd acrach thoir do bhiadh,
'ſ biodh t fhardoch fial gach uair
Do'n choigreach tha gun aite taimh,
'ſ do'n ànrach dhìbli thruagh.

5 Comhdaich an lomnochd, dion am fuar,
tog ſuas an ti fo leon,
'S na druid do chridhe le h an-iochd
o neach air bith ſan fheoil.

6 An ſin mar mhadainn ſhoilleir chiuin,
bidh tùin' air thalamh bhos;
Air tuìle ſhlighe dealraidh Dia,
's o d' iarguin gheibh thu fois.

LAOIDH XXIX. Tuireadh iii. 37,—40.

AM meaſg nan cumhachdach co'n ti
a bheir gu crìch na 's àill?
Nach 'eil gach ni ſa chruinne-ché,
fo ordugh Dhe amhain?

2 'S eſan a ni ar n aoibhneas mor,
no bheir dhuinn bròn fa ſeach;
'S i lamh a dhealbh an ſolus iuil,
's do dhui-neoil thug an dreach.

3 Ciod uim' an gearain duine beo,
ga leon fo ſmachdach' Dhe?
A chum a leas tha Dia ga chlaoidh,
gu thoirt d'a ionnſuidh fein.

4 O dhaoine! rannſaichibh gu geur,
gach ceum do 'r ſlighe chlaoin;
Is pillibh o'r ſeachrana gu Dia,
thaobh miad a throcair chaoin.

LAOIDH XXX. Hoſea vi. 1,—4.

THigibh, is rachamaid gu Dia,
le cridhe tiamhaidh bròin;
Ge d' pheacaich ſinn, ni eſan iochd
air anma briſte leònt'.

2 Air iartas duiſgidh 'n doinionn ghartbh,
is fàſaidh balbh a rìs;

Is ge d' tha ghairdean treun gu ſgrios,
tha e co treun gu'r dion.

3 B' fhada 's bu chian ar n òiche bhròin,
bheir teachd an lò dhuinn gean;
Oir thig ar Dia, is fògraidh è
gach dòlas ruinn a lean.

4 'N ſin gheibh ſinn eolas air a ghradh,
ma thig ſinn dhaſan dhù;
Bidh ghnuis mar ghrian na maidne gloin,
's a ghuth mar inneal ciuil.

5 Mar dhrùchd air bharr nan luibhean maoth,
's iad air gach taobh fo bhlàth;
No mar na frafan thig anuas
air fearann cruaidh ſa mhàrt;

6 Mar ſin ni dealra gnùis ar De
ar n anma aoibhinn ait;
Fògraidh e duibhre 's doilghios uainn,
is ni ſinn uaill gun airc.

LAOIDH XXXI. Micah vi. 6,—9.

CIA leis a thig mi 'm fianuis Dhia,
Ard-thriath a chruinne-chè!
No ciod an iobairt bheir mi dha,
chum e bhi ghnà rium rèidh?

2 An toilich mìle iobairt loiſgt',
le 'm boltrach tùis an Triath?
Deich mìle ſruthan ola 'n leor,
's gach ainmhidh beo ſan t ſliabh?

3 Mur leor, an gabh e mo cheud-ghin,
an ſiochd mo bheatha fein;

Toradh mo chuirp an eiric m' anmi'
chum bhi 's gach àm rium rèidh'?
4 Cha'n fhoghainn so: is aobhar gràin
le Dia gach crabha saoibh;
'Na fhocal leig e ris a rùn,
a stiura' cloinn nan daoin'.
5 O dhuine! so na dh'iarr e ort;
dean ceartas, miannaich iochd;
Gu h umhal gluais ari la'ir do Dhia,
is dean a riar gu glic.

LAOIDH XXXII. Habac. iii. 17, 18.

CHoidh' ge nach toir crann-sige blàth,
's nach fàs air sion-chrann meas;
Sao'ir a chrainn ola ge do threig,
's fas déis gun bhi air slios;
2 Gach treud o 'n mhainnir ge do bhuail
grad-fhuathas nuair nach saoil;
Greigh ge nach fàg an t earrach cruaidh,
no bò air uachdar raoin:
3 Gidheadh fan Triath bidh mise ait,
is ni mi uaill 'na ghradh;
Mor-aoibhneas ni mi ann am Dhia;
's e Dia mo shlaint' gu brath.
4 Bheir Dia dhomh neart chum ruith gu dian,
mar fhiadh air fireach ard,
Is bheir e mi gu riogh'chd na gloir,
fo sheola caomh a ghrais.
5 'S e Dia mo stòr, mo bheatha, 's m' iul,
o 'n d' thig mo lùgh 's mo threis;

Gainne

Gainne no gort, beatha no bàs,
cha ſgar o ghradh mi 'm feaſd.

LAOIDH XXXIII. Mat. vi. 9,—14.

A Thair gach dùil a bhos is ſhuas!
dan dual gach cliu is gloir;
Ad lathair ſtriochdaidh ſinne ſios,
gu h-iofal mar is coir.

2 Tainm naomhaichear 's na h-uile àit,
is aora' dha gach ſlogh;
Craobh-ſgaoil do Shoiſgeul, 's thoir dha buaidh,
is luathaich riogh'chd na gloir.

3 Deanadh gach dùil air thalamh bhos,
do thoil mar ainglibh neimh;
Dhi geilleadh iad le cridhe àit,
's le giulan macant ſeimh.

4 Ar naran lathail deonuich dhuinn,
is cridhe taingeil leis;
Is ciod air bith is cuibhrionn duinn,
do bheannachd biodh 'na chois.

5 Maith dhuinn ar fiacha trom, a Dhe,
do reir mar mhaithear leinn,
D'ar feichnibh fein an ea-ceairtean,
's gach beum a thug iad dhuinn.

6 Na leig am buaireadh ſinn, a Dhe,
ach gleidh ſinn o gach lochd;
Oir rioghachd, cumhachd, 's gloir gun chrioch,
's leat nis 's a ris gu beachd.

LAOIDH XXXIV. Mat. xi. 25. gu crìch.

BUidheachas follaſach thug Crìoſd
da Athair fein, ag radh,
Sior-bheannuicht bioſa, Dhia nam feart,
o linn gu linn gu brath!

2 'S tu cheil air daoine ſaoghalt' glic
dearbh-fhirinn ſhlainteil neimh,
Gidheadh a thaiſbein ſoilleir i
do leanbaibh ùmhal ſeimh.

3 Si ſo do thoil-ſa, Athair chaoimh!
's do naomh-reachd ſeaſmhach buan;
Na iarradh Aingle naomh no daoin'
làn-fhios an aobhair uainn.

4 Gach uile chumhachd dhomhs' thug Dia;
dha 'mhain is fios mo ghnè;
Is dhomh-ſa 'mhain a ghnè-ſan 's eol,
's do'n dream d'an feòl mi e.

5 O ſibhſe ta le uallach trom
an uilc 's an eagail leoint',
Thigibh do m' ionnſuidh-ſa is gheibh
ur nanma fois is treoir.

6 Le cridhe umhal togarach
mo chuing-ſa togaibh oirbh;
Do m' cheannſal geillibh, is do m' reachd;
gu beachd cha 'n 'eil e doirbh.

7 Oir caomh tha miſe agus ſeimh,
's cha dean mo chuing ur cràdh;
Foghlumaibh uam, 's ur nanma ſgìth
fois ſhiorruidh gheibh is àgh.

LAOIDH

LAOIDH XXXV. Mat. XXVI. 26,—29.

'S AN oidhche ſan do bhrathadh Ioſ',
'S e réidh gu bheatha leigeadh ſios,
Ghlac e aran, is bheannuich e;
Toirt buidheachais do Righ nan neamh.

2 'N ſin thubhairt e r'a chairdibh gaoil,
('S e briſte' 'n t ſamhluidh ſin air fheoil)
Glacaibh, ithibh; uaidh ſo gu brath,
Air chuimhne gleidhibh là mo bhàis.

3 Ghlac e 'n cupa fòs 'na laimh,
Is thog e rìs a ghuth an aird,
Tra labhair e le briathraibh sìth,
Is teas-ghradh laſa' ſuas 'na chrìdh;

4 M' fhuil, amhuil ſo, do bheiream ſeach,
Mar eiric anm' arſon gach neach;
So feuda cumhnainte nan gràs,
Cruaidh-naiſgte leamſa ann am bhàs.

5 Lan-luchdaichte le gradh do dhaoin',
Tha 'n cupa ſo, 's an ioc-ſhlaint' ſaor;
Gabhaibh dheth uile, 's bithibh beo;
Bibh cuimhneach orms' thug ſuas an deo.

LAOIDH XXXV. Air ſheol eile.

'SAN oidhch' an d'eirich gach aon nàmh
an aghaidh Slanui'r dhaoin',
Ghlac e, 's e réidh gu dol gu bàs,
aran 'na lamha naomh.

2 'S air toirt da buidheachais do Dhia,
tha riaghla' talaimh 's neimh,

An taran bhriſt, mar ſhamhl' air fheoil,
is thuirt gu fòil r'a threud;

3 Mo chorp-ſa briſte, amhuil ſo,
feuch bheiream dhuibh gu faor;
Oir air ur ſonſa bhriſteadh e,
's arſon a chinne-daoin'.

4 Glacaibh is ithibh, uime ſin,
is cuimhnichibh mo bhàs,
Gach uair a ni ſibh 'n obair cheudn*
na dheigh ſo, gu la bhrath.

5 Ghlac e 'n ſin 'na laimh an cup'
's thug buidheachas faraon;
Bha chridhe laiſte le teas-ghradh,
ſhruth ſlaint o bhilibh caoin.

6 Feuch, amhuil ſo bheir miſe m'fhuil,
gu'r tearn' o ghuin a bhais;
Gabhadh gach neach; tha 'n ioc-ſhlaint ſaor
do gach uil' aon le 'n àill.

7 Air feadh gach linn' ſior-chuimhnichibh,
mor-ſhaibhreas m' iochd 's mo ghrais;
So ſeul a* chumnaint' ni mi ruibh,
is cuimhneachan mo bhàis.

LAOIDH XXXVI. Luc. i. 46,—56.

NI m' anam uaill is gairdeachas
an Dia mo ſhlainte chaoimh;
Oir thog a mhaitheas Inilt ſuas
o m' inbhe ſhuaraich fhaoin.

2 Canar mi ſona leis gach linn,
oir rinn mo Dhia orm iochd;

Is naomha ainm, 's is buan a ghras,
nis is gach tra gu beachd.

3 Feuch, dh'fhoillsich Dia a ghairdean treun,
an tuaibhreach threig e tur;
Luchd-ardain thilg o'n cathair-righ,
's an tiosal thog o'n dus.

4 An tacrach shàsuich e le lòn,
an saibhir leon le gort;
Ri suchd an àilgheis chuir e cùl,
is thug a rùn do'n bhochd.

5 Chuimhnich e throcair is a ghràs
do Iacob òglach fein;
Is thug e cobhair, mar a gheall
san aimsir sad o chéin.

LAOIDH XXXVII. Luc. ii. 8,—15.

AIR bhith do bhuachaillibh le cheil'
a' faire' treud san oidhch',
Thaisbeanadh Aingeal doibh o neamh,
's am magh lion è le soills'.

2 Bu mhor an oillt, ach thuirt e riu,
Na gabhaibh geilt no sgà;
Oir sgeul ro-ait tha agam dhuibh,
is do gach linn gu brath.

3 'N diugh rugadh dhuibh am baile 'n Righ,
an Slanui'ear, seadh Criosd;
Feuch, cluinnibh uamsa comhara,
le 'm mothaich sibh gur fior.

4 An naoidhean neamhaidh gheibh sibh 'n sin,
follas do rosgaibh dhaoin,

'S e paisgt' an trusgan an-uasal,
's na luidh' am prasaich shaoin.

5 Labhair an Seraph so, 's air ball
bha 'm magh do Ainglibh làn,
A' seinn gu binn do Dhia na sìth;
's b'e so bu bhrì d'an dàn.

6 "Gach gloir do Dhia 's na neamhaibh shuas,
sìth bhuan air thalamh ta;
Nochd Dia dheadh-thoil do'n chinne-daoin'
's cha traoigh am seasd a ghradh."

LAOIDH XXXVIII. Luc. ii. 25,—33.

DO Shimeon an duine naomh
dh' innseadh le Spiorad Dhia,
Gu faiceadh e ro' uair a bhais
an Slan'ear, Crìosd an Triath.

2 An gealladh solasach so dh'fheith
an naomh o là gu là;
Is cha do mhealladh e na dhùil
choiliona' chuis na trà.

3 Nuair thugadh Ios' a rèir an lagh'
astigh do 'n teampull naomh,
Do Shimeon dh' fhoillsicheadh co e
le Spiorad neimh gu saor.

4 Na ghairdean aosda ghlac an naomh
an naoidhean, 's thug e cliu
Do Dhia, 's e seinn le haoibhneas ard,
's le gairdeachas 'na ghnùis.

5 "Nis leig do tòglach triall an sìth
chum fìorruitheachd mar gheall;

O'n chunnaic mi do ſhlaint', a Thriath,
mo thriall na bitheadh mall.
6 Na lamhan ſo, a ghlac mo Righ,
na glacadh ni 'na dheigh;
'S na ſuilean ſo a chunnaic Crioſd,
na faiceadh ni fo 'n ghrein.
7 Tha 'n t ſlainte gheall thu dhuinn o ſhean,
's a cho-gheall thu faraon,
A' dearbha dhuinn gur fior do ghradh
gu bràth do'n chinne-daoin'.
8 So Grian an àigh le 'm fògrar duibhr'
a Gheintilich gun iul,
Is anns an cuir do theaghlach taght'
clann Iſraeil an dùil."

LAOIDH XXXIX. Luc. iv. 18, 19.

CLuinnibh ſgeul ait; Tha Ios' air teachd,
ri 'n robh o ſhean ar dùil!
Lionar gach crìdh le gairdeachas,
ſeinnear gu brath a chliu.
2 Tha 'n Spiorad dhoirteadh aìr gu pailt,
ri fhaicinn anns gach nì;
Tha gliocas, cumhachd, eud is gradh,
dealrach 'na uile ghniomh.
3 Le theachd, làn-ſhaorar braighde truagh,
bh' aig Satan fo chruai'-ghlais;
Oir ſgaoilidh e gach cuibhreach teann,
is ſgealbaidh dorſa prais.
4 Le theachd, neul cionta theid air cùl,
's thig ſradharc iuil do 'n dall;

Claiſteachd do 'n bhodhar, 's caint do'n bhalbh,
's do 'n bhacach lùgh nam ball.

5 Le theachd, gheibh bochd is uireafach
làn-diol dò ſhaibhreas gràis;
An cridhe briſte ceanglar ſuas,
an tanam truagh bidh ſlàn.

6 Thainig là-faoruidh ait o 'r Dia,
's maithear ar fiacha dhuinn;
Oir choilion Dia a ghealla mor,
is bidh e 'n cònuidh leinn.

7 Hofanah ait do Righ na sìth!
nis is a rìs gu bràth;
Co-fhreagradh neamh is muir is tìr,
le co-ſheirm ſhiorruith dha!

LAOIDH XL. Luc. xv. 13,—25.

LE miſg is mi bheus nuair a chaith
an ſtruidhear truagh a mhaoin,
'S e 'g iarruidh lòin, am meaſg nam muc,
do phlaoſgaibh falamh faoin.

2 Ge d' bhàſaichim, thuirt e, le gort,
am fearann coigreach céin,
An teaghlach m' athar gheibh gach tràill
na 's aill le chridhe fein.

3 Nis pillidh, tuitidh, 's guilidh mi,
an lathair m' Athar chaoimh;
Och! pheacaich is cha 'n airidh mi,
air tiochd-ſa no iochd neimh.

4 Ag radh ſo, gu tigh Athar phill,
le inntin thuirſeach throm;

Tu

Tra chunnaic athair e, fad as,
las tlus is iochd 'na chom.

5 Ghrad-ruith na chòail, 's thug e pòg,
le furan mor, da mhac;
Is b'aithreach leis an ſtruidheir thruagh
gu d' thug e fuath da ſmachd.

6 Och! pheacaich, is cha'n airidh mi
air tiochdſa no iochd neimh;
Dean mi am ſheirbhiſeach amhain,
O Athair chairdeil chaoimh!

7 Thugaibh amach, ars' Athair ait,
a chulaidh thaghta dha;
'S gach iochd is onoir diolamaid
do 'n iompochan gun dàil.

8 Oir bha e marbh, is tha e beo;
caillte, 's fadheoidh air ſgeul;
Biodh gairdeachas oirn uime ſin,
's biodh ſo na latha féill.

9 Mar ſo bidh gairdeachas air neamh,
tra thearnar peacach baoth;
Le pille' dha le haithreachas
gu Athair iochdmhor caomh.

LAOIDH XLI. Ioin iii. 14,—19.

NUair thogadh ſuas an nathair phràis
le Maois, ſan fhàſaich chruaidh,
Dhearc uirre 'n dream bha dlù do 'n bhas,
is ſhlanuicheadh an ſluagh.

2 Mar ſo tha Crioſd air ardachadh,
gu ſlainte thabhairt duinn,

Seal-

Seallaidh na ſloigh chaidh lot an àird,
is ſlànaichear gach tinn.

3 Cia àn-mhor trocair Dhia nan gràs,
cia pailt a ghradh is iochd,
A thug a mhac mar iobairt ſuas
a dh' fhulang truaigh nar riochd!

4 Cha 'n ann a dhìte' clainn nan daoin'
a thainig Crioſd o neamh,
Geur-lann gu ſgrios cha robh 'na laimh,
no bagradh bàis 'na bheul.

5 Le creideamh ſlainteil geillibhſa,
a luchd mi-bheus, d'a reachd;
Is bheir e tearuint' ſibh an sìth,
g'a riogh'chd ata ri teachd.

6 Ach leanaidh dioghaltas gu luath
an ſluagh nach geill 'na thra,
An dream ni di-meas air mac Dhe,
's nach eiſd ri tairgs' a ghràis.

LAOIDH XLII. Ioin xiv. 1,—7.

UAibh fògraibh eagal 's iomguin crìdh',
's na biodh ur dochas fann;
Earbaibh a freaſdal De do ghnà,
's am' ghradh-ſa gach aon am.

2 Gu àros m' Athar pilleamſa,
ann 's lionmhor ionad tàimh;
'S is dealrach gloir na rioghachd ſin,
ga lionadh air gach làimh.

3 Mur biodh na nithe ſo mar ſo,
dhuibh dh' innſin ſin o thùs;

Cha

Cha mheallainn ſibh le dochas baoth,
no muinghin fhaoin mu 'n chùis.
4 Roimhibh theid miſe chum, 'nur naium,
gu gabhainn ſealbh air neamh,
'S gu'n ullaichinn duibh ann am riogh'chd,
gu ſiorruith, àite tàimh.
5 Ach pillidh mi air m' ais a rìs,
is bheir mi ſibhſe leam;
An ſin cha dealuich ſinn ni 's mò,
's cha bhi ſibh bronach trom.
6 A bheatha, 'n fhirinn, is an ròd
a threoruicheas gu neamh,
Is miſe ſin; 's na leanas mi,
gu ſonas bheir mi iad.

LAOIDH XLIII. Ioin xiv. 25,—28.

MO ghuth cha chluinn ſibh tuille mis,
ghairm m' Athair mi chum neamh,
O'n d' thig an Co'fhurtair gun dàil,
an Spiorad graſmhor naomh.
2 Am ainm-ſa cuiridh 'n t Athair e,
a dheana' dhuibh an iuil;
A theirt na chuala ſibh 'nur cuimhn',
's a dh' fhoillſeacha' gach cùis.
3 Mo ſhìth mar bheannachd dealachaidh,
's mar dhìlib gheibh ſibh 'n tràs;
Mo ſhìth bheir dhuibh làn-chofhurtachd
'nur beatha is 'nur bàs.
4 A reir droch nòis an t ſaoghail chlaoin,
cha mheall mi ſibh gun cheiſt,

Is

Is gealla gun a choi-liona'
cha toir mi dhuibh am feasd.

5 Ad ghealla, Thriath, ni sinne bun,
re fad ar turais fhaoin;
'S ar nearbsa laidir bidh ad ghràdh,
ri fagail duinn an tsao'il.

LAOIDH XLIV. Ioin xix. 30.

FEuch! Iosa ceusda air a chrann!
's a cheann a' lùba' nuas;
Fhuil chraobhach o gach creuchd a' ruith,
is cruitheachd bàis 'na ghruaidh.

2 "Tha 'n obair criochnaicht."—Labhair e,
's e tiomn' a spioraid suas;
Lùb e cheann 's cha d' fhuiling e
gnè tuille péin no truaigh'.

3 Tha 'n obair criochnaicht.—Bhàsaich Criosd
arson a chinnè-daoin';
Làn-fhuasgla' thug e dhuinn o 'n bhàs,
o chumhachd Shatain shaor.

4 Tha 'n obair criochnaicht.—Sguir a leon:
le bhron, le shao'ir 's le fhuil
Làn-cheannsuich e gach uile nàmh,
is chreach e iad gu tur.

5 Tha 'n obair criochnaicht—'s linn an Lagh'
do linn an tSoisgeil ghéill;
Sean nithe chaidh a nis air cùl,
's tha 'n saoghal ùr gu leir.

LAOIDH XLV. Rom. ii. 4,—8.

O Dhaoine daoi! an dean ſibh tàir
air gràs is faighid Dhia?
'S an dean ſibh fanoid air a neart?
an gleachd ſibh ris, gun chiall?

2 A chionn gu bheil a throcair pailt,
is fhaighidin co buan,
Am meudaich ſibh ur ſeacharain
's am peacaich ſibh gach uair?

3 A ghin mhi-thaingeil! nach ro-mhò
bu chòir do mhaitheas De
Do ſtiura' dh' ionnſuidh aithreachais,
's do tharruing chuige fein?

4 Am fearr leat corruich chur air Dia,
's an Triath bhi dhuit' na nàmh,
Is ionnas feirge thaſgai' fuas,
ni truagh thu là a bhrath?

5 An là ſin 's dlù, le dhioghaltas,
's do bhìnne ni e teann;
Thig fearg is claoidh ort air gach làimh,
gun neach gu d' thearnadh ann.

6 Ach iadſan uil' thug geill do'n Triath,
's a ghluais gu diadhaidh naomh,
Gheibh crùn na beatha mar an duais
bhith-bhuan, fad ſhaogh'l nan ſaogh'l.

LAOIDH XLVI. Rom. iii. 19,—22.

CIA diomhain earbſa chlainn nán daoin'
a ſao'ir an lamha fein?

O

O natur truaillidh ceannairceach
cha fruth ach olc 's mi-bheus.

2 Biodh Iudhaich 's Geintilich 'nan tosd;
gun fhocal as am beul;
'S na deanadh duin' air bith do 'n t-sluagh
aon uaill am fianuis De.

3 An gras a ni dhinn fireana,
cha toill ar gniomha fein;
Oir dìtidh 'n Lagh gach duine beo
gu bròn bith-bhuan is pein.

4 Iosa! tra dh'earbas sinn a tainm,
cia luachmhor dhuinn do ghràs!
Do ghràs a bheir dhuinn fireantachd,
's do'r nanam dion gu bràth.

LAOIDH XLVII. Rom. vi. 1,—7.

'S Am buanaich sinn gu dàn 'nar cionn',
bhri saibhreis gràsa Chriosd?
Nar leige' Dia gu faigh gu bràth
an smaoin' so tàmh 'nar crìdh'.

2 Tra thugadh sinn do Dhia gu moch,
ri droch-bheairt chuir sinn cùl;
Is gheall sinn gluasad fad ar laith'
mar chruthach' àluinn ùr.

3 Do 'n pheaca bhàsaich sinn le Criosd;
leis dh' eirich sinn o 'n uaigh
Gu beatha naomh, a threoruicheas
gu beatha ghlormhoir shuas.

4 Seadh, nis cha tràillean sinn ni 's mò
do pheaca no do bhàs;

Oir dh' fhuafgail Crioſd gach cuibhreach
is mhill ar n uile nàmh. [dhinn,

LAOIDH XLVIII. Rom. viii. 31. gu chrich.

LE creideamh 's dochas fògramaid
geilt, ciont, is dòrainn uainn;
'S e Dia ar caraid, 's mor a threis;
cia 'n teaſ-car bheir oirn buaidh?

2 An Ti thug aon-mhac air arſon,
mar chobhartach do 'n bhàs;
Nach toir gach tiolac eile dhuinn?
's an ceil e oirn a ghràs?

3 Feuch! fhuair ſinn annsa ghibht bu mhò
làn-chòir air nithe 's lugh';
Tha Crioſd 'na earlais air gach àgh,
air neamh is làr faraon.

4 Co nis a chuireas ciont a leth
fluaigh thaghta Dhe nan gràs?
Co dhìteas iad! no dhiultas sìth,
o dh' fhuiling Crioſd am bàs?

5 Dh' fhuiling e 'm bàs, ach dh' eirich e
gu deas-laimh Dhe le buaidh;
'N ſin tagraidh è ar cùis do ſhior,
is bheir làn-dion d'a ſhluagh.

6 Cò nis mata a ſgaras ſinn
o chaidre' caomh ar Triath?
An ſgaoil aon neach an cuibhreach ſin
a cheangail ſinn r'ar Dia?

7 Ge d' eirich dragh, 's ge d' bhagair bàs;
's ge d' iadh gach nàmh mu 'n cuairt;

Trid Chrioſd bheir ſinn gu dùlanach,
orr' uile tuille 's buaidh.

8 Ifrinn no talamh, beath' no bàs,
no ſaruch ùine bhuan,
O ghradh ar Triath cha dealuich ſinn,
's cha ſgar am feaſd ſinn uaidh.

9 Bheir ſo dhuinn ſonas feadh gach linn,
mar rinn e guș an tràs;
O ſhiorruitheachd gu ſiorruitheachd
bheir Crioſd d'ar n anma gràdh.

LAOIDH XLIX. 1 Cor. xiii.

LE briathraibh dhaoin' is aingle neimh,
ge d' labhrainn, le ſgèimh ghrinn;
Iompaidh ge d' chuirinn air gach neach,
le teangaidh bhlaſda bhinn;

2 Ard-fhioſachd Faidhe ge bu leam,
's ge d' fhoillſichinn rùn De;
Gun ſeirc, is faoin gach ni dhiu ſo,
cha dean iad dhomh gné fheim:

3 Ge d' atharraichinn, le creideamh treun,
na ſleibhtean as an ceal,
Is neo-ni mi gun ſeirc is gradh,
cha mhair mo ghràs ach ſeal.

4 Ge d' bheathaichinn le m' mhaoin am boch
's mo chorp ge d' loiſginn fòs
Arſon mo chreideimh, 's mi gun ſeirc,
cha diong e bheag fadheoidh.

5 'S fad-fhulangach neo-fharmadach,
's is cairdeil gach uair ſeirc;

Ch

Cha dean i uaill a' beartaibh fein,
's cha ſeidear ſuas i'm feaſd.
6 Droch amharus cha bhi aig ſeirc,
's ni faighid ri droch dhaoin';
'S fà bròin leath' iomra uilc is ciont',
's is toigh leath 'n fhirinn chaoin.

7 Giulan neo-iomchuidh 's fuath le ſeirc,
's fein-ſpeis nan cleaſa claon;
Tha cridhe làn le iochd is gràdh
do chàch air feadh an t-ſaoghail.
8 Giulainidh ſeirc fad ùine mhoir,
le dochas nithe 's fearr;
'S fuilingidh i gu macant' feimh
iom' eucoir agus tàir.

9 Air neamh is talamh, feadh gach cian,
ſior-riaghlaichidh caomh-ſheirc;
Tra ſguireas teangai' 's fiofachd Faidh,
buan-mhairidh gradh gun cheiſt.
10 'S neo-fhoirfidh 'n ſo gach gràs air bith,
ach tionſgnaidh laithe 's fearr,
'S an d' thig làn-iomlaineachd aſteach,
's an teich gach ni tha cearr.

11 An tràs 'nar nòige gluaiſidh ſinn
mar naoidheana gun iul;
Chum ſoirſ'eachd ach nuair dh'fhàſas ſinn,
theid leanbaidheachd air cùl.
12 Air talamh mar trid dui'-neoil doirch'
is leir dhuinn dealra' Dhe;
Ach gnùis ri gnùis an neamh na gloir,
gu ſoilleir chi ſinn e.

13 Tha creideamh, dochas agus gradh,
an tràs an ſo le cheil' ;
Ach creideamh 's dochas fàilnichidh,
's buan-mhairidh gradh gach re.

14 Oir' ſluigear dochas le làn-ſheilbh,
is creideamh le beachd sùl ;
'S iad ſo na meadhoin, 's i chrioch gràdh,
nach d'theid gu brath air cùl.

LAOIDH L. 1 Cor xv. 52. gu crìch.

LE fuaim na trompaid dheireannaich
criothnaichidh 'm fonn gu garbh ;
Foſglaidh gach uaigh is brùchdaidh nios,
chum ſiorrui'chd cuirp nam marbh.

2 Feuch, eiridh cuirp nan ſaoi an ſin,
le miſnich is mor-ſgèimh ;
Iad baſmhor thuit, ach eiridh chum'
neo-bhaſmhorachd air neamh.

3 Feuch fàiſneachd ſhior nam Faidhean naom
coi-lionta nis gu beachd;
Gu geilleadh bàs do bheatha ſhior,
's gu criochnaicheadh an gleachd.

4 Suas togadh creideamh luaghair ait,
is canadh e mar laoidh,
Ca' nis am bheil do ghath, a Bhàis?
c' àit, Uaigh, am bheil do bhuaidh?

5 B'ì choguis chiontach gath a bhàis,
teann-ſhàthta 'n eridhe 'n daoi ;
'S b'e 'n Lagh a thug do chiont a neart
gu luchd a pheacaidh chlaoi'.

6 Ac

6 Ach beannuicht gu robh Dia gu bràth!
a chuir ar nàmh fo chois,
'S a thug dhuinn trid ar Ceannard Crioſd,
buaidh ſhiorruith agus fois.

7 Fa 'n aobhar ſin, le dùrachd crìdh',
do 'r Righ bheir ſinne geill;
Làn-dearbhta gu faigh ſinn fadheoidh,
crùn gloir an rioghachd neimh.

LAOIDH LI. 2 Cor. v. 1,—11.

GRad-thuitidh 'n corp ſo ſios do 'n ùir,
'na ſmùr fo chumhachd bàis;
Ach gheibh ar n anma còmuidh 's fearr,
gu h ard le Dia nan gràs.

2 Gheibh anma naomh an còmuidh 'n ſin
ſan tigh a thog dhoibh Dia;
Tra ſhaorar iad o 'n phrioſan thruagh
ſam bheil an cuairt re cian.

3 D'ar n uallach talmhaidh ſgìth, mar ſo,
's tric thairnear oſna leinn;
Ach ſaoruidh 'm bàs gu caomh ſinn uaith,
is dhachaidh ſuas theid ſinn.

4 Oir tha ar n earbs' a' tigh is fearr,
tra dh'fhàgas ſinn a chriadh;
Cha 'n e bhi rùiſgt ach ſgeadaichte
ri 'm bheil ar dùil 's ar miann.

5 So dochas ait nan anma naomh
o 'n Slan' car caomh an tràs,
A thug an Spiorad dhoibh maraon,
mar ſheul is earlais gràidh.

6 Sior-ghluaisidh sinn le creideamh beo
an gealla' glormhor Dhia;
'S bidh sinn, ré fad ar cuairt sa chorp,
ag osnaigh 'n deigh ar Triath.

7 Na 's ait le 'r n anma fhaotainn, 's sad
's ro-fhada leinn e uainn;
Air imrich b' ait leinn dol o 'n fheoil,
's ar cònuidh fhaotainn shuas.

8 Ach anns a' chorp, no as a' chorp,
an so no 'n sin gam bi,
Sinn fein thoirt suas do sheirbhis Dhia,
se so ar miann gu sior.

9 Chum cathair-breitheanais Mhic Dhe,
feuch, theid gach uile neach;
A dh'fhaotainn péin no tuarasdail,
mar thoill iad uaith sa seach.

10 Breith chothromach neo-chlaon an sin
gheibh deagh-ghniomh agus lochd;
'S bidh cor gach neach gu siorruith, reir
a bheus, ma's maith no olc.

LAOIDH LII. Philip ii. 6,—12.

SIbhse ta ainmichte air Criosd,
leanaibh gu sior a cheum;
'Nur n inntin is 'nur coluadar
bibh cosail ris gu leir.

2 Cruth 's coslas Dhia ge d' bha air Criosd,
's uil' iomhaigh Righ na gloir;
Ge b' ionan natur 's inbhe dhoibh,
co-ionan air gach dòigh;

3 Gidheadh

3 Gidheadh a mhòrachd chuir e thaoibh,
is daonnachd ghabh air fein;
Chum ſinne ſhaoradh, chuir e ſgàil,
rè ſeal, air ailleachd neimh.
4 Seadh chrom ar Slan'ear caomh aſios
gu inbhe ioſail traill;
Striochd e do'n bhàs, ſeadh bàs na ceuſd'
bu ro-mhor péin is nàir'.
5 Feuch dh' ardaich Dia, fa'n aobhar ſin,
an Triath a ſhaor a ſhluagh;
Thug e dha rioghachd thar gach righ,
is ainm thar ainm r'a luadh.
6 A chum do ainm an Tighearn' Ios'
gu ſtriochd gach uile ghlùn,
'S na neamha ſhuas, air talamh bhos,
gu h ùrramach 's gu h ùmh'l.
7 Seadh ſtriochdai' dhaſan mar an ceudn'
is geillidh ifrinn ſhios:
Gach treabh is teanga 's dàil a t'ann,
aidichidh ainm gu ſior.

LAOIDH LIII. 1 Teſſal. iv. 13, gu crich.

BIodh miſneach aig luchd-muintir Chrioſd
tra chi iad luchd an gaoil
A' dol gu cadal ann an Ios',
cha'n i ſo crioch an ſaoil.
2 C'arſon mata bhios ſibh ri bròn
mar dhream gun dochas mòr,
Am bheil ſa bhàs ach teachdair' sìth
gan gairm gu riogh'chd na gloir?

3 Mar

3 Mar chaochail Crioſd, 's mar dhuiſg e ſuas
le buaidh o ſtaid a bhàis,
Is amhluidh dh'eireas fòs a ſhluagh
le luaghair la a bhràth.

4 Oir thig an la ſan tuirling Crioſd,
le h iolaich, o na neoil,
Le guth Ard-aingil 's fuaim na truimp,
a chluinn gach marbh is beo.

5 'N ſin atharraichear an dream tha beo,
's duiſgear na ſlòigh ta marbh;
Liubhraidh gach uaigh na fhuair i fein,
's bidh ſleibht' air chrith gu garbh.

6 Eiridh na naoimh aſuas air tùs,
o 'n ùir, le h aoibhneas mor;
Ni aingle Dhe an coinneachadh,
's an togail leo gu gloir.

7 Le cheile theid iad ſuas gu h ait,
gu tigh an Athar chaoimh,
Sam faigh iad còmuidh ſhior le 'n Triath,
gun iarguin is gun chlaoidh.

8 Fòs tamul beag, is ruigidh ſinn
an caladh ait fadheoidh,
San coinnich ſinn na ſgaradh uainn,
's cha dealuich ſinn ni's mò.

LAOIDH LIV. 2 Tim. i. 12.

CHA 'n aobhar nàire leamſa Crioſd,
no chùis a dhion gu bèachd:
A crann a cheuſaidh ni mi uaill;
geilleam gach uair d'a reachd.

2 Iosa, mo Dhia! is eol domh ainm,
is earbam as gu brath;
Cha nàraich esan m' anam truagh,
's cha chum e uam a ghràs.

3 Daingean is buan, mar chathair Dhia,
gach cian tha gealla Chriosd;
O! 's tearuint m' anamsa 'na laimh
gu la a theachd a ris.

4 San la sin failtichidh e m' ainm,
an lathair Athar chaoimh;
Is sealbh san Nuadh Ierusalem
do m'anam bheir le naoimh.

LAOIDH LV. 2 Tim. iv. 6, 7, 8, 18.

CHriochnaich mi nis mo chath 's mo rèis,
is dlù dhomh eug is uaigh;
M' anam a choisrig mi do Dhia,
triallaidh gu neamh le buaidh.

2 Le armaibh neamhaidh chuir mi'n cath,
fo bhrataich Chriosd mo Thriath;
Ruith mi mo réis, mo dhilseachd dhearbh,
's tha m' earbs' a duais o m' Dhia.

3 Fa m' chomhair-sa thaisg Dia air neamh,
gu tearuint crùn na glòir;
A chuireas a làmh fein mu m' cheann
air chionn an latha mhoir.

4 Mo Dhia cha d' orduich dhomhsa mhàin
an coron so mar dhuais,
Ach do gach neach le 'n ionmhuinn teachd
a Mhic, o neamh anuas.

5 Lochd

5 O lochd 's o chunthart dionaidh Crioſd;
mo choimhead ni gach uair;
'S gu tearuint m'anam treoruichidh
gu riogh'chd na gloire ſhuas.

6 Bheir mi, le coghna treun mo Thriath,
dùlan do ifrinn fein;
Is dha-ſan gu robh gloir an-ard
is cliu gu brath. Amen!

LAOIDH LVI. Titus iii. 3,—9.

AIdichidh ſinn, le tuirſe crìdh'
ro-mheud ar cionta, a Dhe!
B' amaideach faoin ar n uile ſmaoin,
's cha b' fhearr ar giulan gnè.

2 Ach thoir, o m' anam, cliu is gradh
do ard-ainm Righ nan ſluagh,
Nach d' fhàg thu 'm feaſd, gun teaſairgin,
am peaca, nàire, 's truaigh'.

3 Cha 'n ann tre oibre fireantachd,
no gniomh ar lamha fein,
Ach tre grais Dhe, an Ioſa Crioſd,
a ſhaorar ſinn o phéin.

4 Is ann an trocair Dhe amhain
ata ar muinghin threun;
A throcair ſhaor ar n anma truagh,
's ghlan uainn gach cionta is beud.

5 Tha 'n Spiorad dhoirteadh oirn trid Ioſ',
ag nigheadh dhinn gach ſal,
A' fada' teas-ghraidh feadh ar crìdh'
's gar deanamh naomha glan.

6 Mar

6 Mar fo, lan-fhireannaicht le gràs;
gach là le beatha nuaidh
Sior-ghluaisidh sinn, 's an Spiorad leinn,
gu ruig ar n oighreachd shuas.

7 Na h uile ga 'm bheil samhuil so
do chreideamh 's dochas naomh,
Sior-dhearbhadh iad, le giulan maith,
nach 'eil an dochas faoin.

LAOIDH LVII. Eabh. iv. 14. gu chrìch.

IOSA mac Dhe, leig aon uair sios
a bheath' arson a shluaigh,
Tha nis a' tagra 'n cùis air neamh,
mar Shagart treun bheir buaidh.

2 Trid beatha 's bàis sior-leanamaid
ri Crioso gu daingean dlù;
O chreide' 's dochas gheibh sinn neart,
is theid gach geilt air cùl.

3 Gu borb cha bhuin ri laigse dhaoin'
caomh-Shagart ard an àigh;
Tha chridhe làn do thruacantachd,
tha anam làn do ghràdh.

4 Co-fhulangas tha aig an Triath
air iarguin 's laigs' a shluaigh;
Oir dh' fhiosraich e na cholainn fein
gach deuchainn agus truaigh'.

5 Dh'fhiosraich e so na cholainn fein,
gidheadh as eug'ais lochd;
Oir natur duine ge do ghabh,
cha b' aithne dha bhi olc.

6 Bu tuirseach deurach air arson,
a chaith e làith' fo 'n ghrein;
'S ge h ard e nis air deas-laimh Dhe,
co-mhothaichidh ar péin.

7 Le dànachd naomha, uime sin,
theid sinn gu chathair-ghrais;
Is fa gach gearain doirtidh sinn
'na fhianuis anns gach càs:

8 A chum gu coghnadh esan leinn,
reir saibhireachd a ghràis;
'S gu tugadh e d'ar n'anma lag
neart agus fois gu bràth.

LAOIDH LVIII. Air dhòigh eile

SAN teampull am bheil Dia na thàmh,
(Tigh nach do thogadh riamh le laimh,)
Tha Sagart ard a chinne-daoin',
Ar Slan'ear is ar caraid caoin.

2 Esan 'a sheas an àit a shluaigh,
Dhoirt fhuil 'nan riochd, 's a luidh san uaigh,
Tha cuimhneach orra fòs air-neamh,
An Slan'ear is an caraid sèimh.

3 Ge h ard e nis 's na neamha' shuas,
Tha shuil a' dearcadh oirn anuas;
Làn-sgeadaichte le natur dhaoin',
Tha e mion-eolach air ar sao'ir.

4 Co-fhulangas tha aige ghnà,
'S co-mhothacha' le 'r n uile chràdh;
Tha cuimhn' aig air a pheanas fein,
A dheoir, a ghoith, is osnaigh gheur.

5 Gach dorainn dh'fheudas oirne teachd,
Fo fhamhuil fin rinn eſan gleachd;
D'ar nuile bhròn tha chuidſan mòr,
Is bheir e cobhair dhuinn gu leor.
6 Fa 'n aobhar fin theid ſinn gu dàn
Le 'r nuile ghearan gus a là'ir;
Is guidhidh ſinn a choghna treun,
Gu 'r cuideachadh an uair ar feum.

LAOIDH LIX. Eabh. xii. 1,—13.

FEUCH neul ro-thiugh do fhianuiſibh
ag iadhadh oirn mu 'n cuairt;
An deigh, mar ſinne, fulang cian,
thug Dia leis iad a ſuas.
2 Air lorg nan naomh ſo ruithemid,
chum Chrioſd, le faighid bhuain;
Gach leth-trom 's peaca leanailteach
grad-thilgemid fad uainn.
3 Aoh riaghailt-ſtiuraidh 's fearr na ſo,
'ſ ion thoirt ſainear air tùs;
Eiſempleir Ios' a ſhuras ſinn,
trid creideimh, chum ar crùin.
4 Ri 'r Ceannard, ſuas fior-dhearcamaid,
neach, air ſon aoibhneis mhoir
Bha roimhe, dh' fhuiling ceuſa 's nair,
's an tràs tha riaghla' 'n gloir.
5 Ma ghiulain Crioſd gu faighidneach
an-caint is fanoid ſluaigh,
'N ion duinne, 'n uair ar ſaruchaidh,
bhi gearan cràidh no truaigh?

6 Ri feuchainn ghairbh an d' rinn ſibh ſtri,
mar Ios', gu fuil is bàs ?
Is focal De 'n do dhearmaid ſibh,
tha gealltuinn duibh a ghràis.

7 A mhic, deir e, le faighidin
ſior-fhuiling mo chaomh-ſmachd,
Is creid, 'nuair dhearbhas amhghar thu,
gu bheil aig Dia dhiot tlachd.

8 Teagaiſgidh 'n t Athair caomh mar ſo
a naomh-chlann dhileas fein,
'Gam fioſracha' le docair chruaidh,
's le ioma truaigh is péin.

9 Chi ſinn mar ſo gur toigh leis ſinn,
tra ſmachdaichear ſinn leis,
'S nach leig e uaith air ſeachran ſinn,
gun ſuim air bith d' ar leas.

10 Do ghuth ar n athar thalmhaidh bhos
nach tric a thug ſinn geill ?
'S do thoil ar n Athar neamhaidh ſhuas
nach toir ſinn ſuas ſinn fèin ?

11 Bheir athair talmhaidh ſmachd gu tric,
gun fhios c'arſon, d'a chloinn,
Ach Dia amhàin a chum ar leas,
bheir docair 's caſlaint dhuinn.

12 Is deacair leinne achaſan
is ſmachdachadh ar Dè ;
Ach toradh ſith is ſireantachd
gu ſiorruith thig nan deigh.

13 A nis mata na meathar ſinn
le mi-mhiſnich ni 's mò ;

Ach earbamaid a trocair Dhè,
's dha geillemid r'ar beo.

LAOIDH LX. Eabh. xiii. 20, 21.

A Thair na sìth, 's a Dhe na seirc!
do d' neart bheir sinne cliu;
An neart a dhuisg ar n Aodhair suas,
le buaidh, o ghlais na huir'.

2 O'n ùir thog thu ar Triath an aird
gùn spairn o chuibhreach bàis;
Mar sin le fhuil is ais-eiridh,
shior-naisg e 'n cumhnant gràis.

3 Le d' spiorad seulaich sinn, a Dhe,
is dean sinn umh'l do d' thoil;
Chum as o d' naomh-reachd nach bi sinn
air seachran truagh a' dol.

4 O! sgriobh do lagh air clàr ar cridh',
nar gniomh sior-dhealradh e!
'N sin ruigidh sinn, fa cheannsal Chriosd,
air seilbh an rioghachd neimh.

LAOIDH LXI. 1 Pead. i. 3,—5.

B Eannuicht gu robh ar Dia gu sior,
caomh-Athair Chriosd ar Triath;
Beannuicht gu robh a throcair mhor,
's a mhòrachd feadh gach ial.

2 O 'n uaigh trà thog thu ris do mhac,
's a ghlac thu e gu neamh,
Làn-chinnteach rinn thu sinne fòs
gu toir thu beo sinn fein.

3 Ri oighreachd ſhiorruith ann an gloir
beo-dhochas thug thu dhuinn;
Oighreachd neo-thruaillidh ſaor o ſmal,
a mhaireas ſeadh gach linn.
4 Gu ruige ſin, le d'chumhachd treun,
làn-thearuint bidh gach naomh;
Trid creideimh ſhiurar ſinn gu ſlaint'
le gràs do Spioraid naoimh.

LAOIDH LXII. 2 Pead. iii. 3,—14.

FEUCH! anns na laithibh deireannach,
ſuas eiridh gineal olc;
D'am miannaibh peacach bheir iad ſrian,
's nam briathraibh their mar ſo:
2 Ca' bheil an gealla thuirt o ſhean
gu robh am Breitheamh dlù?
O linn ar ſinnſear gus i ſo,
cha 'n fhaic ſinn gnè do mhùth'.
3 Tha bliadhn' air bhliadhnai' ruith gun tàmh,
mar bha o thùs an tſaoſil;
'S mar thonn air thuinn a' ruith gu tràigh,
gu brath bidh gineal dhaoin'.
4 So deir iad, ain-eolach dan deoin
gu d' dhòirteadh tuil anuas,
A ſgrios an ſaoghal ceannairceach
a chaidh air ſeachran truagh.
5 Ach ſgrios nach ionann gheibh an ſaoghal-ſ',
's na daoine olc at' ann:
Le teine laſrach millear iad,
's is gearr gu ruig an tam.

6 Ge fada leis na naoimh an ùin',
's an dùil ri teachd an Triath,
Na fhealla-fan tha là is uair
co buan ri mile bliadhn'.

7 Cha di-chuimhn' geallaidh rug air Criofd,
ach gaol bhi 'n sìth ri daoin';
A' feithe' dh' fheuch am pillear leò,
's an iarr iad tròcair chaoin.

8 Gidheadh mar ghaduich' anns an òich',
nach cum na croinn amach,
Grad-thuirlingidh an Triath anuas,
's thig fuathas air gach neach.

9 Le tairneanaich 's le dealan fpeur
na neamha teichidh as;
Na duilidh leaghaidh, 's theid an faogh'l
'na chaoiribh le dian theas.

10 O 'n theid gach ni mar fo a fgrios,
mar fhuair finn fios o Dhia,
Nach iomchui' dhuinne deafachadh
fa chomhair teachd ar Triath?

11 Cia naomh bu choir dhuinn bhi gach uair,
'nar fmuain', 'nar caint, 's 'nar gniomh,
Nuair tha ar fuil ri crìch an tfao'il,
's ri caochla gach aon ni!

LAOIDH LXIII. 1 Ioin. iii. 1,—4.

FEUCH! faibhreas iongantach a ghraidh
thug Dia ar flainte dhuinn;
Peacach is truaillidh ge do bha,
clann dha-fan rinneadh dhinn.

2 Folaicht tha 'n onoir ſo an tràs,
'ſ an-ard a ſealla' dhaoin';
Mar ſo air Crioſd e fein ſan ſheoil
neo-eolach bha an ſaogh'l.

3 Is ard ar n inbhe cheana bhos,
ach 's airde bhios ſinn ſhuas;
Gidheadh an inbhe ſin cha leir
do neach fo 'n ghrein ſan uairs'.

4 Ach 's leir dhuinn ſo, gu faic ſinn Dia,
ar Triath, ſeadh gnùis ri gnùis;
'S gun iompaichear gu choſlas ſinn
tra mhoſglas ſinn o 'n uir.

5 Gach neach gam bheil an dochas ſo,
'na chòra is 'na ghniomh
Biodh e fior-naomh; 's a chridhe glan,
ceart amhuil a bha Crioſd.

LAOIDH LXIV. Taiſb. i. 5,—9.

DHaſan a ghradhaich anma dhaoin'
's a dhòirt gach braon d'a ſhuil,
A chum ar cionn' a ghlanadh uainn
's ar deanamh nuadh gu tur;

2 Dha-ſa rinn ſagairt 's righrean dhinn,
air ſeadh gach linn, do Dhia,
Biodh moladh, urram, agus gradh,
gu bràth air ſeadh gach ial.

3 Lionar gach beul le binn-cheol da,
's gach crìdh' le teas-ghradh caomh,
Air talamh canar moladh dha,
's gu hard le ainglibh naomh!

4 Feuch teachd mhic De air neulaibh luath!
'ſ ro-ait le ſhluagh an la;
Ach guilidh a luchd-caſgraidh truagh,
le amhghar is le cràdh.

5 'S tu 'n ceud neach, 's an neach deireannach,
'ſ leat bith gun tùs gun chrioch;
Maith, glic, is uile-chomhachdach,
bha, tha thu, 's bithidh choi'ch'.

LAOIDH LXV. Taiſb. v. 6, gu chrìch.

AIR cathair rioghail Athar ſein,
feuch dealra gloir an Uain!
Ur-urram deaſaichibh d'a ainm
is bibh le taing ga luadh.

2 Feuch, iofal aig a chaſaibh ſtriochdt'
tha 'n Eaglais ſhiorruith ſhuas,
Le boltrach cùbhraidh iobairt thùis
'ſ le claraibh ciuil ri fuaim.

3 Is iad ſo urnaighean nan naomh,
'ſ na laoidhean tha iad ſeinn;
Ri 'n urnaigh cromaidh Crioſd a chluas,
d'an luaghair gabhaidh ſuim.

4 Rùn diomhair ſiorruith do thoil naoimh,
O Athair! co d'an leir?
Co ach do mhac a leughas ſin,
'ſ a dh' fhuaſgaileas gach ſeul!

5 Cluinn! armailt neamh le 'n luaghair ait,
timchioll na cathrach-righ;
Milte do mhiltibh 's aireamh dhoibh,
ach 's aon amhain an gràdh.

6 'S airidh an t Uan a dh' iobaireadh,
deir iad, air inbh' ro-ard!
'S airidh, oir b'e ar n iobairt-ne,
co-fhreagradh daoin' 's gach àit!

7 Is airidh an t Uan, a ſtriochd do 'n bhàs,
air àgh is beannachd buan;
Biodh ſlainte, gloir, is aoibhneas ard
gu bràth air ceann an Uain!

8 O 'r cionta ſhaor e ſinn le fhuil,
's thug braighde truagh a pein;
Rinn ſagairt 's righrean dhinn do Dhia,
gu riaghla' ſhuas leis fein.

9 As gach aon teangaidh agus tir,
thionail 's thug Crioſd a ſhliochd;
Gach duthaich chéin is innis cuain,
fios fhuair air ſaibhreas iochd.

10 'S airidh air geill 's air ceannſal Crioſd,
air talamh 's neamh gu bràth;
Is cliu ni 's fearr na 's urra daoin',
thugadh naomh-aingle dha!

11 Gach neach tha 'g àiteacha' nan neamh
no chruinnne-che a bhos;
Gach dùil air bith, do Righ nan ſluagh,
ſeinnibh gach uair gun fhois!

12 An cruthach' aontaicheadh gu leir
thoirt geill is cliu do 'n Triath,
Tha riaghladh anns na neamha' ſhuas,
's do 'n Uan air feadh gach ial.

LAOIDH

LAOIDH LXVI. Taiſb. vii. 13, gu chrich.

CIA dealrach gloir a mhath-ſhluaigh ùd!
an truſgain ùr' cia geal!
Cionnus a thainig iad gu ſoills',
's co dh' ionnlaid dhiu' gach ſal?

2 Feuch, ſud an dream a rainig neamh,
roi fheuchainn ghairbh is chruaidh,
'S a nigh an truſgain ann am fuil,
fuil ioc-ſhlainteach an Uain.

3 Nis ſleuchdar leo le glùnaibh lùbt'
gu hùmh'l aig cathair Dhia,
'S le anmaibh crabhach molaidh iad
a mhòrachd ſeadh gach ial.

4 Gach crìdh bidh ait le lath'reachd Dhe,
's gach beul am ſonn gu ſeinn;
Co-fhreagraidh 'n teampull naomh gach trà
d'an ard hoſanah bhinn.

5 Acras no tart cha chlaoidh an ſin,
no boiſge loiſgeach grein';
'S e Dia an grian, 's o dhealra caomh,
ſior-ſgaoilidh là an cèin.

6 Stiuraidh an t-Uan a naomh-threud fein
gu tobar ſlaint' nach tràigh;
Is tiormaichidh gu brath o'n gruaidh
deur truaighe, bròin is cràidh.

LAOIDH LXVII. Taiſb. xxi. 1,—9.

NACH glormhor ard an ſealla' ſo,
chithear le ſuilibh dhaoin'!

Am

Am fonn 's an fhairge gabhail ſeach;
'ſ na ſpeura ſean maraon.

2 O neamh thig Nuadh Ieruſalem,
làn-ullaichte d'a Righ:
Feuch nis gach ni ath-nuadhaichte;
is fhuair ſinn àgh gu ſior.

3 Cliu ſeinnidh aingle coimheadachd
is armailt fhlathail neimh';
Feuch, chi gach ſuil a' chathair-righ
air an ſuidh Ioſa fein.

4 Dh' atharruich Dia chum dhaoin' anuas
a phaillìun uaſal naomh;
Le daoin' tha chònuidh; 's iad a ſhluagh,
'ſ da ſhluagh 's e 'n tearmunn caomh.

5 Deur mulaid ſiabaidh e le laimh
gu cairdeil bharr an gruaidh;
Is eugaidh eagal, caoidh, is cràdh,
is àmhghar, bàs, is uaigh!

6 Feuch, gach ni ſaoghalt' caochlai' mi!
ſo deir an Righ ſior-bheo;
An domhan as an amharc theid,
'ſ cha ruith ùin' fein ni 's mò.

7 'S mi 'n ceud neach, 's an neach deireannach,
gun atharrach gu bràth;
ATAIM; ſo m' ainm 's mo chuimhneachan,
air feadh gach linn gu brath.

8 Do 'n deagh-dhuin' bheir mo ghràſa pailt
ni maith, gun luach, gu ſaor;
O dhuine thartmhoir, òl do dhiol
do 'n ioc-ſhlaint ſo nach traoigh.

9 Do

9 Do 'n ti bheir buaidh air eaſantas
bheir miſe oighreachd mic ;
Is aidichidh mi 'n là'ir gach ſluaigh
a ghluaſad naomha glic.
10 Ach daoine neo-ghlan 's breugairean,
's luchd muirt thug ſpeis do bhàs,
Le mheud 's a dhiult gu hamaideach
mo ghràs, le fanoid 's tàir;
11 A m' fhianais tilgear fada ſios,
an cuibhreach ſiorruidh cruaidh,
Gu builſgein fairge laſaraich,
ſam faigh iad peanas buan.
12 O bitheamſa air deas-laimh Chrioſd,
tra dhiobras ſonn is cuan ;
Is faigheam fàilte uaidh air m' ainm
gu ſonas anmhor buan !

DANA

DANA SPIORADAIL.

DAN I.

AIR t' uile throcair, O mo Dhia,
tra dhearcas mi gu dlù,
A' mosgla' suas tha m' anam bhà,
le h ioghna, gràdh, is cliu.

2 Cha 'n urra mi le briathraibh beoil
an taing a chur an ceill,
Tha lasadh ann am chridhe stigh,
ach dhuits' an sin is léir.

3 Do fhreasdal chum mo bheatha beo,
gun uireasbhuí' gun dì,
Ri am dhomh bhi sa bhroinn am thosd,
's an crochadh ris a chlèch.

4 Ri m' ghearan is ri m'osnai' mhaoth,
chrom tha gu caomh do chluas,
'S mum b'urra mi aon urnaigh dhealbh,
do 'n bhalbh ghabh thusa truas.

5 Tiolaca lionmhor dheonuich t'iochd
gu tric do m' anam maoth,
Mun robh am chridhe leanbai' neart,
a thoirt faincar a haon.

6 Tra ruith mi dian, gun mhothachadh,
an ceumaibh fleamhain òig';
Do lamh nach facas, dhion is ftiur,
is chum, gu fo, mi beo.

7 O ioma flochd do-leirfinn leam,
o rib is eangach bàis,
'S o bhuairibh cealgach blaid' an uilc
thug thu mi tearuint flàn.

8 Tra fhearg mo ghruaidh fo anacair
rinn thus' i nuadh le flaint';
'S tra bha mi bàitht' am peac' is bròn,
do m' anam dheonuich gràs.

9 Shruth mile fochair fhaoghalta,
o d' laimh ro fhaoilidh chaoin;
Is ann an caraid dileas dlù,
dhùblaich thu m' uile mhaoin.

10 Deich mile mhiltibh comhar' graidh
fhuair mi gach la o m' Dhia;
Is ni nach lugha, cridhe ait,
a mheal le tlachd iad riabh.

11 Am fad is beo mi molaidh mi
Ard-righ mo bheatha 's m' iuil;
'S an deigh mo bhàis, an faoghail chéin,
cuiridh mi 'n ceill a chliu.

12 Tra theirgeas neamh, is muir, is tìr,
's thig crioch air là is oi'ch',
Mo chridhe taingeil feinnidh cliu
do Dhia nan dùl a choi'ch.

13 Feadh linnte bith-bhuantachd gu leir
togaidh mi oran binn;

Ach O! 's ro-ghairid bith-bhuantachd
gu mola' Dhe a sheinn!

DAN II.

NA speuran ard is aillidh dreach,
'S a sgaoil an gorm-bhrat ciuin amach,
Le 'n reulta dealrach maiseach grinn,
Tha seinn d' an Cruith'ear co-sheirm bhinn.

2 Tha ghrian gun sgios o là gu là,
A sgaoile' cliu a Dia 's gach àit,
'S a' glaodhach seadh gach tìr fa leith,
" Cia treun an Dia thug dhomh mo bhith!"

3 An-moch, tra dh' aomas neoil nan speur,
Togaidh a ghealach àit an sgeul;
'S do 'n talamh, chluinn le toil a guth,
Innsidh i co thug dhi a cruth.

4 Na mìle reul tha dhìse dlù,
Gach solus eile 's lochran lùth,
Canaidh an sgeul so fad' is clan,
O 'n aird an ear gu ruig an iar.

5 Sàmhach ciuin ge d' tha an triall,
Mu 'n talamh dhorcha so ag ia'dh;
Guth ge nach cluinnear fòs no fuaim,
'Nan imeachd dealrach toisdach shuas;

6 Gidheadh le clunaibh ruigse ghlic
Cluinnear am fonn 's an ceol gu tric,
A' seinn gun tàmh air seadh gach linn,
" Is tusa, Dhia, a chruthaich sinn!"

TRA dh'eireas mi le cionn' is geilt,
o leabaidh dhorch' a bhàis,
'S a chi mi 'm Breithe' gnùis ri gnùis;
co ghiulaineas a là'ir!

2 Mà 's e 's gu bheil mo chrìdh fo gheilt,
seadh cheana leis an fmaoin,
Tra dh' fheudar trocair fhaotain pailt
is maitheanas gu làor;

3 O cionnus idir theafas mi,
tra dh' fhoillfichear thu, Righ,
Ad fhuidh' air cathair breitheanais,
a thoirt air m' anam blàmh?

4 Ach dh'innis thu do luchd a bhròin,
tha leònt' air fon an lochd,
Gu bàs an aithreachas 's an deòir
an dòrainn fò gu beachd.

5 O fealf mata air bròn mo chridh-s'
mu 'm bi e tuille 's mall,
'S eifd acain bàis mo Shlanui'ir
a ghuidh dhomh flaint' gu teann.

6 Mo dhuil ri maitheanas, a Dhe,
cha chaill mi fein gu bràth;
Oir 's ann a choifneadh maitheanais
a fhuair do mhac am bàs.

DAN IV.

FAilte do 'n là fan d' eirich Criofd,
le cumhachd nios o 'n uaigh;
'S an d' fhuair e air gach uile namh,
air ifrinn 's bàs lan-bhuaidh!

2 Na leabaidh thoſdaich anns an ùir
ghabh Righ nan dùl a thàmh,
Gu ruig an treas là glormhor ſin
a ſhonraich e ro' làimh.

3 Chuir ifrinn 's uaigh an lamh r'a cheil'
gu chumail ſhios ſo ghlais;
Ach bhriſt an gaiſgeach dheth gach ſàs,
is dhuiſg e 'n aird gu cas.

4 Do t'ainm ro-ard, a Thriath nam buadh,
gach uair bheir ſinne cliu;
'S le 'r n ait hoſanah failtichidh
an là ſan d'eirich thu.

5 Slainte is cliu gun chrioch d'ar Dia,
an Triath le 'n ſhaoradh ſinn;
Dha ſeinneadh neamh is fonn is cuan
gach uair hoſanah bhinn.

9 Do 'n Athair, do 'n Mhac, 's do 'n Spiorad naomh
an taon Dia beo is fior,
Biodh gloir mar bha, ata, 's a bhios,
nis is a rìs gu ſior!

DAN V.

THainig an uair, 's tha mis' a' triall;
Chluinn mi an guth ta 'm ghairm gu Dia:
Sguireadh m' uil' amhghar nis, a Righ,
'S ceadaich do t'oglach triall an sìth.

2 Chriochnaich mi nis mo chath 's mo rèis,
Mo dhuais tha cinnteach, 's m'anam reidh;
Tha m' fhianuis ſhuas le Dia nan gràs,
Mo theiſteas anns na neamhaibh ard.

3 M'

3 M' earbsa cha 'n 'eil ann neo-chiont fein;
Striochdam san dus am sianuis De;
Trid suil is fearta Chriosd amhain,
Tha m' earbs' a t'iochd, O Dhia, 's ad shlaint.

4 Cha chruaidh leam dealuch' ris an tsaogh'l,
Mur cruaidh bhi fagail luchd mo ghaoil;
Leighis am bròn, a Dhe nan gràs,
'S ri call dhoibh caraid, cum riu bàigh.

5 Air t'iartas tha mi falbh gun dàil,
Mo spiorad tiomnam suas do d' laimh;
O! sìn amach do ghairdean treun,
'S o ghath a' bhais dion mi le d' sgèi'.

6 Thainig an uair, 's tha mis' a' triall
Chluinn mi an guth ta 'm ghairm gu Dia;
Sguireadh m' uil'amhghar nis, a Righ,
'S ceadaich do t'oglach triall an sìth.

A' CHRIOCH.

A'

CHREUD,

A'

PHAIDIR,

AGUS NA

DEICH AITHEANTAN,

ANN AN DAN.

A'

CHREUD.

I.

CREIDEAM ſan Dia ta uile threun,
A thug do 'n chruinne-che a bhith,
A chruthaich neamh is talamh trom,
An cuan is am fonn fa leth.

II.

Creideam an Ioſa Crioſd ar Triath
Aon mhac ſiorruidh Dhia na gloir,

An ti le feart an Spioraid naoimh,
Ghabhadh 's a rugadh le Muir' òigh;

III.

An ti dh' fhuiling crèidh agus péin,
'S a cheusadh ri crann an àird;
A dh' adhlaiceadh 's a luidh fan uaigh,
'S a dh' eirich suas air an treas là;

IV.

An ti chaidh gu neamh nan neamh,
'S aig deas-laimh Dhe tha nis 'na thàmh,
Ach gus am pill e nuas fadheoidh,
Thoirt breitheanais air bheo 's air mharbh.

V.

Creideam anns an Spiorad naomh;
Gu bheil Eaglais a dh' aon-rùn ann,
Is co-chomunn aig naomh-shluagh Dhe
Maille ri cheile feadh gach àm.

VI.

VI.

Creideam an ais-eiridh a' chuirp,
O'n duſlach air iartas Ioſa;
Creideam ſa bheatha ſhiorruidh bhuain
A mhealar leinn ſhuas: Amhluidh biodh!

.IV

A'

PHAIDIR,

NO

URNAIGH AN TIGHEARNA.

MAT. vi. 9—14.

I.

O ATHAIR naoimh! ata air neamh
Am meafg nan Cerubim ad thàmh,
'S a chi anuas od chathair-righ,
Gach uile ni fa chruinne ta :

II.

Naomhaichear t'ainm, Ard-righ na gloir,
Co ſheinneas mar is coir do chliu;
'S nach feud na haingil fein gun ſgàil'
Seaſamh ann an dealradh do ghnuis?

III.

Thigeadh is buadhaicheadh do riogh'chd,
Sgaoil ſoiſgeul Chrioſd air feadh gach ait;
Thoir dha mar oighreachd is mar ſhealbh
Gach aon fhineadh a dhealbh do lamh.

IV.

Gach fin' air an dealruich a' ghrian
Deanadh do riar is moladh thu;
Is ſeinneadh daoin' air thalamh bhos,
Mar ainglo neimh' gun chlos do chliu.

V.

O 's tu thug beatha do gach feoil,
'S a ta cumail an deo nan cre,

Thoir dhuinn le d' bheannacha gach la,
Ar lòn gach trà mar thig ar feum.

VI.

Maith dhuinn ar cionta' air fgà do ghràis,
Mar mhaithemid do chàch gach uair;
Dean fòs ar neartachadh, a Righ,
Gu maitheanas o'r cridh' thoirt uainn.

VII.

Na leig am buaire' finn chum lochd,
Saor finn o'n olc, is gabh dh'inn truas;
No anns an am fam buairear finn,
Grad-chuidich leinn is cum finn fuas.

VIII.

Oir 's leats' an rioghachd, cumhachd, 's gloi
Onoir is mòralachd gu fior;
Sleuchdadh is aoradh dhuit gach fluagh
Gu fiorruith buan! gu b' amhluidh bhios!

N A

DEICH AITHEANTA.

EXODUS XX.

AN *ROI-RADH.*

N reachd ſo thoirbhir Dia
air an t ſliabh da phobull naomh,
r riaghailt beath' agus beus
ir ſeadh an re anns an t ſaogh'l.

Is

Is mis' an Tighearna do Dhia;
eisd ri m' bhriathraibh gu ceart:
A crìch na hEipit 's mi shaor thu,
's a tigh na daorsa le m' neart.

I.

NA sleuchd do ni no neach ach Dia,
an Triath a chruthaich gach ni,
D'am buin amhain urram is gloir
nan uile shlogh gu suthain fior.

II.

Trid iomhaigh cha'n aor thu e,
no coslas gnè a rinneadh leis,
Fhocal a threoruicheas gu gloir
lean mar sheola, 's na dealuich ris.

III.

Ainm naomh an Tighearna do Dhia,
na luaidh gu diomhain ad bheul,
Le buidheachas, urram, is gradh,
lùghaidh tu e ghnà gun bheud.

IV.

Coimhid an tſabaide gu naomh,
is tarruing o'n tſaoghal do chridh;
Le ſhluagh, le d'theaglach 's a t'aonar,
thoir gnà-aora' do 'n Ard-righ.

V.

Onoir do t'Athair 's do d' Mhathair
o lagh natuir 's dleaſnach dhiot;
'S na's dual ſa leth do gach inbhe
ni thu gu ſuilbhir a dhiol.

VI.

Cum o mhortadh do lamh,
criothnaichidh natur ro mhort;
Ach coimhid t'anam fein do ghnà,
's anam chàich a reir do neart.

VII.

Adhaltrus na cuir an gniomh,
an neo-ghloin na biodh do ſpeis;
Bi geanmnaidh, ſubhailceach, naomh,
am briathraibh, an ſmaoin is am beus.

VIII.

Na deanar leat meirle gu bràth,
ach ceart do ghnà ris gach aon ;
Cuid do choimhearſnaich na goid,
cuidich is na grab a mhaoin.

IX.

Na tog fianuis leis a' bhreig,
na fiach is na ſeun a' cheairt ;
Ach ſeas gu teann leis an ſhirinn,
oir 's fianuis ort Righ nam feart.

X.

Còmhnuidh do choimhearſnaich gu bràth,
no a bhean àir àillead a deilbh,
Am feoſd na ſanntaich ad chrìdh,
no aon ni gam bheil na ſheilbh.

Gradhuich Dia le t'uile chridh,
le t'anam, le t'inntin 's le d' neart ;
'S do choimhearſnach amhuil thu fein ;
ſin gu leir ſuim an reachd.

Clar-Innsidh nan Laoidhean.

Aireamh.	Scrioptur.	Taobh-duilleig.
1	Genesis, i.	307
2	Gen. xxviii. 20,—22.	309
3	Job, i. 21.	309
4	Job, iii. 17,—20.	310
5	Job, v. 6,—12.	311
6	Job, viii. 11,—22.	311
7	Job, ix. 2,—10.	312
8	Job, xiv. 1,—15.	313
9	Job, xxvi. 6, gu chrich.	315
10	Gna-fhocla, i. 20,—32.	316
11	Gna-fhocla, iii. 13,—17.	317
12	Gna-fhocla, vi. 6,—12.	318
13	Gna-fhocla, viii. 22, gu chrich.	318
14	Eccles. vii. 2,—6.	319
15	Eccles. ix. 4, 5, 6, 10.	320
16	Eccles. xii. 1.	321
17	Isaiah, i. 10,—19.	322
18	Isaiah, ii. 2,—6	323
19	Isaiah, ix. 2,—8.	324
20	Isaiah, xxvi. 1,—7.	325
21	Isaiah, xxxiii. 13,—18.	326
22	Isaiah, xl. 27, gu chrich.	326
23	Isaiah, xlii. 1,—13.	327
24	Isaiah, xlix. 13,—17.	329
25	Isaiah, liii.	330
26	Isaiah, lv.	332
27	Isaiah, lvii. 15. 16.	334
28	Isaiah, lviii. 5,—9.	335
29	Tuireadh, iii. 17,—40.	336
30	Hosea, vi. 1,—4.	336
31	Micah, vi. 6,—9.	337
32	Habacuc, iii. 17. 18.	338
33	Mat. vi. 9,—14.	339
34	Mat. xi. 25, gu chrich.	340
35	Mat. xxvi. 26,—29.	341
36	Luc. i. 46,—80.	342
37	Luc. ii. 8,—15.	343
38	Luc. ii. 25,—33.	344

VIII.

Na deanar leat meirle gu bràth,
ach ceart do ghnà ris gach aon ;
Cuid do choimhearſnaich na goid,
cuidich is na grab a mhaoin.

IX.

Na tog fianuis feis a' bhreig,
na fiach is na feun a' cheairt ;
Ach feas gu teann leis an fhirinn,
oir 's fianuis ort Righ nam feart.

X.

Còmhnuidh do choimhearſnaich gu brath,
no a bhean àir àillead a deilbh,
Am feoſd na ſanntaich ad chrìdh,
no aon ni gam bheil na ſheilbh.

Gradhuich Dia le t'uile chrìdh,
le t'anam, le t'inntin 's le d' neart ;
'S do choimhearſnach amhuil thu fein ;
ſin gu leir ſuim an reachd.

Clar-Innsidh nan Laoidhean.

Aireamh.	Scrioptur.	Taobh-duilleig.
1	Genesis, i.	307
2	Gen. xxviii. 20,—22.	309
3	Job, i. 21.	309
4	Job, iii. 17,—20.	310
5	Job, v. 6,—12.	311
6	Job, viii. 11,—22.	311
7	Job, ix. 2,—10.	312
8	Job, xiv. 1,—15.	313
9	Job, xxvi. 6, gu chrich.	315
10	Gna-fhocla, i. 20,—33.	316
11	Gna-fhocla, iii. 13,—17.	317
12	Gna-fhocla, vi. 6,—12.	318
13	Gna-fhocla, viii. 22, gu chrich.	318
14	Eccles. vii. 2,—6.	319
15	Eccles. ix. 4, 5, 6, 10.	320
16	Eccles. xii. 1.	321
17	Isaiah, i. 10,—19.	322
18	Isaiah, ii. 2,—6	323
19	Isaiah, ix. 2,—8.	324
20	Isaiah, xxvi. 1,—7.	325
21	Isaiah, xxxii. 13,—18.	326
22	Isaiah, xl. 27, gu chrich.	326
23	Isaiah, xlii. 1,—13.	327
24	Isaiah, xlix. 13,—17.	329
25	Isaiah, liii.	330
26	Isaiah, lv.	332
27	Isaiah, lvii. 15. 16.	334
28	Isaiah, lviii. 5,—9.	335
29	Tuireadh, iii. 17,—40.	336
30	Hosea, vi. 1,—4.	336
31	Micah, vi. 6,—9.	337
32	Habacuc, iii. 17. 18.	338
33	Mat. vi. 9,—14.	339
34	Mat. xi. 25, gu chrich.	340
35	Mat. xxvi. 26,—29.	341
36	Luc. i. 46,—80.	342
37	Luc. ii. 8,—15.	343
38	Luc. ii. 25,—33.	344

39 Luc. iv. 18, 19. 345
40 Luc. xv. 13,—15. 346
41 Ioin iii. 14,—19. 347
42 Ioin xiv. 1,—7. 348
43 Ioin xiv. 25,—28. 349
44 Ioin xix. 30. 350
45 Rom. ii. 4,—8. 351
46 Rom. iii. 19,—22. 351
47 Rom. vi. 1,—7. 352
48 Rom. viii. 31, gu chrich. 353
49 1 Corint. xiii. 354
50 1 Corint. xv. 52, gu chrich. 356
51 2 Corint. v. 1,—11. 357
52 Philip. ii. 6,—12. 358
53 1 Teſſal. iv. 13. gu chrich. 359
54 2 Tim. i. 12. 360
55 2 Tim. iv. 6, 7, 8, 18. 361
56 Titus, iii. 3,—9. 362
57 Eabh. iv. 14. gu chrich. 363
58 Air ſheol eile, 364
59 Eabh. xii. 1.—13. 365
60 Eabh. xiii. 20, 21. 367
61 1 Pead. i. 3,—5, 367
62 2 Pead. iii. 3,—14. 368
63 1 Ioin iii. 1,—4. 369
64 Taiſb. i. 5,—9. 370
65 Taiſb. v. 6, gu chrich. 371
66 Taiſb. vii. 13, gu chrich. 373
67 Taiſb. xxi. 1,—9. 373

Dana Spioradail.

I. 376
II. 378
III. 379
IV. 379
V. 384

MVSEVM BRITANNICVM

345
346
347
348
349
350
351
351
352
353
354
356
357
358
359
360
361
362
363
364
365
367
367
368
369
370
371
373
373



376
378
379
379
380